———ach,** *a.* Coarse, as cloth. 2 Like felt. 3 Made of felt.
peileagach, -aiche, *a.* Given to chattering.



565. Peighinn-rioghail.

peilear, -air, *s.m.* Ball, bullet.
p.-bheithreach, *thunderbolt.*
p.-lann, *cartouch; a place where balls are piled*

up.
p.-mullaich, *balloon, in architecture.*
p.-tàirnich, *thunderbolt.*
p.-tàirneanaich, *a thunderbolt.*
peileasach, -aiche, *a.* Frivolous. 2 Troublesome.
peileastair, *s m.* Quoit. 2†Simal. flig (stone.) see peilistear.
peileid, -e, -ean, *s.f.* Cod, husk. 2 Bag. 3 Mangled sheep-skin. 4 Blow, slap on the cheek. 5* see péilig.
———each, -eiche, *a.* Covered with a cod or husk. 2 Furnished with bags. 3 Like a bag.
peileir, see peilear.
———each, -eiche, *a.* Abounding in balls or bullets. 2 Like a ball or bullet.
peil-ghuin,** *s.f.* Pang, torment.
———each, -eiche, *a.* That tormenteth or giveth pain.
péilig, -e, -ean, *s. f.* Porpoise, sea-hog.
peiliocan,** -ain, *s.m.* Pelican.
peilistear, -eir, -eirean, *s.m.* Small flat stone used in place of a quoit. 2 Game of quoits.
peilleag,** *s.f.* Felt.
peillic, -e, -ean, *s.f.* Hut or booth built of earth and branches and roofed with skins. 2 Felt. 3 Any very thick or coarse cloth. 4 Covering made of skins or coarse cloth. 5*Pit. 6(CR) Basket of untanned hide.
———each, -eiche, *a.* Clumsy. 2 Thick, coarse. 3 Like felt. 4 Made of felt.
peillichd, see peillic.
peilp,** *s.* Futility, gabble. 2 Insolence.
——each ** *a.* Futile.
——eant-a,** *a.* Communicating, gabbling. 2 Huffish. 3 Insolent.
péin, *gen.sing.* of pian.
péin, -e, *s.f.* Pain, punishment, torment, (pian.)
péin-dlighe, -an, *s.m.* Penal law.
péinealtach,†† *a.* Tyrannical. 2 Painful.
———d,†† *s.f.* Tyranny. 2 Pain.
péineil,†† *a.* Painful.
———teachd,†† *s.f.* Tyranny.
péingilteach, -eiche, *a.* Rigorous, bare. 2 Tyrannical.
———d, *s.f.* Rigour. 2 Tyranny, cruelty.
†peinn, -e, -ean, *s.f.* see beinn.
peinneag,* *s f.* Chip of stone for filling crevices in a wall.
peinnt,* see peinnteag.
peinnteag,* -eig, -an, *s.f.* Small pretty shell or pebble.
peinnteal, -eil, -an, *s.m.* Snare. 2 Straitening, confinement. 3* Mare.
———ach, -aiche, *a.* Of, or pertaining to, snares, snaring. 2 Straitening, compressing. 3 Penurious.
———ach, -aich, *s.m.* Slender, tightly-laced, dandified person. 2 Strait article of dress, as coat, trousers, &c.
———achd,** *s.f.* Penuriousness.
peinntealadh, -aidh, *s.m* Cooping, compressing, straitening, cramping.
peinntealta, -eilte, *a.* Straitened, compressed, 2 Punctual, precise, *prov.* 3 (MS) Stiff.
peintealtachd,(MS) *s.f.* Rigour.
peinntealtaich, (MS) *v.a.* Refine.
peintear,(MS) *s.m.* Mouse-trap.
peirceall, -il & -cle, *pl.* -an & -clean, *s.m.* Jaw. 2 The jaw-bone. 3 Lower part of the face. 4 Corner, nook, angle. 5 Abdomen. 6* Lantern jaw, lean, large, lank jaw.
———ach, -aiche, *a.* Lank-jawed, lean. 2 Having large jaws. 3 Angled, cornered. 4 **Chapless. 5 Thin-faced. 6 Mandibular.
———ach,*s.m.* Lean, lank, or lantern-jawed person.
peircle, *gen.sing.* of peirceall.
peircleach, -eiche, see peirceallach.
peirclean, *pl.* of peirceall.
péire, *gen.*, & *pl.* of peur. 2 The buttocks.
peireadh,** -idh, *s.m.* Rage, fury.
†peireagal, -il, *s.m.* see peirigill.
peirealais, for pairilis, *paralysis*) Distraction, bewilderment. A' cheann a chur gu p. aig eilid Beanne-dorain, *his head bewildered through the hind of Ben Doran.—Donn. Bàn, p. 97.*
péirean, *s.pl.* The buttocks. 2 *pl.* of peur.
peireid,* *s.f.* Ferret.
peirigill, -e & -gie, *pl.* -ean & -glean, *s f.* Danger, peril. 2 Urgent necessity, *prov* 3 Awkward predicament. 4* Agonies of death. 5* Excruciating mental tortures or torment.
peirigle, *gen. & pl.* of peirigill.
———adh, see peirigill. 2 (DMC) Swoon. 3 (DMC) Severe pain.
———an, *pl.* of peirigill.
peirigleach, *a.* Perilous, in an awkward predicament. 2 Perilous, dangerous.
peiriglinn,* *v.a.* Torture, torment.
péiris,‡ *s.* Testiculi.
péirlin, *s.m.* see pèarluinn.
†péirse, -an, *s.f.* Row, rank. 2 Perch in length.
———ach, -eiche, *a* Formed into ranks, well ordered. 2 Divided, into perches, as land.
peirseal,** *s.* Smallage.
peirsill,** *s.f.* Parsley.
——— -mhór, *s.f.* Smallage.
peirteag,** -eig, -an, *s.f.* Partridge.
———— -dhearg-chasach,(AF) *s.f.* Red-legged partridge.
peirtealach,** *a.* Pert, impudent.
———-d,** *s. f. ind.* Pertness, impudence, effrontery. 2 Huffishness.
peirteil,** *a.* Pert, impudent. 2 Huffish.
peisd,** *s. f.* Plague. 2 Loss. 3 Ailment. 4 Pest.
péisd, see béist.
peisg, *s.* see peasg.
peisiear,* -ean, *s.m.* Trifling person.
peisteal,** -eil, *s.m.* Pestle.
peit,** *s.m.* Musician.
†peiteach, -ich, *s.m.* Music.
peiteadh,** -idh, *s.m.* Music.
peiteag, -eig, -an, *s.f.* Waistcoat, short jacket. 2 Doublet. 3 Woollen shirt.
———ach, -aiche, *a.* Wearing a jacket or waistcoat. 2 Of, or belonging to, a vest.
——— -mhuinichealach, *s.f.* Jacket.
peitean, -ein, -an, *s.m.* see peiteag. [Peitean is used in *Gairloch.*]
———ach, -aich, *a.* see peiteagach.
peitearlach,** -aich, *s m.* The Old Law or Testament. 2 Sacred history.
peitearlaichte,** *a.* Versed in sacred history.
†peith-bhog, *s.f.* Gaelic name of the letter P.
peithireachd,* *s.f.* Running of messages.
peithear,(MS) *s.m.* Parker.
peithir, -ean, *s. m.* Forester. 2 Gamekeeper. 3 Hunter. 4 Message-boy. 5‡‡Thunderbolt.
peitirich,(AC) *s.pl.* see peadaireach.
peitseag, -eig, *s.f.* Peach—*amydalus persica.*
———ach, -aiche, *a.* Abounding in peaches. 2 Like a peach. 3 Of a peach.
peòdar, -air, *s.m.* see feòdar. 2** *in ridicule,* Harum-scarum.
peòdarach, see feòdarach.
peòdarair, *s.m.* see feòdarair.
peothair, see peithir.
peubar, *v. & s.* Gaelic spelling of *pepper.*
———ach,** *a.* Peppery.
peubh-chearc, -chirc, -an, *s.f.* see peucag.
peubh-choileach, -ich, *s m.* Peacock.
peubh-eun,** -eòin, *s.m.* Pea-fowl.

peuc, see peucag.
peuc,** *s.* Long tail. 2 Any sharp-pointed thing. 3 Sprouting germ of any vegetable.
peucach, -aiche, *a.* Gaudy, showy. 2‡‡Long-tailed.
peucag, -aig, -an, *s.f.* Peahen. 2 Peacock. 3 Beautiful woman.
———ach, -aiche, *a.* Beautiful, as a peacock. 2 Abounding in pea-hens.
peucail,* -e, *a.* Trim, neat, cleanly.
peuc-choileach, *s.m.* see peubh-choileach.
peuchdag, see peucag.
———ach, see peucagach.
peula,* *s.m.* Milk-pail. Gaelic spelling of *pail.*
peur, -éire & -a, *pl.* -an & -éirean, *s.f.* Pear. 2 Buttock—*Skye*
——ach, -aiche, *a* Full of pears. 2 Like a pear.
peurd, *v.a.* First card in carding wool.
peurda, -an, *s.m* Tuft of wool off the cards in the first carding 2 Roll of carded wool.
peurdag, -aig, -an, *s.f.* Partridge. 2 see peurda, 3
———ach,†† *a* Abounding in partridges.
peurlach,** *a.* Corrugant,corrugated,wrinkled.
peurladh,** -aidh, *s.m.* Corrugation, wrinkle.
peurlaich,** *v* Corrugate
peurlag,(AF) *s.f.* Partridge.
peur-lann, *s.m.* Perry.
peurs,* *v* F—t drawlingly.
peursa,(DMC) *s.m.* Signal pole.
peurtag,¶ *s.f* Partridge, see cearc-thomain.
———-dhearg-chasach,¶ see cearc-thomain dhearg-chasach.
peurtanan,(CR) *Strathspey* for feursanu.
ph, For words beginning with ph, see under *p.*
Phairiseach, -eiche, *a.* Pharisaical.
———, -ich, *s.m.* Pharisee.
———-ail, -e, *a.* see Phairiseach, *a.*
Phairisneach, see Phairiseach.
Pharasach,†† *a.* Pharisaical.
phaid, *s.f.* see pioghaid.
-——each, see pioghaideach.
pian, péin, -tan, *s.f.* Pain, pang, torture, torment, anguish,trouble,sorrow. 2 Punishment. [** gives piantaidh also for *pl.*]
pian, *vr,pt.* a' pianadh, *v.a.* Torment, torture, pain. 2 Distress, annoy. 3 Punish. Ph. e mi, *he tormured me.*
pianadair, -eau, *s. m.* Tormenter, afflicter. 2 Punisher.
pianadh, -aidh, *s.m.* Tormenting,act of tormenting. 2 Torment, pain, affliction. 3 Annoying. 4 Punishment. A' p—, *pr.pt.* of pian.
pianail, -e, *a.* Painful, causing pain or torment.
pianalachd, *s.f.inf.* Painfulness.
pianas, see peanas.
pianata,(DU) Gaelic spelling of *pint.*
pianta, *pl.* of pian.
piantach, -aiche, *a.* Tormenting,painful, excruciating. 2**Annoying, vexatious.
———-adh, -aidh, -aidh, see pianadh.
———ail,* see piantach. [isher.
———air,** -ean, *s. m.* Tormenter. 2 Pun-
piantaich, -ean, *s.m.* Pitiable object, overwrought, ill-used or distressed person.
———, *v.a.* see pian.
———te, *past pt.* of piantaich. Pained, tormented, afflicted. 2 Annoyed. 3 Punished.
piantaidh, *s.pl.* Pains, pangs, punishment.
piantail, see pianail.
piantair, see pianadair.
piantalachd, *s.f.inf.* Soreness.
piantan, *n.pl.* of pian.
piartag, see cearc-thomain.
piastach,** *a.* Rough, shaggy, hairy.
piast, -an, see biast.
piastag, -aig, -an, see biastag.
piastaga, *s.m.* Vermicelli.
piata,(DU) *s.m* Poor eater. Nach b' e tu am p. !—said to a person who is not supposed to be taking an ordinary quantity of food.
pib, -e, -ean, *s.f.* see piob.
pibhinn, -e, -ean, *s.f* Lapwing, see adharcan-luachrach.
———each, -eiche, *a.* Abounding in lapwings. 2 Like a lapwing.
†pic, -e. *s.f.* Disorder in the tongue and throat of fowls.
pic, -e, -ean, *s.f.* Pike (weapon.) 2 Pick-axe. 3 *Niggardliness, churlishness.
pic, -e. -ean, *s.f.* Pitch. Cómhlaichidh tu a staigh 's a muigh le pic, *thou shalt cover it within and without with pitch.*
pic, *pr pt* a' piceadh, *v.a.* Pitch, cover or daub with pitch.
pic-catha, *s.f* Battle-axe, halberd.
piceach, -eiche, *a* Armed with pikes. 2 High-peaked, as a ship. 3 Furnished with pick-axes. 4 Like a pick-axe.
piceach, -eiche, *a* Abounding in pitch, pitchy. 2 Like pitch. 4 Asphaltic.
———adh, *s.m.* Same meanings as piceadh.
piccadh, -idh, *s.m.* Pitching, act of covering, laying or daubing with pitch. 2 see piocadh. A' p—, *pr.pt.* of pic.
pic-chlach,** *s.f.* Asphalt.
piceal, -il, -an, *s.f.* Gaelic spelling of *pickle*
picear, -eir, *s. m.* Rogue, mean fellow. 2 Pilferer. 5 Avaricious person, niggard, churl.
picear, -eir, -an, *s.m.* One armed with a pike. 2 Pick-axe man.
——achd, *s.f.ind.* Digging with a pick-axe.
picearachd, *s.f.ind.* Roguery, villany. 2 Pilfering. 3 Avarice, avaricious practices.
pichd, *s. & v.* see pic.
pi cich, *pr.pt.* a' piceachadh, see pic, *v.*
picil, -e, *s.f.* see piceal.
——, *v.a.* Pickle.
picillich, see picil.
picleach,†† *a.* Pickled. 2 Abounding in pickles.
picleadh, -idh, *s.m.* Pickling, act of pickling. A' p—, *pr.pt.* of picil.
picilte, *past pt.* of picil. Pickled.
piclig, *v.a.* see picil.
——— eadh, see picleadh.
———te, see picilte.
pic-mheallach, *s.f.* Lochaber-axe.
pic-thalmhainn, *s.f.* Asphalt. 2**Mortar.
pige, -achan, *s.m.* see pigeadh.
——ach, *a.* Pertaining to earthenware jars or pitchers.
——adair, -ean, *s.m.* Potter.
——adaireachd,†† *s.f.* Pottery (business.)
pigeadh, -idh, -idhean, *s. m.* Earthenware jar, pitcher or pot.
pigean, -ein, -ean, *s. m., dim.* of pige. Little earthen jar, pitcher or pot. 2 Small pail. 3 Fragment of earthenware. 4 Gorbelly, little gorbellied person.
pigein, see pigean.
pighe, see pigheann.
pigheann, *s.m.* Pie, pastry
———-ach, -aiche, *a.* Abounding in pies.
———-air,** *s.m.* Pastrycook.
pighein, -e, -ean, see pioghaid.
———each, -eiche, *a.* see pioghaileach.
pighinn,* see pigheann.
pigidh, -ean, *s.m.* Robin, robin red-breast. 2 Sometimes used for pigeadh & pigean.
pileagach, -aiche, *a.* Smart-tongued.
†pilear, -eir, -an, *s.m.* Gaelic spelling of *pillar.*
pileistreadh,(MS) *s.m.* Rancidness.
pilig, *v.a.* Gaelic form of *peeling*, used to express

peel.

pill, -e, -ean, *s.f.* Cloth or skin on which corn is winnowed. 2 (DC) Clump or patch of heather. An neud am p. fraoich, *the nest in a patch of heather;* pill-bràthain, *quern-cloth* pill-fhasgnaidh, *winnowing-cover.*

pill, *pr.pt.* a' pilltinn & a' pilleadh, *v.a & n* Turn, cause to turn or return. 2** Turn aside 3 Turn, return, go back, come back. Phill ris, *he has got a relapse.*

pill-chur, *s.f.* Sheet holding seed corn when sowing.

pilleadh, -idh. *s.m* Turning, act of turning or returning, return. A' p—, *pr pt.* of pill.

———, *3rd. sing. & pl. imp.* of pill

pilleadh-facail, *s.m.* Contradiction.

pilleag, *s.f.* see pillean & peallag.

pilleam,** *1st. per. sing. imp.* of pill. Let me return 2 (for pillidh mi) I will return.

pillean, -ein, -an, *s.m.* Pack-saddle. 2 Cloth put under a pannel, cushion, pad. 3 Hassock. 4 *pl.* of peall. 'S mi 'm pillein cùbhraidh cùl ghorm fraoich, *and I resting in a patch of heather, sweet-scented, purple.—Ross*, p. 11

pilleanach, -aiche, *a.* Of, or pertaining to, a pack-saddle.

pillear,** *fut. pass.* of pill.

pillin, -ean, see pillean.

pillsear,** -eir, *s.m.* Pilchard.

pillteach,** *a.* Inclined to return. 2 Returning frequently.

pilltinn, -e, *s.f.* Returning, act of returning. 2 Return, retrogression. A' p—, *pr. pt.* of pill

pincean,** *s.m* Gillyflower.


pin-chrann,§ -chroinn, *s. m.* Pine—*pinus* 2 Also applied to all the *coniferæ.*

pincin,§ *s.* Stock, "queen stock" of the garden—*matthiola incana.* 2 Wallflower, leaved stock, gillyflower.

pinn, *pr.pt.* a' pinneadh, *v.a* see pinnich.

pinn, *gen. sing. & n. pl.* of peann.

pinne, *pl.* pinneachan & pinneacha, *s. m.* Pin, peg, spigot. 2 (DU) Steady flow of water from a small pipe or any circular orifice.



567. Pinein.

pinneach,†† *a.* Abounding in pegs.

pinneachadh, -aidh, *s.m.* Fastening, act of fastening with pegs or pins. A' p—, *pr.pt.* of pinnich.

pinneadh, -aidh, *s.m.* Same meanings as pinneachadh. 2 Piercing—*Benn Duran.* A' p—, *pr.pt.* of pinn.

pinnear,** -eir, *s.m.* Ink-horn. 2 Pen-case.

pinne-cluaisein, *s.m.* Drag-pin of a cart.

pinne-na-h-aisil, *s.m.* Axle-pin of a cart

pinne-na-garmain, *s.m.* The pin of the beam.

pinnich, *v.a.* Pin, fasten with pins. 2††Pierce.

———te, *past pt.* of pinnich. Pinned, fastened with pins.

pinnt, -ean, *s.m.* Pint, imperial liquid measure, ½ pint Scots. Stòp pinnt, *a quart pot;* tri cheathrannan pinnt, *three-quarters of a pint.*

———e, see pinnichte.

pinnteachadh, (DMC) -aidh, *s.m.* see binn-teachadh.

pinntich, see binndich.

pinteal,** *v.a.* Paint.

———ta,** *past pt.* Painted.

piob, -a, *pl.* -an & -achan, *s.f.* Pipe, bagpipe. 2 Pipe, tube, syphon. 3 *figuratively,* Smoke.

PARTS OF A BAGPIPE :—

1 Altan-gleusaidh, *tuning-slides.*



568. A' Phiob-mhor.

2 Bann, *ferrule.*
3 Clochag, *valve.*
4 Cupan, *cup inside ferrule at top of drones.*
5 Dos, *pl.* -an, *drone.*
6 Feadan, Seannsair, *chanter.*
7 Gaothaiche, *mouth-piece.*
8 Màla, *bag.*
9 Ribheid, *reed.*
10 Sumair, *drone.*
11 Sionnach, *bellows in an Irish bagpipe.*
12 Stoc, *stock. that part of each of the five pipes to which the ban is tied.* Stoc an fheadain, *the chanter-stock;* stoc an dos mhóir, *the big drone-stock,* &c.
13 Bonn an fheadain, *sole of chanter.*

The bagpipes are spoken of in Gaelic in the singular—a' phiob.

The use of the bagpipe can be traced to the most remote antiquity, although it seems, if not comparatively modern in connection with the Highlands, at least to have held a second place in comparison with the harp in the estimation of the bulk of the people, until during the last few centuries. The Greek word sumphōnía, which appears as an Aramaic loan-word in Daniel, iii, 5, is translated "bagpipe" by every competent translator. There is no doubt that the verse relating the arrival of the prodigal son's brother in the New Testament, should be rendered "now his elder son was in the field, and as he came and drew nigh to the house, he heard bagpipes and dancing."—*Expository Times, Jan. 1905.*

piob, *v.a. & n.* Pipe, play on the pipes. 2 Squeak.

piobach, -aiche, *a.* Flaring pipes. 2 Like a pipe. 3 Tubulous, tubular, fluted.

———an, *pl.* of piob.

piobadair, -ean, *s. m.* Pipe-maker. 2 Bagpipe-maker.

———eachd,** *s.f.* Pipe-making. 2 Bagpipe-making.

piobadh, -aidh, *s.m.* Piping, act of piping. 2 Squeaking. A' p—, *pr. pt.* of piob

piobag, -aig, -an, *s.f., dim.* of piob. Small pipe.

piobagach,†† *a.* Abounding in small pipes.

piobair, -ean, *s.m.* Piper, bagpiper. P. an aona phuirt, *an indifferent piper* (*lit.* a piper who

can only play one tune.)
piobaireachd, *s.f.ind.* Art of playing on the bagpipe, piping. 2 Act of piping. 3 Business or occupation of a piper. 4 Pipe-tune. 5 Music peculiar to the bagpipe. [Erroneously applied by non-Gaelic speakers to mean *ceòl mòr* only, but it means any pipe-music.] For a detailed account of the articulate music formerly used by the MacCrimmons and others in the pipers' colleges, see canntaireachd.
Piobali, see Bioball.
pioban, -ain, -an, *s. m*, *dim.* of piob. Small pipe. 2 Little flageolet. 3 Reed 4 Small tube. 5 Throat, gullet. 6 Pip in fowls.
——, *n.pl.* of piob.
piobanach, -aiche, *a.* Tubular, tubulous. 2 Fluted.
piobanta, -ainte, *a.* see piobanach.
piobar, -air, *s m. Badenoch* for peabar.
piob-cheol, -chiùil, *s m.* Pipe-music.
piob-fhuail, -an-, *s.f.* Catheter
piobhar,** *s. m.* Searce, sieve. 2**Honeycomb.
piob-leigidh, *pl.* -an-, *s.f.* Cock of a barrel.
piob-mhàla. *pl.* -an-màla, *s f.* Bagpipe. [McL & D. gives piob-mhalairdh.]
piob-mhor, *s.f.* The great Highland bagpipe.
piob-mùin,** *s.f* Catheter.
piob-na-comh-sheirm, *s.f* The union pipes.
piobraich,(MS) *v.a.* Enchafe. 2 Pepper.
piob-sionnaich, *pl.* -an-sionnaich, *s.f.* Bellows-pipe, Irish bagpipe.
piob-thaosgaidh, *pl.* -an-taosgaidh. *s.f.* Pump.
piob-theannaich, *pl.* -an-teannaich, *s.f.* see piob-shionnaich.
piob-thombac, *s.f.* Tobacco-pipe.
piob-uisge, *pl.* -an-uisge, *s.f.* Water-pipe, conduit-pipe.
Piobull, see Bioball.
pioc, *pr.pt.* a' piocadh, *v.a.* Pick, nip, nibble. 2 Pinch. 3 Dig with a pickaxe. P. an coimhcach, *pinch the stranger*; p taingeadh, *pick a thank.*
pioc, -a, -an, *s.m.* Crumb, small portion. 2 Nip, pinch with the nails or teeth. 3**Pickaxe.
piocach, -aiche, *a.* Pinching. 2 Nibbling. 3 Pungent 4**Taunting.
piocach, -aich, *s.m.* The coal-fish in its third and fourth years—*Argyll.* 2 (DU) *metaphorically*, Small fellow.
piocachadh, -aidh, *s.m.* Digging, act of digging or working with a pick-axe or mattock. A' p—, *pr.pt.* of piocaich.
piocadair, -ean, *s. m.* Picker, nibbler, carper. pecker.
piocadh, -aidh, *s. m.* Picking, act of picking, pinching, nibbling or nipping. 2 Digging with a mattock. 3 (DU) Pecking as a bird. A' p—, *pr.pt.* of pioc.
piocag, -aig, -an, *s.f.*, *dim.* of pioc. Little crumb. 2 Slight pinch. 3 Pair of nippers or pincers. 4 Small mattock. 5 Taunting female.
piocagach, -aiche, *a.* In small crumbs. 2 Pinching lightly. 3 Nibbling.
piocaich, *pr.pt.* a' piocachadh, *v.a.* Work or dig with pick-axe or mattock.
piocaid, -e, -ean, *s.f.* Pick-axe. 2 Mattock. 3 Pincers.
———each,†† *a.* Having picks, mattocks or pincers.
piocaidh, *fut.aff.a.* of pioc.
piocair, -ean, *s.m.* One who works with a pick-axe or mattock. 2 Nibbler. 3 Pincher.
piocair,** -ean, *s.m.* Pikeman. 2**Pioneer.
piocaireachd, *s.f.* Working with a pick-axe, digging with a mattock. 2 Nibbling. 3 Pinching.
piocaireachd, *s. f.* Business of a pikeman, or 2 of a pioneer.
piocairean,(MS) *s.pl.* Nippers.
piocais,(MS) *s.* Nippers.
piocas, -ais, *s.m.* Scabies, the itch [with art. *am*]
2"Herpes, shingles—*Skye.* 3 Magpie.
pioch,* *v.a.* Wheeze.
pioch, *s.m.* Croup [with art. *am.*]
piochair,* *v.a.* Line, as cats. 2**Caterwaul.
piochan, -ain, *s.m.* Wheezing in the throat. 2 One who wheezes in the throat.
piochanach, -aiche, *a.* Wheezing, breathing with a noise in the throat, or with difficulty.
piochanaich, -e, *s. f.* Wheezing in the throat Ciod a' ph. a th' ort? *why do you wheeze so?*
piochdach,** -aich, *s.m.* Plunderer.
———,** *a.* Given to plundering.
piochradh,* -aidh, *s.m.* Lining, as cats. A' p—, *pr.pt.* of piochair.
pioghaid, -e, -ean, *s.f.* Magpie. 2(AF) Jackdaw 3(DU) Useless, talkative young woman. 4 (D MC) Parrot.
pioghaideach, -eiche, *a.* Abounding in magpies. 2 Like a magpie. 3 Garrulous, talkative. 4 **Piebald, pied.



569. Pioghaid ghas.

pioghaid ghlas,¶ -e-glaise, -an-g-, *s.f.* The great shrike or butcher-bird, called *bruidear* by Mac-Mhaighstir Alasdair—*lanius excubitor.*
pioghaid thruisg,(AF) *s.f.* Partridge.
p.oi, *v.* see spiol.
piolachadh, -aidh, see spiolachadh.
piolachair, see spiolachair.
piolachan,** see spiolachan.
piolaich, *v.* see spiolaich.
piolaid, -e, -ean, *s.f.* Pillory. 2 Palace, prince's palace.
piolair,** *s.* Gaelic spelling of *pillar.*
piollach, -aiche, *a.* Fretful. 2 Curious-looking. 3 Neat, trim, tidy. 4** Hairy. see peallach.
piollachas, -ais, *s. m.* Neatness, trimness, tidiness. 2 Hairiness.
piollachd, see piollachas.
piollag, see peallag.
piollair,** *s.m.* Pill.
piollaiste, -an, *s.m.* Trouble, vexation, annoyance.
piollaisteach, -eiche, *a.* Troublesome, vexatious, vexing, annoying, teazing.
pion, Gaelic spelling of *pine.*
pionach,* *a.* Pineal.
pionail,** *a.* Pineal. An fhàireag ph., *the pineal gland.*
pionamhuil, see pionail.
pionar, *s.* Pionafore. A' faidhmeadh bhann is phionar an àm chur grinnis air gùnàis, *hemming straps and pinafores when doing ornatal sewn work—Filidh, p. 4.*
pionas, see peanas.
pion-chrann, see pin-chrann.
†pionnsarach,** *a.* Wily, cunning.
†pionnsarachd, *s.f.* Wiliness.

pionsa,** -ai, *s.m.* Artifice, wile.
pioradh,(AH) *s.m.* Fierce gust of wind.
piora-ghluaig, -aig, -an, see piorbhuic.
pioraid, -e, -ean, see biorraid. 2**Gaelic spelling of *pirate.* 3**Parrot.
pioraideach, -eiche, *a.* see biorraideach. 2** Piratical. 3**Like a parrot.
pioraruig,†† see piorbhuic.
·————each, see piorbhuiceach.
piorbhuic, -e, -ean, *s.f.* Periwig, wig.
piorbhuiceach, -eiche, *a.* Wearing a periwig or wig.
piorr, *v.pt.* a' piorradh, *v. a.* Scrape, dig. 2 Make a dash at. 3 Pierce. 4 Purr.
piorrabhag, *Uist* for piorbhuic.
piorrabhuic, see piorbhuic.
piorradh, -aidh, *s.m.* Scraping, act of scraping or digging. 2 Dashing at. 3 Stabbing quickly. 4 Piercing. A' p—, *pr. pt.* of piorr.
piorradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Squall, blast. 2 **Pear.
piorraid, *s.f.* Parrot.
pios, -a, -an, *s.m.* Gaelic spelling of *piece.* Piece, morsel, fragment. 2 Patch, bit of cloth. 3 Coin, piece of money.
pios,*v.a.* Gaelic spelling of *piece.* Cut into shreds, tear, lacerate. 2 Patch.
pios, -a, -an, *s.f.* Silver cup. 2**Fowling-piece. 3 (DC) *humorously,* Wag—*Argyll.*
piosach, -aiche, *a.* In pieces, morsels or fragments. 2 In patches, patched. 3 Having silver cups. 4**Splintering.
piosach, -aich, see piseach.
piosadh, -aidh, *s.m.* Patching, act of patching or sewing together. 2 Tearing. 3 (DU)Pinching. A' p—, *pr. pt.* of pios.
piosag, -aig, -an, *s.f.* Small bit.
†piosaga, *s.f.* Witchcraft.
piosagach, -aiche, *a* Abounding in small bits.
piosan, -ain, -an, *dim.* of pios. Small piece or patch. 2 Small coin.
piosanach, -aiche, *a.* In small pieces, abounding in small pieces, fragments or small patches.
piosarnach,** -aich, *s.m.* Whispering.
piosarnachd, *s.f.* Whispering.
†piosarnaich, -e, *s.f.* Whispering.
piostal, -ail, -an, *s.m.* Gaelic spelling of *pistol.*
piostalach, *a.* Having pistols.
piothaid, see pioghaid.
piothann, see pigheann.
piothannach, -aiche, *a.* see pigheannach.
pireas,(CR) *s.m.* Appearance. Cha robh p. ann, —said of a worthless thing—*W of Ross ;* brad p. bàrr, *a good appearance of crop ;* p. de chreutair, *a poor, puny creature, or mere appearance of a creature—Suth'd & W. of Ross.* [The Eng. word (*ap*)*pearance.*]
piridh, -ean, *s.f.* Boy's top. 2 Whirligig. *Scots,* peerie.
pischan, Given in Eng. part of McD & Dewar under *whenever,* evidently meant for piochan.
piseach, -ich, *s. m.* Increase. 2 Good fortune, prosperity, success. 3 Fate. 4 Blessing. 5 Issue, progeny. 6**Avail. 7 (MS) Improvement. 8 (MS) Augmentation. [** gives *s.f.*]
P. air do ph. agus p. ann ad bhroinn ! *may you see your offspring's offspring and have a young progeny yourself !* p. ort ! *success to you !* am bi p. orra ? *will they prosper ?* le p. a bhilean sàsuichear e, *by the increase of his lips he shall be filled ;* dh' òladh e a pheighinn ph., *he would drink his last penny ;* buaidh is p. leat ! *success and prosperity be with you !* p. math ort ! *I wish you good luck, I wish you a good match !* cha do shaltair neach air a ph., *no one ever prevented his fate.*
piseachail, -e, *a.* Fortunate, prosperous. 2 Prolific.
piseachd, *s f.* Same meanings as piseach.
piseag, -eig, -an, *s.f., dim.* of pios. Patch, clout, rag, fragment of cloth, old or new. P. air toll is e sin an tairbhe, ach p. air piseig 's e sin an lùireach, *a patch on a hole is saving, but a patch upon patch makes a ragged cloak.*
piseag, -eig, -eigean, *s.f.* Kitton, young cat. 2 Sorcery, witchcraft, divination.
piseagach, -aiche, *a.* Having kittens. 2 Like a kitten. 3 Superstitious, like a wizard or sorcerer.
piseagach,** *a.* In rags, in pieces, as cloth. 2 Ragged.
piseagaiche,** *s.m* Enchanter, wizard. 2 Superstitious person.
pisean,** -ein, *pl.* -ein & -an, *s.m.* Tom kitten.
†piseariach, -aiche, *a.* Juggling, conjuring. 2 Superstition.
piseariach, see piosarnach.
pisich (MS) *v.a.* Increase.
†pisreag, -eig, -an, *s.f.* Sorcery. 2 Superstition.
†·————ach, *a.* Superstitious.
pit, -e, -ean, *s.f.* Hollow, pit. 2 Prefix in farm and townland names in Pictland, meaning a farm or portion.
piteag, -eig, *s.f.* Effeminate person. 2 (MS) Henpecked man.
piteanta,** *a* Effeminate. 2 Lascivious, lewd.
————chd,** *s.f.* Effeminacy. 2 Lasciviousness, lewdness.
pithe, see pigheann.
pithean, see pigheann.
pitheannan, *pl.* of pithean (for pigheannan.)
piùg, -iùig, -an, *s.f.* Plaintive note, querulous voice. 2 Sorry, mean appearance.
piùgach, -aiche, *a.* Having a querulous voice. 2 Having a mean or sorry look.
piùirn,(CR)*s.m.* Bobbin, Gaelic spelling of *pirn.*
piùirneach,** *a.* Full of pirns. 2 Of, or relating to a pirn.
piuthair, *dat. & voc.sing.* of piuthar.
piuthar, *gen. s.* peathar. *dat.* piuthair, *voc.* a phiuthair ! *pl.* peathraichean, *voc.pl.* a pheathraiche ! *s.f.* Sister. 'S i mo ph. i, *she is my sister ;* clann do pheathar, *thy sister's children;* oghaphathar is bràthar, *second cousins.*
piuthaireil, see piutharail.
piutharag, see piùthrag.
piutharail, -e, *a.* Sisterly.
piutharalachd, *s.f.* Sisterliness.
piuthar-altrum, peathar-a, peathraichean-a, *s. f.* Foster-sister.
piuthar-athar, peathar-a-, peathraichean-a-, *s.f.* Father's sister, paternal aunt. Piuthar m' athar, *my paternal aunt.*
piuthar-chéile, peathar-ch-, peathraichean-c-, [not *-ch* in *pl.*] *s.f.* Sister-in-law. Mo phiuthar-chéile. *my sister-in-law.*
piuthar-màthar, peathar-m., peathraichean-m., *s.f.* Mother's sister, maternal aunt. Piuthar mo mhàthar, *my maternal aunt.*
piuthar-seanamnar, peathar-s-, peathraichean-s-, *s.f.* Grandmother's sister, grand aunt. Piuthar mo sheanamnar, *my grandmother's sister.*
piuthar-seanar, peathar-s-, peathraichean-s-, *s. f.* Grandfather's sister, grand aunt, Piuthar mo sheanar, *my grandfather's sister.*
piùthrag, -aig, -an. *s.f., dim.* of piuthar. Little sister. 2 Confidential friend or gossip.
piùthragach,* -aich, *s.m.* Gossiping.
plab, *v.n.* see plub.
plab, -a, -aidhean, *s.m.* see plub. 2 Smut. 3 Fillip. 4 Spot.
——ach, -aiche, *a.* see plubach.
——adaich, see plabartaich.

plabadh,-aidh,-aidhean,*s.m.& pr.pt.*see plubadh.
plabair,** *s.m.* Babbler.
plabaireachd, *s.f.* Babbling.
plabar laich, -e, *s f.* Soft noise, as that caused by the motion of the wings of a bird, flapping.
plabartaich, -e, *s.f.* Continued soft sound, as of water gently beating the shore. 2 Unintelligible talk,rumbling noise in speech. see plubartaich.
plabraich, -e, *s. f.* Flapping or fluttering noise. Ri p. mu churann-brataich, *flapping about a flag-staff.*
†plac,** -aic, *s m.* Mouthful.
placaid, -e, -ean, *s.f.* Wooden dish. 2 Close timber vessel. 3* Fat, broad, good-natured female.
placair,** *s.m.* Chubby-faced fellow. 2 Glutton.
placantach,** *a.* Coarse, rough. Gu p., *roughly.*
———d,** *s.f.* Coarseness, roughness.
plàdar,(CR) *s.m.* Circular dish made of plaited straw, used for corn—*Tiree.* 2 Platter.
pladh, -a, see plath.
———ach, -aiche, *a.* see plathach.
———adh, -aidh, see plath.
plagh, see plath.
plaghadh, see plath.
plaibean, -ein, -an, *s.m.* Lump of raw flesh. 2 Fat, plump boy.
†plaic, -e, -ean, *s.f.* Fine, amercement.
plaichead,** *s.* Flagon.
†plaichid, -e, -ean, *s.f.* see plaichead.
plaid, (MS) Await.
plaid, -e, -ean, *s.f.* see plaid-luighe.
plaid,* *v.a.* Drill potatoes. 2 Lay out ground in plots. 3 Plant, as greens or colewort.
plaid,(CR) *s. f.* Said of a person falling his whole length on the ground. Fhuair e p., *and* nach d' fhuair e p.!—*Arran.* [splaid in *Lorn.*]
plaide, *pl.* -an & -acban, *s.f.* Blanket. 2 Plaid, (not tartan-plaid.) 3 Coarse flannel. 4*Plot of ground. Còta plaide, *an under-petticoat of coarse flannel.*
———ach, -eiche, *a.* Having blankets or plaids.
———achan *pl.* of plaide.
plaideag, -eig, -an, *s.f.* Little blanket or shawl.
———ach, -aiche, *a.* Having small blankets or plaids.
plaide-luighe, *s.f.* Lying in ambush. 2 Ambuscade. Deanamaid plaide-luighe, *let us lie in wait.*
———ach,** *a.* Lying in wait. 2 Like an ambush. 3 Fond of lying in wait. 4 Skulking, treacherous.
plaidse, see splaidse.
———ach, *a.* see splaidseach.
———adh, see splaidseadh.
plàigh, -e, -ean, *s.f.* Plague, pestilence. 2 Epidemic fever. 3 Troublesome person.
plàigh-choisgeach,** *a.* Antipestilential.
plàigheach, -eiche, *a.* Plaguy, pestiferous, pestilential.
plàighealachd, *s.f.* Plaguiness, contagiousness.
plàigheil, -e, *a.* Pestiferous, pestilential. 2 Contagious. 3 Infectious.
plàigh-sgaoiltcach, *s.f.* Spreading plague.
plàigh-shlat,(AF) *s.* Blind *or* slow-worm.
plàigh-naine,** *s.f.* The yellow fever [With the art. a' ph—.]
plais, *pr.pt.* a' plaiseadh, *v.a.* Splash. 2 Daub with dirt or mire.
plaiseadh, -eidh, *s.m.* Splashing, act of splashing or daubing with mire or dirt.
†plaitean, -ein, *s.m.* Skull. 2 Little head.
plaitse, see splaidse.
plaidseach, see splaidseach.
plam,* *a.* Curdled.
——, -aim, -an, *s.m.* Anything curdled or clotted. 2 Fat blubber cheek.
plamacaidh, *a.* see plamcaidh.
plamach, -aiche, *a.* Curdled, thick. 2 Slimy. 3 Of a dull or pale colour. 4* Fat-cheeked,fair-haired and pale-faced.
plamaic,* *v.a.* Fumble, mix, handle awkwardly.
plamcaidh, -e, *a.* Doughy, flabby.
plamrachadh, -aidh, *s.m.* Warming of milk for curdling. 2 Grumousness. A' p—, *pr. pt.* of plamraich.
plamraich, *pr.pt.* a' plamrachadh, *v. a.* Warm or prepare milk for curdling. 2††Make a soft noise.
planaid, -ean, *s.f.* Gaelic spelling of *planet.*
plancaich,** *v.* Contabulate.
plancaid, -e, -ean, *s.f.* Gaelic spelling of *blanket.*
———each, *a.* Having blankets.
plang, -aing, -an & -annan, *s.m.* Plack (Scots coin) value ½d. (2 bodles.) 2**Gaelic spelling of plank. 3 (DMC) Any small coin. also planca.
plangach,** *a.* Having planks. 2 Like a plank. 3 Made of planks.
plangaich,** *v.a.* Provide with planks.
plangaid, -e, -ean, *s.f.* Blanket.
———-bhàn, *s.f.* White plaiding.
———-ghorm, *s f.* Blue plaiding.
plangaidich, (MS) *v.a.* Blanket.
planuda, -n & -ichean, see plannta.
———chadh, see planntachadh.
plannt, see planntaich.
plaunt,-a & plainnt, -aichean, *s.m.* Plant.
plànntachadh, -aidh, *s. m.* Planting, act of planting. 2 Plantation. A' p—, *pr. pt.* of planntaich.
planntachair,** -ean, *s m.* Planter.
planntaich, *pr.pt.* a' planntachadh, *v.a.* Plant. Settle or establish a colony.
———te, *past pt.* Planted.
planntaig, see planntaich.
———eadh, see planntachadh.
plannt'air, -ean, *s.m.* Planter.
———eachd, *s.f.* Occupation of planting. 2 Business of a planter.
planntan, *s.m.* Set.
planntar,* -air, *s.m.* Choice corn for seed. 2 Choice quality of oats.
plaoisg, *v.a.* see plaosg. 2**Appear.
———ean, -ein, -an, *s.m. dim.* of plaosg. Small or thin husk.
———eanach, -aiche, *a.* Having a thin husk.
plaosg, *pr.pt.* a' plaosgadh, *v.a. & n.* Peel, skin. 2 Awake, open the eyes. 4 Open, burst, uncover, disclose. 2 Burst, as from the husk. 5 Make a noise or sound.
plaosg, -aoisg, -an, *s.m.* Husk, shell. 2 Outer peel or skin of a vegetable. 3 Shell of an egg. 4 Glimmer, glimpse. 5 Opening of the eyes from sleep. 6 Sound, sudden noise. Cnòthan a's taine p., *the thinnest shelled nuts ;* gus am p., *to the husk ;* p.-buntàta, *a potato skin.*
———ach, -aiche, *a.* Husky, shelly. 2 Peeling, that peels or skins. 3 Having a rind. 4 Uncovering. 5 Glimmering. 6 Making a noise or sudden sound, noisy. 7* Capsular.
———achd, *s.f.* Crustiness.
plaosgadh, -aidh, *s.m.* Peeling, act of peeling or skinning, taking off the husk or shell. 2 Awaking, act of awaking or opening the eyes. 3 Bursting, act of bursting, as from the husk. 4 Act of making a noise. 5 Sudden noise. 6 Glimmering light, flash, blaze. 7** Appearing, discovering of one's self. A' p—, *pr. pt.* of plaosg.
plaosgaid,* -e, -ean, *s.f.* Soft, stupid woman.
plaosgair,*-ean, *s.m.* Soft, stupid fellow,dullard.
plap, (DMC) *s.m.* Flapping of the wings of a

bird. 2 Sudden "leap" of the heart through fright.

plap,(DMC) *pr. pt.* a' plapail, *v.* Flutter with the wings.

——ail, -e. *s.f.* Fluttering with the wings. A' p—, *pr.pt.* of plap.

plapalh,(MS) *s.m.* Anhelation.

plapraich, -e, see plabraich.

plàsd, -a, *pl.* -an & -aidhean, *s.m.* Plaster. 2 Daub. 3* Poultice.

plàsd, *v.a.* Plaster, daub, cover with lime or other substance. 2* Spread awkwardly.

†plàsda,** *a.* Feigned.

plàsdach, -aiche, *a.* Plastering that plasters. 2 Having plasters 3 Using plasters. 4 Like a plaster. 5 Daubing.

-————,** *s.m.* Plaster.

-————adh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* see plàsdaich.

————d,** *s.f.* Plastering, daubing or smearing, covering with lime or clay.

plàsdadh, -aidh, *s.m* Plastering, act of plastering, smearing or daubing. A' p—, *pr. pt.* of plàsd.

plàsdaich, *v.a.* see plàsd.

————te, *past pt.* Plastered, daubed.

plàsdaidhean, *pl.* of plàsd.

plàsdair, -ean, *s.m.* Plasterer.

————eachd, *s.f.* Business or occupation of a plasterer. 2 Work performed by a plasterer. 3**Smearing, daubing.

plàsdrachaidh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* see plàsdadh, plàsdradh, see plàsdadh.

plàsdraich, *v.a* see plàsd.

plàsdraichte, see plàsdaichte.

plàsdrail,** *s.f.* Plastering, besmearing.

plàt,(CR)s *m.* Corn bag made of plaits of straw.

plàt, -a, *pl.* -an, -achan & -aichean. *s. m.* Kind of cloth made of straw or rushes. 2(MS) Sack. 3 Plaid of straw or rushes. 4 (DMy) Mat on which sheep are killed. 5 (MMcL) Any heavy covering. Tilg a' ph. sin thairis air, *throw that covering over him*; p.-reich, *straw-cloth of a pack-saddle*; p.-fhasgnaidh, *straw-cloth on which corn is winnowed.*

†plàt. -a. *s.m* Gaelic spelling of *plate.*

plàt,* *v.a.* Thrust in clap upon. Ph. e a làmh air, *he clapped his hand on it.*

plàtach,(CR) *s.m.* Mat of plaited straw for putting on a horse's back under the crook saddle—*W. of Ross-shire.*

plataichean, *pl.* of plàt.

plàtan, -ain, -an, see plàt.

plath, -a, -an, see plathadh.

plath, * *v.a.* Puff, blow upon. 2 Flash. 3(DC) Momentary glance.

——ach, -aiche, *a.* Glancing, twinkling, momentary, transient. 2 Flashing, shining suddenly. 3 In clouds or volumes, as smoke. 4 Gusty, in gusts or squalls, as wind.

plathadh, -aidh, *s.m.* Glance, twinkling of the eye. 2 Instant of time, moment. 3 Beam of light, flash. 4 Volume as of smoke. 5 Gust of wind. 6 Swoon. 7** Momentary appearance of anything, as of lightning. 8 Meteor. 9* Puff of wind. 10**Sudden gloom. 11†† Volume of flame or wind.

A' p—,*pr. pt.* of plath. Thàinig p. oirnn, *a puff came on us*; am p., *in a moment*; fhuair sinn p. dheth, *we had a glimpse of it*; a' p. m' ar n-aodann, *puffing about our faces*: a' ghrian fo ph., *the sun under a sudden gloom*; mar ph. dealanaich, *like a flash of lightning.*

plathag,(MS) *s.f.* Squall of wind.

plathaich,(MS) *v.a.* Glance.

plathaigeach, *a.* Windy.

pleachd,(CR) *s.f.* Roll of wool ready for spinning—*W. of Ross-shire.*

pleadh,** -a, *s.m.* Digging, dibbling, spudding.

——ach, *a.* Digging or dibbling. 2 Made for digging or dibbling.

-————ag, -aig, -an, *s.f.* Dibble, paddle.

-————agach, -aiche, *a.* Working with, or using a paddle or dibble. 2 Of, or belonging to, paddles or dibbles. 3 Like a paddle or dibble.

——-agachadh, see pleadhagaich.

pleadhagaich, *s.f.* Act of using a paddle or dibble, paddling, dibbling. A' p—, *pr. pt.* of pleadhagaich.

pleadhagaich, *v.a.* Dig or work with a paddle or dibble.

pleadhagaichte, *pr.pt.* of pleadhagaich.

pleadhagaichte, see pleadhagaichte.

pleadhain, *gen.sing. & n.pl.* of pleadhan.

pleadhair, -ean, *s.m.* Dibbler, one who uses a dibble.

pleadhairt,* -e, -ean, *s.f.* Importunate petition.

pleadhan,†† *a.* Paddling. 2 Trifling.

-————, -ain, -an, *s.m.* Little oar, scull. 2** Paddle, dibble. 3††Small leg. 4 (CR) Spattle for turning bread—*W. of Ross-shire.*

pleadhanach, -aiche, *a.* Having a little oar, oars, or paddles. 2 Trifling. 3 Given to trifling pursuits. 4 see pleadhagach.

————d, *s. f. ind.* Paddling or sculling with a little oar. 2**Digging, dibbling. 3 Trifling, pursuing of silly or trifling things.

pleadhan-teannachaidh,* *s.m.* Busk.

pleadhart, -airt, -an, *s.m.* Buffet, blow or slap on the cheek.

pleadhartach, -aiche, *a.* Buffeting, dealing blows.

pleaghag, see pleadhag.

pleaganan, -ain, -an, see pleadhan.

pleanais,** *s.f.* Species of coarse linen.

pleag, -a, -an, *s.m.* Noise, crack. 2 Loud blow. 3 String of beads. [*gn.s. & n.pl.* plisg—DU.]

pleasg, *v.a.* Crack, burst, break.

pleasgach, -aiche, *a.* Cracking, noisy, making a noise, thumping, crashing. 2 Ready to crack, burst or break.

pleasgadh, -aidh, *s.m.* Cracking, act of cracking, bursting. 2 Crashing noise. A' p—, *pr. pt.* of pleasg.

pleasganach, -aiche, *a.* That cracketh or breaketh. 2 That striketh. 3 Noisy, striking, crashing, bursting.

pleat, Gaelic spelling of *plait.*

pleat,* *v.a.* Plait, fold. 2 Patch, mend. 3** Wreathe, braid. 4 Seam. 5 Tress.

pleata,* *s. m.* Patch, piece.

pleatach,(AC) *a.* Flat, broad, even. 2 Wreathed. 3 Plaited, folded, doubled. Casan p., *broad feet, flat feet, as in a flat-footed person*; falt p., *braided hair.*

pleatadh,(DMC) *s.m.* Folding. 2 Seaming.

pleath, *pr.pt.* a' pleathainn, *v. n.* Beg a thing to be paid for.

pleathainn, *s.f.* Act of begging a thing you are to pay for. A' p—, *pr.pt.* of pleath.

pleid, see bleid.

pleidear, see bleidir. 2 (DMC) Beggar.

pleideil, see bleideil.

pleideir,* *v.n.* Plead, beg importunately or incessantly.

pleigh,‡ *s.f.* Quarrel, fight.

——(CR) *v.a.* Fight—*Perthshire.*

pleisg,* *v.a.* Revile or abuse with all your might.

pleisgeadh,* *s.m.* Reviling. 2 Scolding in a cold sarcastic manner. A' p—, *pr.pt.* of pleisg.

pleiste,** *s.* Testicle.

pleod,* *v.a.* Warm slightly, as milk.

pleodag,* -aig, -an, *s.f.* Soft, simple female. 2 Snow-flake—*Uist.*

pleòdar,** *s.m.* Harum-scarum. 2 Soft, spiritless fellow. 3 see feòdar.
———ach, see feòdarach.
———air, see feòdarair.
pleodhaisg, see pleòisg.
pleòisg, -e, -ean, *s. m. & f.* Simpleton, booby, dumpkin.
pleòisgeach, -iche, *a.* Booby-like, silly, foolish.
pleòisgeag, -eig, -an, *s.f.* Foolish, silly, stupid woman.
pleòisgealachd, *s.f.ind.* Stupidity, silliness
pleòisgean, -ein, *s.m.* Doltish, stupid boy.
pleòisgeil, -e, *a.* Doltish, sottish, stupid.
pliacais,(DJM) *s.* Edible dog-fish.
pliad, -a, -an, *s.m.* Plot of ground. *prov.*
pliadach,(AC) *a.* see pleatach.
pliadan, -ain, -an, *s. m., dim.* of pliad. Little plot of ground.
pliadanach, -aiche, *a.* Abounding in little plots of ground.
pliadh, -a, -an, *s.f.* Splay-foot. 2 Bandy-leg.
pliadh,** *v.n.* Swagger.
pliadhach, -aiche, *a.* Splay-footed. 2 Bandy-legged. —*Sàr-Obair.*
———,* -aiche, *s.f.* Splay-footed female.
pliadhaichean, *s.f.ind.* Splay-footedness.
pliadhair,* -ean, *s.m.* Splay-footed or bandy-legged man.
pliaram, -am, *s.m.* Babbling. *prov.*
pliaramach, -aiche, *a.* Babbling. *prov.*
pliath-rod,** -roid, *s.m.* Slipper.
pliathroid, see pliath-rod.
plibean,** -ein, *s.m.* Plover.
pliobair, *s.m.* Flunkey, worthless fellow. 2(DC) Mean fellow—*Lismore.* Gille pliobair, *an underling.*
pliodair,* *v.* see pliotair.
pliogh-aire, see pliotair.
pliomas, -ais, *s.m.* Hypocritical smile—*Argyll.*
pliotair, -ean, *s.m.* Fawner, sycophant, mean cringing fellow, cajoler, flunkey.
pliotair, *pr.pt.* a' pliotairt, *v.n.* Cajole, seduce by flattery.
pliotaireachd, *s.f.* Cringing, mean flattery.
pliotairt,* *s.f.* Cajoling, caressing, as a child. A' p —, *pr.pt.* of pliotair.
pliut, -a, -an, *s.m.* Clumsy foot or paw. 2 (D MC) *in derision,* Hand or foot.
pliutach, -aiche, *a.* Clumsy-footed, broad-pawed. 2 (AH) Clumsy and benumbed through exposure to cold—applied to the fingers.
———,* *s.f.* Clumsy-footed or splay-footed female.
pliutach, -aich, *s.m.* Seal, sea-calf. *prov.*
pliutaiche, *s.f.ind.* Baker-foot.
pliutair, -ean, *s.m.* Clumsy-footed person.
pliutaireachd, *s.f.ind.* Clumsiness of feet. 2 Clumsy walking.
plobht,(CR) *s.m.* Plump of rain. 2 Sound of anything falling into water—*Perthshire. Scots,* plout. 3 (DC) Shoal of herring. B' e 'n sealladh e, 's cha b' e plobht dubh an sgadain ! *that was the sight and not the mean shoal of herring !*
ploc, pluic, -an, *s.m.* Any round mass. 2 Piece of earth, large turf, large clod. 3 Club or bludgeon with a round or large head. 4 Head of a pin. 5 Block of wood. 6 Short stump of a tree. 7 Bung, stopper. 8 Block, pulley. 9 Round head. 10 Hump haunch. 11 Chump. 12 Cheek. 13 Potato-masher. 14 Lumpish promontory. 15**Blockhead. 16 Block-headed stock. 17 Block-headed instrument.
P.-chul-tealaich, *a block of wood placed at the back of the fire.*
ploc, *v.a.* Strike with a club, block, clod or pestle. 2 Strike on the head. 3 Bruise, pound. 4 Ram against. 5 Mash, as potatoes, greens, &c.
plocach,* *s.m.* Boy, lad.
plocach, -aiche, *a.* Abounding in pieces of earth, turf or clods. 2 Abounding in blocks of wood. 3 Like a block. 4 Having a large head or end like a club or bludgeon. 5 Having clubs or bludgeons. 6 Having blocks or pulleys. 7 Humped. 8 Sturdy, stout. 9 Having large or swollen cheeks. 10 **Turgid. 11**Full-faced. An galar p., *the quinsy, mumps.*
plocadh, -aidh, *s.m.* Striking. 2 Act of striking with a block or pestle. 3 Striking on the head. 4 Bruising, act of bruising, pounding or mashing. A' p —, *pr.pt.* of ploc. A' p. a' bhuntàta, *mashing the potatoes.*
plocag, -aig, -an, *s.f.* Corpulent little woman. *prov.*
plocagach, *a.* Thick-set.
plocaich,** *v.a.* Bung.
plocaidh, *fut.aff.a.* of ploc. Shall or will bruise, &c.
plocaidh, *gen.sing.* of plocadh.
plocair,** *s.m.* Haggler.
plocaireachd,** *s.f.* Haggling.
ploc-a'-mhàis, *s.m.* Buttock.
plocan, -ain, -an, *s.m., dim.* of ploc. Wooden hammer, mallet. 2 Little clod or block. 3 see blocan. 4 Potato-masher. 5 Policeman's baton. P. a' bhàis, *the hammer of death ;* p. a' bhuntàta, *the potato-masher—West coast of Ross.*
plocanach, -aiche, *a.* Abounding in small clods. 2 Furnished with mallets or wooden hammers. 3 Furnished with small blocks or pulleys.
plocan-bhuntàta, *s.m.* Potato-masher.
plocanta, -ainte, *a.* Stout, sturdy. 2 Having full or swollen cheeks. 3 Lumpish. 4 Round-headed. 5 Full-faced. 6 Blockish.
plocantachd, *s.f.ind.* Stoutness, sturdiness. 2 Swelling of the cheek. 3 Fullness of visage. 4 Lumpishness, blockishness, doltishness.
p'oc-cheannach, *a.* Beetle-headed.
ploc-dubh, see dòrdalan.
ploc-lomaidh,‡‡ *s.f.* Block of wood, hollowed out and furnished with a ponderous wooden pestle, having a handle inserted towards its upper extremity, at right angles, which is used for hulling barley, or pounding bark for tanning.
ploc-mhalach,** *a.* Beetle-browed.
ploc-mhaildheach,** see ploc-mhalach.
plod, -a & -nid, *pl.* -an, *s.m.* Clod. 2 Pool, standing water. 3 Carnage. 4 Damage. 5 Fleet of shipping, especially herring-boats. P. mór loingeis, *a large fleet of vessels ;* is iad a rinn am p. ! *what carnage they have made !* [** gives both 2 & 5 as †, with *gen.sing.* -oid.]
plod, *v.a.* Pelt or strike with a clod or clods. 2 Scald, parboil. 3 (CR) Remove clods from turnip-land. †‡ Float, cause to float. A' plodadh nam mucan, *scalding the pig.*
plodach, -aich, -aichean, *s.m.* Puddle, mire. 2 ††Lair for burial.
plodach, -a ch, *a.* Abounding in clods.
plodach, -aiche, *a.* Lukewarm. 2 Parboiling, that parboils. 3 Parboiled. 4 Scalding. 5 Buoyant, floating, like, or belonging to, a float. Uisge p., *lukewarm water.*
plodachadh,** *s.m.* Floating, buoyancy.
plodachd,** *s.f.ind.* Lukewarmness.
plodadh, -aidh, *s.m.* Striking, act of striking or pelting with clods. 2 Act of parboiling. 3 Scalding, scald. 4 **Buoyancy. 5 **Float. 6 Removing clods from turnip-land.—*Skye.* 7**Fleet. 8 (AH) Jettisoning. A' p —, *pr. pt.* of plod.

plodag, -aig, -an, *s.f.* Water gruel, warm posset. Deoch phlodaig, *a drink of gruel.*
plodaich, *v.a.* see plod.
plodaiche, *s.f.ind.* Lukewarmness. 2 State of being parboiled.
plodaireachd,** *s.f.ind.* Buoyancy.
plodan, -ain, -an, *s. m., dim.* of plod. Small clod. 2 Small pool. 3**Small float. 4 Small boat of a smack, see p. 78.
plodanach, -aiche, *a.* Abounding in little clods, or 2 in little pools.
plodanachd, *s.f.ind.* Paddling in water. 2 Floating. 3 **Guddling.
plodanaiche,** *s.m.* Dabbler.
plodar, see plodmhor.
plod fhèath,(AH) *s.* Dead calm. [fèath-gheal.]
plodh,* *s.m.ind.* Anything put temporarily together. 2 Sick person that dies on getting the least cold or injury. 3 Man or anything hardly hanging together.
plodhaig, see pleòisg.
plodhaisgeach, see pleòisgeach.
plodhaisgeachd, see pleòisgealachd.
plodhaisgeag, see pleòisgeag.
plodhaisgean, see pleòisgean.
plodhaman,* see pleòisg.
plodmhor,** *a.* Buoyant, floating.
plodraich, -e, *s.f.* State of becoming stagnant. 2*Carnage. 3 Havoc. 4* State of lying here and there uncared for.
ploic,‡ -e, -ean, *s.f.* The mumps [with the art. a' ph—.]
ploiceach, -eiche, *a.* Having the mumps. 2 Plump-cheeked.
ploiceag, -eig, -an, *s.f.* Plump-cheeked woman.
ploicean, -ein, -an, *s.m.* Plump-cheeked boy.
ploiceanach, -aiche,†† *a.* Plump-cheeked.
ploiceanaich, -aich, *s.m.* see ploicean.
ploicht, see ploic.
ploichdeach, see ploiceach.
ploide, see plaide.
ploidseag, *s.f.* Good-natured female. 2* Shawl.
ploidhuig, see pleòisg.
plo dhisgeach, see pleoisgeach.
ploidhisgeag, see pleoisgeag.
ploidhisgean, see pleoisgean.
ploiseach,(DMK) *s. m.* Portion of anything, as of a piece of cloth—*Caithness.*
ploisg, see plosg.
ploigh, Gaelic spelling of *Scots* ploy.
†ploisg, -e, *a.* Spongy. 2 Elastic. 3**Inflammable. 4 Quick. 5**Dry.
ploiteach,* -eiche, *a.* Downy.
ploiteag, (DC) *s.f.* Earthworm—*Uist.*
ploitean,(MMcL) *s.m.* Downy peat.
plosg,** *a.* Quick.
plosg, *pr.pt.* a' plosgadh, a' plosgail & a' plosgartaich, *v.n.* Palpitate, throb, start, pant, gasp. 2 Sigh, sob. A chridh' a' plosgail, *his heart palpitating.*
plosg, -oisg, -an, see plosgadh. Gun ph. air dèile, *lifeless on the bier.*
plosgach,** *a.* Panting, throbbing, gasping. 2 Causing to pant or throb. 3 Like a pant or sob. 4 Quick. 5 Bold.
plosgadh, -aidh, -aidhean, *s. m.* Palpitation, quick motion of the heart. 2 Start, throb, throbbing of the heart. 3 Sigh. 4 Loud sound or noise. 5 Life, breath. 6 Aspiration. A' *pr.pt.* of plosg. Gun ph. air dèile, *without a gasp on the stretching board.*
plosgail, *s.f. & pr.pt.* of plosg, see plosgadh.
plosgarnach,** *a.* Quick, bold. 2 Panting.
plosgarnaich,** *s.f.* Panting.
plosgair,(MS) *v.* Blow.
plosgartach, -aiche, *a.* Breathless, panting. 2 Throbbing. 3 Quick. 4 Bold. 5 Open.
plosgartachd,** *s.f.* Panting, gasping, throbbing.
plosgartaich,** *v.n.* see plosg.
plosgartaich, *pr. pt.* of plosg & **plosgartaich, see plosgadh.
plosgat,§ -ait, *s. m.* Corn-marigold, see bilebhuidhe.
plot, see plod.
plotadh, see plotadh & plutadh.
plub, *pr.pt.* a' plubadh & a' plubair, *v.n.* Plump, fall suddenly into water 2 Emit a noise, as of liquor in a cask, or of porridge boiling. 3 Speak inarticulately and rapidly.
plub, -ub & -a, an, *s.m.* Any great and soft unwieldly lump. 2 Sudden plunge. 3 Sound as of a stone falling into water. 4 Noise of liquor when moved in a cask not quite full. 5 Noise of porridge boiling. 6 Clumsy, lubberly person 7**Round-head, jolt-head. 8** Brain-pan. P chadail, *a moment's sleep.*
plubach, -aiche, *a.* Sounding as liquor moved in a half-filled cask. 2 Sounding as a stone falling into water. 3 Speaking indistinctly and rapidly 4* Soft and clumsy. 5††Plunging. 7 **Round headed, jolt headed
plubach,* -aiche, *s.f.* Soft, lubberly female.
plubadh, -aidh, *s.m* Act of falling suddenly into water 2 Act of sounding, as agitated liquor in a half-filled cask. 3 Act of speaking indistinctly and rapidly. A' p—, *pr. pt.* of plub.
plubadaich, -e, *s.f* see plubadh.
plubaiche, *s.f ind* Lumpishness, clumsiness 2 Habit of speaking indistinctly and rapidly.
plubair, -ean, *s.m.* Booby. 2 One who speaks indistinctly and rapidly. 3 Lubber 4**Jolt-headed fellow 5 Chubby-faced fellow.
———eachd, *s.f ind* see plubraich.
———neach, -ich, see plubair.
———sin, -ean, *s.m.* Marsh-marigold.
plubart, *s.f. & pr.pt.* see plubadh
plubais,** *s.f.* Paddling 2 Paddling noise, 3 Gurgling noise.
plubartaich, see plubraich.
plub-cheann, -chinn, *s.m.* Lumpish head.
———ach, -aiche, *a.* Lump-headed. 2 Dull, stupid
plubrach, aiche, *a.* Making a plumping noise. 2 Gurgling, guggling 3 Paddling or playing in the water 4 Floundering.
plubraich, -e, *s f.* Continued noise as of stones falling into water. 2 Paddling in water. 3 Continued noise of agitated water. 4 Gurgling, guggling. 5 Speaking indistinctly. 6 Plunging, floundering. P. nan tonn, *the gurgling of the waves;* na bric ri p., *the trout floundering.*
pluc, -uic & -a, -an, *s. m.* Lump. 2 Knot. 3 Bunch. 4 Tumour. 5 Pimple. 6 Bung. 7 The rot in sheep. 8 Head of a pin. 9 see a' phloic. 10**Hunch P.-mhaildeach, *beetle-browed.*
pluc, *pr.pt.* a' plucadh, *v.a.* Blow, puff out. 2 Stop with a bung. 3 Knot. 4 Make bunchy.
pluc, *pr.pt.* a' plucadh, *v.a. & n.* Beat, thump. 2 Pelt. 3* Jumble. 4††Pluck.
plucach, aiche, *a.* Lumpy, knotty. 2 Bunchy. 3 Full of tumours or pimples. 4 Having the mumps. 5 Having the rot, as sheep. 6*Jumbling. 7**Chubby. 8**Hunchy. Srón ph., *a pimply nose;* an galar p., *the quinsy,* 2 *rot in sheep.*
plucadh, -aidh, *s.m.* Blowing of the cheeks. 2 State of becoming knotty or bunchy. 3 Act of bunging, or stopping with a bung. A' p—, *pr.pt.* of pluc.
plucadh, -aidh, *s.m.* Beating, act of beating or thumping. 2 Pelting. A' p—, *pr.pt.* of pluc.

plucaich, *v.a.* Plug.
———e, *s.f.ind.* Lumpishness, bunchiness. 2 Knottiness.
plucair, -ean, *s.m.* Person having a swollen or pimpled face. 2†Beater, thumper 3 Chubby faced fellow.
———eachd,** *s f.* Chubbiness. 2 Impertinence.
plucais,** *s.f.* Flux.
plucan, *n.pl.* of pluc.
·———, -ain. [*pl.* -ain & -an.] *s.m.*, *dim* of pluc. Little lump 2 Little knot or bunch. 3 Little tumour or pimple. 4 Small bung. 5* Little jumble of sea.
·———ach, -aiche, *a.* Abounding in little lumps, knots or bunches 2 Abounding in little tumours or pimples. 3* With a little jumbling of sea
pluc-aodach,** *s* Baize
plucas, -ais, *s.m.* Diarrhœa
———ach -aiche, *a.* Affected with diarrhœa 2 Causing diarrhœa.
plùch, *v a.* Press, squeeze slowly and tightly, compress. 2 Smother. 3**Throng 4**Mouth when eating 5**Constringe
plùchadh -aidh *s m.* Squeezing, act of squeezing, compressing *squeezing slowly and lastly tightly 2 Smothering. 3**Thronging. 4 **Mouthing in time of eating. A' p—, *pr.pt.* of plùch. [plùchdaidh in *Gairloch*—DU.]
pluc mhailgheach, -eiche, *a* Beetle-browed.
pluic, -e, -ean, *s.f* The cheek. 2 Blub-cheek. 3 *pl.* of ploc. 4 Beard. Loisg iad air a chéile leis na pluic, *they fought (fired on) each other with turfs* : tha a' bhreug 'nad ph., *thou liest —lit.* the lie is in thy cheek ; do phluicean mar na caoran; *thy cheeks like the rowan-berry.*
·——each, -eiche, *a.* Blub-cheeked, chubby-cheeked, having large cheeks.
·——each, -eich, *s.m.* Blub-cheeked person.
·——each, -ich, *s f.* The toothache. [With the art. *a' ph—.*]
pluicean, -ein, -an, *s.m.*, *dim.* of pluic. Little round cheek. 2 (AF) Chub (fish.)
———ach, -aiche, *a* Having little round cheeks.
———ach, -aich, *s.m.* Blub-cheeked person.
pluideach, -eiche, *a.* Club-footed, splay-footed.
pluideiche, *s.f.ind* Distortion of the feet.
pluidse,* *s.m.* Big lumpish man or beast.
———ach,* -eiche, *s.f.* Clumsy, awkward female, lumpish female.
pluimnse *s.f* Swash Gaelic spelling of *plunge.*
———ach,** *a.* Plunging.
———ag,(DMy) *s f* Large coarse apron
pluirean, -ein -an *s m.* Flower
———ach, -aiche. *a.* Flowery.
pluit,* *s.f.* Claw.
plum, -ùm. *s.m.* One who sits stock-still. 2* Dead calm. 3†† Anything that stands stock still. 4* Hum-drum.
plum, *pr pt.* a plumadh, *v.n.* Plunge, sink under water, as lead.
pluma *s.m* Plummet
plumach,(DU) *a.* Black and deep. Lochan p. MhicLeoid,—the name of a small deep lake on the south side of Loch Ewe.
plumadh, -aidh, *s.m* Act of falling or plunging into water. 2 Plunge, dash. A' p—, *pr pt.* of plum.
plumag, *s.f.* see pluma, 2 (DU) Little deep pool.
plumaich,* *v. n.* Coagulate without yeast, as milk. 2 Stagnate.
———te, *a.* Curdled. Bainne p., *curdled milk.*
plumaid,(CE) *s.f.* Gaelic spelling of *plummet.*
2 Plump female. Nach b' e a' ph. i ! *how plump she is !*
plumanaich, -e, *s. f.* Continued noise, as o stones falling into water. 2 Dashing. Noise of waves. 4**Plunging. 5 (DU) Darkening. Anns a' ph., *in the darkening or lat twilight.*
plumastair,(AH) *s.m.* Dull, sullen, dour man.
plumb, -a, -an, *s.m.* Plunge. 2 Noise of any substance falling into water.
plumb, *v.* see plum.
———,* *s.f.* Heavy shower.
plumba, -idhean, *s.m.* Plummet.
plumbach, -aiche, *a.* Making a noise in the water.
plumbadh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* see plumadh.
plumbais, -e, -ean, *s.f.* Plum. P. sheargta, *a prune.*
———-fhiadhain,§ *s.f.* Wild plum—*prunus domesticus.*
———each, -eiche, *a.* Full of plums.
———-sheargta, *s.f.* Prune.
plumbas, see plumbais.
———ach, see plumbaiseach.
plumdrainn, -e, -ean, *s.f.* Pillage, spoil. Gaelic spelling of *plundering.*
———-, *v.a.* Plunder, pillage, spoil.
plùr, -ùir, *s.m.* see flùr, 2**Nosegay. 3 Flour.
plùrach, -aiche, see flùrach.
plùran, see flùran.
———ach, see flùranach.
———achd, see flùranachd.
plùranaiche, see flùranaiche.
plùran-cluigeanach, see flùran-cluigeanach (in appendix.)
plùr-an-lochain, see flùr-an-lochain (appendix.)
plùran-seangain, see flùran-seangain (appendix.)
plùr-na-cubhaig, see flùr-na-cubhaig (appendix.)
plùr-na-gaoithe, see flùr-na-gaoithe (appendix.)
plùr-na-gréine, see flùr-na-gréine (appendix.)
plutadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Breaking down. 2† Falling down, as of rain.
pnàmh, see pràmh.
pobal, [** for pubull] see gallan-mór.
†pobhlar, -air, -an, *s.m.* Poplar-tree.
pobhnaidh, see pònaidh. Gaelic spelling of Scots *pownie.*
pobhuilleach,** *a.* Abounding in, or belonging to, poplar.
†pobhull, -uill, -an, *s.m.* see pobhlar.
pobull, -uill, -an, *s.m.* People. 2 Tribe. 3 Congregation. 4 Nation.
—— -ach, -aiche, *a.* Laical. 2 Populous. 3 Of, or belonging to, the people. Dùthaich ph., *a populous country.*
——achd,** *s.f.ind.* Populousness.
poc,¶ *s.m.* The mumps. [With the art. *am.*] 2 (DMK) Disease in cattle—*Caithness.*
poc, *pr.pt.* a' pocadh, *v.a. & n.* Put into a bag or sack. 2 Become like a bag or sack. also pocaich
pòc. *pr.pt.* a' pòcadh, *v.a. & n.* Put into a pocket. 2 Furnish with pockets. also pòcaich.
poca, -n & -nnan, *s.m.* Bag, little sack, satchel. 2 (DMy)Blister. P.-saic, *a large sack thrown across a horse's back. and large enough to contain a load ;* air a' ph., *begging.*
poca, -n, -nnan, *s. m.* Pocket. 2 Small bag. Leabhar-poca, *a pocket-book*; airgiod pòca, *pocket-money.*
poca buidhe,(CR) *s.m.* Deer's stomach—*West of Ross-shire & Suth'd.*
pòcach, -aiche, *a.* Having pockets. 2 Like a pocket 3 Having large pockets or pouches
pocach, -aiche, *a.* Having bags. 2 Abounding in bags. 3 Like a bag. 4 Bagged.
pocachadh, -aidh, *s. m.* Act of putting into a

bag. 2 State of becoming like a bag, bagging. A' p—, *pr.pt.* of pocaich.

pòcachadh, -aidh, *s.m.* Pocketing, act of pocketing. 2 Act of furnishing with pockets. A' p—, *pr.pt.* of pòcaich.

pòcachan, -ain, -an, *s.m.*, *dim.* of pòca. Little pocket.

pocaich, *pr.pt.* a' pocachadh, *v.a.* & *n.* Put into a bag or sack.

pòcaich, *pr.pt.* a' pòcachadh, *v.a.* & *n.* Put into a pocket. 2 Furnish with pockets. Ith do leòir 's na p. mìr, *eat as much as you like but pocket nothing*—said to boys going to a party.

pòcaid, -e, -ean, *s.f.* see pòca.

———each, -eiche, *a.* see pòcach.

———ich, *v.a.* Pocket.

pocain, *gen.sing.* & *n.pl.* of pocan.

pòcair,** *s.m.* Beggar.

pòcait, see pòcaid.

pocan, -ain, -an, *s.m.*, *dim.* of poc. Little bag or sack. 2* Little squat fellow. 3 *in derision*, Impudent little fellow.

pòcan,†† -ain, -an, *s.m.*, *dim.* of pòca. Little pocket.

———ach,†† -aiche, *a.* Abounding in little pockets.

pocanach, -aiche, *a.* Having little bags. 2 Like a little bag. 3 Impudent, ill-bred. 4**Squat, diminutive in person. Is fhearr màthair ph. na athair claidheamhach, *better is a mother with a bag (full of victuals) than a father with a sword by his side.*

pocanan, *pl.* of pocan.

pòcanan, *pl.* of pòcan.

pocan-garbh,(CR) *s.m.* Sea-urchin—*Gairloch.*

pocan-na-buidseachd, (DMK) *s. m.* Small bag containing odds and ends used by witches in the practice of their vocation.

poca-puinsein, *s.m.* Spider.—*Ballachulish, Benderloch, &c.*

pocanta, -ainte, *a.* Like a bag or little bag. 2 Squat, thick and short in stature, stumpy, diminutive.

pocantachd, *s.f.ind.* Squatness, thickness and shortness of stature, stumpiness.

poca-salainn,(CR) *s.m.* Large grey spider found in the open air. It has white legs which are shorter than those of the "damhan-alluidh." In some places every kind of spider is called *poca-salainn*, the term *damhan-alluidh* being considered quite bookish.

pochd, see poc.

pòg, -òig, -an, *s.f.* Kiss.

pòg, *pr.pt.* a' pògadh, *v.a.* Kiss. P. mi, *kiss me.*

pògach, -aiche, *a.* Kissing. 2 Given to kissing.

———,* *s.f.* Blandishing female. 2 Offerer of kisses.

pògadh, -aidh, *s.m.* Kissing, act of kissing, kiss. A' p—, *pr.pt.* of pòg.

pògaidh, *fut.aff.a.* of pòg. Shall kiss.

pogair, -ean, *s.m.* Kisser, one who kisses. 2 Gallant.

———eachd, *s.f.ind.* Kissing, frequent kissing, continual kissing.

pògan, see pògean.

pòganta, -ainte, *a.* see pògach. 2 Fond of kissing

———chd, see pògaireachd.

pògarsaich,** *s.* Kissing.

pògh-lin,(MS) (am) *s.m.* Gaelic spelling of *bowline.*

pògta, see pògte.

pòrte, *past pt.* Kissed.

poibleach, -ich & -a, -an, *s.m.* Tribe, people, nation. 2 The common people, mob, populace. 3 Plebeian. 4* Commonwealth.

———, *pl.* of pobull.

poibleach, -eiche, *a.* Popular. 2**Plebeian, of the populace. 3 Like a rabble.

poibleachas,** -ais, *s.m.* Popularity.

†poibleag, *s.f.* Poplar-tree.

poiblidh,†† -e, *s.f.* Public manifest.

— ———,* *gen.* of pobull.

†poibtigheachd, *s.f.* Commonwealth.

poiceau, -eiu, -an, *s.m.* Short, squat fellow, see pocan.

———ach, *a.* Thick, short, squat.

poichean, -ein, *s.m.* Pithless, diminutive fellow. 2 Little impudent fellow. 3 Little pig.

poichean ! *int.* Call to a little pig—*E. Perthsh.*

poicnidh, *s.f.* Young pig. Am fac thu na poichidhean ? *have you seen the young pigs ?—East Perthshire.*

poichidh ! } (CR) *int.* Calls to young pigs—
poich ! **poich** ! } *E. Perthshire.*

pòigean, -ein, -an, *s.m.*, *dim.* of pòg. Little kiss, smack. Thoir p. dhomh, *kiss me.*

———ach, -aiche, *a.* Kissing. 2 Fond of kissing.

pòil, Gaelic spelling of *pole.*

poilich, see boilich.

poilleadh,** -idh, *s.m.* Boring, piercing.

poineach, see ponach.

pòinidh, -ean, *s.m.* see pònaidh.

pòinireach, see pònaireach.

pòir, -ean, *s.m.* Pore.

poircean,(AF) *s.m.* Little pig. 2 Porpoise

poirse, Gaelic spelling of *porch.*

pois,** *v.a.* Haul, drag, lug.

pòisde, } see pòsde.
poiste, }

poit, -e, *pl.* -ean & -eachan, *s.f.* Pot, cauldron.

pòit, *v.* Drink deeply or to excess, carouse.


——, *s.f.* see pòite.

poit-chamag,** *s.f.* Pot-hook.

poit-chreadha,** *s. f.* Earthen pot. 2 Potter's clay. If the accent be on *chreadha* the meaning is "an earthenware pot," but if on *poit* it signifies "potter's clay."

poit-dhubh (a' ph—,) *s.f.* The "smaʼ" still.

We are indebted to DMK for the following names of its parts, and a drawing from which the annexed sketch was made.



570. A' phoit-dhubh.

1 An Leid, *the fire-place—Ross-shire;* an Sorchan—,(AH) *N. Argyll* ; an Teallaich—*Lorn.*
2 Bod-an-leanna, *the discharge cock.*
3 Am Bràghad, *the shoulder.*
4 An Lionadair, *the charger.*
5 An Ceann, *the still-head.*
6 An Gearradan, *the connecting piece.*
7 A' Chliath, *the worm.* A' chaora chrom—Bainne aig na caoraich uile 's galan aig a' chaora chruim, *all sheep have milk, but the*

still-worm (lit. the crooked sheep) *has a gal-lon—Old Port-a-beul—(Fionn.)*
8 An stann cléith, *the worm-tub.*
9 Am Feadan, *the spout.*
10 An Glacadan, *the spirit receiver.*
11 An Spùdan, an sùdan fuar, (*Fionn*) Feaddan,(DM) *the chute for supplying the worm-tub with cold water for condensing the vapour that passes from the still to the worm.*

poite, see poit
pòite, *s.f.* Drinking,tippling, drinking to excess. [** says excess in eating or drinking. McL & D, ‡, & * give pòit.]
pòiteach, -eiche, *a.* Drunken, addicted to drink.
poiteach, -eiche, *a.* Having pots. 2 Using pots.
pòiteadh, -idh, *s.m.* Tippling.
poiteag, -eig, -an, *s.f., dim.* of poit. Little pot.
———ach, *a.* Having or using small pots.
poiteal,** -eil, -ealan, *s.m.* Pottle (=four imperial pints.)
poitean, see boitean & poiteag.
——— ach, see boiteanach & poiteagach.
pòitear, -eir, -an, *s.m.* Drinker, bottle companion. 2 Drunkard, gourmand.
poitear,** -eir, *s.m.* Potter, pot-maker.
pòitearach, -aiche, *a.* Tippling, addicted to drinking, drunken.
———d, *s.f.ind.* Drinking, drinking to excess, carousing, banqueting. 2 Habit of tippling or drunkenness. 3**Gormandizing.
poitearachd,** *s.f.* Pot-making.
poit-fheòla,* *s.f.* Flesh-pot.
—— -fhuail, *s.f.* Chamber-pot—*W. coast of Ross.*
—— -fhlùran, *s.f.* Flower-pot.
—— -ghlanaidh, *s.f.* Fining-pot.
poitidh ! (CR) *int.* Call to a pig.
poitigir,(MS) *s.m.* Pharmacopist.
poit-leabach, *s.f.* Chamber-pot.
—— -luibh, -e, -ean *s.f.* Pot-herb.
—— -luibhean,** *s.f.* Flower-pot.
—— -mhùin, *s.f.* Chamber-pot, jordan.
poit na h-adhairc, *s. f.* Ludicrous name for a tea-pot.
poit-phronnaidh, *s.f.* Mortar.
poit-ruadh,* *s.f.* Still.
poit-sheòmair, *s.f.* Chamber-pot.
poit-thogalach,** *s.f.* Still.
pòl,** -òil, *s.m.* Pall.
pola,(DMy) *s.* Bowl. P. bainne, *a bowl of milk.*
polachan,(MMcD) *s.m.* Small clay jar about 15 to 18 inches high, used in Lewis for holding cream
polar,** *s. m.* Sign. [** gives it for pollair.]
polaradh,(AH) -aidh, *s. m.* The groove along which the nail-holes are pierced on a horse-shoe.
poll,** *s.m.* Pole of land, containing 30¼ square yards.
——,** *v.a.* Hole, bore.
poll, puill, *pl.* -uill & -an, *s. m.* Hole, pit. 2 Mire, mud. 3 Bog. 4 Pond, pool. 5 Deep stagnant water. 6 Dark and deep part of any stream. 7 Wet, miry meadow. 8 Nostril. Am pollaibh a shròine, *in his nostrils.*
p.-aaireachd, p.-acarsaid, p.-acraiche, } *a bay to anchor ships.*
p.-bùiridh, *rutting-place of deer.*
p.-creadha, *a clay-pit.*
p.-damhair, *a rutting-place for deer.*
p.-domhain, *a deep pool.*
p.-éisg, p.-iasgaich, } *a fish-pond, ? a pool where fish lie. ? a fishing-station.*
p.-laimhrig, *a landing-place.*
p.-leathair, *a tanner's pool.*
p.-marcachd, *a road for ships.*
p.-mòine *or* p.-mòna, *a peat-moss, peat-bank, peat-hag.*
p.-nan-tunnag, *the duck-pond.*
p.-salainn, *a salt-pit.*

pollach,(CR) *s. m.* Cod—*Suth'd & Easter Ross.* 2 Half-sized cod—*Farr.*
pollach, -aiche, *a.* Lumpish, stupid, *prov.* 2 Holed, hollowed. 3 Fungous. 4 Porous. 5 (MS) Thick.
———as, -ais, *s. m.* Lumpishness, stupidity, *prov.*



571. Pollag (3.)

pollag, -aig, -an, *s.f., dim.* of poll. Little pool, hole, pit or pond. 2 Dimple. 3 Gwiniad, fresh-water herring, found in lakes in Wales and Cumberland. 4 Pollock, lythe. 5 Whiting. 6 Pollan, powan, vendace. 7 (AC)Corn-mortar.—a primitive form of hand-mill consisting of a hollowed-out stone. The grain was placed in the hollow and pounded into meal with a stone pestle. Meal thus prepared was called " min-phrountaidh " (bruised meal.) The pollag, which is a more primitive form of mill than the quern, was in use in the Outer Hebrides in comparatively recent times. 8 (Fionn) Nostril—*Lorn.* 9 (AH) Potato-pit left out on the field during winter and spring. 10 see pollair.
——— ach, *a.* Of, belonging to, or abounding in, little holes, pits, ponds, dimples, &c.
——— -chnotaidh, *Argyll* for clach-chnotainn.
——— -seirce, see pollag.
polla-ghuirean,** *s.* Ozœna.
pollair, -ean, *s.m.* Nostril. 2 Searcher of holes and corners.
pollaireachd,* *s.f.* Searching of holes and corners.
pollairean, see pollaran.
pollan, -ain, -an, *s.m.* Plash. 2 (MS) Nostril. 3 (AF) see pollag. P. na sròine, *nostril.*
pollaran, *s.m.* The dunlin—*polidna alpina*, also called Bird-of-the-mud-pits—¶*tring avariabilis.* Also pollairean in summer, and gille-feadaig in winter.
poll-cheannach, -aiche, *a.* Lump-headed, jolt-headed, stupid.
poll-cheannan, -ain, -an, *s.m.* Tadpole.
polldach, -aich, -aichean, *s.f.* Marshy ground.
poll-iasgaich,* *s.m.* Fish-pond, 2 Pool where fish lie.
poll-mhògag, (CR) *s.f.* Toad—*W. of Ross-shire.*
poll-mòna,* *s.m.* Peat-pit. 2††Peat-hag.
poll-snathaidh,(AF) *s.m.* Rubbing-pool of kiln, see àth (in appendix.)
pollta, *past pt.* of poll. Bored.
polltach,†† *a.* Full of holes.
pòloich, see bòilich.
polt,** s. Nostril.
ponach,‡ -aich, *s.m.* Boy, lad. 2 (CR) Child up to 2 or 3 years—*Perthshire.* [poineach in *Argyll*—(*Fionn.*)
pònaidh, -ean, *s.m.* Pony, small horse. 2 ** Docked horse. [*garis.*
pònair, *gen.* pònarach, *s.f.coll.* Beans—*faba vul-*
——— -airneach,§ *s.f.coll.* Kidney beans.
——— -chapull,§ *s. f. coll.* Bog-beans, buck-beans, marsh-trefoil—*menyanthes trifoliata.* (ill. 572.)

purating sore—*W. of Ross.*
pudharach, *a.* Hurtful, harmful, injurious. 2 Ulcerous, having ulcers.
————adh, -aidh, *s.m.* Suppuration.
pudharaich,(MM) *v.* Suppurate.
pudharan,(DC) *s.m.* Black stalk of corn found occasionally in a field of growing oats—*Uist.*
puibleachadh,** -aidh, *s. m.* Publishing.
†puibligh, -e, *a.* Public.
†puibolich, *v.a.* Publish, proclaim.
pùic, -e, -ean, *s.f.* Bribe. Fhuair e p., *he has been bribed ;* cha d' thug e p. dheth, *he made nothing of him.* Also used for pùc.
pùic, *v.a.* Bribe.
pùiceach, -eiche, *a.* Bribing, giving bribes. 2 Receiving bribes. 3 Easily bribed. 4**Like a bribe.
pùiceach,* -eich, *s.f.* Female briber.
puicean, -ein, -an, *s.m.* Veil or covering over the eyes. 2 Game of blind-man's-buff. 3 bribe.
pùicear, -eir, -an, *s.m.* Briber.
————achd, *s.f.* Bribery.
puichean, -ein, -an, *s.m.* Little impudent fellow. 2 Pithless, sickly, diminutive fellow.
puicneadh,** -aidh, *s.m.* Blindfolding. 2 Imposition.
puicne-sgreabhal,** *s.* Spangle.
pùidse, -an, *s. f.* Pocket. Gaelic spelling of Scots pronunciation of *pouch.* P. uaireadair, *a fob*; p. briogais, *a trousers pocket.*
pùideach, *a.* Having pockets or pouches.
puilg an,(CR) *s.m.* Little fat person—*W. of Ross,* see builgean.
puinc, -e, -ean, see punc.
†puincearn, -nirn, -an, see puingearn.
puing, see puuc.
puingean,** -ein, *s.m.* Roll of butter.
puingearn,** -eirn, *s.m.* Beam for measuring or weighing goods, the graduated beam. (pungiarnan.)
puinnd, *gen. & pl.* of punnd.
puinne, *s.* Drop, spout, stream, see buiune. 'Dol le puinne 'na chuaich,—*Rob Donn.*
puinneag,§ -eig, -an, *s.m.* Common sorrel, see buiuneag.
————ach, -aiche, *a.* Abounding in sorrel. 2 Of, or pertaining to, sorrel.
puinneagan,-ain, *s.m.* Sorrel.
puinneanach, -aich, *s. m.* Same meanings as puinneanachadh. 2**Bruiser, pugilist.
puinneanachadh, -aidh, *s. m.* Beating, act of beating or thumping, thrashing, belabouring A' p—, *pr.pt.* of puinneanaich.
puinneanaich, *pr. pt.* a' puinneanachadh, *v. a.* Beat, thump, belabour, bruise.
puinng, see punc.
puinse, Gaelic form of *punch,*toddy. Am p. milis, guanach, *the sweet heady punch.*
puinseach, *a.* Abounding in punch. 2 Of, or belonging to, punch.
puinsean, -in, -an, *s. m.* Poison, venom. 2** Term of contempt or disgust. A phuinsein a tha thu ann ! *reptile that thou art !* [*puinsean* is nearer the usual pronunciation, but as the best Gaelic Dictionaries give *puinsein,* that spelling has been followed here. McL. & D gives *puinsean* in the Gael.-Eng. part, and and *puinnsean* in the Eng.-Gael. part.]
————ach, -aiche, *a.* Poisonous, venomous. 2**Baneful.
puinseanachadh, -aidh, *s. m.* Poisoning, act of killing by means of poison. A' p—, *pr.pt.* of puinseanaich.
puinseanaich, *pr.pt.* a' puinseanachadh, *v. a.* Poison, take off or kill by poison.
puinseanaichte, *past pt.* of puinseanaich. Poisoned, killed by poison.
puinseanta, *a.* Poisonous, venomous.
puinseantachd, *s.f.* Same meanings as puinseantas.
puinseantas,* -ais, *s.m.* Poisonousness, venomousness. 2 Vindictiveness, resentment.
puinsion, -in, -ean, see puinsean.
————ach, see puinseanach.
puinsionachadh, see puinseanachadh.
puinsionaich, see puinseanaich.
puinsionaichte, see puinseanaichte.
puinsionta, see puinseanta.
puinteailta,** *a.* Precise. 2 Punctual.
puip,(DMu) *a.* Worthless, untidy. Am fear p. sin, *that worthless fellow*—*Suth'd.*
pùirleag, -eig, -an, *s.f.* Crest, tuft.
pùirleagach, -aiche, *a.* Crested, tufted.
puirneach,** -eich, *s.m.* Hunter.
puirt, *gen. & pl.* of port.
puirtean, -ein, -an, *s. m., dim. of* port. Sonnet. 2 Little harbour or haven. 3 Little turret.
puis, -ean, *s.m.* Puss, kitten, little cat.
puiseag (DU) *s.f.* Kitten.
†puisg,** *v.a.* Beat, whip, lash.
puisidh, Gaelic spelling of *pussy.*
pnision, see puinsean.
puist, *gen.sing. & n.pl.* of post.
†puitric, *s.* Bottle.
pulag, -aig, -an, *s. f.* Round stone. 2 Ball. 3 Pedestal. 4 Footstool of a pillar. 5**Porpoise. 6* Large round stone.
pulagach, -aiche, *a.* Abounding in round stones. 2 Like a round stone or ball.
pulaidh,(CR) -nean, *s.f.* Turkey. Coileach p., *a turkey-cock ;* cearc-ph., *a turkey-hen*—*W. of Ross-shire.* 2 (DMy) Champion, hero, especially in strenth and boxing. 'S Niall Mac-Aoidh 'na ph. orra, *and Neil MacKay a turkey-cock over them.*
pùlais, *S. Suth'd* for bùlas.
pula-mhullach,** pulaichean-m-, *s.m.* Dome, cupola.
bùlas, see bùlas.
pulbhag,** -aig, -an, *s.f.* Round stone, sizeable round stone.
pulbhag,** *s.f.* Pollock (fish.)
pullag, -aig, -an, *s.f.* †Pantry. 2 (AF) Pollack, lythe (fish.)
pul'pud, Gaelic spelling of *pulpit.*
pumpaid,(CR) *Arran* for cùbaid (pul'pit.)
pumpais, (MMcD) *s.f.* Pimples on the face or skin—*Lewis.*
pumpais,(MS) *s.f.* Pump.
punan,** -ain, *s.m.* see punnan.
punc, -uinc, -an, *s. m.* Point, tittle. 2 Point, stop. 3 Article. 4 Note in music. 5 Quirk. 6 Quibble at law. 7 Aspiring. 8 (MS) Position. 9††Tone. 10 Point in a debate. Chuir thu as mo phunc mi. *you defeated my intention ;* tha e làn phuncan, *he is full of quirks ;* air a' ph. sin, *on that point.*
puncach,** *a.* Pointed, having points.
puncachadh, -aidh, *s.m.* Punctuation.
puncachas, *s.m.* Position.
puncaich, *v.a.* Point.
puncaid,* -e, -ean, *s.f.* Quirk, stratagem. Làn de phuncaidean, *full of quirks.*
puncaideach,* -eiche, *a.* Full of quirks or tricks, stratagetical.
puncail,(MS) *v.a.* Adjust.
puncail, -e, *a.* Distinct, articulate. 2 Exact, accurate. 3 Pointed. 4 Punctual. 5 Tidy. 6* Business-like in everything.
puncaireachd,*s.f.* Punctuation.
puncalachd, *s.f.* Distinctness, articulateness. 2 Exactness, correctness, accuracy. 3 Pointedness. 4 Punctuality. 5 Tidiness. 6* Great

attention.
puncalas, see puncalachd.
puncan-dearbhaidh, *s.* Quotation points (" ").
2 (DMy) Proofs, tests.
puncar, -ais, *s.m.* Article in *grammar*.
punc̃glas, -ais, *s.m.* Species of purple grass.
punc-labhair,** *v.a.* Articulate.
punc-labhairt, punc-, *s.m.* Articulation. 2 Accent, accentuation.
punc-labhraiche,** *s.m.* Distinct articulator.
punnd, see punnal.
punndglas, -ais, see punc̃glas.
pung, -ning, -an, see punc.
pungach, see puncach.
pungachadh, -aidh, see puncachadh.
pungaid, see puncaid. 2 (DMy) Stiff, inactive female.
pungaideach, see puncaideach.
punnail, -e, see puncail.
pungalachd, see puncalachd.
punnag ‡‡ -aig, -an, *s.f.* Baloon in *architecture*.
punnan, -ain, -an, *s.m.* Sheaf of corn. 2 Bundle of hay or straw. 3**Burden. 4**Fardel. 5** Blast, as of a horn. 6**Bittern.
punnd, -ninnd, *s.m.* Pound weight.(1 lb) 2 Fold to confine cattle that trespass. 3 £1 sterling. Punnd Sasunnach, *£1 sterling.*
punnd, *pr.pt.* a' punndadh, *v.a.* Pound cattle.
punnnainn, see funntainn. [* says, Bad usage in being confined in a damp place. 2 State of being confined in a cold place.]
punndair, -ean, *s.m.* One who confines straying cattle, pounder. 2 (DU) Shepherd paid by a district to herd sheep during summer.
————eachd, *s.f.* Confining of straying cattle, pounding. 2 Herding sheep. Tha e ris a' ph., *he is engaged as a district shepherd.*
punnt, *s.m.* Couch-grass.
punntainn,‡ *s.f.* Benumbment (also funntainn.)
punt, -uint. see punnd.
puntain, -e, see funntainn.
pùpard, Gaelic form of Scots *poopit.*
purgadair, -ean, *s. m.* Purgatory. 2 Purifier. 3 Tormenter. 4* The greatest anxiety to get freedom, or to shift quarters.
purgadaireach, -ich, *s.m.* One undergoing the changes and pains of purgatory.
purgadaireach, -aiche, *a.* Purgatorial.
purgadaireachd, *s.f.* Purification. 2 State of purgatory. 3**Changes of purgatory. 4** Doctrine of purgatory
purgadaireadh, -eidh, *s.m.* Purgatory.
purgadoir, see purgadair.
purgaid, -e, -ean, *s.f.* Purge, purgative,aperient medicine. P. duine, *a dour man*—(DMy)
purgaideach, -eiche, *a.* Purgative, cathartic cleansing, vomitory.
purgaideachadh, -aidh, *s.m.* Medication.
purgaideachd,** *s. f.* Laxativeness, frequent purging.
purgaidich, *v.a.* Purge.
pùrlag, -aig, -an, *s.f.* Tatter. 2 Fragment of anything, *prov.*
pùrlagach, -aiche, *a.* Ragged, tattered.
purp,* -uirp, *s.m.* The faculties of the mind. 2 Full possession of mental powers. Chaill e a ph., *he lost his faculties ;* an fheadh 's a bhitheas mo ph. agam, *while I possess my faculties ;* gun ph., *uncollected.*
purpaidh,‡ *s.f.* Purslane-like orache—*atriplex portulacoides* 2§ Poppy. 3**Purslane.
purpaidh,‡‡ -e, *a.* Purple—*Suth'd & N.Argyll.*
purpail,* -e, *a.* Collected, in one's senses. 2 Sound in mind. 3 Punctual. 4 Accurate. 5 Pointed. 6**Courageous. 7**Active.
purpaileachd,** *s.f.* Courage. 2 Activity.
purpais, see purp.
purplachd,* *s. f.* Collectiveness, full possession of faculties. 2 Punctuality.
purpur, -uir, *s.m.* Purple colour.
purr, *pr. pt.* a' purradh, *v.a.* Push, thrust,drive, urge. 2 Jerk. 3 Butt, strike with the head. 4 Poke. 5 Jostle. 9 Dash at, as a bull.
purrach,** *a.* Apt to push or shove, pushing, shoving. 2 Jostling.
purradair, -ean, *s.m.* Putter.
purradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Pushing, act of pushing, thrusting, shoving or driving. 2 Jerking, jerk. 3 Butt, act of butting with the head. 4 Jostling. 5 Push, thrust. A' p—, *pr.pt.* of purr. A' p. le 'adhaccaibh, *butting with his horns ;* an reithe a' p., *the ram butting.*


586. Purpaidh.

purraghlas, -ais, *s.m.* Cat.
purt, puirt, see port.
pus, -uis, -ean, Gaelic form of *puss.*
pus, -uis, -an, see bus.
pùs, see pòs.
pusach, see busach.
pusachag, -aig, -an, *s.f.* Whining girl.
pusachan, -ain, -an, *s.m.* Whining boy.
pùsadh, see pòsadh.
pusag, -aig, -an, *s.f.,dim.* of pus. 2††see busag.
pusaidh, see puisidh.
pùsda, see pòsda.
pùst', see pòsda.
put, -a, -an, *s.m.* The cheek.
put, *pr.pt.* a' putadh, *v.a.* Push, thrust. 2 Jostle. 3 Put with the head.
put, *s.m.* Push, shove.
pùt, -a, -an, *s.m.* Young of moorfowl, young grouse (pout.) 2 Large buoy, generally of sheepskin, inflated. 3 Corpulent person. 4 Any bulging thing.—*Suth'd.* [2 is *put* in *Harris* and not *pùt.*] P. meadhon, *a middle buoy;* p. suab, *the buoy on end of cable ;* p. sais, *the buoy placed just below the surface to prevent the ceann-mara (cable) lying on the bottom.* [** gives *pùt* as *gen.* of No. 1.]
put,(CR) *s.m.* Bruised swelling caused by a blow, as in fighting. 2 Spadeful of the caschrom. [1 & 2 *Ross-shire.*] Thug mi p. air, *I marked him* ; am p. fuaraidh, an ceap fuaraidh, *the first turned sod of a furrow.*
puta, see pait.
puta,* *s.m.* Trout—*North.* 2 see pùt 1.
pùtach, -aiche, *a.* Abounding in young grouse. 2 Of, or belonging to, buoys, like a buoy. 3 Producing young moorfowl. (bùtach.)
putach,** *a.* Pushing, shoving, jostling.
putadh, *3rd. sing. & pl.imp.* of put.
putadh, -aidh, -ean, *s.m.* Pushing, shoving, act of pushing, jostling. 2*Butting. 3 Piece of soil turned over at one time with a spade. 4 ‡‡Check. 5 ‡‡Quick turn.
puta-fuaraidh,(CR) *s.* First sod or spadeful of a furrow in delving.—*W. of Ross-shire.*
putag, -aig, -an, *s.f.* Oar-pin, rowlock, thole. 2 Bodkin. 3 Pudding. 4 Small ridge of land. 5 Haft or handle of a scythe.
putagach, -aiche, *a.* Of, having or pertaining to, thole-pins. 2 puddings, or 3 small ridges of land. 4**Having thole-pins, as a boat.
putagaich, *v.a.* Provide or furnish with thole-pins, as a boat.
putagaichte, *past pt.* of putagaich.
putagan,** -ain, *s.m.* Pudding, pock-pudding.
putain, *gen.sing. & n.pl.* of putan.



575. *Praiseach-bràthar. arvense.*



576. *Praiseach-fèidh.*

praiseach-fhiadhain,§ *s. f.* White goose-foot—*chenopodium album.*



577. *Praiseach-fhiadhain.*



578. *Praiseach-gharbh.*

prais ach-gharbh,§ *s.f.* Charlock, wild mustard —*sinapsis arvensis.*

———— -ghlas,§ *s. f.* White goosefoot, see p.-fhiadhain. [** gives fig-leaved goose-foot.]



579. *Praiseach-mhin.*



580. *Praiseach-na-mara,1.*

praiseach-mhin,§ *s.f.* Common orache—*atriplex hastata & patula.*

———— -na-mara,§ *s.f.* Sea-side goose-grass—*suæda maritima.* 2 Glass-wort, crab-grass—*salicornia herbacea.* § says the Gaelic name is used for both these plants indiscriminately.



581. *Praiseach-na-mara 2.*



582. *Praiseach-na-tràgha.*

praiseach-tràgha,§ *s. f.* Seakale—*crambe maritima.*

pràiseachd, *s.f.ind.* Brazenness.

praiseag,** -eig, -an, *s f.* Little pot.

pràiseallachd,(MS) *s.f.* Brassiness.

praig,** -e, *s.f.* Pottage.

prais-ghnùiseach, -eiche, *a.* Impudent.

pràisiche, -an, *s.m.* Brazier.

pràl, *v.n.* Beseech.

——ach,** *a.* Beseeching, craving.

——adh,** -aidh, *s.m.* Beseeching.

pràmh,-àimh, *s. m.* Slumber, nap, slight sleep. 2 Heaviness, drowsiness. 3 Grief, sorrow, dejection. 4*Melancholic dullness. [Properly *blear-eyedness* hence slumber, applied to a dozing condition, as, p. a' chadail, also to dimness, as, a' cur reultan fo phràmh.] Fo phràmh, *sleeping, slumbering* ; a' gabhail pràimh, *taking a nap* ; p. chadail, *a nap.*

pràmhach, -aiche, *a.* Sleepy, narcotic, lethargic, drowsy, slumbering, dozing. 2 Sad, sorrowful. 3**Disheartening.

————d, *s.f.ind.* Somnolency, drowsiness, lethargy, sleepiness. 2 Dejection, disheartenedness. 3 Sorrowfulness.

pràmhail, -e, see pràmhach.

————eachd, see pràmhachd.

pràmhalachd, see pràmhachd.

pràmhan, -ain, *s.m., dim.* of pràmh. Slumber. 2 Gloom, melancholy.

pràmh-chadal,(MM) *s.m.* Doze, slumber.

pràmh-cheò, *s.f.ind.* Slumber, sleepiness, inclination to sleep. 2 Stupidity. 3 Forgetfulness.

pramhtach, *a.* see prabhtach.

pramsgal, (DMy) *s.m.* Worthless talk. 2 Refuse of grain, &c.

†prann,** -ainn, *s.m.* Wave.

prann, see pronn.

prannasg, *s.f.* see pronnasg.

prannlair, -ean, *s.m.* see pronnadair 5.

————,* *v.a.* Scribble. 2 Mutter.

prantair, see pronnadair 5.

praonan, see braonan.

prap, -a, *a.* Quick, speedy, ready, sudden, *prov.*

——adh, -aidh, *s.m.* Quickness, *prov.*

prapag,(CR) *s.f.* Hay-cock of the smallest size, about 18 in. in height.—*Argyll.*

pràpanach, *s.m.* Child, boy. Gu 'm b' i siod an t-sùil àluinn bh' aig mo ph. bòidheach, *yon was the lovely eye that my beautiful (lively) child had—Filidh, p. 75.* (propairneach.)

prap-shùileachd, *s. f. ind.* Blearedness of the eyes.

pras,* *s.m.* Brass.

prasach, -aich, *s.f.* Manger, crib, stall. 2(AF) *s.m.* Fox. P.-each, *a horse-stall.*

prasair,* *s.m.* see pràisiche.

prasgan, -ain, -an, *s. m.* Little herd, flock, bunch or group. 2 Group of people, gang. 3 Mob, rabble, populace. P. ghabhar, *a flock of goats.*

————ach, -aiche, *a.* In little flocks. 2 Like a flock. 3†† Full of bundles or groups. 4 Like a gang or mob.

prat, -an, *s.m.ind.* Trick, artifice, prank. 2 (CR) Tantrum—*Arran.*

——ach,** *a.* Arch. 2 Pranky, tricky, mischievous.

——achd,** *s.f.* Archness.

——ail, -e, *a.* Tricky, pranky.

prathaig,(MS) *s.f.* Heap. 2 Crowd, rabble. 3 Varletry.

†preab, see breab.

†preabach, see breabach.
†preabadair, see breabadair.
preabag, see breabag.
preabail, see breabail.
preabair, see breabair & breabadair. 2**Brave man.
———achd, see breabadaireachd. 2**Acting bravely, gallantry.
preaban,** *s.m.* Circus. 2 see breaban. 3**Wincing horse. 4**Courtyard.
———ach, *a.* see breabanach.
———achd, see breabanachd (appx.)
———aiche, see breabanaiche.
preach,** *v.* Crucify. †2 Hold. †3 Stand,stay. ††**Gra p. †5 Punish.
preach,* *s.f.* Bog, marsh, morass. 2**Grasp, hold. 3* Little fen—*Argyll.* Chaidh a' bhò 'sa phreach, *the cow stuck in the bog.*
preach,*v.a.* Speak as with the voice of a bittern.
———ach,** *a.* Grasping, greedy, ravenous. Gu p., *greedily.*
———air,* -ean, *s.m.* Croaking preacher, miserable orator. Am p. grannda bodaich, *the ugly old croaking orator.*
———ag,(DMy) *s.f.* Any substance that, owing to its consistency, spreads when poured on the ground, as porridge, &c. When a woman falls in a heap, it is said, Thuit i 'na preachaig air an talamh.
preachain,** *s.f.* Bones taken out of pork when making bacon.
preachan, -ain, *s.m.* Mean orator.
preachan -ain, -an, *s.m.* Crow. 2 Raven. 3 Kite. 4 Moor-bittern 5 Little fen—*Argyll.* 6 (AF) Jackdaw. 7 (AF) Vulture 8 Any ravenous bird.
———ach, *s.m.* see preachan.
———ach, -aiche, *a.* Ravenous, vulturine, grasping, greedy, like a kite or other ravenous bird. 2 Querulous, croaking. 3 Full of little pits, kites or ravenous birds.
———achd, *s.f ind.* Ravenousness, voracity, greediness.
——— -ceannann, (ceann-fhionn) Osprey.
——— · ceirteach, Kite.
——— -cnàimheach, Raven.
——— -cnaimhlithgheach, see p.-cnàimheach.
——— -craosach, Vulture.
——— -gearr, Buzzard.
——— -ingneach, Vulture, see fang.
——— -nan-cearc, Ring-tailed kite.
preakaid,** *s.m.* Bishop. Gaelic spelling of *prelate.*
preamh, *Blair Athole* for pràmh (slumber.)
†preamh,** *s.m.* Root, stock. 2 Tribe. (freumh)
preas, *pr.pt.* a' preasadh, *v.a. & n.* Plait, fold, corrugate. 2 Braid. 3 Become wrinkled or corrugated. 4 Squeeze, crush by weight or force.
preas, pris, *pl.* -an & pris, *s.m.* Bush, shrub. 2 Thicket. 3 Brier. 4 Gaelic spelling of *press,* (cupboard,case.) Thilg i an leanabh fo aon de na preasan, *she threw the child under one of the shrubs;* am p. *in a thicket;* cha deach car do theadhair mu phreas, *your tether has not gone round the bush*—said of a person who looks well. *Preas* is not used in *Arran* where they say *craobh* for a garden bush and *tom* for a wild bush.
p.-chrabhsag, *a gooseberry-bush.*
p.-dhearc, p.-dhearcag, p.-nan-dearc, } *a berry bush.*
p.-dris, *a bramble-bush.*
p.-droighinn, *a thorn-bush.*
p.-fhiontag, *a cloudberry bush.*
p.-nan ros, *a rosebush.*
p.-nam-fiontag, *a cranberry bush.*
preas, -a, -an, *s.m.* Wrinkle, crease. 2 Plait,fold. 3 Corrugation. Tha preasan 'na aodann, *his face is wrinkled;* gun ph., gun smal, *without wrinkle or spot.*
———ach, -aiche, *a.* Furrowed, wrinkled, corrugated. 2 Striped. 3 Plaited. 4 Abounding in bushes. 5 Abounding in presses or cases. 5 Like a wrinkle. 6 Like a bush. Aghaidh ph., *a wrinkled face.*
———achail, -e, *a.* Corrugant.
———achd, *s.f.* Crispiness.
preasachadh, -aidh, *s.m.* Plaiting, act of plaiting, or folding. 2 Braiding. 3 State of becoming wrinkled or corrugated. 4 Wrinkle. Gun smal gun ph., *without spot or wrinkle.* A' p—, *pr.pt.* of preas.
preasag, -aig, -an, *s.f., dim.* of preas. Wrinkle, plait. 2 Little bush, little thicket. Làn ph., *full of wrinkles.*
———ach, -aiche, *a.* Wrinkled, plaited, full of wrinkles.
preasaich, *v.* see preas.
preasan, -ain, -an, *s.m.dim.* of preas. Little bush. 2 Free-will offering, 3 Wedding boon.
preasan, *n.pl.* of preas.
preasant, Gaelic spelling of *present.* [* "preasantan" hens' eggs given to landlords by tenants as a part of the rent—in *Irish,* a wedding-present. " preasanta," a hen so given.]
preasarlach,(MS) *s.m.* Coppice.
preasarnach, -aich, *s.f.* Shrubbery, arbour,place full of shrubs or thickets.
——— ———d, *s.f.* Bushiness.
preas-deilgneach,§ *s.m.* Barberry, see barbrag.
preas-droighinn,** *s.m.* Thorn-bush. Mar phreas droighinn, *like a thorn-bush.*
preas-earnag, see àirne.



583 Preas groiseid.

preas-groiseid,§ *s. m.* Gooseberry bush—*ribes grossularia.*
preaslach,(MS) *s.m* Undergrowth.
preas-mhucag,* see ros nan-con.
preas-minneachaidh, *s.m.* Mangle.
preas-nam-mucag,§ *s.m.* Dog-rose, see ròs-nan-con.
preas-nan-àirneag,§ *s. m.* Blackthorn, sloe—*prunus spinosa.*
preas-nan-geur-dhearc,§ *s.m.* Barberry, see bàrbrag.
preas-nan-gorm-dhearc,§ *s. m.* Blue bramble, dewberry bush—*rubus cæsius.* Badge of the MacNabs. (ill. 584.)
preas-nan-sgeachag,§*s.m.* Whitethorn,hawthorn, see sgitheach geal.
preas-nan-smeur,** *s m.* Bramble.
preas-nan-spiontag,** *s.m.* Currant-bush.
preas-shuidheag,§ *s. m.* Raspberry, see preas-sùbh-chraobh.
preas-sùbh-chraobh,§ *s. m.* Raspberry—*rubus*



584. *Preas-nan-gorm-dheare.*



585. *Preas-subh-chraobh.*

ıdœus

preastardh,** *a* Unable to bear cold. 2 Timid

preathal,** -ail, -an, *s.m.* Dizziness, see breith-eal.

preathalach, *a.* Dizzy, confounded. see breith-ealach.

———adh, see breithealachadh. (appx.)

preathalaich, see breithealaich.

préisgeadh, *s.m.* Preaching.

priacail,** *s.f.* Danger.

priam, see pràmh.

prib, see prìob.

pribhleid, Gaelic spelling of *privilege.*

pribleach,** *a., contr.* of prìob-shuileach.

pric,** *v.* Gaelic spelling of *prick.*

priceadh, *s.m.* Pricking. 2 Stinging.

prigear,(MS) *s.m.* Higgler. (*Scots,* prigger)

prigeireachd,** *s. f.* Chaffery. 2 Higgling. (*Scots,* prigging.)

prighig, *v.a.* Fry.

———eadh, -idh, *s.m.* Frying, act of frying. A' p—, *pr pt.* of prighig.

prigiun,** *s.f.* Haggling (*Scots,* prigging.)

primideach, *a.* Primitive,ancient, original,radical, not derived. Facal p., *a primitive word.*

———d,** *s. f.* Primitiveness, originality, radicalness.

†primidil, *s.f.* Firstlings, first produce or offerings.

prine, -achan, *s.m.* Pin, as used in fastening clothes. P. reamhar, *a blanket-pin;* p.-iaruinn, *an iron pin.*

——ach, *a.* Abounding in pins.

——achadh, -aidh, *s.m.* Act of pinning, securing with pins. A' p—, *pr pt.* of prinich.

prineachan, -ain, -an, *s m.,dim.* of prine. Little pin. 2 Pin-case. 3 Pin-cushion. 4 *pl.* of prine.

prinich, *pr.pt* a' prìneachadh, *v. a.* Tuck, pin, secure with pins

———te, *past pt.* of prinich. Pinned, fastened or secured with pins.

priob, *pr.pt.* a' priobadh, *v. a.* Wink, twinkle, as the eye. Cha do ph. mo shuil, *I did not sleep a wink.*

priob,** *s.m.* Wink, twinkle of the eye.

———ach,** *a.* Winking. 2 Having a habit of winking, twinkling.

priobadh, -aidh, -ean, *s.m* Winking, act of winking, act of winking or twinkling. 2 Twinkle, wink. 3 Moment. 4 Glimpse. Bi an seo am priobadh, *be here in a twinkling;* p. cadail, *a wink of sleep.*

priobaiche,** *s m.* linkard.

priobaid, -e, -ean, *s f* Trifle 2 Evergreen privet, see ras-chrann-siorraidhe.

priobair, -ean, *s.m.* Worthless fellow, blinkard. 2 Miser.

———eachd, *s.f.* Meanness of spirit. 2 Avarice.

priobairneach, -ich, *s.m.* Rousing, any sudden excitement.

priobairtich, *s.f.* see priobaireachd.

†priobarach, -aiche, *a.* Brave, heroic. 2 Quick.

†———d, *s. f.* Bravery, heroism, gallant conduct.

priobarsaich, *s.f.* see priobaireachd.

priobhaid, *s.f.* Secret. 2 Secrecy, privacy.

priob-losgadh, -aidh, -ean, *s.m.* Sudden burning or sense of heat. 2 Twinkling. 3 Sparkle, blaze.

priob-luasgach,(MS) *a.* Frisky.

priob-luasgadh,(MS) *s.m.* Anxiety, ecstasy.

priob-shùil, *s.f.* Twinkling eye.

priob shuileach,** *a.* Winking. 2 Having the habit of winking or twinkling.

†prioc, *v.a.* Prick, sting.

———adh, -aidh, *s.m.* Pricking. 2 Stinging. 3 Puncture.

†priodal, -ail, see briodal.

prioga-breac,(AF) *s.m.* Sturgeon.

prioghainn,* *s.f.* Sauce or seasoning in viands. 2 Choice food.

———ich, *v.a.* Season, as viands. 2 Feed with choice food.

priomh, *a & prefix* Prime,chief, principal,first.

———-abhainn, *s.f.* Large river.

———ach,** *a.* Principal, chief. 2 Supreme. 3 Fond of superiority.

———ach,** *s.m.* Favourite.

———achd, *s.f.* Source. 2**Supremacy. 3** Principality.

———adh,** -aidh, *s.m.* Primate.

———-aimsireach,** *a.* Antediluvian.

priomhair, -ean, *s.m.* Premier, prime-minister. 2 Chief man, nobie, chief.

priomh-arcal,** -ail, *s.m.* Main beam.

priomh-athair, -athar, -athraichean, *s.m.* Patriarch, progenitor, ancestor.

priomh-athaireach,** *a.* Patriarchal.

———————as, *s.m.* Patriarchate.

priomh-athaireil, *a.* Patriarchal.

priomh-bhaile, -bhailtean, *s.m.* Chief town, metropolis, capital.

priomh-bhailteach, *a.* Metropolitan.

priomh-bhan-diùc,** *s.m.* Arch-duchess.

priomh-bhard, *s.m.* Chief bard or poet, poet laureate.

priomh-chathair, -chathrach, -chathraichean, *s.f.* Chief town, metropolis.

priomh-cheann, -chinn, *s.m.* Supreme head.

priomh-chiall, -chéille, *s.f.* Great understanding, supreme or superior wisdom. 2 Primary sense, as of a word.

priomh-chlachair, -ean, *s.m.* Architect.

———————eachd,** *s.f.* Architecture.

priomh-chlàr, -àir, -an, *s.m.* Autograph, original writing.

———-ach,** *a.* Autographical.

priomh-chléireach, -ich, *s. m.* Prime notary, proto-notary, chief secretary, chief clerk.

priomh-chléir Ian achd,** *s.f.* Employment or office of chief clerk.

priomh-cholltas, -ais, -an, *s.m.* Archetype.

priomh-choslach,** *a.* Archetypal.

priomh-choslas, -ais, -an, see priomh-cholltas.

priomh-chrann, -chroinn *pl.* -chroinn [& -chrannan] *s. m.* Main-mast.

priomh-dhiadhair, -ean, *s.m.* Chief divine.

priomh-dhiùc, -an, *s.m.* Archduke.

priomh-dhraoidh, -e, -an, *s.m.* Arch-druid.

priomh-dhuine, -dhaoine, *s. m.* Noble, chief, grandee.

priomh-dhion-sgéith, Greater wing coverts, see No. 5, p 328.

priomh-eaglais, -ean, *s.f.* The primitive church.

2 Cathedral. 3 Established church. 4 High church.

priomhear, -ir, *s.m.* see priomhair.

priomh-easbuigeachd,** see priomh-easbuigeachd.

priomh-easbuig, -ean, *s.m.* Metropolitan, archbishop.

————————each, *a.* Archepiscopal.

————————eachd, *s.f.* Archbishopric. 2 Dignity of an archbishop.

priomh-fhàidh, -ean, *s.m.* Ancient prophet, chief prophet. 2 Primate. 3 Archbishop.

priomh-ghineadais,** -ais, *s.m.* Primogeniture. A thaobh còir priomh-ghineadais, *by right of primogeniture.*

priomh-ghleus, -a, -an, *s.m.* Beginning, foundation.

priomhlaid,* -ean, *s.m.* Prebendary. Gaelic spelling of *prelate.*

————————each, *a.* Prelatical.

————————eachd, *s.f.* Prelacy.

priomh-laoch, -laoich, *s.m.* Great hero, hero of the first order.

priomh-long, -luing, -an, *s.f.* First-rate ship. 2 Admiral's ship.

priomh-long-phort,** -phuirt, *s. m.* Royal residence. 2 Principal sea-port or fort. 3 Principal camp.

priomh-luingeas, -eis, -an, *s.f.* see priomh-long.

priomh-mhuinntir, *s.coll.* Aborigines.

priomh-phrionnsa, -an & -achan, *s. m.* Prince-royal.

priomh-shamhlachail, *a.* Archetypal.

priomh-shamhladh, *s.m.* Archetype.

priomh-sheòl, -shiùil, *s.m.* Main-sail. Thog iad am p., *they hoisted the main-sail.*

priomh-shona,** *a.* Supremely happy, supremely blessed.

priomh-shonas, -ais, *s.m.* Supreme or chief happiness. 'Se am p. a bhi 'creachadh, *their chief happiness is to plunder.*

priomh-shluagh, -shluaigh, *s.m.* Aboriginal inhabitants of any country.

priomh-thùs, -ùis, *s.m.* Beginning, origin. 2 Foundation. 3 Principle. 4 Element.

priomh-uachdaran, -ain, *pl.* -ain & -an, *s. m.* Chief ruler.

————————————achd, *s.f.* Supremacy, supreme rule or authority.

priomh-ùghdair, -ean, *s.m.* Original author, inventor.

†priomh-ùrlamh, -aimhe, *a.* Ready-handed. 2 First engaging.

priompallan, -ain, *s.m.* Beetle. 2 Noise like that of a beetle.

————————ach, *a.* Like a beetle. 2 Making a noise like a beetle.

prionnsa, *pl.* prionnsan, prionnsaidh & prionnsachan, *s.m.* Prince.

prionnsach, -aiche, *a.* see prionnsail.

prionnsachail, -e, *a.* see prionnsail.

prionnsachan, *n.pl.* of prionnsa.

prionnsachd, *s.f.* see prionnsalachd.

prionnsadh, see prionnsa.

prionnsaidh, *n.pl.* of prionnsa.

prionnsail, -e, *a.* Princely, like a prince, royal, authoritative,influential,commanding respect.

————————eachd, see prionnsalachd.

prionnsalach,†‡ -aiche, *a.* Princely. 2 Authoritative, commanding respect, influential.

prionnsalachd, *s. f.* Principality. 2 Princeliness.

prionnsan, *n.pl.* of prionnsa.

prionnt, Gaelic spelling of *print.*

————————air, Gaelic spelling of *printer.*

————————aireachd, *s.f.* Printer's work, printing.

prìosan, -ain, -an, *s.m.* Prison, gaol. Am p., *in prison.*

prìosanach, -aich, *s.m.* Prisoner, captive.

————————, -aiche, *a.* Very confined, within narrow bounds.

————————aih, -aidh, *s.m.* Imprisoning. act of imprisoning, imprisonment. keeping in bondage. A' p—, *pr.pt.* of prìosanaich.

————————d, *s f.* Imprisonment, captivity.

prìosanaich. *pr.pt.* a' prìosanachadh, *v. a.* Imprison, incarcerate. 2 Take captive.

————————, *gen.sing. & n.pl.* of prìosanach.

————————te, *past pt.* Imprisoned,incarcerated.

prìosantachd,** *s.f.* Arctation.

prìosun, -uin, see prìosan.

pris, *gen.sing. & n.pl.* of preas.

pris, -e, -ean, *s.f.* Price, value, rate, worth. 2 Respect, esteem. Ciod a' ph. dh? *what is its price?* 'ga chur am p., *raising it in estimation:* tha e am p., *it is in high estimation;* p. na circe, *the value of the hen;* p. a' phrine, *the value of the pin.*

priseachaih, -aidh, -aidhean, *s.m* Estimating, act of estimating or valuing, valuation. A' *pr. pt.* of prisich.

prìseadh, -eidh, *s.m.* Valuing, valuation. [ness.

prìsealachd, *s f ind.* Value, preciousness, dear-

prìsean, -ein, -an, *s m., dim.* of preas. Little bush. 2 Little thicket.

prìsean, *n.pl.* of pris.

prìseil, -e, *a.* Precious, valuable, dear.

prìsich, *v.a.* Estimate, fix the price, price, value. 2 Prize.

pris-toil,(CR) *s.f.* Clatter—*Perthshire.* Na leig a mhàin e le p., *do not let it down with a clatter* or *suddenly;* thàinig e staigh le p., *he came rushing in.*

prò,(DMy) *a.* Croaky, harsh. 2 Stentorian, deep, as a bass voice. 3 The opposite of *binn.*

†probhaidh,** -aidh, *s.m.* Proof.

probhaid, -e, -ean, *s.f.* Profit.

————————each, *a.* Profitable.

————————eil, -e, *a.* Advantageous, profitable.

————————ich, *v.* Profit, advantage.

probhaist, -ean, *s. m.* Provost. 2 *in derision,* Corpulent or clumsy fellow.

————————each, -eiche, *a.* Of, or belonging to, a provost. 2 Corpulent, clumsy.

†probhal, -ail, *s.m.* Consul.

————————ach. *a.* Consular.

————————achd. *s f.* Consulate.

procach, see progach.

procadair, -ean, *s.m.* Advocate, procurator. 2 Man of business. P. righ, *a king's advocate.*

————————eachd, *s.f.* Procuratorship. 2 Business of a proctor. 3 Pleading. 4 Importunity.

procaid,(DU) *s.f.* Conversation carried on in low tones for the sake of secrecy.

prochdair, Gaelic spelling of *proctor.*

————————eachd, *s.f.* Proctorship.

prog ! (CR) *int.* Call for a horse—*Perthshire, Badenoch & N. Argyll.*

progach,(AF)*s.m.* One-year-old stag.—*Suth'd.*

progaidh ! *int.* see prog.

proghain, *s.f.* Care.

————————each, *a.* In care or anxiety.

proghan, -ain, *s.m.* Dregs, lees, sediment, refuse. 2(DU) Mixture of the remains of different foods used to feed calves.

————————ach, *a.* Full of dregs, sediment or lees. 2 In care or anxiety.

proidhid, see probhaid.

————————eil, see probhaideil.

————————ich, see probhaidich.

proidseach, see proitseach.

proimbeallan,** see proimsheillean.

proimhidh, -e, *a.* Fat, *prov.*

proimsheillean, -ein, *s. m.* Drone bee. 2 Beetle.

proinistear, *Perth* for pronnasg.
proinn, -e, -ean, *s.f.* Dinner. 2 Meal. 3 Voracity. 4 *q.v.* of pronn.
proinne, *comp.* of pronn.
———ach,(AH) *s.f.* Fish of a good size. Bha 'n sgadan a dh' iasgaich sinn an raoir p. laghach, *the herring we caught last night were of a fair size.* (also broinneag.)
———achadh, -aidh, *s.m.* Dieting. 2 Diet. 3 Dinner 4 Dining.
proinnich, *pr.pt.* a' proinneachadh, *v.n.* Dine. 2 Take a meal.
proinnistean, see pronnasg.
proinn-lann, -a, -ainn, -an, *s.m.* Refectory, dining room, eating-room.
proinn-lios,** see proinu-lann.
proinnte, *a. & past pt.* of proinn. Pounded, mashed, pulverized, mauled, bruised.
proinnteach, -eich, -eichean, *s.f.* Same meanings as proinn-lann.
———d, *s.f.* Grittiness.
proinstear, *Perth* for pronnasg.
pròis, -e, *s.f.* Pride, haughtiness. 2 Flattery. 3 Humouring, cajoling. 4 Ceremony. 5 Neat, punctilious little female, prude. 6 (DU)Conceit. 7**Niceness. Bean gun ph., *a wife without pride.*
pròis,** *v.a.* Tiddle. 2 (CR) Beseech, entreat, urge—*Perthshire.* 3**Flatter, cajole, put in good humour.
proisdeal, -eil, -an, *s.m.* Bottle.
pròiseach,** *a.* Apt to flatter. 2 Ready to humour. 3 Requiring flattery or humour.
pròiseadh,** -idh, *s.m.* Flattering. 2 Humouring, cajoling.
pròiseag, -eig, -an, *s.f.* Prude, coquette.
pròiseil,** *a.* see proiseil.
———achd, *s.f.inl.* Pride, haughtiness. 2 Punctiliousness, niceness, ceremoniousness. 2 Humouring flattering. 3 Punctilious prudery or neatness.
pròisean, -ein, -an, *s.m.* Proud or haughty person. 2 Puppy, conceited person. 3**One who flatters or humours. 4 One who requires to be flattered or humoured.
pròiseil, -e, *a.* Proud, haughty. 2 Ceremonious, nice, punctilious. 3 Gallant. 4** Requiring flattery or cajoling. 5 Conceited, foppish. 6 *Uppish, as a prude. 7*Neat, little and punctilious.
proitseach, -ich, *s.m.* Boy, stripling. 2* Good lump of a boy.
pronaistear, *W. Perthshire* for pronnasg.
pronastal, see pronnasg.
pronastan,(CR) *Sleat & Lewis* for pronnasg.
pronn, -oinn & -uinn, *s.m.* The coarsest part of oatmeal with the seeds left in sifting. 2 (AF) Pollard (fish.) 3 Food. 4 Dinner. 5(D My) Ground oats for sowens. (also p.-coirce.) Ghabh iad p. agus deoch, *they took food and drink.*
pronn, *pr.pt.* a' pronnadh, *v. a.* Pound, bray, mash, bruise. 2** Grind, pulverize, mince. 3 Maul. 4 *Mutter. †5 Give, bestow, distribute. Ged ph. thu amadan, *though thou bray a fool* ; thug e là air pronnadh òir, *he spent a day in distributing gold* ; le phuirt thrilleanta shiubhlach, 'phronnar luthmhor le dion, *with quavering, brisk tunes played quickly* with keenness—*MacMh. Alasdair, Oran an t.-Sòg* ; crunluath lomara 'ga phronnadh, *a "crunluath" being pounded or broken—i.e.* the continuous sound of the pipe-tune being broken into small fragments or short notes. —*Mol. an Leòmh., 10. 13.*
pronn, pruinne, *a.* Pounded, brayed, mashed. 2 ** In fragments. 3 Crisp, brittle, friable. 4**Smooth. Siùcar p., *moist sugar.*
pronnach, -aiche, *a.* That pounds or breaks into fragments, pulverizing, dividing, distributing. 2 Generous. 3 "Drossy."
———, -aich, *s.f.* Anything pounded or broken in small fragments, "dross."
pronn-dair, -ean, *s.m.* One who mashes or pounds. 2 Mortar. 3 Pestle. 4 Grinder, bruiser. 5**Hammer.
———achd, *s.f.* Pounding, braying, breaking into fragments, bruising.
pronnadh, -aidh, *s.m.* Pounding, act of pounding, braying, breaking or mashing. 2 Bruise, bruising. 3 Spliutering, grinding, mincing. 4 see pronndal. A' p—, *pr.pt.* of pronn.
†pronnadh, -aidh, *s.m.* Distributing, giving, bestowing. 2 Generosity. 3 Destruction.
pronnag, -aig, -an, *s.f.* Small crumb. 2 "Dross." 3 Anything minced or pulverized.
———ach, -aiche, *a.* In fragments, pulverized. 2**" Drossy."
pronnaich,(MS) *v.a.* Grind.
pronnal, -ail, *s.m.* see pronndal.
———ach, -aich, see pronndalach.
———aich, -e, see pronndalaich.
————sainneachd,** *s.f.ind.* Jurisdiction of a constable.
sithne, *gen.sing.* of sithionn & sitheann.
sithneachan, *n.pl.* of sithne.
sithnne, see sine.
————ach, see sineach.
————an, *n.pl.* of sithnne.
sìth-shaimh, -e, *s.f.* Peace, peacefulness, quiet, tranquility.
————————each, -eiche, *a.* Tranquil, peaceful.
sith-sheirc,** *s.f.* Constant affection.
————eil,** *a.* Constantly affectionate.
sithte, *a.* Glad, pleased, contented. Tha mi ro sh. dheth sin, *I am very glad of that—Suth'd.*
sìth-thàmh,†† -e, *s.f.* Tranquility, peaceful rest. 2 Supineness.
————ach,†† *a.* Tranquil.
————achd,** *s.f.* Enjoyment of peaceful rest or sound repose.
sitig, -e, -ean, *s.f.* Rafter laid across the part of a kiln on which corn is kiln-dried. 2**Dunghill. Saighdear-sitig, *a dunghill soldier, a fireside warrior*—a term applied contemptuously to holiday soldiers.
sitin, see siteag.
——each, see siteagach.
sitinn, -e, -ean, see sitig.
sitir, -e, *s.f.* Bray, neighing of a horse.
sitir,* *v.n.* Neigh, as a horse.
sitireach, see sitreach.
sitireun, see sgirean.
sitirich, see sitrich.
sitreach, -eiche, *a.* Neighing.
sitrich, *v.n.* Bray, neigh, as a horse. 2 Sneeze.
————, *s.f.ind.* Neighing of a horse, continuous neighing. 2 Act of neighing. 3 Sneezing. 4 Tittering.
sit-sit ! *int.* Hush !
————e, -an, *s.m.* Brayer.
sitta,§ *s.* Shittah tree—*acacia seyal.*
siu, see seo.
siubhad,(DU) *v.* Equivalent to *imp.* of siubhal. The only part in use—*Gairloch.*
siubhail, *pr.pt.* a' siubhal, *v. a. & n.* Go, move, walk, stroll. 2 Depart, set off. 3 Fly, vanish. 4 Die. 5 Pass over, traverse. 6*Search. 7 March. Siùbhlaidh sinn le 'n anam do 'n àraich, *we shall accompany their souls to the battlefield ;* sh. mi am baile, *I traversed the whole town ;* siùbhlaidh sinn gu léir, *we shall all die ;* siùbhlaidh an t-saighead, *the arrow shall fly.*
siubhal, -ail, *pl.* siùbhlaichean, *s. m.* Moving, act of moving or walking. 2 Departing, act of departing. 3 Dying, act or state of dying. 4 Traversing, act of traversing or travelling. 5 Motion, progress. 6 March, journey. 7 Turn, course. 8 Certain part of a tune, see *ceòl mór,* in appendix. 9 Ruin, extinction, destruction. 10 Dysentry, diarrhœa. 11*Searching. 12 Driving, as a cart. 13 Flight. 14** Swiftness. 15 Travail. A' s—, *pr.pt.* of siubhail.

A' siubhal a' bhaile, *traversing the town ;* tha e a' siubhal, *he is dying ;* seo mo sh.-sa, *this is my turn;* marsantan-siubhail, *travellers;* tha i air sh., *she is salacious ;* air an t-s. seo, *at this time ;* s. eile, *at another time ;* bithidh fios do sheud 's do shiubhail agam-sa, *I will know the object of your journey ;* s. a chaidh mi do 'n Ghalltachd, *a journey I took to the Lowlands ;* an dubh-shiubhlach, *the street-walker ;* air gach s., *at every trip;* bean-siubhla, *a woman in child-bed ;* luidhe-shiubhladh, *confinement at or before child-bed ;* tha s. sìth aig bàta-tòrraidh, *a funeral-barge aye gets a quiet sea*—as in many other matters, so here, the exception may be said to prove the rule, for there have been plenty of instances where funeral-barges have been overturned by the elements, and the corpses of mourned and mourners have been recovered together. S.-fola, *a bloody-flux ;* biadh-siubhail, *provision for a journey ;* tha e a' siuohal gu dian, *he driveth furiously.*
siubhalach, see siùbhlach.
siubhalaiche,** *s.m.* Traveller, wayfaring man. 2 Pedestrian. 3 Stroller.
siubhaltair, *s.m.* Perambulator.
†siubhas, *adv.* Before.
siùbhla, see luighe-siùbhla.
siubhlach, -aich, -aichean, *s.m. & f.* Vagrant man or woman.
†siubhios, *adv.* Before.
siùbhlach, -aiche, *a.* Swift, speedy. 2 Nimble. 3 Fleeting, speeding, passing away. 4 Wandering, fond of wandering, ambulatory. 5 Restless, transient. 6 Fluent. 7 Traversing. 8 Travelling, moving. 9 Migrating, flitting. 10 Departing. Aighean s., *restless deer.*
siùbhlachadh,(MS) *s.m.* Acceleration.
siùbhlachail, -e, *a.* Locomotive.
siùbhlachan, -ain, -an, *s.m.* Traveller, one fond of travelling or wandering. 2 Stream, rivulet.
siùbhlachas, -ais, *s. m.* Swiftness, speediness, speed. 2 Nimbleness. 3 Habit of travelling or wandering. 4 Pedestrianism. 5 Fluency.
siùbhlachd, *s.f.ind.* see siùbhlachas. 2 Continued travelling, moving or flitting. 3 Restlessness. 4 Transientness.
siùbhladh, -aidh, *s.m.* Ambulation, travelling, departure, motion. 2 Death. 3 Looseness of the bowels.
siùbhlaiche, see siubhalaiche.
siùbhlaichean, *pl.* of siubhal.
siùbhlaideach, -eiche, *a.* see siùbhlach.
————————d, *s.f.* see siùbhlachas.
siuc ! *int.* Word by which horses are called. 2 Away, begone. disperse—*Sàr-Obair.*
siuc, -a, *a.* Dry, parched. 2 Scorched. (for sioc.)
siucain,(MMcD) see surcain.
siùcar, -air, *s.m.* Sugar. S. pronn, *moist sugar;* s. candaidh, *candied sugar ;* s. dubh, *liquorice;* s. geal, *white sugar.*
————ach, -aiche, *a.* Abounding in sugar. 2 Like sugar, sugary, saccharine, sweet.
siuch,* *s.m* Drain, sewer.
siuchag,(AH) *s.f.* Small patch of smooth green sward amid rough heathery ground.
siùd, *pr.pt.* a' siùdadh, *v.a.* Swing, rock to sleep, dandle. 2 Fondle. 3*Fall to.
siùdadh, -aidh, *s.m.* Swinging, act of swinging, vibrating or rocking. A' *pr.pt.* of siùd.
siudadh,* *s.m.* Commencement.
siùdagain, *v.a.* see siùd.
siùdagan, *s.m. & pr.pt.* see siùdan.
————ach, -aiche, *a.* see siùdanach.
siùdain, *pr.pt.* a' siùdan, *v.a.* Same meanings as siùd.
————, *gen.sing.* of siùdan.
siùdan, -ain, -an, *s.m.* Swinging, rocking, vibrating. 2 Swing. 3 Oscillation. 4**Any instrument for swinging or rocking on. A' s—, *pr.pt.* of siùdain. A' s. a nunn 's a nall, *oscillating this way and that way ;* ri s. *vibrating, swinging ;* slat shiùdain, *a pendulum.*
siùdanach, -aiche, *a.* Swinging, rocking, oscil-

lating, vibrating, dandling. 2 Bond of swinging, to sing or dandling.
siùdanachadh,** -aidh, *s. m.* Swinging, tossing, dandling, rocking.
siùdanachd,** *s.f.* Jactitation, rustling, rocking, swinging, dandling, amusement of swinging.
siùdanadh,(DU) *s.m.* Act of swinging or rocking to sleep—*Gairloch.*
siùdanaich, see siùdain.
siug ! *int.* Mode of calling hens. 2‡ Call to drive away hens. 3 (AH) In *N. Argyll*, mode of driving away hens, *diug* being the *int.* used to call them towards one.
siùil, *gen sing. & n.pl.* of seòl (sail.)
‡siuir, *s.f.* Sister.
siuilmhor, see suilbhear.
siulpan, *s.m.* Short stout stick. 2 Policeman's baton—*Suth'd.* (siolpan.) 3 (DU) Short thick stick used for threshing corn. 4 (DU) The part of a flail that strikes the corn.
siumrag, see seamrag.
siunan,** -ain, *s.m.* Vessel made of straw to hold meal.
siunas, -ais, see sunais.
siunn, see sonn.
siunnachan, see sionnachan.
siunnailt, *s. f.* Likeness, comparison, resemblance—*Sar-Obair.*
‡siunnsa, *s.m.* Sense.
siunnsaireachd,** *s f.* see seannsaireachd.
siunnsar, -air, -ean, *s.m.* see seannsair.
————ach, -aiche, *a.* see seannsaireach.
siup, -a, -an, *s.m.* Tail, appendage.
siupach, -aiche, *a.* Having a foolish tail or appendage.
siurdan ** *v.n.* Rattle, rustle, make a noise.
siurdan,** -ain, *s.m.* Tattle. 2 Rattling noise. 3 Rustling noise.
siurdanach,** *a.* Rattling. 2 Noisy. 3 Rustling.
————d,** *s.f.* Continued rattling or rustling.
siurdanadh,** -aidh, *s.m.* Rattling, rustling, rattling or rustling noise.
siùrra feamainn, *s.* Wrack along the watermark, mistranslated "seaweed seekers" in *W. H. Tales.*
siurran,** -ain, *s. m.* Giddiness. 2 Drunkenness. 3 Watery mist.
siùrsach, -aich, -aichean, *s. f.* Whore, strumpet.
siùrsachail, -e, *a.* Unchaste, whorish.
siursachalachd, *s.f.ind.* Unchasteness.
siùrsachd, *s.f.ind.* Whoredom, prostitution.
siùrsaich, *gen.sing.* of siùrsach.
siùrsaiche,(MS) *s.m.* Belswagger, debauchee.
siùrsaichean, *n.pl.* of siùrsach.
siùrsaidheachd, see siùrsachd.
siùrsair,* -ean, *s.m.* Whoremonger.
siurtach, -aich, -aichean, *s.f.* see siùrsach.
siurtachail,** *a.* Whorish.
siùrtachd,** see siùrsachd.
siùrtaich, *gen.sing.* of siùrtach.
siùrtaichean, *n.pl.* of siùrtach.
siurtag,** -aig, see sùrdag.
siurtagach, see sùrdagach.
siùsan,** -ain, *s.m,* Humming noise. 2 Buzz, buzzing. 3 Whisper.
siùsanach,** *a.* Humming. 2 Whispering.
siùsanadh,** -aidh, *s.m.* Humming, hum. 2 Whispering, whisper.
siùsarnadh, -aidh, see siùsanadh.
siùsarnach, *s.f.* Whispering.
siutach, (DMy) *a.* Thievish.
siutair,(DMy) *s.m.* Thief.
siuthad, *v. def.* Say away, begin, go on, help yourself. *Pl.* siuthadaibh, only used in *2nd. pers. pl. imp.*
siuthadadh,* -aidh. *s.m.* Commencement.
siuthadaibh, *v. def.* Say ye.
slabag,** -aig, -an, *s.f.* Slut, slattern.
slàbair,** -ean, *s m.* Sloven, draggler. 2 One who works among mire.
slàbaireachd,** *s. f.* Slovenliness. 2 Working among mud or mire. 3 Miriness.
slàban,** -ain, *s.m.* Sloven, draggler.
————ach,** *a.* Slovenly, dirty. 2 Miry.
slabhacan, see slabhagan.
slabhag, -aig, -an, *s.f.* Horn-pith. 2 Socket of horn. 3 Tenderling, deer's first horn.
slabhagan, -ain, *s.m.* Kind of reddish seaweed, an article of food formerly cooked till it dissolved, when it was eaten with bread and butter. see slòcan. [McL & D gives slabhgan.]
slabhaig, see slaoic.
slabhaigeadh,(CR) *s.m.* Beaten eggs spread on oatcake before it is turned in firing. This is done when the cake is to be used as provision on a journey, and prevents it from crumbling—*W. of Ross-shire* The cake thus treated is "aran slabhaigidh," *(Gairloch)* but is applied to cakes that have not been spread over with egg—DU.
slabhar,** *a.* Narrow.
slabhartaich, *v.a.* Slap.
slabhcar,‡ -air, *s.m.* Slouching fellow. 2 Taunter. 3 Spiritless fellow—*Suth'd.*
slabhraich, *v a.* Shackle.
slabhradair,* -ean, *s.m.* Chair-maker.
slabhraidh, -e [& sluibhre]. -aidhean, *s.f* Chain. 2 Pot-hanger. 3(AF) Cattle, herds Tinne na slabhraidh, *a link of the chain*; s. òir *a gold chain*; as na slabhraidh, *the pot-hook. d-ath.*
slabhraidheach, -eiche, *a.* Furnished with chains. 2 Of chains.
slabhruidh, see slabhraidh.
slac, *v. a.* Thrash, beat with a mallet. 2 Dash against. 3 Cane, drub. 4 Bang. 5 Bruise. 6 Strike with a batlet. 7 Maul.
slac, *s.m.* Mallet.
slachdach,**a. Prone or inclined to beat, thrash, maul or bruise.
slacadaich,(DU) *s.f.* Sound made by beating with a heavy body.
slacadh, -aidh, *s.m.* Thrashing, act of thrashing or beating, as with a mallet. 2 Dashing, act of dashing against. 3 Bruising. 4 Slaughtering, act of slaughtering. A's—, *pr. pt.* of slac.
slacaich, *v.a.* see slac.
slacainn,** *v.n.* Beat, maul, bruise, thrash.
slacainn, *v.a.* see slac.
————, *s.* see slacadh.
slacainn, *s. f.* Beating, thrashing, mauling, bruising. Fhuair e s., *he received a thrashing*; thoir a dheagh sh. dha, *give him a good thrashing.*
slacair,** *v.a.* see slacainn.
slac ir, -ean, *s. m.* Thrasher, one that beats with a mallet or beetle. 2 Slaughterer. 3 Bruiser.
slacaireachd, *s. f. ind.* Thrashing, beating, noise of hard labour. 2 Constant dashing of one thing against another. 3 Slaughtering. 4** Business of slaughtering. 5 Bruising. 6 Baffeting. 7 Striking with a batlet.
slacairt,** *s. f.* Beating, thrashing, bruising, mauling.
slacan, -ain, -an, *s.m.* Beetle, mallet for washing clothes or fulling cloth. 2 Impediment, drawback. 3 Brake of a cycle. 4 Block of wood, or any weight tied to an animal to prevent its escape. 5 Bat, as for cricket, rounders, &c. 7†† Club. S.-druidheachd, *a*

magic wand.

s'acan, *s.m.* Circular depression, like a kiln.

slacanaich, *v.a.* see slac. 2 s. see slacaireachd.

slacan-bàta, *s.pl.* Davits of a boat. (No 16, p.76.)

slacan-creagair, *s.m.* Cricket-bat

slacaraich, *s.f.* Battery. 2 Beating, thrashing, mauling, buffeting. 3 Continued beating or thrashing. 4 Beating with a batlet.

slachd, see slac.

slachdach, see slacach.

slachdaich, *v.* see slac.

slachdair, see slacair.

slachdan, see slacan.

slachdanaich, see slacanaich.

slachdraich, see slacraich.

slachduinn, see slacainn.

slacran, -ain, *s.m.* Battering-ram.

slacraich, -e, *s.f.* Maul. 2†† Beating, thrashing. 3†† Noise of beating, or ponderous hammering. 4 Buffeting. Bhiodh laoich churraidh slacraich bhàis 'nuair 'bu trod 'bu bheus doibh. *stout heroes would give death-dealing blows when scolding was their frame of mind—Duanaire, 103.*

s acra, *past pt.* of slac. Beaten with a mallet or beetle. 2 Dashed against. 3 Slaughtered.

s acruinn, see slacainn.

s ad, -aid, *s.m.* Theft, robbery. 2 Plunder, booty. 3* Havoc, carnage. 'S iad a rinn an s ! *what havoc they have made !* 's ann an sin a bha an s. ; *that was the awful place for carnage !* ceal-shlad, *sacrilege.*

slad, *v.a.* Steal, rob, plunder. 2 Fag, cause to fag, deprive of strength. 3‡‡ Pommel. Sh. sin seachad iad, *that made them fag, it pulled on their stomach ;* sh. e mo chli bhuam, *it deprived me of my strength.*

sladach, -aiche, *a.* Robbing, plundering, thievish.

sladachd, *s.f.ind.* Theft, robbery, plunder, thievishness. Gun dad s., *without any theft.*

sladadh, -aidh, *s.m.* Stealing, act of stealing robbery, pillaging, theft. A' s—, *pr. pt.* o. sla t.

sladaiche, -an, *s.m.* Robber, plunderer, thief.

sladaidheachd, see sladachd.

slàdaig, (air) (CR) *v.n.* Working hard at, going at it—*Perthshire.*

sladair, -ean, *s.m.* see sladaiche.

sladaireachd, *s.f.* Thievishness, robbery, plundering. Ceall-sh., *sacrilegiousness.*

sladhag, -aig, -an, *s.f.* Sheaf of straw prepared for thatching, sheaf of drawn straw. 2‡‡ Sheaf of corn ready to be threshed. 3 (DC) Keratin, outer sheath of the horn of an ox, sheep, &c.

slad-mharbh, see slat-mhort.

slad-mharbhadh, -aidh, *s.m.* see slad-mhortadh.

sl dmhoireachd,** *s.f.* Thievishness, robbery.

†slad-mhort, *v. a.* Rob and murder on the highway. 2 Murder in order to conceal a robbery.

sla l-mhortadh,** -aidh, *s. m.* Robbery and murder.

slad-mhortair, -ean, *s.m.* Robber and murderer, one who commits murder to effect or conceal a robbery.

slad-mhurt, see slad-mhort.

slad-mhurtadh, see slad-mhortadh.

s ad-mhurtair, see sla l-mhortair.

slad a, *past pt.* of slad. Roobed, stolen, plundered. see sladte.

slafaist, s Loosely-built person.

s ag,** -aig, *s.f.* Spoonful of any inspissated substance, as porridge. 2 Flummery.

slagan, (CR) -ain, *s.m.* see slaman. 2 Cup-shaped interior of a kiln.

slagan cùl a' chinn, (DMy) *s m.* Hollow at the back of one's head—*Lewis, Gairloch, &c.* for lagan cùl a' chinn.

slàib, -e, *s.f.* Mire. sediment of water, filth, dirt. 2 Mire by the side of a stream.

slàibeach, -eiche, *a.* Miry. filthy, dirty. 2 Puddling in mire, draggling.

slàibear,** -eir, *s.m* Dirty fellow, draggler. 2 One who works in mire or mud.

slàibearachd,** *s.f.* Draggling.

s'àibeil, -e, *a.* see s'àibeach.

sia bhre, see siabhraidh. †2 *s f.* Purchase.

slaibhreas,** -eis, *s. m.* Chains. 2 Servitude, bondage. 3 State of being in chains.

slaic, *v.* see slac.

slaicinn,* *v.* see slac.

slaid, -e, -ean *s.f.* Munificent gift or present. 2 Booty. 3 Theft, robbery.

slaid, see sla l.

slaideach, see sladach.

slaidhealth, *s m.* Degradation.

slaidear, -ir, -an, *s.m.* Robber, thief, plunderer, defrauder.

slaidhearachd, see sladachd.

slaid-e,** Gaelic spelling of *slash.*

——ach,** *a.* Slashing, lashing, whipping.

——anta,** *a.* Stout, robust.

——arachd,** *s f* Lashing, whipping.

slaidhte, *past pt.* of slaid. Stolen, robbed, plundered.

slaighdean,** -ein, *s.m.* Cold, cough.

slaighre,** -richean, *s.f.* Sword, scimitar.

slaight, -e, *s f.* Roguery, villainy, knavery.

slaighs,* *v.n.* Sneak or steal by. Sh. e seachad, *he sneaked by.*

slaighsear, -ir, -an, *s.m.* Rogue, rascal, knave, blackguard.

——ach, -aiche. *a.* Knavish, roguish.

——achd, *s.f. in l.* Roguery, dishonesty, thievery, faithlessness, villainy, sneaking.

slaighteil,* -e, *a.* Roguish. knavish, sneakish.

slaim, -e, *pl.* -ean & -eannan, *s.f.* Great booty, plunder, much booty. 2 Heap. 3‡ Riches.

slaimeach, *a.* Having prey or booty. 2 Of prey or booty. 3 In heaps.

s'aimean,** -ein, *s.m.* Dirty person.

slàine, *comp.* of slàn. More or most healthy.

——, *s.f.* Wholeness, entireness. 2 Convalescence.

——ad,** -eid, *s.m.* see slàine, *s.f.*

slàinnte, see slàinte.

slàinte, *s.f.ind.* Health. 2 Salvation. 3 Toast, health. 4** Healing virtue. Agus 'nan s. do na cnàmhan, *and health to the bones ;* chionn gu'n do dhi-chuimhnich thu Dia, do shlàinte, *because thou hast forgotten God thy salvation ;* thoir dhuinn s., *give us a toast ;* dh' òl sinn do dheoch-s., *we drank your health ;* air do sh., *to your good health ;* s. agad-sa, *thank you, the same to you ;* s. leat, (*usually* slàn leat) *farewell ;* thig mi thaobh mo sh., *I will come if I be well, if my health permit.* [††*pl.* -eachan.]

——ach, -eiche, see slàinteil.

——acnail, *a.* Healthsome.

——alachd, *s.f.* Healthiness. 2 Benignity.

——il, -e, *a.* Healthy, in good health. 2 Healthy, bringing health. 3 Benign. 4 see tàth.

slais, *v.a.* Gaelic form of *lash.* 2†† Splice, as a rope.

slais,* -e, -ean & -eachan, *s.f.* Great quantity or number. S. éisg, *a great quantity of fish ;* fuair iad s., *they got a great quantity ;* s. airgid, *a quantity of money.*

slaiseadh, -idh, *s.m.* Lashing, act of lashing, whipping. 2 Splicing, act of splicing. A' s—, *pr.pt.* of slais.

slaisich, see slaiseich.

——te, see slaiste.

slaisneach,(MS) *s.m.* Lath.
slaisuich,(MS) *v.a.* Lash, lath.
slaiste, *past pt.* of slais.
slait,** *a.* Strong, robust.
slam,** *v.a.* Teaze, pluck or card wool.
slam, -ainn, -an, *s. m.* Lock of hair or wool, (in *N. Argyll*, tlàm—AH.) 2 Slime. 3 Curls.
slamach, -aiche, *a.* see slamanach. 2**Teazing, plucking, as wool. 3 Carding. 4 In locks, as hair. 5 In flocks, as wool.
———adh,** -aidh, *s.m.* Coalescence. 2 Teazing wool (in *N. Argyll*, tlàmadh—AH.)
slamadh, DU) *s.m.* Lull in a gale—*Gairloch.*
slamag, -aig, -an, *s. f.* Little lock of hair. 2 Small flock of wool. 3 see slaman.
———ach, -aiche, *a.* Curled. 2 In small locks as hair. 3 In little flocks, as wool. 4 see slamanach.
slamagan, *s. pl.* Tresses—*MacMhaighstir Alasdair.*
slamaich,** *v.* Clot, curdle.
———te, *past pt.* Clotted.
slamair,** *s.m.* One who eats voraciously.
slaman, -ain, *s.m.* Curdled milk. 2 Any flabby substance.
———ach, -aiche, *a.* Flabby. 2 Abounding in or like curdled milk. 3 Lentous, mucous, clotty. 4 Producing curds.
slamanachd,** *s.f.* State of being curdled. 2 Coagulation. 3 Tendency to coagulate.
———aich, *v.a.* Curdle.
——— -ceathaich,** *s.m.* Light dry mist. 2 Stratus cloud, fall cloud.
——— milis, *s.m.* Jelly.
——— -tàth, *s.m.* Glue.
slamb,* see slaman-milis.
slamban,* -ain, *s.m.* see slaman.
———ach, see slamanach.
———achd,** see slamanachd.
slamhach,** -aich, *s.f.* Frothstick, instrument for frothing cream.
slamhagan, see slabhagan.
slamhagan,** *s.pl.* Locks of hair or wool.
slamhan,§ *s.m.* Elm, see leamhann.
———, -ain, *s.m.* Mucilage.
———ach, -aiche, *a.* Mucilaginous. 2 see slamanach. 3 Abounding in elms. 4 Made of elm.
———achd, *s.f.* Mucilaginousness.
slan, *s.m.* Defence, protection. 2 Garrison. *Sàr-Obair.*
slàn, -àine, *a.* Healthy, in good health. 2 Healed. 3 Sound. 4 Uninjured, unhurt. 5 Unbroken, whole.
Am bheil thu s. ? *are you in good health ?* thoir dhomh s. e, *give it me whole ;* s. leat ! *farewell !* gu ma s. gu'n till thu, *may you be well till you return ;* an s. dhuit ? *art thou well ? ;* tha i gu s. fallain, *she is perfectly well ;* òighean bhòidheach, s. leibh ! *ye pretty maids, farewell ! ;* nighean nan òr-chleachd, an s. dhuit ? *maiden of the golden locks, art thou well ? ;* gu ma s. a chì mi thu, *may I see you well ;* gu s. fallain, *safe and sound, in perfect health.*
†slan,** -ain, *s.m.* Defiance, challenge.
†———ach, *a.* Defying, challenging. 2 Ready to defy or challenge. 3 Of a defiance or challenge.
slànach,* -aiche, *a.* Convalescent. 2**Healing, curing, having a healing virtue, salubrious, salutary.
slànachadh,** -aidh, *s.m.* A' s—, *pr. pt.* of slànaich. see slanuchadh.
slànachail, -e, *a.* Curative.
slànadh, -aidh, *s.m.* Healing, saving, salvation, security.
slànaich, see slànuich.
slànaichear, see slànuichear.
slànaichidh, see slànuichidh.
s àmaiente, see slànuichte.
slamaighear, see s anuighear.
slan-ic, see ic.




639. S'àn-lus.

slàn-lus, -luis, -an, *s.m.* Rib-wort—*p'antago lanceolata.* 2**Any medicinal herb. 3§ Self-heal, see dubhan ceann-chòsach. 4§ Garden-sage, see athair-liath.
———ach, *a.* Abounding in rib-wort, or 2 in Medicinal herbs, or 3 in Self-heal, or 4 in Garden-sage.
slànphairteach, *a.* Aliquot.
slàn-reic, *s.* Wholesale
slàntachd,(MS) *s.f.* Solidity.
slànuchadh, -aidh. *s.m.* Healing, act of healing, curing or remedying. 2 Saving, act of saving (in a spiritual sense.) 3 Repairing, mending. 4 Growing whole. A' s—. *pr. pt.* of slànuich.
slànuich, *pr. pt.* a' slànuchadh, *v. a.* Heal. 2 Save (in a spiritual sense.) 3 Cure, remedy, make whole. 4 Grow whole. 5 Mend, repair.
———ear, *fut. pass.* of slànuich. Shall be healed.
———idh, *fut.aff.a.* of slànuich. Shall or will heal.
———te, *past pt.* of slànuich. Healed, cured. 2 Saved (in a spiritual sense.) 3 Mended.
slànuighear, -ir, *s.m.* Healer. 2 Saviour (in a spiritual sense.) An Slànuighear, *the Saviour.*
slaobach,** *a.* Dowdy.
slaod, *pr.pt.* a' slaodadh, *v.a.* Drag, haul, trail along the ground,draw. 2**Walk with a trailing gait.
slaod, -aoid, -an, *s.m.* Raft, float. 2 Sledge. 3 Trail, trailing burden. 4 Act of dragging along. 5 Clumsy, lazy person. 6**Solution. 7**Murder, slaughter. 8 Pulley, crane. 9†† Lounge. 10††Large quantity.
slaodach,(MMcD) *s f.* Seaweed—*Lewis,* see feamainn dubh.
———, -aiche, *a.* Trailing, dragging, drawing, pulling. 2** Like a drag. 3 Like a raft or float. 4 Clumsy. 5 Lazy. 6 Ill-dressed, slovenly, untidy. 7 Awkward. 8 Having a sluggish gait. 9* Lounging.
———d,** *s.f.* Awkwardness. 2††Drowsiness.
slaodadh, -aidh *s.m.* Dragging, act of dragging, trailing or hauling along. 2 Trailing burden. 3 Sledge, drag. 4 Sluggish gait. 4 Raft,float. A' s—, *pr. pt.* of slaod.
slaodag, -aig, -an, *s.f.* Slug, slovenly woman. 2 (DU) Sledge.
slaodaiche, *s.f.and.*Drawing, trailing, dragging. 2 Slovenliness.
slaodail, -e, *a.* see slaodach.
———,** *s.f.* Continued dragging, trailing or pulling. 2 Like a raft. 3 Like a drag.
slaodair, -ean, *s.m.* Lazy, awkward, slovenly

fellow, untidy fellow, sluggard, lounger.
———eachd. *s f ind.* Awkwardness, slovenliness, untidiness. 2 Laziness, sluggishness. 3 (MS) Backwardness. 4(MS) Restiveness.
slaodalachd, see slaodair acud.
slaodan, -ain, -an, *s.m.* Track or rut of a cart-wheel or sledge. 2 **Cold, cough. 3**Little raft, little float. 4**Little trailing burden.
———, *n.pl.* of slaod.
slaodanach, -aich, *s.m.* Heavy fellow. 2 Slouching fellow.
slaod-mheurach, -aiche, *a.* Clumsy-fingered.
slaod-mheuraiche, *s f.ind.* Clumsiness in fingering, as of a musical instrument.
slaodrach, -aich, -aichean, *s.f.* Hinge. 2**Foundation.
slaodraich, -e, -ean, *s.f.* Continual trailing. 2 Mass of lumber or luggage. 3* Great haul of fish.
slaod-theine,** *s.m.* Wasting or consuming fire. 2 Great fire in which many persons were consumed.
slaod-uisge,(AH) *s.m.* Raft.
slaoic,(CR) *s.f.* Large slice, as of bread—*Perthshire.* 2 Large piece. 3 (DC) Buttocks. Air a sh., *prone on the ground.*
———,** *a.* Inverted. 2 Lying. 3 (AH) Uneven, crooked, unmatched, sloucding to one side. Mart s., *a cow having one horn extending in a different direction to the other;* tha s. air an fhear nd, *that man has a slouching gait.*
slaoich l, see slaoic.
slaoil, see slaod. 2 *gen.sing.* of slaod.
slaoighte. see slaight.
———-il, see slaightcil.
slaoightir,* see slaightear.
———eachd, see slaightearachd.
slaoit, -e, *s.f.* †Dross, refuse of metal. 2**Dirt, filth.
slaonasadh,** -aidh, *s.m.* Tragedy.
slaonasair,** *s.m.* Tragedian.
slaop, *pr.pt.* a' slaopadh, *v. a.* Parboil, simmer, boil slowly, as shell-fish for bait.
slaop, -aoip, *s.m.* Slovenliness, sluggishness.
slaopach, -aiche, *a.* Parboiled. 2 Trailing, drawling. 3 Lazy. 4 Awkward. 5 Slovenly, sluggish, tawdry, untidy. 6 Unclean. 7†† Dragging lazily.
———d, *s.f.* Awkwardness. 2 Slovenliness, untidiness, tawdriness. 3 Uncleanness.
slaopadh, -aidh, *pr. pt.* Act of parboiling or simmering. A' s—, *pr.pt.* of slaop.
slaopaidh, *a.* see slaopach.
slaopair, -ean, *s.m.* Drawler. 2 Trailer. 3 Sloven, sluggard, awkward, untidy fellow.
———eachd, *s.f.ind.* Trailing. 2 Drawling. 3 Slovenliness. 4 Awkwardness. 5 Sluggishness.
slaot,** -aoit, *s.m.* Dirt, dross. 2 see slaod.
slaotan, -ain, see slaodan.
slap,* *s.m.* Flap, flapping.
slap, *pr.pt.* a' slapail & a' slapadh, *v a.* Flap, fling. A' slapail mu m' chluasain, *flapping about my ears.*
slapach, *a.* Lukewarm. 2 Slovenly, sluttish.
slapach, see slapach.
slapag, -aig, -an, *s.f.* Slut, drab, slattern.
———ach,** *a* Sluttish, drabbish.
slapaich,* *v.n.* Get flappish, get soft and pliant, as greens heated.
slapail,* -e, *s.f.* Flapping. A' s —, *pr.pt.* of slap.
slapair, -ean, *s.m.* Slovenly fellow. 2 Dangler. 3 Sluggard. 4**One who works in mud.
———achd. *s f ind.* Slovenliness.
†slapar,** *s.m.* Skirt, train of a long robe.
†———ach, *a.* Having a long skirt or train, as a robe.
†———aich, *s.f.* Din.
slap-e à * *s.m.* Spi ach, see bloinigean-gàraidh-slaprach, -e, *s.f.* Din, noise. 2 Sound of trampling, as of men or horses.
slas lach,** *a.* Envying, invidious. 2 Having a grudge.
———d ** *s.f.* Envy, grudge.
slat, -ait, -an, *s.f.* Any rod or twig. 2 Switch, wand. 3 Yard in length. 4 Yard to measure with. 5 Handle-bar of a cycle. 6 Stay of a plough. 7** Penis. Thog e an t-slat, *he lifted the rod*; s. air fad, *a yard long*; s. guilasdeòin chritheach, *a green rod of a'pen*; ea lar an t-sùgh 's an t-slat, *between the bark and the tree.*
slatach, -aiche, *a.* Abounding in rods or twigs. 2 Like a rod. 3 Straight, erect. 4 Stately, tall. 5 Branchy, branching, sprouting. 6 Pliant, as a switch. 7 In rods or wands. 8 In switches. Na fùirain sh., *the pliant tendrils.*
slatag, -aig, -an, *s.f., dim.* of slat. Small rod, twig, wand or switch. 2 Chat (of brushwood.)
———ach, -aiche, *a.* Abounding in small rods, twigs, tendrils, wands or switches. 2 Like a small rod.
slatail,** *a.* Amorous. 2** Goatish. 3 Tall, stately, straight, upright. 4 Limber.
———achail,** *s. f.* Amorousness. 2 Uprightness, tallness, statelin ss.
slatair,* -ean, *s.m.* Debauchee. 2**Amorist.
slatan,** -ain *s m.* Little rod, little wand.
———, *n.pl.* of slat.
———ta,** *a.* Flexible.
slatarra,** *a.* Straight, tall, upright.
slat-bheòil,* *s.f.* Gunwale, see bàta, E 7, p. 73.
slat-bhrodaidh, *s.f.* Goad.
slat-bhrog ridh,** *s.f.* Goad.
slat-bhuilg, *s.f.* Bilge-piece, see bàta, F 8, p. 73.
slat-draoidheachd,* *s.f.* Mace, rod of office. 2 The magic wand of the folk-tales.
slat-ghorm,‡ *s.f.* Woody-nightshade, bitter-sweet, see searbhag-mhilis.
slat-ghreasaid,‡‡ *s.f.* Whip, goad.
slat-gunna,‡‡ *s.f.* Ram-rod of a gun.
slathag,(AC) *s.f.* Handful of corn cut at one stroke of the reaping-hook.
slat-iasgaich,** *s.f.* Fishing-rod.
slat-iomain,* *s.f.* Goad.
slat-ladhrach, *s.f.* Gaff, see bàta, H, p. 73.
slat-leòid, *s.f.* Temple, stretcher, in *weaving.*
slat-mhara, -ait- & -aite-, *pl.* slatan-mara, *s.f.* Sea-oak, oar-weed, tangles, see stamn. 2†† Large grey tangle.
slat-mharcachd,* *s.f.* Rider's whip or switch.
slat-òir, (an t-s —,) *s.f.* Golden-rod—*Colonsay.*
slat-réil, *s.f.* Astrolabe.
slat-rioghail,* *s.f.* Sceptre.
slat-sgiursaidh,* -an-, *s.f.* Lash, scourge, cat-o'-nine-tails. [These names in English are applied only to instruments of hemp or leather, but *slat* is essentially one of wood.]
slat-sgòid,(AH) *s.f.* Boom of a ship.
slat-shiùil, *s.f.* Sail-yard, gaff, see bàta, H, p.73.
slat-smaoicheantais, *s.f.* Sceptre, mace. 2 Flagstaff, banner-staff.
slat-thomhais, *s.f.* Wand, yard-measure, ell-measure. 2 ** Any rod used for making lineal measurements. 3 Pole. 4 The three brilliant stars popularly known as "Orion's belt,"[preceded by the article *an t-*.] 5 DU, Centipede. *prov.*
slaucair,‡ -air, -an, *s.m.* see slabhcar.
sleac. *Bad-luck* for leac.
sleach l, see sleucail.
†sleachd,** *v a* Cut, dissect, lance, scarify.
†———adh,** -aidh, *s.m.* Cutting, dissecting, lancing, scarifying. 2(MS) Obeisance.
slea ,(AH) *s.f.* State of listing very much to one side as a sailing-boat in a stiff breeze. Tha

s. brèagh orra, *she has a fine list.*
sleag, *v.a.* Sneak, drawl.
——ach,** *a.* Sneaking, drawling.
——adh,** -aidh, *s.m.* Sneaking, drawling.
sleaghag,(AC) -aig, -an, *s.f.* Kind of mattock for digging up carrots and roots of plants used in tanning and dyeing.
sleagair,** -ean,*s.m.* Sneaking fellow. 2 Drawler.
——————eachd,** *s.f.* Habit of sneaking. 2 Behaviour of a sneaking fellow. 3 Drawling.
sleagan,** -ain, *s.m.* A shell.
sleagh, -a [& sleigh**] *pl.* -an [& sléigh,] *s. f.* Spear, lance, javelin. Bitheadh 'ur sleaghan mar theachdaireau a' bhàis, *let your spears be as the messenjers of death;* thog sinn sleaghan, *we lifted spears.*
——ach, -aiche, *a.* Of,or resembling a spear or lance. 2 Armed with a spear, lance or dart.
sleaghadair, see sleaghair.
——————eachd, *s.f.ind.* Tournament.
sleaghair,* -ean, *s.m.* Spearman, lancer. 2(DC) Lazy busybody, one given to frequenting houses.
——————eachd,** *s.f.* Shooting with a spear, spearing. 2 Fighting with spears.
sleaghag,(MMcL) *s.f.* The stick used for stirring the grain when in a large pot before the fire after having been cleaned from the husks, before being sifted previous to grinding in the *brà.—Lewis.* 2(DMy) Pointed instrument for digging. 3 Little spear. 4 (DMy) Pot-stick to stir potatoes, also for planting potatoes in newly reclaimed soil.
sleaghaich,(MS) *v.a.* Indart.
sleaghan, -ain, *s.m.* Kind of turf-spade, spaddle, instrument for digging. 2 Little spear.
sleaghan, *n.pl.* of sleagh.
sliamachd, see sliomachd.
sleamcaire,(MS) *s.m.* Dangler.
sleamhain, -mhna, see sleamhuinn.
sleamhan,** -ain, see leamhan.
——. ——ach, see leamhanach.
sleamhna, *comp.* of sleamhuinn.
sleamhnachadh, -aidh, *s.m.* Slipping, act of slipping, sliding. 2 Slipperiness. 3 Gliding. 4* Retrograding, getting worse. A' s—,*pr. pt.* of sleamhnaich. Cùl-s., *backsliding.*
sleamhnachd, *s.f.* Slipperiness. 2 Smoothness.
sleamhnad, -aid, *s.m.* Degree of slipperiness. 2 Degree of smoothness.
sleamhnagan, see sleamhnan.
sleamhnaich, *pr.pt.* a' sleamhnachadh,*v.n.* Slip, slide. 2 Make slippery. 3 Make smooth. 4 Glide, move imperceptibly.
sleamhnan, -ain, -an, *s. m.* Any slippery substance. 2 Sneaking fellow. 3 Piece of ice on which to slide. 4 Mucus, saliva. 5 Stye, inflammation of the eyes, *prov.*
sleamhnanachd,(AC) *s.f.* Exorcism of a stye.
sleamhnanachadh, see sleamhnachadh.
sleamhnanach, see sleamhnanach.
sleamhnagan, see sleamhnan.
sleamhnan, see sleamhnan.
sleamhnanan, sleamhna, *a.* Slippery. 2 Smooth.
sleamhnanach,** *s.m.* Tile.
sleantach,** *s.m.* Flake. 2 Slice.
†sleas, sleis, *s.m.* Mark, sign. 2 Ridge. 3 see sliosleas,** *v.a.* Smear, bedaub, bespawl.
sleasdach,** *a.* Smeary, dirty.
sleasdaich,** *v.a.* Smear, bedaub, bespawl.
sleastair, see sleastair.
—— ——eachd, see sleastaireachd.
sleasg,** *v.a. & n.* Split, crack.
——ach, *a.* Cracking, splitting.
sleasgadh,** -aidh, *s. m.* Cracking, splitting, crack, split.
sleastair,‡ *v.a.* Bedaub —*Bad-noch.*
— ——eachd, *s.f.* Smearing, bedaubing, bespawling.
sléibhe,* *gen sing.* of sliabh.
sleibheag, see sleabhag.
slé bhte, *pl.* of sliabh.
sléibhteach, -eiche, *a.* Mountainous, hilly. 2 Dwelling among mountains. 3 Of mountains.
——————, -eich, *s m.* Mountaineer.
——————d, *s.f.* Mountainousness.
sléibhtean, *n pl.* of sliabh.
sléibhtrich,†† *s.f.* Wreckage, things strewn.
†sl idin, *s.* "Saniem."
sléigeil,‡ -eala, *a* Dilatory. 2††Drawling,slow. 3††Sly.
sle mine, *comp.* of sleamhuinn.
sleiminne, *s.f.ind.* see sleamnachd.
sleimhneach,** *a.* Slipping, slippery. 2 Smooth.
——————d,** *s.f.* Slipperiness. 2 Smoothness.
sleamhneag,†† -aig, -an, *s.f.* Slide.
sléis, *gen.sing.* of slias.
slé sde, *gen.sing.* of sliasaid.
sléis leach,†† -aiche, *a.* Large-thighed.
sléisdean, *pl.* of sliasaid.
sléisne, see sléisde & sléisdean.
sléisneach, -eich *a.* Large-thighed.
sléisneadh, *s.m.* Back-sliding —*Dàin I. Ghobha.*
sléisnean, see sléisde & sléisdean.
sleithe,** *s.f.* Section, division, cutting.
sleog * *v.a.* Pall on the stomach.
sleogach, -aiche, *a.* Qualmish, queasy. 2*Slimy. 3* Apt to pall on the stomach.
sleogadh, -aidh, *s.m.* Qualm, qualmishness, queasiness.
sleuchd, *pr.pt.* a' sleuchdadh, *v.n.* Kneel, prostrate, bow down reverently,worship. 2 Yield, submit, surrender.
sleuchdach, -aiche, *a.* Bowing down reverently, prostrating. 2 Yielding, submitting, submissive.
sleuchdadh, -aidh, *s.m.* Prostrating, act of prostrating or bowing down reverently, worshipping, prostration. 2 Yielding, submitting. A' s—, *pr.pt.* of sleuchd.
sleuchdamaid, *1st. prs. pl. imp.* of sleuchd. Let us kneel.
sleuchdair,(MS) *v a* see sliachdair.
sleug,* *v.a.* Sneak, drawl.
sleugach,* -aich, *s.f.* Sneaking, sly, drawling female.
sleugach,* -aiche, *a.* Sly and slow. 2 Dilatory.
sleugair* -ean, *s.m.* Sly, drawling, sneaking fellow, sneaker, drawler.
sliabadh, see sliobadh.
sliabh, sléibhe, *pl.* sléibhte & sléibhtean, *s. m.* Mountain of the first magnitude. 2 Extended heath, alpine plain,moorish ground. 2 Extensive tract of dry moorland. 3 Mountain grass, moor bent grass. 5 Face of a hill. Seann s.,*withered bent, gathered for bedding in spring —W. of Ross-shire;* sléibhtean creagach, coilltean, *rocky, wooded mountains.*
sliabh, (AF) *s.m* Soup made from periwinkles. (called *Mùbk* in *W. Highlands* generally. 2 Juice of leeches.
sliabhach, -aiche, *a.* Mountainous. 2 Abounding in extensive heaths. 3 Abounding in mountain-grass.
sliabhair, -ean, *s.m.* Mountaineer.
sliabhlair, *v.a.* Extend or spread any soft substance by trampling. 2 Plaster or daub over.
sliachdradhadh, see sliachdradh.
sliachdradh, -aidh, *s.m.* Spreading out, act of spreading out any soft substance by trampling. 2 Act of plastering or daubing over. A' —s, *pr.pt.* of sliachdair.

sliachdraich, see sliachdair.
sliachdraichte, *past pt.* of sliachdraich. Spread out by tramping. 2 Plastered, daubed.
sliadh, see sliabh.
sliaisd, see sliasaid.
slias ** sléis, -an, *s.f.* Thigh. 2 Coarse part of a thread.
sliasach,** *a* Having large thighs. 2 Of, or belonging to, the thigh.
sliasad, see sliasaid.
sliasaid, sléisde & sléisne, *pl.* sléisdean & sléisnean, *s.f.* The thigh. 2 The part of a ship's side towards the stern. 3 Strand of rope or thread. 4**Coarse part of a thread. 5††Gigot, leg of meat. Lag a shléiste, *the hollow of his thigh.*
sliasgeideach,(MS) *a.* Crural.
sliasb,** *v.* Draggle.
sliasbair,** *v.* Draggle.
sliasd, *s.m.* Ledge in a loom.
sliasdan, -ain, *s.m.* Ledge in a loom.
sliast, see sliasd.
sliaspair,** *v.a* Draggle, daggle.
sliaspair,** *s.m.* Draggler.
sliaspairt,** *s.f.* Draggling, covering or besmearing with mud. A' s –, *pr.pt.* of sliaspair.
sliast, see sliasd.
———an, see sliaslan.
slib, see sliob.
slibist, -ean, *s.m.* Sloven, paltry or sorry fellow.
———,* *a.* Clumsy, unhandy.
slibisteach, -eiche, *a.* Slovenly, mean, abject.
slige, *pl.* -an & -achan, *s.f.* Shell. 2 Scale of a balance. 3 *Hull of a vessel. 4†† Coin, *in ridicule.* 5 Bent timber in a boat, see bàta, D, p. 73. 6 Skin of a boat, see bàta, E 4, p. 73. 7**Drinking-shell. 8** Splinter of earthenware. 9 Scallop-shell. 10**Bomb. Chaidh e 'na shligeachan, *it broke in splinters.*
sligeach,* *s.f.* Wreck. 2 Crustaceous surface.
sligeach, -eiche, *a.* Shelly, having a shell. 2 Abounding in shells. 3 Like a scale. 4 Of, or like a bomb. Bradan s., *a sturgeon.*
sligeachan, *n.pl.* of slige.
sligeachd, *s.f.ind.* Crustiness.
sligeadachd,** *s.f.* Conchology.
sligeadair, -ean, *s.m.* ** says Conchologist, but it means rather "a maker of shells."
sligeadh, -idh, *s.m.* **Fomentation. 2 Dividing with shells. 3 Drinking from shells. Shells and horns were the chief drinking-vessels of old. Fion 'ga shligeadh beòir 'ga h-òl ac', *they had wine from shells and plenty of beer to drink—Duanaire, p.* 143.
sligeag, -eig, -an, *s.f., dim.* of slige. Little shell.
sligeagach, -aiche, *a.* Abounding in small shells.
sligean,** -ein, *s.m., dim.* of slige. Little shell. 2 Little scale or balance. 3 Little splinter of earthenware.
sligeanach,** -aiche, *a.* Spotted. 2 Sky-coloured. 3 Green. 4 Cirrocumulated. 5 Scaled, scaly. 6 see sligeach. Nathair bhreac, sn., *a spotted green serpent.*
sligeanach, -aich, *s.m.* Tortoise. 2 Chelonian. 3 (AF) Turtle.
sligear,* -ir, -an, *s.m.* Conchologist.
———achd,* see sligeadachd.
sligearnach, -aiche, *a.* Made of shells. 2 Full of shells.
sligearnach, -aich, *s.m.* Place abounding in shells.
sligeart, -eirt, -an, *s.m.* Pumice-stone.
sligeas, -eis, -an, *s.m.* The chin, *in ridicule.*
sligeshligeadach, *s.f.* Bomb-shell. Fadadh na slige-bhloighdich, *the fuse.*
slige-chabon,(MMcD) *s.f.* Large cockle scalloped shell—*Lewis.*



640.Slige-chreachainn. *641.Slige-chabon.*

slige-chreach, *s.f.* Scallop-shell.
slige-chreachainn, *s.f.* Scallop-shell, clam.
slige-chreadha, -an-creadha, *s.f.* Potsherd.
slige-neamhnuid, -e, -ean, *s.f.* Mother-of-pearl.
slige-neamhnuinn,(AF) *s.f.* Pearl oyster shell. 2 Mother-of-pearl.
slige-neamhnun, see slige-neamhnuid.
slige-thomhais, -ean-tomhais, *s.f.* Balance scale.
slighe, -an & -achan, *s.f.* Way, path, road, passage, inlet. 2 Journey. 3 Manner, conduct. 4* Craft. 5**Approach. 6**Track. Dh fhalbh e air s. na firinn, *he has gone on the way of truth*—said of one who is dead.
sligheach, -eiche, *a.* Artful, sly, crafty, wily, cunning, full of stratagems, deceitful.
sligheachas, -ais, *s.m.* Slyness.
sligheadair, -ean, *s.m.* One who lives by fraud. 2 Artful, scheming fellow.
sligheadaireachd, *s.f.ind.* Craftiness, cunning, artfulness, deceitfulness, slyness, practice of stratagems.
slighearachd, see slighcadaireachd.
slighearta, -eirte, *a.* see sligheach.
slighreach, -eiche, *s.m.coll.* Shreds, shards,*prov.*
sligich, *v a.* Crust.
sligir,* see sligear.
———eachd, see sligeadachd.
sligheach, -eich, *s.f.* Icicles. 2 Scales of a fish.
———, -eiche, *a.* see sligeach & sligeanach.
slim, -e, *a.* see sliom.
slimseag, -eig, -an, *s.f.* Silly, tawdry woman. 2 Whore.
slimseagach, -aiche, *a.* Silly, tawdry. 2 Whorish.
———————d, *s.f.ind.* Silliness, tawdriness. 2 Whorishness.
slinn, -eachan, *s.m.* Weaver's sleay or reed, see beart-fhligheadaireachd. 2**Flat stone. 3** Tile. 4**Flag. [**s.f.*]
slinn-chrann,** -chrainn, *s.m.* Flag-staff.
slinneag,†† -eig, -an, *s.f.* Shoulder-blade. A' chuid nach 'eil air an t-slinneag tha e air a' chliathaich, *what is not on the shoulder may cover the ribs.*
slinnean, -ein, slinneinean, *s. m.* Shoulder, shoulder-blade. 2††Fore-quarter of mutton.
————ach, -aiche, *a.* Shouldered, broad-shouldered. 2 Of a shoulder. Fear s. leathann, *a large, broad-shouldered man.*
————ach,** -aich, *s.m.* Broad-shouldered man.
————achd, *s.f ind.* Species of augury, performed by inspecting the shoulder-blade of an animal, by eating the flesh without touching the bone with tooth or nail.
————aich. *s.pl.* Scapulars, see eun, No.2, p.398.
slinnteach,** -ich, *s.f.* House-tiles, quantity of house-tiles.
sliob,** *s.m.* Polish, gloss.
sliob, *v.a.* Stroke, rub gently with the hand. 2 Polish, gloss, varnish. 3 Lick. 4* Cajole. 5 Anoint. 6**Lubricate. 7 Smear, daub, spatter, cover. 8**Cherish. 9**Japan. 10††Steep. S. bodach is sgròbaidh e thu, *stroke a churl and he will scratch you.*
——ach, -aiche, *a.* Clumsy, awkward.
——ach,** *a.* Smoothing, polishing. 2 Besmear-

ing daubing, spattering.
——achadh,** -aidh, *s.m.* Smoothing, polishing, glossing. 2 Besmearing, daubing, spattering.
——achd, *s.f.* Sleekness.
——adh, ** *3r l.sing. & pl. imp.* of sliob.
——aidh, -aidh, *s.m.* Stroking, act of rubbing gently with the hand. 2 Act of licking. 3 Act of polishing, smoothing or glossing. 4** Besmearing, daubing, spattering. 5** Varnish, gloss, polish. Offsteeping. A' s—, *pr. pt* of sliob.
——aich, *v.a.* see sliob.
——aichte, *past pt.* Smoothed, polished, glossed, varnished. 2 Besmeared, daubed.
sliobair, -ean, *s.m.* Clumsy, awkward fellow. 2 *Cajoler. 3**Japanner.
——————eachd, *s.f.ind.* Clumsiness, awkwardness.
sliobaist, -ean, see slibaist.
——————each, -eiche, *a.* see slibisteach & sliobasta.
sliobasta,* *a.* Clumsy.
sliobastachd,* *s f.* Clumsiness.
sliob-cheannach,**a. Having smooth hair, glossy-haired. Anna chioch-chorrach, sliob-cheannach, *round-breasted, glossy-haired Anna.*
sliobhag,(AC) *s.f.* Small, 3-pronged mattock, used by the inhabitants of the Isles to assist in lifting carrots on *Domhnach Curran* (carrot Sunday.) 2(DC) Dibble for planting potatoes in the "lazy-beds,"—*Uist.* [pleadhag in *Argyll.*]
sliob-oladh, *s.m.* Varnish.
sliobradh, -aidh, *s.m* Glossiness. 2 Draught.
sliobta *past pt.* Stroked, gently rubbed. 2 Licked. 3 Polished, varnished, glossed, smoothed. 4**Anointed.
sliochd, -a, -an, *s.m. coll.* Seed, offspring, progeny, descendants, posterity. 2 Tribe, clan. 3 Troop. 4* Track, print, rut. 5 Multitude. S. nan rothan, *the track of the wheels* ; s. a mhèar, *the print of his fingers* ; s. Dhiarmaid, *the offspring of Dermid (the Campbells.)*
sliochdach, -aiche, *a.* see sliochdmhor. 2** Having tracks.
sliochdachadh,(MS) *s.m.* Generation, prolification.
sliochdar, see sliochdmhor.
sliochdmhor, -oire, *a.* Prolific, having many descendants. 2 Populous.
sliochdmhorachd, *s.f.ind.* Fertility, procreativeness.
†sliocht, see sliochd.
sliodach,** -aiche, *a.* Cunning, artful. Gu s., *cunningly.*
sliog,** *s m.* Polish, gloss.
sliog, *v.a.* see sliob. 2 *v.n.* Peak.
sliog,(AF) *s.f.* Cray-fish. 2 Scallop. 3 see sligc.
sliogach, -aiche, *a.* Sly, subtle. 2 Sleek, slim. 3 Sneaking. 4 Caressing, stroking. 5 Lubricated. 6 Glossy, smooth. 7 Silky. 8 Fawning. 9 Testaceous.
sliogadh, see sliobadh. A' s. an ula, *stroking their beards.* A' s—, *pr.pt.* of sliog.
sliogaich, *s.pl.* Feelers.
sliogair, -ean,*s.m.* Sneaking,sly fellow. 2*Stroker, cajoler.
sliogan, *dim.* of sliog, *s.m.* Shell, bomb. 2 Cup. 3 Hulk. 4 Scale.
sliogannach,** *a.* Dappled.
sliogard,** -aird. *s.m.* Crust. 2 Pumice-stone.
sliogardach,** *a.* Crusty 2 Hard.
sliogarnach,** *a.* Made of shells, shelly.
sliogarra,** *a.* Smooth, glossy, sleek. 2 Silky. 3 Lubricated.
sliogarrachd,** *s.f.* Smoothness, sleekness, glossiness.
sliogta, *past pt.* Stroked, smoothed, caressed. 2 Glossed. 3 Lubricated. 4** Silky. 5 Fawned. 6 see sliobta.
sliogte, see sliogta.
sliom,(AC) *s.* Buttercup, see cearban.
sliom, -a, *a.* Sleek, smooth, glossy. 2 Slippery. 3 Inert, dull, inactive. 4 Slim, slender. 5 Insincere, deceitful. 6 Lubricated. Na bric sh., *the sleek trout.*
sliom, *v.* see sliob.
sliomacaireachd,(MS) *s.f.* Adulation, mealy-mouthedness.
sliomach, -aiche, *a.* Cringing, flattering. 2 Mean. 3 Deceitful, plausible. 4 Slim. 5 Sleek, smooth, glossy. 6 see sliom.
sliomachd,** *s.f.* Sleekness. 2 Lubricity. 3 Smoothness. 4 Glossiness. 5 Slipperiness. 6 Slimness.
sliomachd, *pr.pt.* a' sliomachdadh, *v. a.* Fawn, sponge in a mean fashion. 2 Daub.
sliomachdair,†† -an, *s.m.* Mean parasite,spongy, lazy, inactive person, adulator.
——————eachd, see sliomaireachd.
sliomadair, see sliomair.
sliomadaireachd, see sliomaireachd.
sliomaich,(MS) *v.a.* Agrease.
sliomaich,(MS) *v.a.* Coax.
sliomaich,** *v.a.* Make sleek, smooth or glossy. 2 Lubricate. 3 Fawn, flatter.
sliomair, -ean, *s m.* Meanly flattering fellow, flatterer, deceitful and fair-speaking person, fawning fellow. 2 Lazy, inactive person. 3 Weakling. 4 Craven. 5 Thief, filcher.
sliomaireachd, *s.f.ind.* Mean flattery. 2 Deceitful and fair talk. 3 Laziness, inactivity. 4 Filching.
sliomair, -ean, *s.m.* see sliomair.
sliomaireach t, see sliomaireachd.
sliomchaireachd,(MS) *s.f.* Assentation.
sliomchrathach,(MS) *a.* Pinguid.
sliomhaireachd, see sliomaireachd.
sliom shligneach, *s.m.* Ganoid.
slione,** *v.a.* Beat.
sliop, -a, -an, *s.f.* Lip, blubber-lip.
sliopach, -aiche, *a.* Lipped. 2 Blubber-lipped.
sliopag,(AC) -aig, -an, *s.f.* see sliobhag. 2** Thick-lipped young female.
sliopair, -ean, *s.m.* Blubber-lipped-person. 2* Sulky, surly fellow.
sliopaireachd, *s.f.* Blubbering.
sliop-chraos, -aois, -an, *s.m.* Fat, thick, slavery lips.
slios, -a, -an, *s.m.* Side. 2 Side of a man or beast, flank. 3 Side of a country. 4 Extending,sloping declivity. 5 Coast, border, edge. 6 Drag-rope, trace. see No. 19, p. 263. 7(DC) Slap on the side of the head.
An stoirm èitidh ri s. carraig, *the dreadful tempest beating against the side of a rock* ; s. nan liath-bheann, *the side of the grey hills* ; s. a sgèith, *the edge of his shield.*
sliosach, -aiche, *a.* Having sloping sides. 2 Having many sides. 3 Having a border.
sliosag, see slisear.
sliosan, *s.pl.* Plates of a loom. 2 Drag-ropes or traces, see under crann-nan-gad.
sliosda,** *a.* Fair. 2 Courteous. 3 Flattering, fawning.
sliosdachd,** *s. f.* Fairness. 3 Courteousness. 3 Flattery.
sliosmhor.** *a.* Glossy, polished. 2 Extensive, as a country side.
sliosmach,** *a.* Having sides, lateral, multilateral. 2 Angular.
sliosrach,(AC) *s.* Slope, declivity.
sliosraig,‡ *Badenoch* for liosraig.
sliu, -e, -ean, *s. f.* Chip, slice, shave. 2 Lath, thin board. 3 Spill.

slis, *v.a.* Slice, chip, shave, as wood.
slis-cheumnach, ** *a.* Apt to make a digression.
slis-cheumnaich, ** *v.a.* Make a digression.
sliseag, -eig, -an, *s.f.dim.* of slis. Spill or shaving of wood. 2 Thin slice of anything. 3** Temple upper part of the head.
sliseagach, -aiche, *a.* Sliced, in shavings, cut into thin slices. 2 Of, or belonging to, shavings. 3 Abounding in shavings, slips or spills.
sliseagachadh, -aidh, *s.m.* Chipping, act of chipping or planing of wood. 2 Cutting, slicing, act of cutting into slices. A' s—, *pr. pt.* of sliseagaich.
sliseagaich, *pr. pt.* a' sliseagachadh, *v.a.* Chip, plane, cut into slices.
sliseagaichte, *past pt.* of sliseagaich. Cut into slices, planed, chipped.
sliseagan, *n.pl.* of sliseag. Wood-shavings, chips.
sliseag-uchd, *s.f.* Breast-beam of loom—*Hybrid s.*
slisinn, *s.* Ear-mark on sheep, see under comharradh-cluais.
slisneach, -eich, *s.f.coll.* Chips, shavings, spills. 2** Scales.
slisneach, -eiche, *a.* Having many sides.
slisneach (AC) *s. m.* Plant like the heal-wort (slàn-lus.)
slisneanach, ** *a.* Horned.
slob, ** -uib,** *s.m.* Dam, pond. 2 Splash, puddle. ——**ach,** ** *a.* Splashy. 2 Puddly.
slobag, -aig, *s.m.* Puddle, little pool.
sloc, -uic, -an, *s.m.* Pit. 2 Den. 3 Hollow, cavity, dell, hold, hole. 4 Grave. 5 Dungeon. 6 Pool, gutter, ditch. 7 Marsh. 8 Plough. S.-guail, *a coal-pit;* s.-sàbhaidh, *a saw-pit.*
slocach, -aiche, *a.* Full of pits, dens, hollows, cavities, dungeons ditches or marshes. 2 Like or pertaining to any of these.
slocachadh, -aidh, *s.m.* Hollowing, act of hollowing out or excavating. 2 Digging, act of digging or making a pit or ditch, den or dungeon. A' s—, *pr.pt.* of slocaich.
slocaich, *pr.pt.* a' slocachadh, *v.a.* Hollow or excavate anything. 2 Dig or make a ditch or pit, draw a ditch.
slocaichte, *past pt.* of slocaich. Hollowed out, excavated. 2 Dug, made into a pit or ditch.
slòcan, -ain, -an, *s.m.* Sloke (seaweed)—*porphyra laciniata.*
slocan, -ain, -an, *s. m., dim.* of sloc. Little pit, ditch, hollow, dell or den. 2** Little pool. 3 (MS) Socket.
slòcan, see **lòchdan.**
slocanach, -aiche, *a.* Full of little pits, ditches, hollows, dens, caves or dells.
sloc buntàta, *s.m.* Potato-pit. The potato-pits in Sutherlandshire before the clearances were made about 3 ft. square and nearly 3 ft. deep. In a shelving bank that greatly resembles an old beach, above the shepherd's house at Learable in Kildonan, may be seen in a row some twenty or thirty such pits, now partly filled up by the falling in of the sides. In olden times, when a blacksmith's customers had to bring him their own fuel, an empty potato-pit was used to convert the necessary quantity of peat into charcoal. This kind of pit is still used for potatoes in the county—CR.

It was, of old and till recently, the custom in *Uist* to dig a hole in the floor near the hearthstone, and now and again take a live peat from the fire, dip it in water and put it into this hole. The charcoal thus accumulated was for use in the smithy, as everyone who needed the smith's services had to provide the necessary charcoal.—DC.

sloc-charlach, see **crotag.**
slochd, see **sloc.**
†sloch-sine, *s.f.* Flake of snow.
sloc-sàbhaidh ** *s.m.* Saw-pit. [**s.-shabhaidh,]
slod, -oid & **-uid,** *pl.* -an, see **lod.**
slodach, ** *a.* Full of little pools or puddles.
slodan, ** -ain,** *s.m.* Little pool or puddle. [for lodan.]
slodanach, *a.* Full of little pools or puddles.
slodhag, -aig, -an, *s.m.* **Lining of a horn. 2 see **sladhag** & **slabhag.**
slodhagach, *a.* Lined, as a horn.
slogag, (DU) *s.f.* Dell.
slogair, *s.m.* Gulf.
slogan, see **sluagh-ghairm.**
slògh, -òigh, *s.coll.* People. 2 *gen. pl.* of **sluagh.**
slògna, (a sh— l) *voc.pl.* of **sluagh.**
sloidhe, *s.f.* Section, division.
slòigh, *n. & dat. pl.* of **sluagh.**
sloigh, *g n. & vl.* of **sluagh.**
slòighre, *s f.* Sword, scimitar.
sloighte, see **slaight.** 2 *past pt.* Beaten. 3** Run dross from the ore of metal. Obair sh., *beaten work.*
sloightear, -ir, -an, see **slaightear.**
sloightearachd, see **slaightearachd.**
sloightearachd, see **slaodaireachd.**
sloighteil, *a.* see **slaodach.**
sloighteil, see **slaighteil.**
sloinn, *v.a.* Surname, bestow a surname. 2 Trace one's pedigree. Co uaith a shloinneadh i? *from whom was she surnamed?* sloinnidh se e fèin, *he will surname himself.*
sloinne, *s.f.* see **sloinneadh.**
sloinneach, *a.* Clannish. 2 Fond of genealogy.
sloinneachail, ** *a.* Genealogical.
sloinneadh, -idh, -idhean, *s. m.* Surname, patronymic. 2 Surnaming, act of surnaming. 3 Act or mode of tracing one's pedigree. A' s—, *pr.pt.* of sloinn.
sloinneadh, *3rd.pers.sing.* & *pl. imp.* of sloinn.
sloinnear, *fut.pass.* of sloinn.
speir, -e, *pl.* -ean -eachan, *s.f.* Ham or hough of a beast. 2 Hoof, claw, talon. 3 Ankle and thereabouts of the human leg. 4**in derision,* Sparrow-hawk. 5** Spades. 6 Clutch. 7 Hamstring of a horse. Cha'n fhagar s. dhiubh, *not a hoof of them shall be left.*
spéir *gen.* of speur.
speirbh,* *s.f.* Very slender leg or foot.
speirbheis,* -e, -ean, *s.f.* Sheep-shanked female.
speird, *s.f.* Energy, force,—*Dain I. Ghobha.*
speireach, -ich, -ichean, *s.f* see spearrach.
speireach, -eiche, *a.* Slender-limbed. 2 Hoofed. 3 Clawed. 4 Cloven-footed. 5 Shanky. 6 Like a hawk. 7 Having houghs or hams.
spéiread, -eid, *s.m.* Strength, force, vigour. 2 Courage, bravery. 3 see spiorad.
spéirealail, -e, *a.* Spirited, bold, brave, courageous.
speireag, -eig, -an, *s. f.* Sparrow-hawk—*accipiter nisus.* (also speir-sheabhag.) 2**Slender-limbed girl. 3** Any slender-limbed creature of the feminine gender. 4**Shank.
speireagach, -aiche, *a.* Of, or belonging to sparrow-hawks. 2**Slender-limbed. 3**Shanked. 4**Having claws.
speirean,** -ein, *s.m.* Spindle-shank.
————ach, *a.* Spindle-shanked.
speirge, see speireag.
speirid,* *s.f.* Energy. 2 Speed, expedition.
speiridail,* -e, *a.* Active, expeditious.
spéirleag, -eig, -an. *s.f.* Spurling.
speir-sheabhag, -aig, -an, see speireag.
speir-sheog, -oig, -an. *s.f.* see speireag.
spéis, -e, *s.f.* Liking, regard, attachment, endearment, affection, fondness, esteem. Thoir s., *bestow regard* or *affection* ; ma bheir mi s. do dh' aingidheachd, *if I regard iniquity* ; tha s. aige dhith, *he is attached to her* ; féin-s., *self-conceit.*
spéiseal, see spéiseil.
spéisealachd, *s.f ind.* Fondness, attachment. 2 Pride. 3 Esteem.
speisealta, -eilte, *a* Clean, neat, tidy, cleanly, as a cook or housewife. 2 Well-arranged, regular. 3 Acceptable. 4 Tight. 5**Becoming, comely, having a good appearance. 6* Neatly-dressed, tasteful. Gu s., *becomingly, handsomely.*
————chd, *s.f.ind* Cleanness, neatness. 2 Regularity, order, arrangement, comeliness, seemliness, handsomeness. 3 Tightness. 4 Fondness, attachment, state of being esteemed. 5 Tastefulness.
spéisear,** *s.m.* Admirer.
spéiseil, -e, *a.* Fond, attached, loving. 2 Loved, esteemed. 3 Estimable. 4 Acceptable. 5 Cleanly, tight, tidy. 6 Proud, having self-esteem. Tha thu agam ro s., *I esteem you very much.*
spéiseileachd, see speisealtachd.
spéis-thabhairteach, -eiche, *a.* Observant.
speubhaidh,(CR) *s.f.* Spavin—*Suth'd.*
speuc, *pr. pt.* a' speucadh, *v.a. & n.* Diverge, divaricate. 2 Cause to diverge. 3 Tear asunder.

speuc, see spéic.
speucach, -aiche, *a.* Diverging, divaricated. 2 Causing to diverge or divaricate. 3 Tearing asunder. 4(MS) Ansated.
speucadh, -aidh, *s.m.* Diverging, act or state of diverging. 2 Tearing, act of tearing asunder. 3 Rent. A' s—, *pr.pt.* of speuc.
speuclair, -ean, *s.m.* Pair of spectacles. 2**Spy-glass. 3**Optician. 4* Object of surprise or wonder. S.-lùghainn, *temple-spectacles.*
————each, -eiche, *a.* Spectacled, wearing spectacles.
————each, -eich, *s.m.* Optician.
————eachd, *s. f. ind.* Optician's trade. 2 Speculation. 3 Surprise.
————ean, *n.pl.* of speuclair.
speuclairiche, *s.m.* Optician.
speuclan,(DU) *s.m.* Spectacles. [In *Gairloch* spiaclan.]
speur,* -a. *s.m* [*f.* in *Badenoch*] The sky, firmament, heavens, heights. 2 Star. 3 Climate. 4 (DU) The buttoned opening in trousers, &c. Neamh nan speur, *the firmament;* mar theine-speur, *like star-light, the fire-ball;* nochdaidh na speura gniomh a làimhe, *the firmament sheweth forth his handiwork;* a' cur speura mo chinn troimh a chóile, *muddling* or *confus-eng the skies of my head—a brown study.* [*gen.* spéir.**]
speur, *v.a.* Blaspheme, swear by the heavens—*Islay & Gairloch.*
speurach, -aiche, *a.* Heavenly, celestial. 2 Ethereal. atmospheric.
speurad, -aid, see spéiread.
————ach, -aiche, *a.* see spéireadail.
speuradair, -ean, *s.m.* Star-gazer, astrologer. 2 Astronomer. 3 Meteorologist. 4 Blasphemer.
————eachd, *s.f.ind.* Star-gazing, astrology. 2 Astronomy. 3 Meteorology. 4 *Oaths. 5 Aeroscopy.
speuradh,* -aidh, *s.m.* Blasphemy, an oath by heaven—*Argyll.*
speuraibh, *dat.pl.* of speur.
speuraidhean, *s. pl.* of speuradh. Curses, imprecations. Used in *Gairloch*, where the occurrence of the *sing.* is rare. Thug e speur-aidhean air, *he cursed and swore at him.*
speuran, *n.pl.* of speur.
speuranta, -ainte, *a.* Ethereal.
speur-bhodaich,(DU) *s.m.* Old form of buttoning usually seen in old men's garments.
speur-choimhead,* -id, *s m.* Aeroscopy.
speur-dhealrach, -aiche, *a.* Sky-glittering.
speur-eolach, *a.* Versed in astronomy or astrology.
speur-eòlas, -ais, *s.m.* Astronomy, astrology.
speur-ghlan, -ghlaine, *a.* Clear-skied, cloudless, serene.
speur-ghlan, *s.f.* Clear sky.
speur-ghorm, -ghuirme, *a.* Blue-skied. 2 Azure.
spiac, see speuc.
spiacach, -aiche, see speucach.
spiacair, -ean, *s.m.* see spiocair.
spiacaireachd, see spiocaireachd.
spiaclan, *Gairloch* for speuclan.
spial, see spiol.
spian, see spion.
spiantag,* -aig, -an, *s.f.* Maggot.
————ach, -aiche, *a.* Maggotty.
†spic, -e, -ean, see spéic.
†spice,(DMK) *s.f.* Pinnacle, conical peak, anything pointed—*Caithness.*
spiceach, see spéiceach.
spiceach, see spiocach.
spid, *s.m.* Spite, malice. 2 Reproach, shame. 3 Censure. 4 Contempt. 5 Speed, expedition. 6 Activity, quickness. 7 Preparation, order. 8*Tyranny. 9 Infamy. Cuir s. ort, *bestir yourself;* cuir s. air siod no seo, *prepare this or that quickly;* a' caitheadh s. orm, *using me contemptuously;* fo d' s., *under your tyranny* or *contemptuous sway;* duine gun s., *an inactive, weakly man.* [**s.f. & gen.* -e.]
spideach,** -eiche, *a.* Spiteful, malicious. 2 Shameful. 3 Reproachful. 4 Contemptible. Gu s., *spitefully.*
spideachas,** -ais, *s.m.* Spitefulness.



646. Spideag.

spideag, -eig, -an, *s.f.* Nightingale—*philomela luscinia.* 2 (AF) Robin. 3 (AF) Any delicately formed creature. 4 Any slender creature. 5 Spiteful young female. 6 Taunt, affront. 7 ††Little blow [**spideag.]
————ach, -aiche, *a.* Taunting, apt to taunt. 2 Spiteful, as a female. 3** Abounding in nightingales. 4 Like a nightingale. 5**Melodious.
spideag-Muire,(AF)*s.f.* Robin.
spideal, -eil, -an, *s.m.* Spital, hospital.
spidealach, -aich, *s.m.* Meagre, sickly creature.
spidealachd, *s.f.ind.* Contempt. 2 Reproachfulness, reproach. 3 Malicious disposition, desire of reproaching. 4 Malicious and malignant conduct. 5 Spitefulness. 6 Shamefulness.
spidean, *s.m.* Game which resembles closely the common game of "pitch and toss," the difference being that buttons are always used in place of coins. A small stick is set up as a "spid," and a line drawn at a distance of about 10 feet. At this line the players take their stand. The game is open to any number of players—in fact the more players the better the game. Each player tosses his button at the *spid*, his object being to come as near it as possible. He whose button lies nearest the *spid* gathers the other buttons in his hands, shakes them, and finally tosses them in the air. All which fall face downwards he gathers and keeps; the remainder are lifted by the player whose button lay second, and thrown by him, those falling face upwards being in turn claimed by him. This continues till the buttons have all been gained, the first man often getting a second throw if the buttons last so long. The players all take their stand again on the line, the last tosser of the former time being the first to play this time, and continue throwing till they have lost all their buttons, or are otherwise forced to desist.

Should the *spid* be hit fairly by any man except the first, all buttons, no matter how near, must be lifted and re-tossed. The advantages in being first man consist in the following. The first player may, if he choose, reclaim his toss by saying, "Cha luigh mi" (I shall not lie,) but if his toss be good enough, he says "Luighidh mi," (I will lie.) thus compelling all who follow to "lie," no matter how poor their attempt may be. If, however, the

first player says "Cha luigh mi," those following can all say the same, till such time as someone remarks "Luighidh mi," after which they are all forced to "lie." Another advantage the first man has is, that though he strike the *spid* fair he can yet "lie." Still popular, this was one of the most cherished games of the young Gael of former times, and many were the severe thrashings meted out to them for its sake. A boy departed to school with perhaps 30 buttons on a string and returned home with none, yea, without one on his clothes, which were held in place by pieces of wood or string—*Uist Games in Celtic Review, Vol. IV* [Called an "Uist" game in above, but it is in reality as much an English as an Uist one.]

spideig, *gen. sing.* of spideag.

spideil, -e, *a.* Reproaching, reproachful. 2 Contemptuous. 3 Censuring. 4 Clever, hasteful, business-like, making speed, making progress, quick. 5‡‡Healthy. 6 Spiteful. 7 Infamous. 8 Despicable. 9 Shameful.

spideileachd, see spidealachd.

spidich, *v.a & n.* Speed, cause to make speed.

spid-shuileach, -eiche, *a.* Purblind.

spig,** *v a.* Mock, scoff.

spigeil,** *a.* Mocking, scoffing.

spile,** see spalla.

spilgein, see spiligean.

spiligean, -ein, -an, *s.m.* Small grain, as of corn. 2 Thin, light grain—*W. of Ross-shire.* 3 Seedling. 4 *in derision,* Dwarfish person. 5 Single grain of oats, barley, &c. 6 mullaich, *the top pickle on an ear of corn;* s. arbhair, *a grain of corn.*

———ach, -aiche, *a.* Abounding in small grains, or 2 in seedlings. 3 Like a seedling. 4 Dwarfish.

spille,** *s.f.* Measure of yarn.

†spin, *s.* Thorn.

†spineil,** *a.* Thorny.

spinn, -e, -tean, *s.f.* Measure of yarn.

spinnle, see spinn.

spioc, -a, *s. f.* Dastardliness, cowardice. 2 Meanness, insignificancy. 3 Niggardliness.

spiocach, -aiche, *a.* Dastardly, mean-spirited, cowardly. 2 Mean, insignificant. 3 Niggardly, miserly, avaricious

spiocalh, -aidh, *s.m.* see spioc.

spiocaiche, *s.f* Niggardliness, stinginess, parsimony 2 see spioc.

spiocaicheachd,** *s.f.* Avarice.

spiocaid, -e, -ean, *s.f* Spigot, tap 2(MS)Rowel.

spiocair, -ean, *s.m.* Dastardly, mean-spirited fellow 2 Niggard, churl. 3 Insignificant fellow, dwarf, ninny.

———eachd, *s.f ind.* Dastardliness, pusillanimity. 2 Meanness, insignificance. 3 Niggardliness, parsimony, churlishness, shabbiness

spiochag,** -aig, *s.f.* Purse, bag

———ach, *a.* Like a purse. 2 Of a purse.

spiochan, -ain, *s m.* Wheezing in the throat. 2 **Person who has a wheezing in the throat. 3**Purse, bag (piochan)

———ach, -aiche, *s f.* Having a hoarse or wheezing voice 2 Like a purse or bag

———aich, -e, *s.f.* Continued wheezing in the throat.

spiocnard, -aird, *s.* Spikenard—*valeriana nardosachys.*

spiod, see spid.

spiod, -a, -an, see bioda.

spiod,* *v.a.* Tug, pull tightly—*Islay*

†spiodach, -aiche, *a.* see biodach.

spiodadh,* -aidh, *s.m* Tugging, quick pull or tug. 2 Hint. A' s—, *pr.pt.* of spiod.

spiol, *s.m.* Wool from a dead sheep, pluck. A skin of this sort (marbhchann) is often washed first in the strong lye in which clothes have been steeped for the wash. It is washed in each lather as the clothes are taken out, and after rinsing, hung on a puling to drip and nearly dry When a skin is sufficiently dry to be plucked, it is placed on the back of a chair near the fire—the warmth makes the plucking easier—with a clean creel underneath into which the tufts of wool fall as they are plucked The cutch. or coarse wool, remains on the skin, if the fingers are deft enough The wool is then either teazed for carding, or dyed should it be needed for mixtures. This kind of wool is not generally considered so excellent as that shorn from the sheep, but serves admirably for tweeds, or for dyeing and mixing with the better quality of wool in common use—*K.W.G. in Mòd prize paper.*

spiol, *pr.pt.* a' spioladh, *v.a.* Pluck, pull, snatch. 2 Nibble, bite at. 3 Peel. 4 Unshell, as an egg. 5 Tease, carp. 6 Grasp. 7 Browse, as cattle 8* Pick in a childish way

spiolach, -aiche, *a.* Plucking, snatching, that plucks or snatches, tugging 2 Nibbling, biting at. 3 Grasping. 4 Browsing.

———adh, -aidh, see spioladh.

spiolachair, -ean, *s. m.* see spiolachan. 2 One who digs out of the earth.

———eachd, see spioladaireachd.

spiolachan, -ain, -an, *s.m.* One that nibbles or bites at anything. 2 Dwarfish person. 3** Spaddle. 4 Instrument to pluck or dig with.

spioladair, -ean, *s.m.* One that plucks, or tugs, plucker, snatcher. 2 Pair of pincers, forceps, or nippers. 3 Teaser, carper.

spioladaireachd, *s.f.ind.* Continual plucking or snatching. 2 Tugging. 3 Constant nibbling at anything.

spioladh, -aidh, *s.m.* Plucking, act of plucking or snatching. 2 Nibbling, act of nibbling or biting at anything. 3 Carping. 4 Grasping. 5 Browsing. 6 Snatch, tug, pluck. 7 Tugging, picking. A' s—, *pr.pt.* of spiol.

spiolag, -aig, -an, *s.f.* Snatch, slight bite, small crumb, as of bread 2 Little mouthful of anything. S. tombaca, *a chew of tobacco.*

———ach, -aiche, *a* Plucking or biting slightly. 2 Abounding in small crumbs.

———an,(DMK) *s. m.* Grain, as of oats, hand-shelled for eating. 2 Hand-shelling of grain and eating the kernel.

spiolaich, *v.* see spiol.

———te, *past pt* of spiolaich.

spiol-bhòt,** *s.m.* Boot-jack.

spiolg, *pr pt.* a' spiolgadh, *v.a.* Unhusk, unshell.

———ach, -aiche, *a.* Shelling, that shells or unhusks

———adh, -aidh, *s.m.* Unhusking, act of unhusking or shelling. A' s—, *pr.pt* of spiolg. A' s. nam faochag, *shelling the winkles*

———air, -ean, *s.m.* One who unhusks or shells, husker 2 Lightly-formed person.

———aireachd, *s.f.ind* Continued unhusking or shelling 2 Slenderness or slightness of form.

spiolgan,** -ain, *s.m.* Plucking, tugging 2 Nippers.

spiolgta, *past pt* of spiolg. Unhusked, shelled.

spiolta, *past pt* of spiol. Plucked, snatched. 2 Nibbled at, slightly bitten.

spion, *pr.pt.* a' spionadh, *v.a.* Pull, pluck up, tear. 2 Snatch. 3 Drag, tear or take away by force or violence. 3 Root. 4 Peel—*Arran* 5††Eradicate. Na s. o m' ghaol mi, *do not tear me away from my love;* s. as a bhun e, *eradicate it, root it out;* s. an cnap, *peel*

the potato—Arran.
———ach, -aiche, *a.* Pulling, that pulls or plucks, plucking, dragging tearing, apt to drag, pull, tug or tear.
———ach,†† -aich, -aicheau, *s.f.* Plucked or emaciated creature.
†spionad, -aid, *s.m.* Sinew.
†———ach, *a.* Sinewy.
spionadair, -ean, *s.m.* One who plucks, pulls, tears, drags, or snatches away 2**Nippers.
spionadh, -aidh, *s.m.* Plucking, act of plucking or pulling. 2 Act of snatching or taking suddenly away. 3**Motion, action.¾ Pull, pluck, tear. 3(AH)Drizzle. A' s—, *pr. pt.* of spion. S. uisge, *a slight drizzle of rain*
spionadh, -aidh, *s.m.* Plucking sheep instead of clipping—*Gairloch*,(called *rooing* in *Shetland.*) 2(DMK) Plucking feathers off birds. A' s. na circe, *plucking the hen.*
———, *3rd. pers. sing. & pl. imp.* of spion. 2 *past pass.* of spion.
spionag,(DC) *s.f.* Poorly-nourished girl 2 Feckless person. 3 Poorly-grown tree, bush, &c.—*Argyll.*
spionaidh, *fut. aff a.* of spion.
spionan,** -ain, *s.m* Gooseberry-bush.
spionar, *fut.pass.* of spion.
spionn, see spionnadh.
spionna, see spionnadh.
spionnadach, -aiche, *a* Strong, vigorous.
spionnadail,(MS) *a.* Robust.
spionnadar, -aire, *a.* see spionnadach.
spionnadh, -aidh, *s.m.* Strength, might, force, pith, power.
spionnadh-iasaid, *s. m.* Loan-strength. Gheibh cobhartach s., *a helper will get loan-strength.*
spionnag,(CR) *s.f.* Bandage round the forehead as for a headache—*Suth'd.*
spionnar,** *a.* Strong, powerful, pithy.
spionndach,* -aiche, *a.* see spionnadach.
spiontachas, see spionnadh.
spionnail,(CR) *a.* Strong—*W. of Ross.*
spionta, *past pt.* of spion. Pulled, plucked. 2 Snatched, torn away. [chann.)
spiontach,* *s.f.* Skin-wool—*Perthshire.* (marbh-
———an,* -ain, *s.m.* Person like a plucked fowl. 2**Searcher.
spiontag, -aig, -an, *s.f.* Currant. 2 Gooseberry. 3 Particle in the throat that causes coughing. 4 Kind of maggot. 5 Small drop of rain or flake of snow preceding a shower.
——— —ach,** *a.* Abounding in, or pertaining to currants, &c.
spiorad, -aid, -an, *s.m.* Spirit (ghost.) 2 Spirit, mind, vigour, heart, animal spirits. 3* Spirituous liquors. S. briste, *a broken spirit* or *heart*; an S. Naomh, *the Holy Spirit*; droch s., *an evil spirit*; s. beò, *a lively spirit*; s. buidhe, *spirits of salts* (*lit.* yellow spirits.)
spioradail, -e, *a.* Spiritual. 2 Devoted to spiritual things 3 Like a spirit. 4 Lively, spirited, courageous. Gliocas s., *spiritual understanding.*
———————t, see spioradail.
spioradalachd, *s.f.and.* Spirituality, immateriality. 2 Vigour, liveliness. 3(MS) Raciness. 4 Soiritedness.
spioradan, -ain, -an. *s.m.,dim.* of spiorad. Trifling dwarf. 2 Ghost. 3 Fairy.
spiorad-buidhe, *s.m.* Spirits of salts.
spiorad-lodain, *s.m.* Ignis-fatuus.
spiorag, see speireag.
spiorsag,** *s.f.* see speireag.
spios, -a, -an, *s.m.* see spiosradh.
———, *v.a.* Spice.
spiosach, see spiosrach.
———adh, see spiosrachadh.
spiosachan,** -ain, *s.m* Spice-box. 2 Embalmer
spiosadach,** *a.* Spicy, spiced
spiosaich, *v a.* Spice 2 Embalm.
spiosrach,* *s.m.* Spicery
spiosrach, -aiche. *a* Abounding in spice or spices spiced. 2 Spicy. 3 Aromatic, perfuming.
———.—adh, -aidh *s.m.* Seasoning, act of seasoning with spices. 2 Process of perfuming or embalming A s—, *pr.pt.* of spiosraich
———.—an, **-ain, *s.m.* Embalmer.
spiosrachd,** *s.f* Embalming 2 Perfuming. 3 Spicery perfumery. 4 State of being embalmed or perfumed.
spiosradh, -aidh. *s.m.* Spice, spicery.
———.———ach, -aiche, see spiosrach.
spiosraich, *pr pt.* a spiosrachadh *v. a.* Spice, season with spice or spices. 2 Aromatize, perfume. 3 Embalm.
———e,** *s.m.* Embalmer. 2 Perfumer.
———ear, *fut.pass.* of spiosraich.
———idh, *fut. aff. a* of spiosraich.
———te, *past pt.* of spiosraich. Aromatized. 2 Embalmed.
spiosradh, *s.f.* Spices, spiceries.
spiothag, -aig, -an, *s.f* see spitheag.
———ach, see spitheagach.
spiothair,** *s.m.* Spy, scout.
———.—eachd,** *s.f.* Spying, frequent spying.
spire,(AC) *s.f.* Welkin. Mac na spire, *son of the welkin.*
spiric, *s* Steeple, spire. 2 Pinnacle. 3 Acme.
spiriceach,** *a.* Apeak. 2 Pertaining to, or like, a spire or steeple.
spiricean,** -ein, *s.m.* Acme. 2 Little spire or steeple.
———.—ach,** *a.* Having spires or steeples.
spiris, -e, -ean, *s.f.* Hen-roost, cock-loft. 2 Hammock. 3* Spire.
spiriseach,-eiche,*a.* Having roosts or hammocks. 2 Like a roost or hammock. 3**Conical.
spirlinn,** s. Fall. 2 Chance.
spirseag,** -an, *s.f.* Sparrow-hawk.
———ach,** *a.* Like a sparrow-hawk. 2 Abounding in sparrow-hawks.
spisneachail, *s.f.* Aromatization.
spisnich, see spiosraich.
spisniche,(AC)*s.m.* Prop, pillar, column, support.
spisreadh, -idh, -idhean, *s.m.* see spiosradh.
spiteal, -il, *s f.* Spittal.
spitheag, -eig, -an, *s. f.* Small bit of wood. 2 Small stone to throw with the hand, pebble. 3 Bite, nip, pinch. 4**Flake
———ach, -aiche, *a.* Full of small pieces of wood. 2 Full of small stones or pebbles, pebbled. 3 That nips or pinches.
spitheagaich, *v.a.* Bite, pinch.
———.———, *s.f.* Pinching, nipping.
spithear,** *s.m* Emissary, scout.
spiul, see spiol.
spiulgan, -ain, *s.m.* see spiolgan.
spiuthair,(MS) *s.m.* Filcher, robber, depredator.
spiuthaireachd, *s.f* Depredation.
splad, -aid, *s m* Squash. 2 Fall, tumble, falling flatly on the ground. 3**Noise, as of a door shutting. 4 Bang
splad,** *v.a. & n.* Fall. 2 Bang. 3 Slam, shut as a door with violence.
splaid, *s m.* Thud. Thuit e le s. air an ùrlar, *he fell with a thud on the floor*—as when a child falls flat in running, or a door is suddenly shut by the wind, &c. [McL & D gives *souse* in Eng.-Gael. part.]
splaid,* *v.* see splad.
splaidse, *s.f.* Squelch, squash.
———ach, *a.* Squashing.
———adh, *s.m.* Squash.
splaidseil,(DU) *s.f.* Falling with a thud. 2 Bang-

ing, as a door with the draught.
†splang,* *s.f.* Sparkle, flash, blaze.
†—— —,* *v.n.* Sparkle, flash.
splang,(DC) *s.m.* Share, lot, as of fish, &c. 2 (DMy) The belly from the ribs to the thighs of a person or animal. The region of the fat on the *maodal* of sheep or cattle.
——ach,** *s.m.* Nill. 2**Ashes of a smithy.
——adh,** -aidh, *s.m.* Sparkling, blazing, flashing
splangaid, -ean, *s.m.* Snot, mucus, phlegm.
——————each, -eiche, *a.* Snotty, mucous, phlegmatic.
——————eachd, *s.f ind.* Snottiness, phlegminess.
spleacan,(AC) see sleabhag.
splèachd, *pr.pt* a' spleachdadh, see spleuchd.
spleachdair, see spleuchdair.
spleadh,* *v.* Fall with a crash.
spleadh, -a, -an, *s.m.* Romance, fiction, tale. 2 Ostentation, boasting, vain-glory, hyperbole 3 Falsehoods told with a view to flatter. 4** Flattery. 5 Dependance. 6 Exploits. 7 Splay-foot. 8* Enormous splay-foot. Cum a staigh do spleadhan, *keep in your ugly feet*, or *toes*.
————ach, -aiche, *a.* Fabulous, fictitious, romantic. 2 Given to fiction. 3 Ostentatious, boasting, gasconading. 4 Flattering by falsehoods, dependence, hyperbole. 5††Splay-footed. 6*Having enormous feet, having ugly feet.
————achas, -ais, *s.m.* see spleadhaireachd.
————adair, -ean, *s.m.* Teller of tales or romances. 2 One fond of the marvellous. 3 Boaster, vain-glorious person. 4 One who flatters by telling falsehoods.
————adh,* *s.m.* Fall, crash, falling.
spleadhach,(MS) *v.n.* Amplify.
spleadhair, -ean, *s.m.* see spleadhadair. 2 (AF) Bully, despotic man.
spleadhaireachd, *s.f.ind.* Romance, fictitiousness. 2 Disposition to deal in fictions or romances. 3 Disposition to flatter by retailing falsehoods. 4 Amplification. 5**Errantry. 6 *Wonder, surprising nature or quality of anything.
spleadhan, -ain, -an, *s.m.* Wooden paddle, used in digging for shell-fish and sand-eels.
spleadhas, see spleadhaireachd.
spleadhnach,** *a.* Gorgeous.
spleadhnas,†† -ais, *s.m.* Fiction.
spleadhnasach,†† *a.* Fictitious.
spleadhrach,* -aiche, *a.* Romantic.'2 Incredible. 3 Enormous. 4 Gasconading, romancing.
spleadhraich, *s.f.* see spleadhaireachd.
splèamas,†† -ais, *s.m.* Affected surprise, vulgar show.
spleangaid,** *s.f.* Snot, mucus, phlegm.
————-—ach,** *a.* Snotty, phlegmy.
spleicean, *s.m.* see sleabhag.
spleoid,** *s.m* Satan.
spleuchd, *v.a. & n.* Stare, gaze. 2 Squint. 3 Spread out by trampling 4†† Plaster awkwardly. 5*Flatten awkwardly 6*Open one's mouth and eyes and stare like a fool.
spleuchd, -a, -an, *s.m.* Squintness of the eyes, squint. 2 Gaze, stare. 'S ann ort a tha 'n s., *how you do stare!*
spleuchdach, -aiche, *a.* Squinting, having squint eyes. 2 Staring, gazing, apt to stare or gaze 3 That spreads out by trampling 4 Spread out by trampling. 5* Flat, ugly as stamped cloth or print. (*spleucach.)
spleuchdadh, -aidh, *s.m.* Squinting, act of squinting. 2 Staring, act of staring 3 Gaze, stare. 4 Act of spreading out by trampling. A' s—, *pr.pt.* of spleuchd
spleuchdag, -aig, -an, *s.f.* Squint-eyed female.
spleucdaid,* *s.f.* Foolish starer. (*spleucaid)
spleuchdair, -ean, *s m.* Squint-eyed person, one who squints. 2 Starer, gazer. 3**Eye-glass. (*spleucair)
————————eachd, *s.f.ind.* Staring, continued staring or gazing, 2 Squinting, habit of squinting. 3 Spreading out of anything by trampling. 4††Plastering awkwardly.
————————ean, *n.pl.* of spleuchdair.
spleuchdan, -am, -an, *s m.* Pair of spectacles, *prov.* 2 Tobacco pouch – *Arran*.
spleuchdlan, see spleuchdan.
sphachd, see, spleuchd.
sphonach,** -aich, *s m.* Ill-thriven animal.
sphongag,(AH), *s.f* Sharp sound produced by drawing the bulb of the middle finger quickly and firmly across the bulb of the thumb.
spliut,** *v a.* Dash or throw carelessly aside.
sphùc,* *s.f.* Fluke of an anchor.
spliucan, see sphùchan.
————ich, see sphùchanach.
sphùchan, -ain, -an, *s.m.* Tobacco pouch. 2** Leather purse. 3**Bladder. (also sphùchan in *Gairloch*—DU.]
spliùchanach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, tobacco-pouches. 2 Like a tobacco-pouch.
sphùdrach,** -aich, *s.m.* Bad beer, swipes.
spling, -a, -an, *s.m.* Snot. 2 Icicle. 3 Anything hanging down. S. a' choilich Fhrangaich, *the turkey cock's proboscis.*
spling,†† -ùig, -an, *s. f.* Discontented look, hanging lip. 2**Wry mouth such as is occasioned by crying. 3* Blubber-lipped person's mouth.
spliùgach, -aiche, *a.* Splay-footed.
spliugach, -aiche, *a.* Snotty. 2 Snivelling. 3 Drivelling, stupid. 4†† Discontented. 5†† Having a hanging lip.
spliugaid,* *s.f.* Blubbering female.
spliùgair, -ean, *s.m.* Splay-footed person.
sphugair, -ean, *s.m.* Snotty person. 2 Sniveller. 3 Driveller, idiot. 4††Blubbering fellow. 5†† Slovenly fellow.
spliùgan, -ain, *s.m.* Splay-footed person.
sphùig, -e, -ean, *s.f.* Discontented and disagreeable countenance.
sphùigeach, -eiche, *a.* Discontented, having a discontented and disagreeable look.
spliùigear, -ir, -an, *s.m.* One who has a discontented and disagreeable look. 2††Slovenly fellow.
spliut, -a, -an, *s.m.* Lame hand or foot. 2* Splay-foot [pliut, *a cat's paw.*]
spliut, *v a* Slop, splash. 2 Flounce. 3 Circumfuse. 4 Dash. 5††Gush out. 6* Gash.
splintach, -aiche, *a.* Lame of a hand or foot. 2 ‡‡Gushing out suddenly, as any liquid, owing to the vessel containing it being broken.
spliutadh, -aidh, *s.m.* Gushing, act of gushing out suddenly, as liquor from a broken vessel. A' s—, *pr.pt.* of spliut.
spliutaiche, *s.f.* Lameness of one hand. 2 Any liquor that has been spilt by the breaking of the vessel containing it 3 Bad or stale beer.
spliutaire,* *s.m.* Splay-footed man 2 Splay-footed female.
spliutradh, -aidh, *s. m.* Mean and parasitical flattery. 2 Going from house to house for parasitical ends.
spoc, -a, -an, *s m.* Spoke of a wheel.
spocach, aiche, *a* Having spokes.
spoch, *v.a.* Address one angrily and quickly. 2 Intimidate by speaking hastily or angrily. 3 Provoke. 4 Affront. 5 Rob, spoil, despoil. 6 *Attack angrily.
spoch,(DC) *s.m.* Bite, blow, and especially the marks resulting—*Lochaber, Kintail*, &c. 'S

gun diol gach righ 'bheir spoch aisde, (a bnoineid). *and every king who clips it will regret (his act.)*—*Filidh, p. 33.* 2*Sudden attack or assault, as of a cat.

spochadh, -aidh, *s.m.* Act of addressing one hurriedly or angrily. 2 Provoking, act of provoking, provocation. 3 Depredation. A' s—, *pr. pt.* of spoch.

spochanach,* *a.* Fond of picking quarrels.

————d,* *s.f.* Picking quarrels, as a feeble-natured person.

spodh, see spoth.

spodha, see spothadh.

spodhadair, see spothadair.

spodhadaireachd, see spothadaireachd.

spodhadh, see spothadh.

spog, -oig, -an, *s.f.* Claw, talon, paw. 2 *in ridicule*, the foot or hand. 3 Fluke of an anchor. 4**Spoke of a wheel. 5 Tram or shaft of a cart or barrow. 6**Clumsy leg. 7* Flat foot.

spog, *pr.pt.* a' spògadh, *v.a.* Seize upon with the claw or talon.

spogach, -aiche, *a.* Clawed, pawed, armed with talons. 2**Clumsy-footed. (spàgach.)

spògadh, -aidh, *s.m.* Act of seizing upon with the paws or talons. A' s—, *pr.pt.* of spòg.

spòg an uaireadair,(DMK) *s.f.* Hand of a time-piece—*W. coast of Ross.* S. nan uairean, *the hour-hand*; s. nan mionaidean, *the minute-hand.*

spòg bheag,(DU) *s.f.* Hour-hand of a time-piece.

spòg mhór,(DU) *s.f.* Minute-hand of a time-piece.

spog-na-cubhaig,¶ *s.f.* Heart's ease, pansy, see bròg-na-cubhaig.

spòg-shnàmha, *s.f.* Web-foot.

spoid,** *s.f.* Hasty word.

spoidear,** -eir, *s.m.* Hasty person.

spòilinn,** *s.f.* Small joint of meat.

spoineadh,** *s.m.* Bite.

spoingeach,** see spongach.

spoinnich,* *v.* Bristle against.

spòirneach, see spàirneach.

spoithte, *a.* & *past pt.* of spoth, see spothta.

spòl, -òil, *s.m.* see spathalt.

spòld,** *s.m.* Piece of a joint of meat. S. laoigh, *a joint of veal.*

spòlda, see spathalt.

spòldaich,** *s.pl.* Slain bodies, carcases.

spoll,* -a, *s.f.* Quarter, leg or joint, as of a sheep or fowl.

spoll, *v.* see spolt. [*veal.*

spolla, *s.m.* spathalt. Spòlla laoigh, *a joint of*

spollachdach, -aiche, *a.* Sottish, sluggish. 2 Stupid.

spollachdair, -ean, *s. m.* Stupid person, block-head.

spolladach,* *a.* see spollachdach.

spolladh, *s.f.* Shape of the head. Dh' aithnich mi thu air do s., *I knew you by the shape of your head.*

spollan,(DC) *s.m.* Senseless blockhead, sumph.

spòlt, *pr. pt.* a' spoltadh, *v. a.* Tear, mangle, 2 Quarter. 3 Hew down, slaughter, as in battle. 4** Abuse.

spolt, *v a.* Sprinkle, bespatter. 2 Splash, sprinkling.

spòlt, *s m.* Piece or joint of meat.

spolta, see spòlt.

spoltach, -aiche, *a.* That hacks or hews down in battle. 2**Tearing, mangling. 3 Apt to tear, mangle or devour 4 Abusing. 5 Devouring.

spoltach, -aiche, *a.* Sprinkling.

spòltadh, -aidh, *s.m.* Hacking, hewing down, slaying, slashing, massacring 2 Mangling, tearing. 3 Abusing. A' s—, *pr.pt.* of spòlt.

spoltadh,(CB) -aidh, *s.m.* Scattering drops of water &c. from a vessel, sprinkling—*Perthshire.* 2 Bespattering.

spoltair, *s.m* see spultair.

spòltaidh, *fut. aff. a.* of spòlt.

spultan,(CR) *s.pl.* Drops of water, &c. scattered from a vessel—*Perthshire.*

spòn, see spàin.

spònag,** -aig, *s.f.* Spoon, little spoon.

spong, -uing, -an, *s. m.* Sponge. 2 Tinder, pith, touchwood. 3 *in contempt*, Niggard. 4 (DMK) Excrescence that grows on the roots of birch-trees—*W. coast of Ross.* 5*Meanness.

spongach, -aiche, *a.* Spongy. 2 Niggardly, parsimonious 3 Fungous.

spongail, -e, *a.* see spongach.

spongair, -ean, *s.m.* Niggard, churl, moucher.

spongaireachd, *s.f.and.* Niggardliness, churlishness, mean disposition.

spongairean, *n pl.* of spongair. [ish.

spongalach,** *a.* Parsimonious, niggardly, churl-spongalachd, see spongaireachd.

spor, -uir, *pl.* -an & -uirean, *s. m* Riding-spur. 2 Claw, talon. 3**Dew-claw. 4 Gun flint. 5 Incitement. 6‡ Flint. 7(DU) Piece of quartz or quartzite used in lieu of flint for making a light—*Gairloch.* 8‡ Tinder. 9** Spur of a cock. 10 Goad. Spuir air a spògan, *spurs on his legs.* [* *s.f.*]

spor, *pr.pt.* a' sporadh, *v.a.* Incite, spur, push on, instigate, goad.

spor,(CR) *v. a.* Search by scratching, groping or fumbling—*Perthshire.*

sporach, -aiche, *a.* Spurred, as a horseman, having spurs. 2 Having talons or claws. 3 Having flints. 4 Like a flint. 5 That spurs or instigates. 6**Tenacious. 7**Apt to grasp, of a grasping disposition.

sporadair,** *s.m.* Spurrier, spur-maker. 2 Flint-cutter.

————eachd,** *s.f.* Spur-making. 2 Flint-cutting. 3 Greediness.

sporadh, *3rd. pers. sing. imp.* of spor. S. e, *let him spur.*

sporadh -aidh, *s.m.* Inciting, act of inciting. spurring on, instigating, goading. 2 Search, grope, fumble. A' s—, *pr. pt.* of spor.

sporag,¶ *s.f.* House-sparrow, see gealbhonn. 2 Hedge-sparrow, see gealbhonn-nam-preas.

sporaidh, *fut.aff.a.* of spor.

sporail, see sporthail.

sporalaich, see sporthalaich.

sporan, *n.pl.* of spor.

sporan, -ain, -an, *s.m.* Purse. 2 Dewlap. The sporan molach of the Gael is a purse made of badger-skin, goat-skin, &c It is fastened by a leathern belt round the waist and hangs down in front, often having tassels dangling from it.

sporan,§ (an), *s.m.* Shepherd's purse (plant), see lus-na-fola

sporanach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, purses. 2 Like a purse.

sporan cas feannaig, see sporan feannaig.

sporan feannaig,(DC) *s. m.* Mermaid's purse—egg of the skate or dogfish. It is enclosed in a tough, square-shaped sac, which, on development, the ovum can open from the inside. The sac has stringers for attaching itself to seaware, stones, &c.

spor-an-teintein, see losg-bra-teine.

sporas,(DU) *s.m.* see sporag.

spordhail, see sporthail.

sporg,* *v.* Ruzzle, struggle without effect.

spòrgail,* *s.f.* Ruzzling noise, struggling without effect, ruzzle. A' s—, *pr.pt.* of spor.

sporraich,* *v.n.* Bristle. S. e rium, *he bristled up to me.*

spòrs, -a, *s.f.* [*m.* in *Badenoch.*] Sport, play, diversion, fun. 2 Derision, mockery, scorn. 3 Pride. Gheibh sinn s., *we shall get some fun*; 's i an s. a thug ort sin a dheanamh, *sheer pride made you do that*; luchd na s., *scorners*

spòrsach,** -aiche, *a.* Sporting, fond of sport. 2 Playful, funny. 3 Causing sport or diversion. 4 Prone to deride or scorn.

spòrsail, -e, *a.* Sportful, jocose, merry. 2 Scornful, proud, disdainful, haughty. 3 Foppish, beauish, gallant. 4**Jeering, deriding. 5** Funny.

————eachd, see spòrsalachd.

spòrsair,(MS) *s.m.* Amuser

spòrsalachd, *s.f.ind.* Sportiveness, playfulness. 2 Fastidiousness. 3 Pride, foppery. 4 Sportfulness. 5**Habit of jeering or deriding. 6** Conceitedness, haughtiness, disdainfulness. 7 (MS) Air. Fear s., *a fop.*

sporthail, *s.f.* Noise of scratching on boards. 2 (AH) Subdued rattling noise, such as is made by a stone wall about to fall, rats, mice, &c. in a hole, box, &c.

sporthail,(CR) *v.n.* Make a rustling noise in searching for anything.—*W. of Ross-shire.*

sporthalaich, *s.f.* Rustling. Crubagan a' s. 'nam faiche, *crabs making a clawing* or *rustling noise in their burrows.* A' s—, *pr. pt.* of sporthail.

spot,** *v. a.* Spot.

spot, -oit, -an, *s.m.* [*f.* in *Badenoch.*] Spot,stain, blemish. 2 Plot of ground. Air an s., *immediately.*

spotach, -aiche, a. Spotted, speckled. 2 Stained.

spotag, *s.f.dim.* of spot. Little speckle,blemish.

spotagach, -aiche, *a.* Spotted, blemished.

spotaich,** *v.a.* Spot, speckle, blemish.

spotaichear, *fut.pass.* of spotaich.

spotaichte, *past pt.* of spotaich.

spoth, *pr.pt.* a' spoth & a' spothadh, *v. a.* Geld, castrate, spay. 2* Prepare straw for thatch. S. an t-sil, *separate the grain from the straw and beard after the threshing is over*—DMy.

spoth, *s.m.* see spothadh.

spothadair, -ean, *s.m.* Gelder.

spothadaireachd, *s.f.ind.* Operation or business of gelding or castrating.

spothadh, -aidh, *s.m.* Gelding, castrating, spaying. 2 Castration. A' s—, *pr.pt.* of spoth.

spothaidh, *fut. aff.a.* of spoth.

spothar, *fut.pass.* of spoth.

spothta, *past pt.* Gelded, castrated. 2*Prepared for thatch, as straw. 3* Very bare, as a measure.

†sprac,**-a, *s.m.* Spark. 2 Life. 3 Motion.

spracach,** *a.* Strong, vigorous.

spracadh, -aidh, *s.m.* Strength, vigour, exertion, sprightliness, boldness, courage.

spracail, -e, *a.* Strong, active, powerful. 2 Commanding

spracalachd, *s.f.ind.* Strength, activity,exertion.

spraic, -e, -ean, *s.f.* Reprimand, severe or harsh reproof. 2 Frown. 3 Imperious mandate. 4 Vigour. 5 Exertion, effort. 6**Sprightliness. 7* Augury. 8 Authoritative tone of voice and attitude. 9* Cleverness.

spraiceach, -eiche, *a.* see spraiceil.

spraicealachd, *s.f.ind.* Habit of reproving with harshness or severity. 2 Habit of frowning or threatening by looks. 3 Imperiousness in ordering. 4 Habit of perseverance. 5††Severe censoriousness. 6**Arbitrariness. 7**Vigorousness. 8**Much exertion,frequent exertion. 9**Frequent scolding.

spraiceil, -e, *a.* Reprimanding severely or harshly, scolding. 2 Inclined to reprove severely or harshly. 6 Frowning. 4 Imperious, uplifted, proud. 5 Harsh, severe. 6 Vigorous, strong, powerful, lively, active, energetic. 7 Persevering. 8**Passionate. 9 **Sprightly. 10 Arbitrary. 11 Authoritative, commanding.

spraid,** *s.f.* Blast, puff. 2 Report of a gun.

spraidh, -ean, *s. m.* Loud blast. 2 Shot, report of a gun. 3 Any loud and sudden sound. 4 **Crack. 5**Jerk. 9 Explosion.

spraidheach, -eiche, *a.* see spraidheil.

spraidheil, -e, *a.* Loud, as a blast. 2 Squally. 3 Causing any loud or sudden sound. 3 Sounding, as the report of a gun. 4 Blustering.

spraigh, *v.n.* see spreadh.

spraigheadh,* -eidh, *s. m.* & *pr. pt.* of spraigh, see spreadhadh.

spreadh, *pr.pt.* a' spreadhadh, *v. a.* & *n.* Burst. 2 Emit a loud sound in bursting. 2 Kill, despatch, finish. 4 Scatter, dismiss, disband. 5 ††Explode. 6(DMy) Spray.

spreadh,** *s.m.* Crack. 2 Stirring up, provocation. 3 Rude onset, sudden onset, as of two fowls fighting, sudden shock. 4 (DMy) Spraying. 5(DU) Explosion.

spreadh,(DC) -an, *s.m.* Sherds, fragments.

spreadhadair,* -ean, *s.m.* Cartridge.

spreadhadh, -aidh, *s.m.* Bursting, act of bursting. 2 Act of emitting a sound in bursting. 3 Killing, act of killing, finishing or despatching one. 4 Sudden and hard blow. 5 Loud, sudden sound, noise. 6 Scattering, dismissing, disbanding. 7 Activity. 8††Life. A' s—, *pr. pt.* of spreadh.

spreadhan, -ain, *s.m.* Potsherd.

spreadhan, *s.m.* Pot for melting cod-liver. or for roasting or frying, frying-pan. 2 (DMK)Vessel to hold oil for anointing wool—*Lochbroom.* 3 see spreighean.

spreadhta, *past pt.* of spreadh. Burst suddenly. 2 Scattered, disbanded.

spreag, see spreig.

spreagach, -aiche, see spreigeil.

spreagachadh, -aidh,*s.m.*& *pr.pt.* of spreagaich, see spreigeadh.

spreagadh, -aidh, *s.m.* & *pr.pt.* see spreigeadh.

spreagaich, for spreigich, see spreig.

spreagail,** *a.* Bold, active, smart.

spreagair, -ean, *s. m.* Reprover. 2 Inciter, provoker.

spreagaireachd, see spreigealachd.

spreagan†† -ain, -an, see spreangan.

spreamb,** *v.a.* Tighten one's clothes about one, confine oneself with tight clothes.

spreambach,** *a.* Drawing one's clothes tightly about one.

spreangan, -ain, -an, *s.m.* Cloven stick used to close the wound when cattle are bled.

spréid,(AF) *s.f.* Flock of sheep.

spréid, *v.* Gaelic spelling of *spread.*—*Perthshire.*

spréideach, *a.* Spreading, apt to spread or diffuse.

spréidh, -e. *s.f.coll.* Cattle of any kind. 2 (AF) Sheep. 3 Live-stock. 4 (AF) Marriage portion of cattle.

spreidh, see spreadh.

spréidh,(AF) *s.f.* Shoal of fish.

spréidheach, -eiche, *a.* Abounding in cattle. 2 Having many cattle.

spréidte, *past pt.* of spréid. Spread out.

spreig, *pr.pt.* a' spreigeadh, *v.a.* Blame, chide, reprove, scold, accuse. 2 Prompt, incite, stir up, instigate. 3 Enforce, press. 4 Divulge anything you are enjoined to keep secret. 5 (MS) Pronounce. 6 Govern, in *grammar.* 7 ††Enforce with words.

spreige,** *s.f.* Disparagement. 2††Reproof,scold, accusation. 3(DU) *pl.* spreigeachan, Sparable

for a boot.
spreigeach, -eiche, *a.* Inclined to scold, blame or accuse. 2 Enforcing. 3 Expressive. 4 Forcible. 5 Active, in *grammar*.
spreigeadh, -idh, -ean, *s. m.* Blaming, accusation, act of blaming, reproving, chiding or scolding. 2 Inciting, act of inciting, prompting, instigating or stirring up. 3 Enforcing, pressing, act of enforcing. 4 Reproof, scold. 5*Pith, energy. 6* Divulging a secret. A' s—, *pr.pt.* of spreig. Mòine gun s., *pithless peats*.
spreigealachd, *s.f.ind.* Habit of reproving, reprimanding, chiding or scolding. 2 Tendency or readiness to reprove, reprimand, chide or scold. 3 Proud language, insolence of speech 4 Boldness, audacity, undauntedness. 5 Activity. 6 Authoritativeness, imperiousness. 7 Provoking, provocation.
spreigeanta, -einte, *a.* see spreigeil.
————chd, see spreigealachd.
spreigear, *fut. pass.* of spreig.
spreigearra,** *a.* Scolding. 2 Smart in speech, expressive, forcible. Beurla s., *expressive English; expressive language*.
spreigearrachd, *s.f.* Scolding 2 Smartness of language, expressiveness of speech.
spreigeil, -e, *a.* Reproving, censuring, blaming. 2 Prone to reprove, censure or blame. 3 Scolding, prone to scold. 4 Authoritative, imperious. 5 Bold, undaunted. 6 Active, lively, smart, energetic. 7 Vehement.
spreigeilealchd, see spreigealachd.
spreigh, *v.* see spreadh.
spréigh, *s.f.* see spréidh.
spréigh, *s.* Velocity. 2 Gallant movement. 3 Gliding. *Sàr-Obair*.
spreigheadh, -idh, *s.m. & pr. pt.* of spreigh, see spreadhadh.
spreighean,(DMK) *s.m.* see spreadhan.
spreighich, -e, *s.f.* see spreadhadh.
spreighte, *past pt.* of spreigh, see spreadhta.
spreigich,*? *v.a.* Reprove. 2 Provoke.
spreigich, *v.a.* see spreig.
spreigichidh, *fut.aff.a.* of spreigich.
spreigidh, *gen.sing.* of spreigeadh. Cha bu tu fhéin crioch t' aobhar spreigidh air sluagh ach teicheadh gu 'n tearamunn, *you were not yourself the aim of your inciting of the people, but they to flee to their protector—Dàin Iain Ghobha*.
spreigidh, *fut.aff.a* of spreig.
spreill, -e, -ean, *s.f.* Blubber-lip. 2 The tongue hanging out in contempt, or from discontent.
spreilleach, -eiche, *a.* Blubber-lipped.
spreilleachd,**s.f.*The deformity of blubber-lips.
spreilleag,** -eig, *s.f.* Blubber-lipped female.
spreillear, -eir, *pl.* -a & -an, *s.m.* Blubber-lipped fellow.
spreilleasachadh,(MS) *s.m.* Distortion.
spreòcainn. *s.m.* Sick person, valetudinarian. 2 Any fragile or tender thing—*Skye*.
spreochainn,(MS) *s.f.* Strength.
spreochan, -ain, *s. f.* Weakness, pithlessness, langour. 2 Weakling, weakly, decayed or decrepit person, infirm old person (most frequently applied to a female.) 3††Weak exertions. 4* Person or thing hardly hanging together. [*spreochainn.] S. truagh cailiich, *an infirm old woman*.
spreòchanach, -aiche, *a.* Languid, decayed, decrepit from age, infirm, weak. 2** Imbecile. Gu s., *feebly*.
spreòchanachd, *s.f.* Weakness, infirmity, debility. 2**Imbecility. 3††Weak efforts.
spreòchanta, -ainte, *a.* see spreòchanach. 2** Piping.
spreòchantachd, see spreòchanachd.
spreòchdainn, *s.m.* see spreòcainn.
spreòd, *pr.pt.* a' spreòdadh, *v.a* Incite, set on, excite, provoke, goad on. 2 Abuse by words. 3 Enforce.
spreòd, -eòid, -an, *s m.* Projecting beam. 2†† Bowsprit. Crann spreòid, *the bowprit of a ship*. (also spreod.)
spreod,(CR) *v.a.* Spread (peats to dry, &c.)—*Arran*.
spreòdach,†† *a.* Exciting.
spreòdadh, -aidh, *s.m.* Exciting, act of exciting or inciting 2 Provoking, act of provoking. 3 Abusing, act of abusing by words. 4 Cavilling. 5 Censuring. A' s—, *pr.pt.* of spreòd.
spreòdaich,(MS) *v.a.* Animate. 2 Tempt.
spreòid,** *v.a.* Cavil, censure.
spreòid, see spreòd & spreoit.
spreoit,** *s.m.* Useless thing. 2 Idler, drone. 3 Fragment. 4 see spreòd.
spreòtadh, see spreodadh.
sprineag,** -eig, -an, *s.f.* Pebble.
sprineagach, *a.* Pebbly
spriollag,(MS) *s f.* Boutefeu, incendiary. 2 Quarreler. 3 Baffler. 4 Wag.
spriollagach, *a.* Waggish.
spriong,** *v.a.* Wrinkle, corrugate.
sprionc,** *s.m.* Wrinkle, corrugation.
sprioncach,** *a.* Wrinkling, corrugating.
sprioncadh,** *s.m.* Corrugation, wrinkling.
sprios,** -a, *s.m.* Twig, wicker. 2 Bramble.
sprìosach,** *a.* Abounding in, of, or pertaining to, twigs or wicker.
sprìosan,** -ain, *s.m.* Small twig or wicker. 2 Bramble. 3 Poor, diminutive creature. 4 *n. pl.* of sprios.
sprìosanach,** *a.* Like a twig. 2 Diminutive. 3 Slender.
spriuchar,** -air, *s.m.* Sting.
spriudhan,(DC) -ain, *s. m.* Thin, undeveloped arms, legs, &c. 2 Stunted bushes, &c.
spriumhachan,** *s.m.* Budget.
spriunan,§ -ain, *s.m.* Red or white currant, see raosar dearg & raosar geal.
spriunanach,** -aiche, *a.* Abounding in, of, or like, currants.
spriùtan,** -ain, *s.m.* Finger-end. 2 *in ridicule*, Finger, hard finger.
spriùtanach,** *a.* Hard-fingered.
sproch,** -a, *s.m.* Robbery.
sprochadh,** -aidh, *s.m.* Robbing.
sprochaill, see sprogaill.
sprochailleach, see sprogailleach.
sprochair, -ean, *s.m.* Robber.
————eachd,** *s.f.* Robbery. 2 Commission of robbery.
sprochd, *s.m.* Sadness, dejection, lowness of spirits, melancholy. 2 Bitterness. 3 Lament. Tog s. an laoich, *raise the hero's lament*; a chuir m' anam fo s., *that brought sadness on my soul*.
sprochdach, -aiche, *a.* see sprochdail.
sprochdail, -e, *a.* Sad, dejected, in low spirits. 2 Causing sorrow or dejection. 3 Melancholy, mournful.
sprochdaileachd, see sprochdalachd.
sprochdalachd, *s.f.* Dejection of spirits or mind, mournfulness.
sprodh,** -a, -an, *s.m.* Sprat.
sprodhach, *a.* Abounding in, or of sprats. 2 Like a sprat.
sprodhan,** -ain, *s.m.* Young sprat.
spròg(CR) *s.*Sturdy, a disease of sheep—*Arran*.
spròg,* *s.* Dewlap.
sprogail, *Suth'd* for brogail.
sprogaill, -e, -ean, *s.f.* Crop of a bird. 2 Dewlap of cattle. 3 Double chin. 4**Cock's comb or

crest. [In *N. Argyll* dewlap and double chin are sprogan—AH.]

sprogailleach, -eiche, *a.* Having a large crop, dewlap or double chin. 2 Like a crop or dewlap. 3 Hanging down, as a dewlap or bird's crop.

sprogan, -ain, -an, *s.f.* see sgròban & sprogaill. 2(DC) Small tuft of hair under the chin of a deer, extended in use to a goat and a ram. Greim air s. a' Bhlair, *hold of Blair's whisker—Fionn an Taigh a' Bhlair bhuidhe*

sproganach, -aiche, *a.* see sgrobanach.

spronnag,** *s.f.* see spronnan.

spronnan,‡ -ain, *s. m.* Crumb. 2 *pl.* Crumbs, fragments. 3 Refuse.

spronnanach, -aiche, *a.* Abounding in small crumbs or fragments.

sproth, see sprodh.

spruacach,** *a.* Pettish.

spruacanach,** *a.* Pettish.

spruacanachd,** *s.f.* Pettishness.

spruan, -ain, -an, *s.m.* Brushwood, firewood. 2 *Shortbread. 3††Crumbs.

spruanach, -aiche, *a.* Abounding in brushwood or firewood.

spruanach, -aich, *s. m.* Quantity of brushwood.

spruchag,(CR) *s.f.* Hoard, savings—*S. end of Arran.*

sprùdan,‡ *s.pl.* Fingers, sprouts.

sprudhan, * *s.m.* see spruileach.

sprùidhlean,** -ein, -an, *s.m.* Claw, paw, clutch. 2 *in derision,* The fingers.

sprùidheanach, *a.* Clawed, pawed, having hard fingers.

sprùidheanachd, *s.f.* Pawing or fingering clumsily.

spruidhleach, -eiche, see spruileach.

spruileach, -eiche, *s. m.* Fragments, crumbs, refuse, offals.

spruileach, *v.a.* Distinguish.

spruille,** *s.f.* Crumbs, fragments, dross, refuse.

spruilleag, -eig, -an, *s.m.* Small crumb, fragment, offal.

spruilleagach, -aiche, *a.* Full of small crumbs or fragments. 2(MS) Roguish.

spruis,** *s.f.* Spruce (tree.)

spruisealachd, *s. f. ind.* Neatness. spruceness, trimness.

spruiseil, -e, *a.* Spruce, neat, well-dressed. Gu *s., tidily.*

sprunnan, see spronnan.

———-ach, see spronnanach.

spruthan, see spruan.

spuac,(MS) *v.a.* Strike. 2 Swaddle. (spuaic.

spuacach,** *a.* Pettish. 2 (DU) Shy and awkward, diffident.

spuacachadh, *pr.pt.* of spuacaich.

spuacadh, -aidh, *s.m.* Breaking act of breaking or splintering. 2 Act of thumping or knocking on the head 3 Act of blistering or raising blisters or pustules on the skin 4 State of becoming blistered 5 Daubing or plastering awkwardly. A' s—. *pr.pt.* of spuaic.

spuacaich, *pr.pt.* a' spuacachadh, *v.a.* Dint.

spuaic, *pr. pt.* a' spuacadh, *v.a. & n.* Break or splinter 2 Thump, knock on the head. 3 Blister, raise blisters or pustules on the skin. 4 Become blistered or covered with blisters or pustules 5* Plaster awkwardly with all your might. 6 ††Smudge. 7 Bruise, maul.

spuaic, -e, -ean, *s.f.* The crown of the head. 2 Pinnacle of a tower. 3 Callosity, kind of swelling. 4 Blister, pustule. 5 Scab. 6††Speck. 7 Smudge. 8** Blue mark. 9 (CR) Mole or spot on the face—*Suth'd.* 10**Pettishness. 11 ††Wound. 12* Bruise, maul. 13* Tumour on the side of the head. S. theanga, *a disease in cattle.*

spuaiceach, -eiche, *a.* Breaking, that breaks or splinters. 2 Thumping, that thumps or knocks. 3 Blistered, having blisters or pustules. 4 Causing blisters. 5‡ Scabbed. 6**Bruising, mauling. 7**Pinnacled.

spuaicearra, *a.* see spuaiceach. 2**Pettish.

spuaichdeach, see spuaiceach.

spuaiche,** *s.f.* Pet, pettishness.

spuaicheach, *a.* Pettish.

spucaid,* -e, *s.f.* Wheal. 2 (DU) Pustule.

spuch, *pr pt.* a' spuchadh, *v.a.* Strike with the paw, as a cat.

spùd,** *s.m.* Balderdash.

spudan, *s.m.* Chute of a still (p. 731.)

spui leach,** -ich, *s.m.* Slip-slop.

spuidsear, *s.m.* Baling-dish for a boat. 2 Bucket with a wooden handle to lift water from the sea—*Arran.* 3 AH) Watering-can.

spùill, -e, -ean, *s f.* see spùinn.

spùill, *pr.pt.* a' spùilleadh, see spùinn.

spuille, see spùinn.

spùilleach, see spùinneach.

spùilleadair, see spùinneadair.

spùilleadaireachd, see spùinneadaireachd.

spuilleadh, see spùinneadh.

spùillean, -e, -ean, see spùinn.

spùillear, see spuinneadair.

———, *fut.pass.* of spuill.

spùillearachd, see spùinneadaireachd,

spùillearan, *n.pl.* of spùillear.

spuille-chogadh, see spùinne-chogadh.

spuillinn, see spùinne.

spuilfir(e)-buidhe, (AF) *s.m.* Marsh harrier.

spuing,§ -ean, *s.f.* Cork-like fungus growing on trees—*polyporus.* 2 Sponge. 3 Tinder, touchwood. 4 *in derision,* Niggard.

spuing, *gen sing* of spong.

spuingealachd,** *s.f.* Sponginess. 2 Parsimoniousness. niggardliness.

spuingeil,** *a.* Spongy. 2 Parsimonious, niggardly.

spuinn, -e, -ean, *s f.* Spoil, booty, plunder. 2 Capture. 3 Burglary, robbery. [** gives *nom.* spùinne.]

spùinn, *pr.pt* a' spùinneadh, *v.a.* Spoil, plunder, rob. 2 Deprive of anything. An s. duine Dia? *shall a man rob God?*

spuinneach, -eiche, *a.* Spoiling, robbing, plundering 2 Having much spoil or plunder.

spùinneadair, -ean, *s.m.* Robber, plunderer, spoiler. 2 Brigand.

spùinneadaireachd, *s.f* Robbing, spoiling, plundering, robbery, practice of robbery.

spùinne chogadh,** -aidh, *s.m.* Predatory warfare

spuinneadairean, *n.pl.* of spùinneadair.

spùinneadh, -aidh, *s.m* Plundering, act of plundering, robbing or spoiling. 2 Depriving, act of depriving or taking away 3 Spoil, booty, robbery. A' s—, *pr.pt.* of spùinn.

spuinnear, -ir, -an, see spùinneadair. 2 *fut.pass.* of spùinn.

spùinnear, *s.m.* Tarry rope—*Arran.*

spùinnearach, *a.* Piratical.

spùinnearachd, see spùinneadaireachd.

spùinnearan, *n.pl.* of spùinnear.

spuir,* *gen.sing. & n.pl.* of spor.

spuir, see spor. S. na h-iolaire, *the eagle's claw.*

spuirean, *n.pl.* of spor.

spuirse, *s.f.ind.* Spurge, milkweed—*euphorbia exigua & e. heliosco pia.*

spuirseach, -eiche, *a.* Abounding in spurge. 2 Like spurge or milkweed.

spuis, -e, -ean, *s.f.* Pocket.

spulgan,(DU) *s.m.* Kiln-dried corn. 2 Small

quantity taken and eaten after husking with the teeth. Used collectively, see spiolgan.
spull,* *s.f.* Nail of a cat. 2 Clutch. 3††Cat's claw.
spullach,* -aiche, *a.* Nailed. 2 Greedy.
spullach,* -aich, *s.m.* Greedy, monopolizing female. [*s.f.]
spullair,* -ean, *s.m.* Greedy man.
spult, *v.a.* Spatter, bedabble, sprinkle. 2 Splash. sprinkle. 3 Tear, mangle. (also spolt.)
spult,** *s.m.* Splash. sprinkling (also spolt.)
spultach, *a.* Splashing, bespattering, sprinkling. 2 Tearing, mangling. 3 Devouring. (also spoltach.)
spultadh, -aidh, *s.m.* Respersion. 2 Splashing. sprinkling. 3**Aspersion. 4 Tearing, mangling. A' s—, *pr.pt.* of spult. (also spoltadh.)
spultaidh, *fut.aff.a.* of spult.
spultair,** *s.m.* Dabbler, one who splashes or bespatters. 2 Tearer mangler. (also spoltair)
spultaireachd,** *s.f.* Splashing, bespattering, sprinkling. 2 Tearing, mangling.
spultairean, *n.pl.* of spultair.
spultar, *a.* Apt to splash or bespatter.
spultar, *fut.pass.* of spult.
spungail,** *a.* Niggardly, churlish. (spongach.)
spungair,** -ean, *s.m.* Niggard, churl.
spungaireachd, *s.f.* Niggardliness, churlishness.
spungairean, *n.pl.* of spungair.
spungalachd, *s.f.* Niggardliness.
spuran, see sporan.
spur-an, -ain, -an, see spàrsan.
spursanach, see spàrsanach.
spurt, see spòrs.
sput,** *s.m.* Eunuch.
spùt,(DMK) *s.* The smallest particle. Cha'n 'eil s. céille aige, *he has not the smallest particle of sense—W. coast of Ross.*
spùt, -a, -an *s.m.* Spout, spout of water 2 Pour of rain. 3 Flux. 4 Cascade. 5 *in contempt*, Bad drink. 6(DMv) Disease in cattle, diarrhœa in cattle or sheep. Bò s., uan s., *a cow with diarrhœa. a lamb with diarrhœa ;* tobraichean 'nan spùtaibh dian, *fountains in impetuous torrents ;* guuna-spùt, *a syringe.* [** gives *gen.* spùit.]
spùt, *pr.pt.* a' spùtadh, *v.a. & n.* Spout, pour out, squirt.
sputach, -aiche, *a.* Spouting, squirting, that spouts or squirts. 2 Sloppy, miry or vapid (of drink.) 3**Pouring. 3 (DU) Worthless, contemptible.
spùtachan, -ain, -an, *s.m.* Syringe, squirt. Gunna spùtachain, *a syringe*
spùtadh, -aidh, *s.m.* Spouting, act of spouting or squirting. 2 Pour of water. 3 Torrent, cascade A' s—, *pr pt.* of spùt.
sputaidh, *fut.aff a.* of spùt.
sputair,* -ean, *s.m* Bird. 2 Syringe.
spùtan, -ain, -an, *s.m.,dim.* of spùt. Small spout or squirt. 2 Small cascade, jet or rill. 3 Syringe.
spùtanach, -aiche, *a.* Full of little spouts, squirts or cascades. 2 Like a syringe.
spùtar, *fut.pass.* of spùt.
spùtarsaich,** *s.f.* Slip-slop.
sputhuinn, (CR) *s.* Straw not threshed but seedless—*Argyll.* 2 (DC) Straw drawn and combed for thatch.
srabag,(AF) *s.f.* Cockle.
srabadh,** *s.m* Abstertion.
srabh, -aibh, -an, *s.m.* Straw. 2††Straw fuse for blasting. 3**Plenty. 4 Falling water. A' trusadh nan s. agus a' leigeil nam boitean leis an abhainn *gathering straws and allowing the trusses to go with the stream ;* a. uisge, *water pouring, as from the roof of a house.* [*pl.* in *Gairloch* srabhean—DU.]
srabh,* *v.a.* Scatter here and there.
srabhach, -aiche, *a.* Strawy, full of straws. 2 Like a straw. 3* Scattered. 4**Plentiful. 5 Squandering.
srabhadh,** *s m* Diffusion.
srabhag, -aig, -an, *s. f. dim.* of srabh. Little straw. 2 Straw laid on wood in a kiln under the grain.
srabhagach, -aiche, *a.* Full of little straws.
†srabhan, -ain, -an, *s.m.* Superfluity.
srabhan, -ain, -an, *s.m.* Little straw. 2 *pl.* of of srabh. 3 (DU) Broken straw mixed with kiln-dried corn.
srabhanach, -aiche, *a* Full of little straws.
srabhard, *s.m.* Quarrel, dispute, riot—*Rob Donn.*
srac,(DU) *v.a.* Stroke with a tawse, &c
srac, *pr.pt.* a' sracadh, *v.a. & n.* Tear, rend, cut asunder. 2 Rob, spoil, plunder.
srac, sraic, *s m.* Noise of cloth in the act of tearing 2 Noise made by a scythe in the process of mowing. 3 Prattling.
srac,(DU) *s.m.* Stroke given with a tawse or rod. 2 Strickle for sharpening a scythe. S. speal-ain, *scythe-strickle.*
sracach, -aiche, *a.* Tearing, that tears or rends. 2 Full of rents. 3**Apt to tear.
sracadair, see sracair.
———eachd, see sracaireachd.
sracadh, -aidh, *s.m.* Tearing, act or state of tearing or rending, rent, tearing, cutting asunder, fissure. 2 Robbing, act of robbing or plundering. 3 Twig, shoot, sprout. 4**Pulling. 5** Fissure, tear, rent. 6 Robbery, spoil, extortion. A' s—, *pr. pt.* of srac.
sracadh,(DUs *s.m.* Act of striknig with a tawse or rod.
sracair, -ean, *s. m.* Tearer, render, one who tears or rends. 2 Spoiler, robber. 3 Champion. 4 Extortioner.
sracair,** *s.m.* Gossip.
sracaireach, -eiche, *a.* Tearing, rending. 2 Given to extortion. 3 Given to fighting.
sracaireachd, *s.f.* Tearing, continued tearing or rending. 2 Habit of tearing. 3 Extortion, 4 Hard fighting. 5 Oppression.
sracaireachd,** *s.f.* Gossiping.
sracanta,* -ainte, *a.* Turbulent. 2 Oppressive, apt to extort. 3 Vigorous, stout. 4 Tearing. (see sracaireach.)
sracantachd, see sracaireachd.
srachd, see srac.
———ach, see sracach.
———air, see sracair
———aireach, see sracaireach.
———aireachd, see sracaireachd.
srachdta, see sracta.
sracta, *past pt.* of srac. Torn. 2 Spoiled, robbed.
srad, *pr pt.* a' sradadh, *v.n.* Sparkle, emit sparks, strike fire. 2††Run swiftly.
srad, -aid & -a, *pl.* -an, *s. f.* Spark of fire. 2 *Quick temper. 3**Drop.
srada-bianain, *s.f.pl.* Ignis-fatuus.
sradach, -aiche, *a.* Emitting sparks. 2 Full of sparks.
sradadh, -aidh, *s.m.* Sparkling, act of sparkling or emitting sparks. A' s—, *pr.pt.* of srad.
sradag, -aig, -an, *s.f.dim.* of srad. Little spark. 2 Nettle—*Hebrides,* see deanntag. Beum nan sradagan, *the stroke that causes sparks.*
sradagach, -aiche, *a.* Emitting sparks. 2 Full of sparks
sradaich,(MS) *v.n.* Glisten.
sradanta,* -ainte, *a.* Quick-tempered.
sradrach,* -aich, *s.f.* Sparkle. 2 Half inebriety

sràibhlean, -ein, -an, *s.m.* Little straw. 2 Single straw.

———ach, -aiche, *a.* Abounding in little straws.

sràid, -e, -ean, *s.f.* Street, lane. 2 Walk, promenade,saunter, act of walking, as for exercise. 3 Row, rank. S.-leth-taoibh, *a by-street;* mar pholl nan sràidean, *like the mire of the streets;* gabh s., *take a walk.*

sràid,* *v.n.* Walk, pace. 2* Walk the streets.

———each, -eiche, *a.* Full of streets. 2 Having many or fine streets. 3 Like a street. 4‡‡ Walking, fond of walking.

———,* *s.m.* Lane.

sràideachan, -ain, *s.m.* Saunterer. 2 Vagabond.

sràideachd, *s.f.* Habit of walking or sauntering. 2 Act of walking or sauntering, promenading.

sràideag, -eig, -an, *s f., dim.* of sràid. Little street or lane. 2 Skip, leap, long pace. 3 Short walk. 4 Street walker, whore. 5**Mat.

sràideamachd,* *s.f.ind.* Walking for pleasure or exercise. 2 Pacing.

sràideamaich,* *v.a.* Walk for pleasure or exercise.

†sraideau, -ein, -an, *s. m.* Shepherd's purse (plant.)

sràidean, -ein, -an, *s.m.* Little street. 2 Village. 3 *n pl.* of sràid.

sràidear, -ir, -an, *s.m.* Saunterer, lounger.

———achd, *s.f.ind.* Lounging, sauntering about, promenading, promenade.

sràideas, -eis, *s.m.* see sràidearachd.

sràideasachd,** *s.f.* Airing.

sràideisich, *v.a.* Stroll, walk.

sraidheag, -eig, *s.f.* Cake.

sràidich, *v.a.* Jaunt.

sràid-imeachd, *s.f.ind.* Walking about at ease, promenading, lounging, sauntering.

sràid-sheòmar, *s.m.* Gallery.

sraigh,* **-e,** *s.f.* The cartilage of the nose. Cuiridh mi car an sraigh do shròine, *I will twist the cartilage of your nose.*

sraigh, *pr.pt.* a' sraigh, *v a.* see sreoth.

——— eartaich,* *s.f.* see sreothartaich.

sraing, *s.f.* Lace, embroidery-work—*Dàin Iain Ghobha.*

†srait,* *s.f.* Tax, fine.

sraith, see sreath.

sram,** *s.m.* Matter running from the eyes.

———ach, *a.* Blear-eyed.

sramh, -aimh, *s.m.* Jet of milk running from a cow's udder. †2 Matter running from the eyes. 3(DMy) Jet of beer or whisky that comes through the hole in the cask.

srang,** **-aing,** *s.m.* Frown.

srann, -ainn & -a, *pl* **-an,** *s.f* Snore, snorting. 2 Whizzing or whistling sound. 3 Whistling of the wind, as in the cordage of a ship. 4 Loud noise of a bagpipe. 5 Hum. 6 Any aërial sound produced by quick motion. 7 ** Twanging noise. 8** Noise of a bowstring. 9 Impetus of one walking fast. 10 Drink as deep as one's breath will permit. Piob a's beachdaile s., *a pipe of the cheerriest strain;* tha s. aice, *she is snoring;* s. na sine, *the noise of the blast.*

srann, *pr.pt.* a' srannail, *v n.* Snore. 2 Snort. 3 Make a humming or whistling noise. 4†† Buzz. 5**Twang. 6††Hum 7* Drink deep.

srannach, -aiche, *a.* Snoring, snorting. 2 Humming, making a humming sound. 3 Making a whistling or whizzing sound. 4 (DMK) Speaking through the nose—*Caithness.*

———an, -ain, -an, *s. m., dim.* of srann, see srannan.

srannadh, -aidh, *s.m. & pr.pt.* Same meanings as srannail. 2* Great offence.

srannaich, see srannail.

srannа-ghaoth, -ghaoithe, *s. f.* Loud-sounding wind.

srannail, *s.f.* Snoring, act of snoring or snorting. 2 Humming, act of making a humming sound. 3 Act of making a whistling or whizzing sound. 4*Great offence. 5 Neighing. 6 Loud hoarse noise. 7††Buzzing. 8**Continued whizzing. A' s—, *pr.pt.* of srann. S. a chuid each, *the snorting of his horses.* [Not *neighing*—MM.]

———,** *a.* Humming loudly. 2 Snoring, snorting. 3 Neighing. 4 Whizzing.

srannair, -ean, *s.m.* Snorer.

srannan, -ain, -an, *s. m. dim.* of srann. Rattle (child's plaything.) 2 Grasshopper. 3 Humming noise. 4 Whizzing noise. 5 Great hoarseness. 6 Rattling in the throat. 7†† Buzzing toy. S. séididh, *a kind of whirligig.* (see srannchan.)

———ach, see srannach.

———aich,(MS) *v.a.* Hum, as bees. 2 Hiss.

srannartach, -aiche, *a.* Snorting. 2 Timid. 3 Skittish (of horses.)

srannartaich, -e, *s.f.* see srannail. Thoisich e air s., *he began to snort.*

srannchan,** **-ain,** *s.m.* Humming-board, thin notched piece of wood attached at one end to a string, and making a loud humming noise when moved with a swift vertical motion. [Srannan in *Argyll.*]

sranndanaich, see srannanaich.

srannrach, see srannach.

srannraich, -e, *s.f* see srannail. Beachan gheug ri s., *the bees of the branches humming.*

†sraodh, -a, *s.m.* Sneeze.

sraoidhleagan, -ain, *s.m.* Battledore.

†sraoil, *v.a.* Push. 2 Scatter. 3 Tear.

sraoileach, *a.* Apt to tear, given to tearing. 2 Easily torn.

sraoileadh, see fraoileadh.

sraoileagach, *a.* Queanish, sluttish. 2 Sparkling, as fire.

sraoilleag, *s.f.* Scullion, dirty hussy. 2 Spark of fire. 3 Species of berry.

sraoilleanach, *s.m.* Scullion.

sraoin, -e, *s.f.* Huff, pet. [pride.

———eis, *s.f.* Huff, pet, swell of petulance or

———eiseach, *a.* Huffish, petulant, pert, querulous.

sraon, -aoin, *s.m.* see sraonadh. 2(DU) Shove to a floating body Cnir s. fodha, *shove it off.*

sraon, *pr pt.* a' sraonadh,*v.a.* Make a false step, fall sideways. 2 Stumble, slide. 3 Rush forward with violence. 4 Stray. †5 Turn. †6 Scatter. 7(DU) Shove.

sraonadh, -aidh, *s.m.* Act of making a false step, or falling sideways. 2 Stumbling, act of stumbling 3 Act of rushing forward with violence. 4 Great offence. 5††Digression, slip. 6 Huff. 7 Impetus of one walking fast. 8 ††Rush. 9 **Quick motion. A' s—, *pr. pt.* of sraon. Gu mhòr sraonadh, *keenest speed—B. Doran, l. 50*

sraonag, *s.f.* Vessel with a strong forward motion.—*Dàin I. Ghobha.*

sraonais, -ean, *s.m.* Huff, swell of sudden anger or arrogance. 2* Great snuffiness.

sraonaiseach, -eiche, *a.* Huffish, snuffy. 2 Arrogant. 3 Querulous, petulant.

sraonaiseachd, *s.f.* Pettishness, querulousness, huffishness. 2 Arrogance. 3 Pertness.

srath, -a, -an, *s.m.* Valley through which a river runs. 2 Low-lying or flat part of a valley district or farm. 3 Any low-lying country along a river, strath. 4 *Meadow. 5 The low, inhabi-

ted part of a country, in contra-distinction to its hilly ground. 6 Dell. 7 *rarely*, Marshy ground. 8 Plain beside a river. Eas a's àille srath, *a waterfall in the prettiest dell*, luchd-àiteachaidh an t-srath, *the inhabitants of the valley*.

†srath, -aith, -an, *s.m.* Tax, fine, amercement.

srathach, -aiche, *a.* Full of straths or valleys. 2 Dwelling in valleys.

————adh, -aidh, *s.m.* Act or circumstance of imposing a general fine. 2 Taxing, taxation.

†srathaich, *v.a.* Impose a general fine, tax.

srathair, -ean, *s.m.* Stroller, lounger.

srathair, -e & -thrach, *pl.* -thraichean, *s.f.* Cart-saddle. 2 Pack-saddle. 3 Straddle. Bithidh na caidearan a tighinn air na srathaichean, *the cadgers will be talking of pannier-saddles*. —i. e. every one to his trade.

srathan, -ain, -an, *s m. dim.* of srath. Little strath or valley.

srathanach, -aiche, *a.* Abounding in little valleys.

srathanach, -aich, *s.m.* Inhabitant of a little valley.

sreabh, see sramh.

†sreabhan, -ain, *s.m.* Cake.

sread, *s.* see sreath.

sread, see sreadan.

†sréad, -a, -an, *s.m.* Herd, flock. 2 Troop. 3 Row, rank.

sreadach, see sreathail.

sreadachadh, see sreathachadh.

sreadaich, see sreathaich.

sreadaichte, see sreathaichte.

sreadan,†† *s.m.* Tirade, torrent of words.

sreadh, see sreath.

sreafan, see streafon.

sream, -a, -an, *s.m.* see sreamadh.

sream, *pr.pt.* a' srcamadh, *v.a. & n.* Wrinkle, become wrinkled or corrugated. 2 Corrugate, contract into furrows or wrinkles. 3 Grin, as an angry dog. 4*Rheum.

sreamach, -aiche, *a.* Wrinkled, corrugated. 2 Corrugating, causing wrinkles. 3 Grinning, as an angry dog. 5 Blear-eyed.

sreamadh, -aidh, *s.m.* State of becoming wrinkled. 2 Act of corrugating, or causing wrinkles. 3 Grinning, act of grinning, as an angry dog. 4 Wrinkle. 5 Distortion of the face. 6 ‡ Curbing or checking by the nose. 7 †† Rheum.

sreamaid,* -e, -ean, *s.f.* String of slaver or snot.

†sreamh, *v.n.* Stream, flow

†sreamh, -eimh, *s.m.* Stream, spring.

sreamhaich, *v.* Blear.

sreamh-shùil, -shùl, *s.f.* Blear-eye.

sreamh-shuileach, -eiche, *a* Blear-eyed. 2 Having wrinkled eyes or eye-lids.

sream-shuileach,‡‡ -eiche, *a.* Having wrinkled eyes or eye-lids.

†srean, *s.m.* Wheezing.

sreang, *v.a.* Extend. 2 Draw out into threads. 3 Tear.

sreang, -einge, -an, *s f.* String, line, cord. 2 Rope. 3 Charm to prevent harm from an evil eye. 4 Ridge. 5 The part of a hand fishing-line held in the hand. 6 In *pl.* applied to fishing-lines.—DU. Iasgach shreangan, *line-fishing*; tharruing i an t-sreang le rogha beachd, *she drew the string with the best aim*.

sreangach, -aiche, *a.* Stringed, furnished with strings. 2 Stringy. 3 Composed of strings. 4 Capillary. 5 Dilute. 6 Lineal. 7 Strung, threaded. 8* Like a string or thread.

sreangachadh, -aidh, *s. m.* Stringing, act of stringing or fitting with strings. 2 Act of attenuating or making slender. A' s—, *pr.pt.* of sreangaich,

sreangag, -aig, -an, *s.f.* Small string, thread, cord.

sreangagach, -aiche, *a.* Full of little threads or strings, stringy.

sreangaich, *pr.pt.* a' sreangachadh, *v.a.* String, cord, fit with strings or cords. 2 Draw out into strings. 3 Attenuate, make slender. 4 Make subtle. 5**Bend with strings. 6*Get capillary.

sreangaichte, *past pt.* of sreangaich. Fitted with strings or cords. 2 Attenuated, made slender. 3 Tied. 4 Capillary.

sreangair,** *s.m.* Sneaking, half-starved fellow.

sreangan, -ain, -an, *s.m.* Small string. 2 Thread with which shoes are sewn. 3 Little rope or line.

sreaganach, -aiche, *a.* see sreangagach.


sreanganan, (DU) *s.m.* Reef-points of a sail—*Skye*.

sreang-art,** -airt, *s.f.* see sreang-tart.

sreangartach,** -aich, *s.m.* Tall raw-boned man, *in derision*.

————, *a.* Like a loadstone, magnetic.

sreang-bogha,§ *s.f.* Rest-harrow—*ononis arvensis*.



647. Sreang-bogha.

sreang-chumail, *s.f.* Awe-band.

sreang-lion,** -liontan, *s.f.* Casting-line, casting-net.

sreang-riaghailt,** *s.f.* Plumb-line, plummet, ruling-line, mason's parallel line.

sreang-stiùiridh,** *s.f.* Stern-rope.

sreang-tart,** *s.f.* Loadstone.

sreang-thomhais,** *s.f.* Measuring-line. 2 Surveyor's line or chain.

sreang-thrian, see sreang-bogha.

sreann,* see srann.

sreannartaich,* see srannartaich.

sreann-chor,* *s.f.* Whirlwind—*Islay*.

sreap, see streap.

sreat, *s m.* see sreatan.

sreatan,* -ain, *s.m.* Screech. S. lughadaireachd, *a screech of blasphemies*.

sreath, -a, -an, *s. m.* Series, class, order, row, rank, stratum, layer, 2 Issue. 3 Round, circle. 4 (AH) Reef in a sail. 5 (AF) Herd, troop, flock. 6**Swathe, as of grass. 7 Drill or row of potatoes. 8** Long line. 9 (DU) Line of printing, print. 10(DU) Furrow. Tha e 'cur feamainn 'san t-s., *he puts seaware in the furrow*; s. aghaidh, or sreath beòil, *the van* or *front rank of an army*; s. meadhon, *centre rank*; s. chùl, *the rear rank*; an dà sh., *in two rows*; le sreathaibh, *with rows* (*of jewels*.) On stated occasions of carousal it was customary among the Gael of old to sit in a circle, which they called *sreath*. The cup-bearer filled the cup to the brim at every round, and however potent the liquor might

be, it was cleared off at a draught. These scenes of intemperance often lasted for three days, and it was deemed effeminate in anyone to retire sober. At such drinking matches it was usual for two men to be in attendance at the door with a litter, to carry off to bed every individual as he fell senseless from his chair. —** [*s.f.*]

sreathach, -aiche, *a.* see sreathail.

———adh, -aidh, *s m.* Arrangement. 2 Act of setting or arranging in ranks or rows. 3 Drawing up in lines. 4 Rolling into swathes, as grass. A' s—, *pr.pt.* of sreathaich.

sreathadh, *s.m.* Sneezing.

sreathaich, *pr.pt.* a' sreathachadh, *v.a.* Place or set in ranks or rows, draw up in ranks.

———te, *past pt.* of sreathaich. Placed in ranks or rows, drawn up in lines.

sreathail, -e, *a* Ranked, in ranks or rows. 2 In classes. 3 Lineal. 4 Full of ranks or rows. 5**Full of rolls or swathes, as grass.

sreathainn, -e, *s.f* Straw on which corn is laid in a kiln. 2 Kiln-straw. 3 Materials of a bed, i.e. drawn straw.

sreathal,** -ail, *a.* That is in rows.

sreathan, *n.pl.* of sreath. 2 *s.m.* Little row or rank. 3 see sreothan.

sreathan,** *s.m.* Vellum. 2 Filmy skin which covers an unborn calf. 3 Film. Cho tana ri s., *as thin as a film.*

sreathart, *v.* see sreothart.

———aich, *s.f.* see sreothartaich.

sreathnaich,** *v.a.* Wet, moisten. 2 Spread out, extend.

———te, *past pt.* Wetted, moistened. 2 Spread out.

sréine, *gen.* of srian.

sreing, -e, -ean, see sreang.

sreinge, *gen.sing.* of sreang.

sreinglean,* *s.f.* see sringlean. [*sringlein.]

sréip, *gen.* of sreup.

sreòdadh, (MS) *s. m.* Inciting, encouraging, giving advice.

sreoth, *v.n.* Sneeze.

sreoth, *s.m.* see sreothart.

sreothan, -ain, -an, *s.m.* Caul. 2 Semen. 3 Film. Sreothan òig-aoin, *after-birth.*

sreothart, -airt, -an, *s.m.* Sneeze.

———ach, -aiche, *a.* Sneezing. 2 Causing to sneeze.

———aich, -e, *s.f.* Sneezing, frequent sneezing. Thòisich e air s., *he began to sneeze.*

sreud, -a, -an, *s.m.* see sreath & treud.

sreud,(CR) *s.m. W. of Ross* for sreath.

——ach, see sreathach.

sreup, see streup

——ach, -aiche, *a.* see streupach.

srian, -éine, *pl.* -ean & -tan, *s. f.* Bridle, curb, bridle and reins. 2 Restraint. 3 Stripe, streak.

srian, *pr pt.* a' srianadh, *v.a.* Bridle. 2 Curb, restrain. 3 Control.

srianach, -aiche, *a.* Bridled, like a bridle, of a bridle. 2 Curbing, that curbs or restrains. 3 Cockled. 4*Streaked. Each s., ceumnach, *a bridled, prancing horse;* an seillean s., *the ring-streaked bee.*

srianach, see strianach.

———d, *s.f.* Brindle. 2 State of being ring-streaked. 3 Ruling or managing by means of a bridle.

srianadair,(MS) *s.m.* Lorimer.

srianadh, -aidh, *s.m.* Bridling, act of putting in a bridle. 2 Bridling, act of curbing or restraining. 3 Reining. 4**Pulling down the power of an enemy. A' s—, *pr.pt.* of srian.

srianaich, *v.a.* Bit, bridle, as a horse. 2 (MS) Hold. 3* Marble.

srian-bhuidhe, *a.* Streaked with yellow.

srian-chlais, -e, -ean, *s.f.* Furrow in a column.

———each, -eiche, *a.* Furrowed, as a column or pillar.

srianta, *past pt.* of srian. Bridled. 2 Restrained, checked, curbed, reined. [*sriante]

srid, *v.n.* Dribble.

srideach, -eiche, *a.* White, streaked with dark colour.

srideag, -eig, -an, *s.f.* Drop. 2 Spark.

srideagach, -aiche, *a.* Falling in small drops. 2 Tabby.

srideagaich. *v.a.* Besprinkle.

sringlean, -ein, *s.m.* The strangles, a disease in horses.

sriod, see srad.

sriod, *pr pt.* a' sriodadh, *v.a.* Run swiftly, run like wild fire.

sriodag, see srideag.

———aich,* *v* see srideagaich.

sriut, -uit, *s.m.* Torrent of quick sounds, tirade. 2 Rote. 3**Long tedious rhyme 4**Quick rehearsal, as of rhyme. 5**Speech rapidly delivered.

sriutach, -aiche, *a.* Rapid in rehearsing. 2 Rehearsing rapidly.

sriutach, -aich, *s.m.* Rapid rehearsal. 2 Rhyming. 3 Long and rapid rhyme, tedious rhyme.

sriutaiche, -an. *s.m.* One who repeats or recites rapidly. 2 Rhymer. [sriutaich—McL & D]

sriutan,** -ain, *s.m.* Long and quick repetition of news or poetry. 2(DU) Quick, jerky walk. S. ghnùdheachan, *a torrent of oaths or swearing.*

srobach,** *a.* Apt to push, thrust or shove.

srobadh, -aidh, -ean, *s. m.* Push, thrust. 2 Pushing, thrusting, shoving. 3 Small quantity of liquor.

†sroghall,‡ -aill, *s.m.* Whip, lash.

sròn, *gen.sing.* of srol.

sròin, *v a.* Deviate, turn aside.

sròin,* *s.f.* Huff. Tha s. air, *he is huffed* or *offended.*

sròin-adharcach, *s.m.* Udicorn.

sroin-aodach ** -aich, *s.m.* Pocket-handkerchief.

sròine, *gen.sing. & n pl.* of sròn.

sròineach,** *a.* Projecting, as a rock. 2**Large-nosed. 3 Sharp-nosed. 4 Apt to smell, snuff or snuffle. 5 Sharp-scented. 6 Nasal, like a nose 7 Like a headland. 8 Projecting, as a headland. 9**Having headlands or promontories.

sròineachadh, -aidh, *s.m.* Breathing. 2 Smelling. 3 Snorting. 4 Snuffing, snuffling.

sròineadach,†† -aich, -aichean, *s. m.* Handkerchief.

sròineadh, *gen.sing.* of sròn—*Skye.*

sròineag, *s.f.* Projecting rock. 2 see sròna*g*.

———ach, *a.* Having numerous promontories or jutting points.

sròineagaich, see sròna*g*aich.

sròineall, *s.f.* Musrol, nose-thong of a horse's bridle.

sròinean, *s.m.* see sròineall. 2(DU) *dim.* of sròn. Toe of a stocking.

sròineann, *a.* (sròin + fhionn) White-nosed.

sròineann, *n.pl.* of sròn.

sròineil,** *a.* Nasal.

sro-neis, -e, *s.f.* Snorting. 2 Snuffling. 3 Smelling. 4 Puffing, blowing from shortness of breath. 5* Huffiness.

sròineiseach, -eiche, *a.* Smelling, snuffling. 2 Snorting. 3 Apt to smell, snuff or snort. 4* see sraonaiseach.

sròineiseachd,** *s.f.* Habit of smelling, snuffling or snorting.

sròineisich,†† *pr. pt.* a' sròineiseachadh, *v. a.* Smelling. 2 Rubbing noses.
sroin-eudach,** -aich, *s m.* Pocket-handkerchief.
sròin-fhionn,** *a.* White-nosed, as a quadruped.
srοin-iall, see srôineall.
srôinich, *pr.pt.* a' srôineachadh, *v. a.* Breathe through the nostrils. 2 Smell, apply the nose to anything. 3 Snort. 4 Trace with the scent, as a dog, scent. 5 Snuffle. 6 Pant.
srôinich, *s.* see srôineis.
sroinnionn, *a.* (for srôin-fhionn) Na laoigh ôga sroinnionn guailleach, *the young, white-nosed, well-set-up calves*—*Donn.Ban, p. 60.*
srôin-sréine, see srôineall.
srôintean, *n.pl.* of srôn.
srôl, -ôil, *pl.* -an & -tan, *s. m.* Banner, ensign, flag 2 Silk, satin, gauze, lace, crape. 3 Any flowing or fine part of a lady's dress. 4** Flowing ribbon,streamer,sash. Le 'n sioda,"s le 'n srôltaibh. *with their silks and their sashes.*
srôlach, -aiche, *a.* Having banners or ensigns. 2 Like a banner. 3 Abounding in, or like, silk, satin, crape or gauze. 4 Flowing, as the delicate parts of a lady's dress, ribbons or sashes. 5* Dressed with crape.
srôl-bhratach, -aich, -aichean, *s.f.* Silken banner, pennon or flag.
————, -aiche, *a.* Silk-flagged, having silk pennons, flags or banners.
srôn, -ôine & -a, [srôineadh—*Skye*] *pl.*-an, -e** & srôintean, *s.f.* Nose. 2 Promontory, headland running from a mountain to a "strath." 3 Ridge of a hill. 4 Point of a plough. 5** Nostril. 6††Prow. 7(DU) Toe of a stocking. Ghabh e sin anns an t-srôin,*he took offence at that—lit. he took that in the nose;* tha s. air, *he is huffed, he is offended*; bràigh na srôine, *the bridge of the nose*; s. chrom, *aquiline nose*; s. dhireach, *Grecian nose*; s. smutach, *a pug nose.* [sroin—*Gairloch & Lochbroom*—DU.]
sronach, -aiche, *a.* Nosed, nasal. 2 Having a remarkable nose. 3 Abounding in promontories or headlands. 3** Sharp-scented. 5** Apt to smell or snuff. 6(DU) Ready to take offence.
srônach,* *s.f.* Nose-string
srônachaidh,(AF) *s.* Sea-stickleback.
srôn-adharcach,* -aich, *s.m.* Rhinoceros.
sronag, -aig, -an, *s.f.*, *dim.* of srôn. Small nose. 2 Small promontory. 3 Hillock. 4**Any prominent or projecting part of a rock or hill. Feadh nan s., *among the jutting rocks.*
————ach, -aiche, *a.* Abounding in small promontories. 2* Having numerous headlands or promontories. 3 Jutting, as rocks. 4 Abounding in hillocks.
————aich, -e, *s.f.* Smelling. 2 Tracing by scent, as a dog. 3**Snuffing, snuffling.
————raich,** *s.f.* Smelling. 2 Snuffling. 3 Snorting.
srônail, -e, *a.* see srônach.
srônaiseach, -eiche, *a.* Affectioned. 2 Apt to smell, smelling. 3 Snuffing. 4 Snorting. 5 (DC) Petted. 6(DC) Supercilious.
————·—d,** *s.f.* Habit of smelling, snuffling or snorting. Ciod an t-s. a th' ort? *why do you snuffle so?*
srônaisich, see srônagaich.
————, *v.* Scent, smell, nose.
srônamh,§ *s.m.* Onion, see uinnean.
srôn-an-laoigh,§ *s.f.* Snap-dragon—*antirrhinum orontium.* Known only in gardens in Scotland, and rare in Ireland as a wild flower, but it is found wild in various parts of the south of England. (ill. 648.)
srônan, -ain, *s.m.* see srôineall.
srôn-fhionn, -a, *a.* see srôin-fhionn.



648. Srôn-an-laoigh.

srôn-ghaothach, -aiche, *a.* Following the chase by scent or smell.
srôn-teud,** *s.* Bow-line, cable.
†sroth, -a, -an, *s.m.* Foam of water. 2 Stream. 3 Whirlpool.
srothan, see sruthan.
sruab, *v. a. & n.* Drink up any liquid with a noise of the lips. 2 Sweep off with eagerness. 3 Pull anything hastily out of the water. 4†‡ Make a paddling noise in water.
————ach, -aiche, *a.* Making a disagreeable noise in drinking liquids. 2 Sweeping anything off with violence or avidity. 3 Pulling anything hastily out of water. 4†‡ Making a paddling noise in water.
sruabadh, -aidh, *s.m.* Act of drinking water with a noise of the lips. 2 Act of sweeping anything away hastily or eagerly. 3 Act of pulling anything hastily out of water. 4 Noise of the lips in drinking. 5 Sudden or eager pull at anything. 6††Paddling in water. A' s—, *pr.pt.* of sruab. [sruabladh in *Poolewe*—WC.]
sruabair, -e, -ean, *s.m.* One who makes a noise with the mouth in drinking. 2 One who sweeps away anything greedily or eagerly. 3 Coarse, awkward fellow. 4†‡One who paddles in water.
————eachd, *s.f.ind.* Drinking of liquids with a noise. 2 Snatching of anything with eagerness. 3 Coarseness and awkwardness of manner. 4†‡Paddling in water.
sruabta, *past pt.* of sruab. Swallowed with a noise of the mouth. 2 Swept away eagerly or hastily. 3 Pulled hastily out of water.
sruaic,** *s.f.* Pustule.
sruall,(AF) *s.* Rnall (bird)—*Dean of Lismore.*
sruamach,** *a.* Streamy. 2 Powerful in armies, having great armies.
————,** -aich, *s.m.* Meeting of streams.
sruan,* -ain, *s.m.* Shortbread cake having five corners—*Islay.* 2**Triangular frame on which bread is set to bake before the fire.
srub, -uib, -an, *s.m.* Spout, as of a pump or kettle. 2‡‡Piece of timber, hollowed and placed in a falling stream for the convenience of filling vessels with water.
srùb, *pr.pt.* a' srùbadh, *v.a. & n.* Suck in or drink any liquid with the teeth set. 2 Suck, draw in, imbibe. 3 Inhale. 4 Drink with a noise of the lips. 5†† Pull anything hastily out of water. 6* Drink as long as your breath will permit.
——ach, -aiche, *a.* Sucking in. 2 Apt to suck or inhale. 3 Snuffing.
srubach, -aiche, *a.* Furnished with a spout. 2 Like a spout.

srùbadh, -aidh. *s.m.* Sucking in of liquor, act of sucking or drawing in. 2 Large mouthful of liquid, draught. 3 Inhaling. 4 Imbibing. 5††Drinking noisily. 6†† Snatching hastily. A' s—, *pr.pt.* of srùb.

srubag, -aig, -an. *s.f.* Little spout or pipe at the mouth of a vessel.

srùbag, -aig, -an, *s.f* Small draught, gulp or mouthful of any liquid. 2 (AF) Cockle. Tha s. aige, *he has a fair amount of whisky (bit of a spree.)*

———ach, -aiche, *a.* In little draughts, gulps or mouthfuls. 2 Drinking by small draughts.

srubagach, -aiche. *a* Furnished with small spouts.

srùbail,†† see srùb, *v.*

srùbair, -ean, *s. m.* Sucker, one who sucks in drink. 2 One who gulps or drinks greedily. 3 Sucker of a pump. 4 Inhaler 5(AF)Cockle

———eachd, *s.f. ind.* Noisy sucking in of liquors. 2 Frequent sucking. 3 Gulping, drinking greedily.

srùban, -ain, -an, *s. m. dim.* of srùb. Drawing or sucking in. 2(AF) Cockle. Tha s air, *he has had a drop*—i.e. *he is the worse of drink—Arran.*

———ach, -aiche, *a.* Abounding in cockles. 2 see srùbagach.

srubh,** -a, *s.m.* Snout.

———ag,** -aig, *s.f.* Cake baked before the fire.

srubh an laoigh,§ *s.m.* Snap-dragon, see sròn an laoigh.

srubhan na muice,§ *s.m.* Wall hawkweed—*Hieracium pilosella.*



649. Srubhan na muice.

†srudhar,** *a.* In small pieces.

sruil,* see sruthail.

sruit, *s.* see sriut.

sruith,** *s.f.* Harangue. †2 Knowledge, discerning.

sruithean, *pl.* of sruth.

srulach, -aiche, *a.* see sruthach.

srulachan, (DMy) *s.m.* Loop on point of the flap which covers the foot of the headless stocking. Also called "srulachan an osain."

sruladh, -aidh, see sruthladh.

srulag. see sruthlag.

———ach, see sruthlagach.

srùlamas, -ais, *s.m.* Person that speaks as if his mouth were filled with liquid.

sruth, *pr.pt.* a' sruthadh, *v.n.* Flow, run on, as a stream. 2 Melt, become liquid. 3 Shed, drip. 4 Stream, pour. 5 Derive. Sruthaidh na beanntan, *the hills shall melt.*

sruth, -a -uith, *pl.* -anna, -an, -uithean & -aidh, *s.m.* River, stream, torrent, brook, running water. 2 Stream, current, tide. 3 Fountain. 4 Motion of running water, or of any liquid flowing. 5 see struth.

Tha 'n s. 'nar n-aghaidh, *the stream is against us, the current is running right ahead;* saobh-sh., *an eddy-tide;* am marbh-sh., *slack water;* coileach an t-sruith, *the ripple of the current;* 2 (WC) *the middle of the stream;* le s. agus soirbheas, *having a favourable tide and fair wind;* tha 'n s. leiun, *the current is favourable (to us);* sruthan na beatha, *the fountains of life;* onfhadh an t-sruith, *the rage of the torrent;* bhris faire air monadh nan sruth, *dawn broke on the hill of streams;* a' dol leis an t-s., *going with the stream, going downhill.*

†sruth, (AF) *s.m.* Man of letters. 2 Ecclesiastic. 3 Astronomer

———ach, -aiche, *a.* Streaming, streamy, flowing. 2 Abounding in streams or currents. 3 Like a stream. 4 Dropping, as a liquid.

sruthadh, -aidh, *s m* Streaming, act or state of streaming or flowing. 2 Dropping, shedding. 3 Spending, as corn in the shock. A' s—, *pr. pt.* of sruth. A' s. dheur, *shedding tears;* a' s a nuas, *dropping down.*

sruthag, see sruthlag.

———ach, see sruthlagach.

sruthaibh, *dat.pl.* of sruth.

———, *2nd. pl imp* of sruth. Stream ye.

sruthaidh, *fut.af.a.* of sruth.

sruthail, -e, *a.* see sruthach.

———, *pr.pt.* a' sruthladh, *v. a.* Rinse with water, cleanse, scour. 2*Gulp, drink. S. ort e, *gulp it up.* (*sruil.)

sruthain, *gen.sing. & nom.pl.* of sruthan.

sruthan, (AF) *s. m.* Man of letters. 2 Ecclesiastic. 3 Astronomer.

———, *n.pl.* of sruth S anradhach na h-aoise, *the mournful streams (tears) of age.*

———, -ain, *pl.* -ain & -an, *s.m.*, *dim.* of sruth. Streamlet, brook, rill, rivulet. Tharta tha na sruthain a' breabail, *over them the streams gurgle.*

———ach, -aiche, *a.* Full of streamlets or rills. 2**Purling, gurgling.

sruth-chlais, -e, -ean, *s. f.* Water-channel, conduit, canal. 2 Bed of a river or stream.

———each,** *a.* Like a conduit or canal. 2 Full of channels.

sruth-chlaon, *v.* Derive.

sruth-fhacal, *s.m.* Alliteration. 2**Derivative.

sruthlach, -aiche, *a.* Washing, rinsing, scouring, scrubbing. 2 That has the quality of cleansing or scouring. 3*Coming in streams.

sruthlach, ‡‡ -aich, see sruthladh.

sruthladh, -aidh, *s. m.* Rinsing, act of rinsing. 2 Cleansing, scouring, scrubbing. 3 Violent motion of waves advancing upon and receding from the shore. 4* Half-washing. 5** Dirty streamlet. 6 Gulping. 7 (*sruladh) Suction of air. An s. a tha bho 'n dorus, *the suction* or *stream of air that comes from the door.* A' s—, *pr.pt* of sruthail.

sruthlag, -aig, -an, *s.f.* Small brook, rill. 2 Water conducted through a pipe. 3 Small spout of water falling from a pipe. 4* Discharge of a water-mill.

———ach, -aiche, *a.* Abounding in, or like, small brooks or rills.

sruth-lionaidh, *s.m.* Flowing tide.

sruth-mhillseachd, *s.f.ind.* Mellifluence.

sruth-tràghaidh, *s.m.* Ebbing tide.

†sta, *v.* see stad.

stà. *s.m.ind.* Use, profit, advantage, adhibition, service, serviceableness, avail, ubility. Gun s., *useless;* rud gun s., *a useless thing.*

stabh, -a, *s.m.* Iron vessel chained to a well by the way-side.

stabh, *v.a.* Gaelic form of *stave.*
stàbhach,** *a.* Straddle. 2 Striding. 3 Wide-forked. 4 Asunder.
stabhach, -aiche, *a.* Wide asunder, divaricated, straddling, badger-legged. Bò s., *a cow with wide-forked horns* ; caora s., *a sheep with horns turned outwards.*
stàbhachadh, -aidh, *s.m.* Straddling,act of straddling. A' s—, *pr.pt.* of stàbhaich.
stabhaic,* -e, -ean, *s.f.* Wry neck. 2 Sullen or boorish attitude of the head. [pron. staoi'c, staghaic, in *Argyll.*]
stàbhaich, *v. n.* Straddle, walk with a straddling gait.
stàblair,* -ean, *s.m.* Stabler.
stàbull, -uill, -an, *s.m.* Stable, stall. Gille stàbuill, *a stable-boy.*
NAMES OF THE PARTS OF A STABLE :—
Each-lann, march-lann, *stable.*
Rach-chliath, *horse-rack, manger.*
Mainnsear, *manger—W. Ross-shire & Perthsh.*
Prasach, *manger.*
Seic, *rack.*
stàbullach, -aiche, *a.* Of, or belonging to a stable. 2††Like a stable.
stac, -a & -aic, *pl.* -an & -annan, *s.m.* Precipice, steep, high cliff or hill. 2 Projecting rock. 3 Conical hill. 4 *Dullness of hearing. 5 (CR) Thick-set little man—*Perthshire.* A' leumnaich o s. gu s., *bounding from rock to rock.*
stac,** *v.a.* Deafen. 2 Drive stakes into the ground. 3 Make a false step.
stac,** *s.m.* Stake or post driven into the ground. 2 Pillar, column. 3 Little eminence. 4 False step, hobbling step. 5 Halt. 6 Stack. 7 Thorn. Tha s. chrùbaich ann, *he has a halt in his gait.*
stacach,** *s.m.* Halter, lame man.
stacach, -aiche, *a.* Abounding in cliffs or precipices. 2 Rugged, uneven, peaky, rocky. 3 Dull of hearing, deaf. 4** Halt, lame, hobbling. 5* Uninflammable, very unready to take fire. 6**Pillared, columned. 7**Full of impediments. 8**Full of little eminences. 9 **Causing deafness. 10 Full of heaps. 11** Full of stakes. 12**Thorny. 13 Coacervated.
——adh,** -aidh, *s.m.* Heaping up, coacervation.
——d,* *s.f.* Deafness. 2 Uninflammability.
stacadh,** -aidh, *s.m.* Deafening. 2 Driving stakes into the ground. 3 Pillar. 4 False step. 5 Hobbling step. 6 Stack.
stacaiche,* *s.f.* Degree of deafness.
stacaich,** *v.a.* Heap up, coacervate.
stacag,(DC) *s.f.* Stubborn woman—*Harris.*
stacan, -ain, -an, *s.m.dim.* of stac. Little precipice or steep hillock. 2 Hinderance. 3** Little stake or post. 4 Pillar. 5 False step. 6**Little halt. 7**Little stack. 8**Knoll. 9 (DC) Stubborn man—*Harris.*
——ach, -aiche, *a.* Abounding in little precipices. 2 Founded. 3**Knolled. 4**Rugged. 5** Full of impediments. Na clachan s., *the founded stones* ; cnocanach s., *knolled and rocky.*
stacarsaich,** *s.f.* Tramping or walking awkwardly.
stachaill,* *s.m.* Bar, barrier.
stad, -a, -an, *s. m.* Stop, cessation, pause. 2 Interruption, hinderance, impediment. 3 Period. 4 Abode. Tha s. 'na chainnt, *there is an impediment in his speech* ; cuir s. air, *put a stop to him* or *it* ; gun s. *incessantly* ; dean s., *wait, stop, pause* ; s. a h-aon, *a comma* ; s. dhà, *a semi-colon* ; s. trì, *a colon* ; s. ceithir, *a period* ; stad ceist, *a note of interrogation* ; s. iongantais, *a note of exclamation—*DMy.
stad, *pr.pt.* a' stadadh & a' stad, *v.a. & n.* Stop, cease to go forward, pause. 2 Stop, cause to stop, hinder, impede. 3 Stay, stand, wait for. 4 Rest. 5 Cease, desist.
stad, *s.m.ind.* Stopping, act,of stopping or ceasing. 2 Act of hindering or causing to stop. A' s—, *pr.pt.* of stad.
——ach, -aiche, *a.* Stopping, ceasing. 2 Hesitating. 3 Apt to stop. 4 Stammering, lisping. 5‡‡Impedimental, obstructive.
——achd, *s.f.ind.* Tendency or proneness to stop or cease. 2 Hesitation delay, delaying, hinderance, abiding, detention, pausing. 3 Impediment, obstruction. Ciod an s. a th' ort? *why do you pause* or *delay?*
——adh,** -aidh, *s. m.* Stopping, pausing, delaying, waiting for. 2 Stop, pause, delay, obstruction, impediment. A' s—, *pr. pt.* of stad.
stadadh, *past subj.* of stad. Would stop.
stadag, *s.f.* Stagger. Is e 'ga cur 'na stadagan, *and he sent her staggering.*
stadaich, -e, *s.f.* Stopping, hesitating. 2 Obstacle. 3 Impediment of speech. Duine aig an robh s. 'na chainnt, *a man who had an impediment in his speech.*
stadaidh, *fut.aff.a.* of stad. 2 *gen. sing.* of stadadh.
stadail, -e, *s.f.* see stad.
stàdail, -e, *s.f.* see stàideil.
stadar, *fut.pass.* of stad. Shall be stopped.
stad-chur, -uir, *s.m.* Inhibition.
stadh, *pr.pt.* a' stadhadh, *v.a.* Stretch, rax, extend, jog.
stadh, -a, *pl.*-an & -annan, *s.m.* see stagh.
stadh,** -a, *s.m.* Use, utility, service. 2 Work, working. 3(CR)*s.m.*Swathe of cut corn or hay —*Skye, &c.* 4 see stagh. Cha'n 'eil s. ann, *he is of no use* ; gun s., *useless.*
stadhach,†† *a.* Raxing, jogging.
stadhadh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Sudden bending to a side, lurch. 2 Erect position. 3 Raxing, jogging. 4(WC) Bend backwards or curve in anything. Tha s. ann, *there it a bend in it.*
stadhar,** *a.* Useful, serviceable, good at working, industrious.
staduit,** -ean, *s.f.* Gaelic form of *statute.*
——each,** *a.* Pertaining to a statute.
staga boireannaich,(DMy) *s.* Stout, immodest woman.
stagarsaich,* *s. f.* Gaelic form of *staggering.* 2 Stammering.
stagh, -a, *pl.* -an & -annan, *s.m.* Stay, certain rope in the rigging of a ship. Ar s. 's ar tarruing cum fallain, *preserve our stays and our halyards.*
staghannan,(AH) *s.pl.* Stays of a ship.
stàid, -e, -ean, *s.f* Estate. 2 Proprietorship. 3 Furlong. 4**Rank. 5††Situation. 6**Craft, wile. Is truagh mo s., *sad is my condition!*
staid, -e, -ean, *s.f.* State, condition. An droch staid, *in a bad state.*
stàidealachd, *s.f.ind.* Stateliness. 2 Portliness. 3 Sedateness. 4 Pompousness of manner, self-importance.
stàideil, -e, *a.* Stately. 2 Portly, self-important, having a portly gait. 3 Sedate. 4**Airy. Is s. sìos is suas a cheum, *stately is his pace to and fro.*
stàideileachd, see stàidealachd.
staidhineach,** *a.* Having stays.
staidhinnean, *s.pl.* Stays of a female.
staidhir, -dhreach, -richean, *s.f.* Stair, pair of steps. An àird an staidhir, *up-stairs* ; mullach na staidhreach, *the top of the stair* ; s. shnìomhach, (*or* shnìomhain), *a winding stair.*
staidhre, see staidhir.
——ach, -aiche, *a.* Having stairs or many

stairs. 2 Like a stair. 3**Storied.
staidhreach, *gen.sing.* of staidhir or staidhre.
staidhrichean,* *n.pl.* of staidhir.
staid-radh, *s.m.* Statistics.
staifeid, see taifeid.
staigean, *s.m.* Puuch (not whisky.) 2**Stout little fellow.
staigeanach,** *a.* Having a stout and squat person.
————,** *s.m.* Squat fellow.
————d,** *s.f.* Squatness of person. 2 Gait of a stout, squat person.
'staigh, (anns an taigh) *adv.* Within, in. 2 Within. ["To within," given as one of the meanings by McL & D, should be *steach*—MM.] Generally spelt *'stigh.* Tha iad a staigh air a chéile, *they are reconciled.* [See note under steach.]
staigheir, -ghreach, see staidhir.
staighineach,** *a.* Having stays. 2 Like stays.
staighinean, *s.pl.* Stays.
staigh-shealladh, -aidh, *s.m.* Introspection.
†stail, *s.f.* Throw.
stail, -e, -ean, *s.f.* Bandage, strap. 2 Still. 3†† Whisky-pot. [stal—*Gairloch & Lochbroom.*] Taigh stail, *a distillery, a smuggling bothy.*
stailc, *pr.pt.* a' stalc & a' stailccadh, *v. a. & n.* Drive, press forward. 2 Butt. 3 Strike, knock against. 4 Stamp, put down the foot suddenly. 5 Lash against. 6** Cram. 7** Prick. 8†† Busk a fishing-hook. 9(DC)Stiffen oneself.
stailc, -e, -ean, *s.f.* Stop. 2 Stubbornness. 3 Thump. 4†† Pride. 5††Stump. 6** Driving, pressing or pushing forward. 7**Prick, thorn.
stailceach, -eiche, *a.* Driving, that drives or pushes forward. 2 Striking, that strikes against. 3 Stamping, striking with the foot 4 Stubborn, obstinate. 5‡‡ Beset with impediments. 6 **Prickly, thorny.
stailceadh, -idh, *s.m.* Driving, act of driving or pushing forward. 2 Striking, act of striking against. 3 Stamping, act of stamping. A' s—, *pr.pt.* of stailc.
stailcidh, *fut.aff.a.* of stailc.
stailcneach, -ich, *s. f.* Stubble. 2** Standing roots of burnt heath.
staileach, *a.* Of, or pertaining to, a still, 2 a whisky-pot, or 3 a bandage.
stàilinn, *s.f.ind.* Steel.
————each, -eiche, *a.* Abounding in steel. 2 of steel. 3 Like steel. 4 Chalybeate. 5* Adamantine.
————ich,** *v.a.* Harden, as iron. 2 Convert into steel.
————ichte, *past pt.* of stàilinnich.
staillinn, see stàilinn.
stailmrich, *s.f.ind.* Noise, tumult.
stàin,** *s.f.* Tin.
staing, -e, -ean, *s. f.* Ditch, moat, trench. 2†† Peg, cloak-pin. 3††Prickle. 4 Small, pointed rock. 5 Firm, well-built person or beast. 6* Insurmountable bar or barrier. 7(AC) Site, stance, situation. 8(AC) Stronghold, impregnable position. 9 (AC) Sacred enclosure, sacred ring. 10(AC) Gap in a wall, rock or mountain. 11(AC) Distress, difficulty. 12 *pl.* (staingean) Ribs of a creel. 13* Object not easily got rid of. S. dhomhain, *a deep ditch.*
staingeach, -eiche, *a.* Abounding in ditches or trenches. 2 Furnished with pins or pegs. 3 Abounding in small pointed rocks. 4* Difficult.
staingeachadh, -aidh, *s.m.* Digging, act of digging a ditch. 2 Act of sticking in, or falling into, a ditch. A' s—, *pr.pt.* of staingich.
staingean, *s.m.* Obstinate, boorish person.
staingich, *v.a. & n.* Dig a ditch or ditches. 2 Fall into, or stick in, a ditch.
————te, *past pt.* of staingich. Dug into ditches. 2 Fallen into, or stuck in, a ditch. 3 Ditched, trenched. Talamh s., *trenched ground.*
staipeal, -il, -an, *s.f.* (CR) Handful of drawn straw, tied at one end for thatching—*Arran.* 2 see stapull & stoipeal.
†stair, -e, *s.f.* History. 2 Tumult, strife. 3 Noise, confusion. Euchdach an s., *deadly in strife.*
stair, -e, -ean, *s.f.* Stepping stones in a river. 2 Path made over a bog. 3* Temporary bridge for cattle—*Skye, &c.* S. chasa-chaolach, *temporary bridge suitable for sheep.*
stairbheanach, *s.m.* Athletic, well-built person —*Sàr-Obair.* [starbhanach—*Argyll.*]
†staircach,** *a.* Light.
staireach, -eiche, *a.* Laid with stepping-stones.
stairean,(DMy) *s.m.* Path for man and beast between a house and the main road.
staireanach, -aiche, *a.* see staireach.
staireanachd, *s.f.ind.* Stepping on stones.
stairirich, -e, *s.f.* see dairirich. Clachan meallain le s., *hailstones with a rattling noise.*
stairleag,(AF) *s.f.* Sea-maw, black-headed gull —*Badenoch.*
stairmeil,(CR) *a.* Sturdy, plucky.
stairn,(CR) *s.f.* Particle, small quantity. Am bheil s. ann? *is there anything in it?*
stairn, -e, *s.f.* Noise as the tread of horses' feet. 2 Violent push or throw. 3††Brain-swimming from liquor. 4**Loud noise, clamour, confusion. 5 Tramping. 6††Rumbling, as of stones. 7(WC) Pride, haughtiness. 8 (DC) Rank thick grass growing in fresh-water lochs.
stàirneach, -eiche, *a.* Making a loud noise, noisy, clamorous. 2 Pushing violently.
————, *s.m.* see stàirn.
stàirneal, see steàrnal.
stàirneil, -e, *a.* Foppish, conceited, forward, ostentatious. 2**Obstreperous.
stàirneil,(MS) *s.f.* Fuss, noise.
stairneineach,†† -ich, *s.m.* Robustious fellow.
-tairseach, see stairsneach.
stairsneach, -nich, -nichean, *s. f.* Threshold. 2 Bar, barrier. 3(AC) Stone step. 4 Obstacle, impediment. 5(MS) Rub. 'Na s. (*starrsach) an siod, *as a barrier yonder.*
stairt,* *s.f.* Trip, considerable distance.
————eadh,(DMy) *s.m.* Going to a place and returning without delay, as a hasty call at a house an one's way.
stàit,* -ean, *s.m.* Magistrate, great man of a place or city. Stàitean na tìre, *the great men of the country;* stàitean a' bhaile, *the magistrates or chief men of the town.*
stàiteal,* *a.* Magisterial, portly.
————achd,* *s.f.* Magisterial conduct or gait, stateliness.
stal,** -ail, *s.m.* Stallion.
stalac, see stalc.
————ach, see stalcach.
stalag,(DMy) *s.f.* Drink as long as one's breath will allow. Stalagan, *'drinks between breaths.*
stalan, -ain, -an, *s.m.* Stallion, entire horse.
————ach,†† *a.* Abounding in stallions.
stalc, *v.a. & n.* Stiffen, make stiff. 2 Become stiff. 3 Tie or dress a fishing-hook. 4 Walk with a halting gait. 5 Starch. 6* Tap. 7* Gaze, stare. 8* Dash your foot against—*Islay.* 9‡‡Stalk, as in hunting deer. 10*Thump.
stalc,(CR) *s.m.* Stout burly man.
——,** -ailc, *s.m.* Starch. 2 Stare. 3(DC)Thick food, as soup or porridge. S. lite, *a plate of thick porridge.*

stalc,(AF) *a.* Falcon. 2 Starling.
stalcach, -aiche, *a.* Stiffening, making stiff. 2 Hobbling, walking awkwardly. 3‡‡Stalking. 4††Gazing, staring. 5**Starching.
stalcadair, -ean, *s.m.* see stalcair. 2‡‡Starch.
stalcadh, -aidh, *s.m.* Stiffening, act of stiffening or making stiff. 2 State of becoming stiff. 3 Act of tying or hooding a fishing-hook. 4 Hobbling, act of walking awkwardly. 5 Dashing, thumping. 6 Starching. 7‡‡Stalking. 8 ‡‡Gazing, staring. 9 Fowling. **A' s—,** *pr.pt.* of stalc.
stalcaich, *v.a.* see stalc.
stalcair, -ean, *s.m.* One that hobbles or walks awkwardly 2 Dresser of hooks. 3 Starch. 4 Blockhead. 5‡‡ Hunter, fowler, deer-stalker. 6‡‡ Gazer, starer. 7** Arrow-maker. 8**Pacing-horse. 9 Bully. 10 Robust fellow.
stalcaireachd, *s.f.ind.* Stupidity. 2 Occupation of a fowler. 3 Deer-stalking. 4 Habit of staring. 5 Frequent staring or gazing. 6 Business of dressing fishing-hooks. 7 see stalcadh.
stalcanta, -ainte, *a.* Firm, thick, stout, stiff. 2 Rigid. 3 Starched. 4‡ Strong.
———**-chd,** *s.f.ind.* Firmness, stoutness, robustness, thickness. 2 Stiffness.
stalda,** *a.* Stale.
stall,(CR) *s. m.* Bandage or swathe over the crown of the head and under the chin—*W. of Ross.* 2(DMy) Edge of the floor next the byre in old thatched houses.
stall,‡ *s.m.* Peat-bank.
stàll, *s.m.* Bearing, trim, proper state. Cha'n urrainn mi a thoirt gu s., *I cannot bring it into proper trim.*
stall, *v.a.* Dash violently against.
stalla, -chan, *s.m.* Overhanging rock, lofty precipice, craggy steep. 2††Sea-rock. 3(DMy) Ledge on the face of a rock.
stalla, *a.* Craggy, steep.
stallacaire, -an, *s.m.* Blockhead. **(stalcair)**
———**-achd,** see stalcaireachd.
stallach,†† *a.* Abounding in sea-rocks.
stallachdach, *a.* Stupidly deaf. 2 Careless. *Argyll.* 3††Foolish.
stalladh, -aidh, *s.m.* Dashing, thumping, dash thump. 2(DC) Solid rock underground—*Uist.*
stallag,(CR) *s.f.* Bandage over the cheeks, as for toothache—*Suth'd.*
stallan, *s.m.* Gaelic form of *stallion.*
stamac, see stamag.
stamag, -aig, -an, *s.f.* The stomach. 2 Appetite.
stamb, see stàmp.
———**adh,** see stàmpadh.
———**te,** see stàmpte.
stamh,§ -aimh, *s.m.* Sea-girdles, tangle—*laminaria digitata.* Barr-staimh & bragair are the broad leaves on the top. 2(DC) Stalks of the oar-weed—*Uist.* 3* Bull's —— dried for the purpose of lashing horses.
stamha,** *s.m.* Vase.
stamh, *pr.pt.* a' stamhadh, *v.a.* Subdue, train, tame, subject, reduce to order 2 Break a young horse. 3 Drub lustily. 4* Press down, compress.
———**adh, -aidh,** *s.m.* Taming, training or breaking, as of a young horse. 2* Subjection.
stamhnadh,** **-aidh,** *s.m.* Managing. 2 Taming or breaking, as of a young horse. 2 Making pliable.
stamhnaich, *pr pt.* a' stamhnachadh, *v.* see stamh.
stamhnaidh, -e, *a.* Manageable. 2 Pliable. 3 Tame.
stàmhor, -oire, *a.* Useful. [stàthail]
stàmp, *pr.pt.* a' stampadh. Gaelic form of *stamp.* 2 Trample.
stàmpadh, -aidh, *s.m.* Stamping, act of stamping. 2 Trampling, act of trampling. 3"Tramping" blankets. A cure for leum-droma (lumbago ?) was for a person of different sex to kneel on the patient's back and walk over him on all fours. This was called stàmpadh —DU. **A' s—,** *pr.pt.* of stàmp.
stàmpta, *past pt.* of stàmp. Stamped. 2 Trampled.
stàmpte, see stàmpta.
stàn, (i.e. a stàn) *adv.* Thig a stàn, *come down —Suth'd.* 2 Down, downwards—*Rob Donn.* [Down, below, *form of* a bhàn —‡]
stàn, -àin, *s.m.* see staoin & stàin.
stàn, *pr.pt.* a' stànadh, *v.a.* Make awry, bend,
stànadair, *s.m.* Tin-smith, tinker.
stanard,** **-aird, -an,** *s.m.* Stint. 2 Yard-wand. 3 Yard. 4 Upright piece of wood to which is affixed the rock of a spinning-wheel. Gun s., *without stint.*
striochdadh, -aidh, *s.m.* Surrendering, act of surrendering. 2 Submitting, yielding, submission. 3 Obedience. 4 Concession. A' s—, *pr. pt.* of striochd.

striochdail, -e, *a.* Submissive, yielding.

striochdalachd, *s.f.ind.* Buxomness. 2 Lowness.

striochdar,** *a.* Submissive. 2 Under submission.

striochdta, *a.* & *past part.* Yielded, submissive, compliant. [striochdte.]

striochlan, -ain, *s.m.* Rag. 2 Any valueless thing.

striodag, -aig, -an, *s.f.* Speckle. 2 Meretriciousness.

striodaich, *v.a.* Speckle. 2 Besprinkle.

strioll,* *s.f.* Girth, girdle. [**striolla.]

striop,(DMy) *s.* The same kind of cloth as stuth (11), except that it had red stripes in it, and was used for Sundays, market-days and other occasions when the best clothes were worn.

striop,* *s.f.* see striopachas.

———ach, -aich, -aichean, *s.f.* Prostitute, strumpet, harlot, whore. Mar ri s., *as with a harlot.*

striopachail, -e, *a.* Whorish. Le mnaoi s., *by means of a whorish woman.*

striopachalachd, *s.f.* Meretriciousness.

striopachas, -ais, *s.f.* Fornication, whoredom, prostitution. Torrach le s., *with child by whoredom*; fear-striopachais, *a whoremonger.*

striopaich, *gen.sing.* of striopach.

striopair, -ean, *s.m.* Whoremonger.

striopais,** *s.* Trifle.

strioplach, -aiche, *a.* Dirty, foul. 2 Mixed, confused.

striopach,(MS) *a.* Brocaded, brindled.

strith, see stri.

strithail, -e, *a.* Contentious, quarrelsome, causing disturbance. 2 Exerting oneself earnestly, striving emulous.

strithmhor, see strighmhor & stritheil.

striub, see srub.

striutan,(DC) *s.pl.* " Kinks " of whooping-cough —*Bembecula.* 2 see striutan.

———,(WC) *s.m.* Hurried run. Ghabh e s., *he ran quickly.*

———ach, *a.* Running quickly or hurriedly, always out of breath.

fstrò, *s.m.* see stròdh.

strobaid, -ean, *s.f.* Strumpet.

———eachd, *s.f.* Whoredom, whoring.

fstroda,** *s.* Strand, shore.

stròdh, -òidh, *s.m.* Prodigality, dissoluteness, extravagance.

strò ihach, see struidheil.

stròdhail, -e, *a.* see struidheil.

stròdhalachd, *s.f.* see struidhealachd.

strògh, see stròdh.

stròghail, -e, *a.* see struidheil.

stròghair, see struidhear.

stroghalachd, see struidhealachd.

stròghas, see struidheas.

stroic, *s.f.* Tatter, long rag. 2 Ragged person. 3 Long piece torn out of anything.

stroic, *v.n.* Tear asunder. 2*Lacerate. [**stroic]

(srac)

stròiceach, -eiche, *a.* Abounding in rags, shivers or fragments. 2 Cutting into rags or fragments.

stròiceadh, -idh, *s.m.* Act of tearing into rags or fragments, teasing asunder. A' s—, *pr. pt.* of stròic.

stròiceil, see straiceil.

stroid (CR) *South end of Arran* for rotach.

stroidh, see struidh.

stroidheal, see struidheil.

stroidhle, *s.* see straighleadh.

stroidhleagan, -ain, *s.m.* Battledoor.

stroighean, -ein, *s.m.* Mud and straw mixed for a wall.

stroill, *s.f.* Delay.

stròl, see sròl.

stropach, -aiche, *a.* Wrinkled.

stropaiche, *s.f.ind.* State of being wrinkled or becoming wrinkled.

stroth, see stròdh.

strothaich,(MS) *v.a.* Palter.

strothail, -e, *a.* see struidheil.

strothalachd, *s.f.* see struidhealachd.

stròn, see sròn.

struabanach, *s.m.* Fish that lashes the water; S. math bric, *a good-sized trout*, as the trout of Loch Struaban.

strùan,(AC) *s.m.* Cake made on St. Michael's Eve of all the cereals grown on the farm, and eaten on St. Michael's Day.

strubau,(DC) *s.m.* Cockle—*Uist.*

strubladh, *s.m.* Wetting, hard experience. 'S e fhuair an s., said of one who has been out in wind and rain—*Arran.*

strubhladh, -aidh, *s.m.* see sruthladh.

strudhan, see strùan.

struidh, *pr.pt.* a' struidh & a' struidheadh, *v.a.* Squander, spend lavishly, dissipate, waste, abuse.

struidh, *s.m.* & *pr. pt.* of struidh, see struidheadh.

struidhe,** *s.f.* Extravagance, waste, profusion, Luchd-s., *extravagant people.*

———ui lheacn, -eiche, see struidheil.

———d, see struidhealachd.

struidheadh, -idh, *s. m.* Squandering, act of squandering, wasting,dissipating, dissipation. A' s—, *pr.pt.* of struidh.

struidhealachd, *s.f.* Prodigality, dissoluteness, extravagance, squandering, profusion, wastefulness. 2 Chargeableness.

struidhear, -ir, -an, *s.m.* Prodigal, spendthrift, abuser.

———achd, see struidhealachd.

struidheas, -eis, *s.m.* see struidhealachd.

———ach, -aiche, *a.* see struidheil.

———achd,* *s f.* see struidhealachd.

struidheil, -e. *a.* Profuse, lavish, squandering, consumptive, dissolute. extravagant. 2 Abusive. Gu s, *extravagantly.*

———achd, see struidhealachd.

struidhleach,(DU) *s.f.* Wicked woman, one who acts from evil motives.

struighe, see struidhe.

———il, see struidheil.

struileag, *s.f.* An imaginary boat used in a contest of wit or singing at a marriage or other gathering. When one has sung or otherwise contributed to the amusement of the party, he says " cuiream s. seachad orm gu ——," naming some other person, who makes the same remark when he has finished his share of entertaining.

struill, -ean, *s.m.* Baton, cudgel, club.

———eadh, -eidh, *s.m.* see struill.

struladh,(AC) *s.m.* Rattle. 'Nuair a sguireas an

anail d' a s., *when the breath shall cease to rattle.*
strump,* *s.m.* Spout of a kettle.
strumpaid, -ean, *s.f.* Gaelic form of *strumpet.*
strup,* *s.m.* Spout, as of a kettle or teapot.
strupag, *s.f.* Little drop of spirits—*Arran.*
struth, -a, -an, *s.m. & f.* Ostrich.
———ach,** *a.* Like, of, or belonging to, an ostrich. 2 Abounding in ostriches.
———aich,(MS) *v.a.* Run.
———an, see sruan.
struth-chamhal, *s.m.* Ostrich.
stuaach,* -aiche, *a.* Stupid, boorish, churlish, gruff.
———d,* *s.f.ind.* Stupidity.
stuacair,* -ean, *s.m.* Blockhead.
———eachd,* *s.f.ind.* Stupidity.
stuach, *a.* Short-tailed. An cù s., *the short-tailed,* or *tailless dog—Lewis.*
stuadh, -uaidh, *n. pl.* -an, -annan, stuaidhean & stuaidh, *dat. pl.* stuadhaibh, *s.f.* Wave, billow. 2 Summit of a mountain. 3 Pinnacle. 4 Pillar, column. 5 Gable of a house. [Gable of a house built of stone and lime, see note under binneag—JM.] 6 Wall of a house. 7 Sheet of paper. 8 Scroll. 9 Flush on the face from anger. 10** Undulation. 11** *rarely,* Street. 12(DU) Weal formed by the lash. An stuadhaibh deataich, *in pillars of smoke;* s. osaig air an fheur, *the grass undulating with the breeze;* iomall nan stuadh, *the shore;* o stuaidh an t-sàil, *from the briny billow;* casan 'nan stuadhan dearga, *legs covered with red weals.*
stuadh, *v.* see stuaidh.
stuadhach, -aiche, *a.* Billowy, surgy. 2 Having huge waves. 3 Peaked, having peaks or cliffs. 4 Pinnacled. 5 Having pillars. 6 Having thick walls or gables. 7** Tempestuous. Ruith sinn o 'n chuan s., *we sailed before the tempestuous sea.*
stuadhadh,* -aidh, *s.m.* Approaching, approximating. 2 Coming near in excellence. A' s—, *pr.pt.* of stuadh.
stuadh-bheannach, -aiche, *a.* Abounding in lofty or peaked hills.
stuadh-bheinn, -bheanntan, *s.f.* Lofty and peaked mountain. 2** Stormy hill. Mullach nan stuadh-bheann, *the top of the stormy hills.*
stuagh-bhraighaideach,** *a.* Stiff-necked.
stuadh-chorrach, *a.* Having mountain-like waves *Òran nam fineachan.*
stuadh-ghlas, -aise, *a.* Having azure, or green waves, as the sea. 2 Having grey walls. 'A' mhuir s., *the green-waved sea.*
stuadh-ghreannach, -aiche, *a.* Wave-furrowed. 2** Tempestuous, as the sea.
stuadhmhor, -oire, *a.* Broad-chested (of horses.) 2* Proud, high-spirited. 3 see stuadhach. Each s., *a high-spirited horse.*
stuagh, -aigh, see stuadh.
stuaghar, see stuadhmhor.
stuaic, (CR) *s f.* Glum or sullen look—*Suth'd.* 2 Wry neck—*Arran.* see stùic.
stuaic, -e, -ean, *s. f.* Little hill, projecting crag, cliff or hillock, small round promontory. [‡‡stuaichd.]
‡stuaidh,* *s.f.* see stuadh. 2 (AF) Flock or herd of animals. Dà nan as an s. mhóir, *two lambs from the great flock.*
stuaidh,* *v. n.* Come near, approximate. Cha stuaidh thu air, *you will not come near him; this will not approximate it;* cha stuaidh seo air a lionadh, *this will not nearly fill it.*
stuaidh, *gen.sing.* of stuadh.
stuaidh-chumnach,** *a.* High-spirited. 2 Quick-paced. Each s., *a quick-paced horse.*
stuaigh, see stuaidh.
stuaim, -e & stuama, *s.f.* Temperance, moderation. 2 Modesty, bashfulness. 3 Guardedness. 4 Continence. 5 *rarely,* Air, mien. A' reusonachadh mu fhìreantachd, s. agus breitheanas, *reasoning about righteousness, temperance and judgment;* s. agus macantas, *meekness and modesty;* geal làmh na stuama, *the fair, prudent (cautious) hand;* a' teagasg sutama, *teaching us to spend our lives soberly.*
stuama, -aime, *a.* Temperate, moderate, abstemious, sober. 2 Continent. 3 Modest, bashful.
stuamach, -aiche, *a.* see stuama.
———d, *s.f.ind.* Temperance, sobriety, moderation. 2 Continence. 3 Modesty.
stuamag, -aig, -an, *s.f.* Modest woman.
stubh,** -a, *s.m.* see stuth.
stubhach, see stuach.
stubhachd,(MS) *s.f.* Substantiality.
stùc, -ùic, *pl.* -an & -annan. 2** Baluster.
stùc, -ùic, *pl.* -an & -annan, *s.f.* Little hill jutting out from a greater, steep on one side and rounded on the other. 2 Cliff. 3 Pinnacle of a roof. 4 Horn. 5††Scowl. 6 Rock. 7* Lump. 8 see stùic. 9* Conical steep rock. 10* Precipice. Aig bun na stùic, *at the foot of the rock;* an sealgair air na stùcaibh, *the hunter on the rocks.*
——ach, -aiche, *a.* Abounding in small projecting hills. 2 Abounding in cliffs or rocky pinnacles. 3** Craggy. 4†† Scowling, surly, morose. 5 Looking sideways. 6** Stiff, rigid. 7** Horned. 8 Hilly, rocky, rugged. 9** Prominent. 10* Full of bare rocks. 11††Jutting.
stucach,* *a.* Not inflammable.
——air, -ean, *s.m.* One that looks sideways. 2 Stiff, formal person. 3 Conceited fellow. 4 Churl, surly fellow.
——aireachd, *s.f.* Stiffness, coldness. 2 Looking askance. 3 Scowling. 4 Surliness.
——an, -ain, -an, *s.m.,dim.* of stùc. Little jutting hill. 2 Conical hill. 3 Rick or shock of corn.
——anach, -aiche, *a.* Abounding in projecting cliffs, hillocks or rocks. 2 Abounding in ricks or shocks of corn. 3 Having little hills.
stucanach, *a.* Established.
stùchd, -ùichd, see stùc.
———ach, see stùcach & stùiceach.
———air, see stucair.
———an, see stùcan.
stùc-bheinn,** *gen.pl.* -bheann, *s.f.* Rocky mountain. 2 Precipitous hill. A' siubhal nan s.-bheann, *travelling over rocky mountains.*
stùc-shread,** *s.* Balustrade.
stughaig,* *v.a.* Starch.
stuib, *gen.sing. & n.pl.* of stob.
stuic, *gen.sing.& n.pl.* of stoc.
stùic, -e, -ean, *s.f.* see stuaic. 2 Angry gloomy look. 3 Surliness, lowering expression. 4** Scowling side-look of a bull or any quadruped. 4* Scowling side-look of a morose person. 6 Wry neck and sullen countenance. 7 Extreme boorishness. [* gives stuaic for 6.]
——each, -eiche, *a.* Surly, morose.
——eag, -eig, -an, *s.f.* Surly or angry-looking woman.
stùicear, see stùcair.
stùichd, see stùic.
stuidear, -an, *s.m.* Student. 2 Study.
———ra,* *a.* Contemplative, studious. 2 Composed, steady. 3††Morose.
———rach, *a.* Studious, see stuidearra.
†———rach, -aich, *s.m.* Student
———rachd,* *s.f.ind.* Study, meditation, studiousness. 2 Composure. 3††Moroseness.

stuig, *pr.pt.* a' stuigeadh, *v.a.* Incite, spur on, as dogs. 2* Instigate,

stùig,(CR) *a.* Projecting, jutting out.—*Perthshire.*

stuig,* see stic, *s.*

stuigeadh, -idh, *s.m.* Inciting, act of inciting or spurring on, as of dogs. A' s—, *pr.pt.* of stuig.

stuire,(DMy) see stùic 4.

stuire,(hd), *s.pl.* Storks—*Dàin Iain Ghobha.*

stùird, -ean, *s.m.* Vertigo. 2 Sturdy, a disease in sheep caused by water in the head. 3 Drunkenness.

stùirdean, -ein, *s.m.* see stùird.

sturichd,** *s.f.* Pinnacle.

stuirt, -e, *s.f.* Huffiness, sulkiness. 2 Pride. 3 (MS) Prudery. 4 Resolution, firmness of mind. 5 Gravity, sedateness, assumed gravity. 6††Anger

stuirtealachd, *s.f.* Sulkiness, sullenness, moroseness. 2 Intractableness, see stuirt.

stuirteil, -e, *a.* Sullen. supercilious. 2 Resolute. 3 Steady, grave, sedate. 4 Dignified and morose but insignificant. 5††Angry. 6 (MS) Prudish. 7(DU) Sulky, huffy.

stulcach, -aiche, *a.* Stubbed.

stulp,(CR) *s.m.* Knob, as of a chair or bed—*Perthshire.* 2(AH) Dour, taciturn, inaffable person, more often applied to a woman than a man.

stumpach,** *a.* Stumpy.

stùr, *v a.* Cover or obscure with dust.

stùr, -ùir, *s.m.* Dust motes. 2 see stòr. Lur gun s., *an unsullied diamond*; daoimean nach gabh s., *a diamond that catches no dust*; cuir s. riu, *disperse them, scatter them as dust.*

stùrach, -aiche, *a.* Full of dust. 2 Of, or belonging to dust, dusty.

——d, *s.f.ind* Dustiness.

stùradh, -aidh, *s.m.* Act of covering or obscuring with dirt or dust. A' s—, *pr.pt.* of stùr.

stùrd, see stùird & sturdan.

stùrdaidh, see stùird.

stùrdail,** *a.* Surly.

sturdan,* -aiu, *s.m.* The plant darnel. 2 see stùird.

stùrr, -a, -an, *s.m.* The rugged point of a rock or hill. 2 Surliness.

stùrrach, -aiche, *a.* Rough, rugged, uneven. 2 Rough, surly in temper. 3††Rocky.

sturrag, -aig, -an, *s.f.* Turret. 2 Pinnacle. 3** Butting cliff. 4††Little hill.

——-ach, -aiche, *a.* Pinnacled. 2 Turreted. 3 Like a turret or pinnacle.

sturraic, -e, -ean, *s.f.* ††Head or cap turned to one side. 2 see stùrr.

——each, -eiche, *a.* see stùrrach.

sturraiceau, -ein, -an, *s.m.* Undress for a woman's head. *prov.*

sturrail, -e, *a.* Gross, thick.

sturranta, -ainte, *a.* Gross, thick, fat.

stuirt, see stùirt & stùird.

——ail, see stùirteil.

——aileachd, see stùirtealachd.

stuth, -uith & -uithe, *pl* -an & -uithean, *s. m.* Metal. 2 Any stuff, substance, matter or body. 3 Eatables, anything eatable. 4 Strong drink of any kind. 5 Camlet, kind of cloth made of wool and goat's hair. 6**Serge. 7‡‡Corn 8 Strength. 9**Mettle. 10*Particle. 11(DMy) Kind of cloth made in olden times for petticoats and jackets for women (còta stuth, s-sacaid stuth.) The worsted or thread used was spun on the distaff and the thread required to be very even and was pressed, the process being termed *lisreagadh*, and the press employed, *am "press" lisreagaidh*. Gach s. a tu' agam, *everything I possess*; droch s., *bad stuff*; cha bhi s. ort, *nothing will be wrong with you*; s. na Toiseachd, *the stuff of Ferintosh*, i.e. *whisky*; deagh s., *good stuff.*

stuthadh,(MS) *s.m.* Afflux.

stuthaidh,(DMK) *s.f.* Large buoy usually made of the skin of a dog, and used to mark the off end of a drift of nets or long fishing-line—*W. coast of Ross, Argyllsh. & Inverness-sh.*

stuthaig, *s.f.* Starch.

stuthaig, *pr.pt.* a' stuthaigeadh, *v. a.* Stiffen, dress with starch.

——eadh, -idh, *s. m.* Starch, starching, act of starching.

——te, *past pt.* of stuthaig. Starched, dressed with starch.

stuthail,** *a.* High-mettled. 2 Of good stuff. 3 Tough, pithy, hardy. 4 Infinitive in *gram.*

suab, *s.m.* When fishing-lines are set, suab is the portion over and above the depth of the sea. Put suab, see under put.

stuth-chridhe,* *s.m.* Cordial.

stuth-curainn, *s.m.* Tammy.

†**suabus**, -uis, *s.m.* Disease in horses by which their gums grow over their teeth.

†**suabh**,** *a.* Mild, gentle, mannerly.

† ——as,** *s.m.* Mildness, mannerliness.

suabharaich,(AC) *v.a.* Illumine, explain. S. oirnn e, *explain it to us.*

suacan, -ain, -an, *s.m.* Earthen pot, earthen furnace, crucible. 2 Crosiet. 3††Awkward mixture, anything wrought together awkwardly, as clay. 4 Basket containing wood, hung in the chimney to dry; s. cré, *an earthen furnace*

suacan-leaghaidh, *s.m.* Fining-pot.

suadh, *v.* see suath.

——,* see suadh.

——,** *a.* Prudent, discreet.

†**suadh**, -aidh, *s.m.* Advice, counsel. 2 Learned man.

suadhadh, -aidh, *s.m.* Rubbing, friction.

suag,** -aig, *s.f.* Rope, cable.

——air,** *s.m.* Rope-maker.

suaib, see suaip.

suaib-chuthaich, *s.f.* Touch of madness. Is trie a bha s. air leanaibh bodaich, *an old man's child has often had a touch of madness.*

suaibe,* *s.f.* Oar.

suaibhreach,** *a.* Gentle, quiet. 2 Not proud. 3 Easy.

suaicean, -ein, -an. *s.m.* Bundle of straw or hay twisted together. 2 Deformed person. 3 see súicean. 4(AF) Pet calf or lamb.

suaicheanta, -einte, *a.* Remarkable, notable, signal. 2 Easily known by reason of dress or badge, banner or armorial bearings. 3 Emblematic. 4††Conspicuous. 5††Rare. 6 New, novel. Eilidh s., *a notable dress, conspicuous dress.*

suaicheanteach, -aiche, *a.* Armorial, heraldic.

——. ——d, *s.f.* Blazonry, heraldry.

suaicheantaich, *v.a.* Emblazon.

——. ——e, *s.m.*** Herald, standard-bearer.

suaicheantas, -ais, *s.m.* Flag, streamer, ensign, standard, flag of a boat having crest or design on it, as that of a yacht-club, &c. 2 Escutcheon. 3 Any distinguishing mark. 4 Badge, crest. 5 Novelty, curiosity, rarity. 6 Portent. 7 Cockade. 8††Decoration. Cha s. còrr air clachach, *a heron on the shore is no novelty*—no sign of anything wonderful about to happen; dha'm bu s. giubhas, *whose badge was the pine*; slat-s. uicheantais, *a sceptre.*

suaicheantasach, see suaicheantas.

suaidh,* *v.a.* see suaidh.

——te,* see suathta.

suaigh,** *a.* Prosperous.

suail, -e, *a.* Small, inconsiderable, moderate, insignificant, mean.
suaile,** *a.* Weak. 2 Weary. 3 Pale. 4 Dejected.
suaill,** *s.f.* Small quantity.
———,** *a.* see suail.
suailmheasta,** *a.* Homely, ordinary.
suaim,** *s.f.* Sound, tone, note. accent.
suaimh,* *s.m.* Luxurious kind of rest.
suaimhne, see suaimhneas.
suaimhneach, -eiche, *a.* Quiet, calm, secure, safe, composed, gentle, tranquil. 2‡ Genial. 3*Enjoying a kind of luxury in ease and quiet, as after great danger or fatigue. Gu e., *composedly.*
suaimhneas, -eis, -an, *s.m.* Rest, quietness, security, calmness, peace, repose. 2 Luxury of ease and rest. 3* Great tranquility or quiet. Bheir mise s. dhuibh, *I will give you rest;* greim tioram is s. leis, *a dry morsel in peace.*
———ach, see suaimhneach. Is s. an ribhinn òg, *sedate is the young maiden.*
suaimhnich,** *v.n.* Take rest, be at rest, take ease.
suain,(CR) *s.f.* Cord fastening the skin of a buoy round the edge of the wooden disc—*W. of Ross-shire.*
suain, -e, *s.f.* Sleep, deep sleep. O sh. an éig, *from the sleep of death.*
suain, *v. a.* Wreathe round, envelope or twist a cord or rope round anything. [†suaineadh.]
suain-airm,** *s.m.* Dormitory.
suaineach, -eiche, *a.* Sleepy. 2 Causing sleep, narcotic. 3 Plaid. 4 Lethargic. 5* In a sound sleep.
suaineach,(DC) *s.m.* Sleepy person. 2 (DU) *s.f.* Narcotic. Is mis' a ghabh an t-s. á làimh mhic Ghillanndrais, *it was I who took the narcotic from the hand of Gillanders' son.*
suaineach, (DMy) *s. m.* Swede (i. e. a Swedish turnip.)
suaineachan, -ain, *s.m.* Sofa.
suaineachd,(MS) *s.f.* Sleepiness.
suaineadh, -idh, *s.m.* Twisting, act of twisting a rope round anything, wreathing, entwining. 2 The rope used for twisting round anything. 3 Roof of a house. A' s—, *pr.pt.* of suain.
suaineadh-muineil, *s.m.* Cravat.
suaineag,(DC) *s.f.* Girl up to three months of of age, during which period she sleeps most of her time.
suaineamh,** *s.m.* Confluence of rivers.
suainean,(DC) *s.m.* Boy up to three months of age, during which period he sleeps most of his time.
———, -ein, -an, *s.m.* Thong, string. 2 Envelope. 3 (MS) Nap of sleep.
**———ach,†† *a.* Abounding in thongs or envelopes.
suaineartach, -aiche, *a.* Sound asleep, narcotic, that sleeps soundly.
suaineas, -ais, *s. m.* Twist. Càradh suaineis gruag do chinn, *the twisted arrangement of the hair of your head—W. Ross, p. 38.*
suain-ghalar, -air, -an, *s.m.* Lethargy, habitual drowsiness.
suainich, *v.a.* see suain.
suainig,(MS) *v.a.* Swaddle. [suainich.]
suain lann, *s.* Dormitory.
suainmhor, see suaineach.
———achd, *s.f.ind.* Sleepiness.
suaint,(DMK) *adv.* High degree of excellence. Tha e s. maith, *it is exceedingly good—Caithness.*
suainte,(AH) *a.* Quiet, peaceable. 2 Circumspect. *Easter Ross.*
suain, -e, -ean, *s. f.* Likeness, faint resemblance. 2 Exchange of commodities, bartering. Tha s. eatorra, *they somewhat resemble one another*, rinn iad s., *they have bartered commodities.* ha s. mhór aige ris, *he has a great resemblance to him.*
suaip, *v.a.* Exchange or barter commodities, swap. Sh. iad na h-eich, *they exchanged the horses.*
———each, -eiche, *a.* Exchanging, bartering. 2 Fond of bartering.
sua peachail,(MS) *a.* Sweepy.
suaipeadh, -idh, *s.m.* Exchanging, act of exchanging commodities. A' s—, *pr.pt.* of suaip.
suairc, -e, *a.* Civil, kind, affable, polite. 2 Meek, gentle. 3 Urbane. 4 Courtly. 5 Generous. 6 Accostable. 7**Amicable. Le giùlan s., *with generous conduct;* s. sìobhalta, *affable and civil.*
suairceachd,* *s.f.* see suaircead.
suaircead, -eid, *s.m.* Civility, degree of civility, kindness or affability.
suaircealachd, *s.f.* Gentleness. 2 Mannerliness.
suaircean,(AC) *s.m.* Bird. 2 (DMu) Term of endearment, applied to a meek and lovable man—*Black Isle.*
suairceas, -eis, *s. m.* Urbanity, affability. 2 Kindness, gentleness. 3** Amicableness. 4 Civility, complaisance. 5*Politeness. Gun s. ri damhaich, *unkind to strangers—MacCodrum.*
suaite, see suaithte.
suaiteachan, -ain, *s.m.* Shrugging of the shoulders. 2 Rubbing the body against the clothes. 3**Mixer. 4**Kneader.
suaiteachanach, -aiche, *a.* That shrugs the shoulders and rubs the body against the clothes.
†suaiteachd, *s.f.ind.* Fatigue, labour. 2 Tempering. 3 Mixing together. [Seeming.
suaitheantas, *s. m.* see suaicheantas. 2 (MS)
suaithte, *past pt.* of suath. Rubbed. 2 Kneaded. 3 Mixed. 4 Much broken, fatigued. 5** Stirred about, as posset.
sual,** *-aile, a.* Famous, renowned. [This and following word are spelt *suall* by ** in his appendix.]
——,** *-ail, s.m.* Wonder. 2 Tumours—*Sàr-Obair.*
sualach,** *a.* Famous, admirable.
suamhnas, see suaimhneas.
suan, -uain, see suain.
suanach, -aiche, -aichean, *s. f.* Hide, skin. 2 Plough-rein. 3 Covering or coarse garment. 4 Fleece. 5**Pall. 6 Plaid. 7* Mantle. Gun s., *without covering.*
suanaich, *s.pl.* Tha 'mhacraidh 'nan s. fo stéidh nam ballachan, *the race* (lit. *sons*) *are sleeping lower than the foundations of the walls—Filidh, p. 60.*
suanaran,** *-ain, s.m.* Sleeper.
suantach,** *a.* Lethargic, drowsy. 2 Narcotic.
suarach, -aiche, *a.* Insignificant, trifling, of little worth, valueless, not valuable, paltry, abject, mean. 2 Despised, contemned, of no repute. 3 Trifling. 4 Contemptible, silly. 5* Indifferent. Dealbh s., *a despised idol;* na cuir s., *do not despise;* tha mi s. uime, *I am indifferent about it;* duine no ni suarach, *a paltry person or thing;* bu shuarach dhuit ged a dheanadh tu sin, *it were a light matter though you should do that;* gnothach s., *a paltry or shabby thing;* cuir s., *despise.*
suarach,‡ *a.* Careless.
suarachan,(WC) *s.m.* Worthless person.
suarachas, -ais, *s.m.* Neglect, abjectness, indifference. 2 Insignificance. 3 Contempt. 4* Nought, trifling nature or quality. S. an ni seo, *the contemptible nature of this thing;* na cuir an s. an ni seo, *do not set this thing at nought, do not make light of it.*
suaraich, *v.a.* Derogate.
suaraiche, *s.f.* see suarachas. 2 *comp. of a.* suar-

ach.
suaraichead, -eid, *s.f.* Meanness, degree of meanness or insignificance. 2* Contemptibleness. 3** Diminution in value. 4* Degree of indifference. A' dol an s. uime, *getting more indifferent about it.*
suaraicheis, see suarachas.
suarcas,** -ais, *s. m.* Wit, drollery.
suarrach, -aiche, see suarach.
suarrachas, see suarachas.
suarrachd,(MS) *s.f.* Baldness.
suas, (i.e. a suas) *adv.* Up, upward, (away from one.) 2 Westwards. Shuas, *above, above there, above yonder ;* o seo s., *henceforth ;* thoir s. ort! *up with you !* chaidh e s., *he went up ;* chaidh e suas air bainn, *he went up into (on) a mountain ;* cha'n 'eil a suas air fichead ann, *there are not more than twenty* (lit. *in it) ;* sios is s., *eastward and westward* (on the E. coast); tog s., *rear, educate ;* dean s., *make up, constitute. Suas* also conveys the idea of *resting* when completion of movement upwards is meant, as, tha e s., *he or it is above ;* suas leis a' Ghàidhlig ! *up with the Gaelic !*
†suas, -ais, *s.m.* Urbanity.
suasaid, see tuasaid.
†suas-mhol, *v.a.* Magnify, extol, flatter, exalt, puff up.
suath, *pr.pt.* a' suathadh, *v. a.* Rub, wipe. 2 Mix any soft substances together. 3 Stir, or move about, as porridge or any inspissated substance. 4 Mash, as potatoes. 5 Knead. 6 Thrash out barley by rubbing it with the feet. 7** Claw. 8** Pamper. 9 Foment. 10 Fray. 11 Chafe.
suathach,†† *a.* Rubbing. 2 Afflicted.
suathadair, -ean, *s.m.* Rubber.
————achd,†† *s.f.* Rubbing.
suathadh, -aidh, *s.m.* Rubbing, act of rubbing or wiping, friction. 2 Act of mixing any soft substances together. 3 Act of stirring or moving anything about. 4 Mode of thrashing barley by rubbing it with the feet. 5 Kneading. 6 Affliction. 7†† Wringing of the hands. Is fèarr s. ri crois na fuaigheal ri crois, *better rub against a pest than be bound to a pest ;* aol-tathaidh gun s., *untempered mortar.* A' s—, *pr.pt.* of suath.
suathaid,(DMy) *a.* Notable.
————eas,(DMy) *s.m.* Mark or cut caused by a blow. Is tu a chuir an s. orm, *how you have marked me !*
suathan-innseanaich, *s.m.* India-rubber.
suathran,** *s.m.* Vertigo.
suathta, *past pt.* of suath. Rubbed. 2*Mashed.
subag,** *s.f.* Hood, kerchief. Currac sùbaig, *a sow-backed match.*
sùbailte, *a.* Supple, flexible, pliant, agile, nimble, elastic. Spiorad s., *a flexible mind.*
————achd, *s. f.* Suppleness, flexibility, nimbleness, elasticity.
subaiste,** *s.f.* Mouth.
subas,** -ais, *s.m.* Mishmash, mess of wild berries and milk.
sùbh, -ùibh, -an, *s.m.* Berry. 2(AH) see sùdh. 3††Fruit generally. 4(AH)Plait, series of plaits or an excision in a garment to tighten it—the opposite of gore.
sùbh, *s m.* Raspberry. [also subh.]
subh, *s. m.* Raspberry. 2 Fruit generally—*Argyll.*
†sùbh, see sùgh.
†subh, -a, *s.m.* Pleasure, delight, joy, mirth.
subhach, -aiche, *a.* Merry, happy, cheerful. Bha iad s , *they were merry.*
————as, -ais, *s.m.* Mirth, happiness, cheerfulness, gladness, merriness, pleasure, joy. Is mairg a dheanadh s. ri dubhachas fir eile, *pity him who rejoices in another's woe ;* deireadh an t-subhachais sin, *the end if that (mirth) laughter.*
subhag, -aig, -an, *s.f.* Raspberry. 2 Strawberry, see sùbh-thalmhainn. [‡also sùbhag.]
————ach, -aiche, *a.* Abounding in raspberries or strawberries.
sùbhag-làir, *s.f.* Strawberry.
subhaich,(MS) *v.a.* Rejoice.
subhaiche, *s.f.ind.* Happiness, state of being happy or joyful.
subhailc, -e, -ean, *s.f.* Virtue, moral goodness, moral excellence. Bean na s., *a virtuous woman.*
subhailceach, -eiche, *a.* Virtuous, of or pertaining to virtue, moral. Cò a gheibh bean sh., *who can find a virtuous woman ?*
subhailceachd, *s. f.* Virtuousness, quality of possessing virtue.
subhailcead,†† *s.* Degree of virtue.
†subhallach,** *a.* Religious.
†subhaltach, -aiche, *a.* see subhach.
†subhaltas, -ais, *s.m.* see subhachas.
subhan,** -ain, *s.m.* Juice, sap. 2 Water impregnated with the juice of corn-seeds, of which a coagulated kind of food, called sowens, is made. [sùbhan—*Gairloch.*]
sùbhan-làir, see sùbh-làir.
subhar, *a.* see sùghmhor.
sùbh-chraobh, sùibh-ch-, sùbhan-ch-, *s.m.* Raspberry-bush. 2 Any bush that yields wild berries.
sùbh-craobh, sùibh-c-, -an-c-, *s. m.* Raspberry. 2**Dewberry.
sùbh-chraoibh, see sùbh-chraobh.
subhlach,** -aich, *s. m.* Juice pressed out of apples or other fruit. 2 Liquor.
sùbh-làir, -ùibh-, -an-, *s. m.* Wood-strawberry, see sùbh-thalmhainn.
subhmhor, see sùghmhor.
sùbh-nam-ban-min, *s. m.* Stonebramble, see caora-bad-mianu. 2 Bogberry.
sùbh-nam-ban-sithe,§ Stonebramble, see caora-bad-mianu.
sùbh-thalmhainn,§ *s.m.* Wood-strawberry.
sùblachadh, -aidh, *s.m.* Act of making supple or flexible. A' —s, *pr.pt.* of sùblaich.
sùblaich, *pr.pt.* a' sùblachadh, *v.a. & n.* Make supple or flexible. 2 Grow supple. 3 (DC) Recede, become less in bulk, as a swelling.
sùblaichte, *past pt.* of sùblaich. Made flexible or supple. 2 Grown flexible.
sùcan, -ain, *s. m.* Earthen pot. 2 Anything wrought awkwardly together, as clay.
sùcar, see siùcar.
sùcarach, see siùcarach.
†such, *v.a.* Suck, imbibe. 2 Saturate, fill.
such, *s.m.* Whispering noise.
suchadh, -aidh, *s.m.* †Imbibing. †2Filling, saturating. †3 Wave. 4 Suction, evaporation. A' s—, *pr.pt.* of such.
suchan, -ain, *s.m.* Sucker.
sùchd, *s.m.* Sake, account. Air s. mhaitheis, *for goodn'ss' sake ;* air s. Chriosda, *for Christ's sake ;* air s. nan achd, *for the sake of these objections.*
sùchdar, see siùcar.
sùchta, *past pt.* of such, see sùghta.
†sucraidh, *a.* Easy.
suc ! suc ! (repeated several times) *int.* Call to sheep—*Islay.*
sud, see siod.
sudag,** -aig, *s.f.* Cake.
sudar, *s.m.* Currier.
sùdh, -ùidh, -an, *s.m.* Overlap in planks of a boat, see bata, B, p. 73.

†sudh, *a.* Secure.
sùdh, see sùgh.
sudhair, see sùghmhor.
sùdhar, *a.* see sùghmhor. 2 (MS) Alimental.
sudral,** -ail, *s.m.* Light. 2 Candle.
sùg, -a, *s.m.* Cheerfulness, hilarity, mirth, happiness.
sùg, *pr.pt.* a' sùgadh, *v.a.* Suck, imbibe. 2** Soak. 3**Attract.
sùg,* *s.m.* Lamb. 2 *int.* Mode of calling a lamb —*Argyll.*
sùgach, -aiche, *a.* Merry, cheerful, pleasant, festive. 2 (MS) Humorous, comical. 3(MS)Attractive.
sùgach, -aiche, *a.* Sucking, that sucks.
sùgachas, -ais, *s.m.* Jocularity, mirth.
sùgadh, -aidh, *s.m.* Sucking, act of sucking or imbibing, suction. 2**Attraction. A' *pr. pt.* of sùg.
sùgag, -aig, -an, *s.f.* Little drink or suck.
———,§ -aig, *s.f.* Red clover, see seamrag-chapuill. 2**Bloom of clover, so called from its containing a honeyed juice.
sugag,(G) *s.f.* Sheep—*Islay.*
sùgaich,(MS) *v.a.* Joy.
sùgaiche, *s.f.ind.*Cheerfulness, merriness, hilarity.
sùgaidheachd,** *s.f.* Joyousness.
sùgair, -ean, *s.m.* Droll or merry fellow, merry-andrew. 2 Sucker. 3 Mountebank.
sùgair,* *v.n.* Make merry, sport.
———eachd, *s.f.* Drollery, buffoonery.
sùgan, -ain, -an, *s. m.* Rope of twisted straw. 2 Rope of twisted heath. 3(DC)Thatch-rope—*Uist.* 4 Horse's collar—*Mull & Islay.* 5** Straw collar for cattle. Corra-shùgan, *a twisthandle.*
sugan, -ain, -an, *s.m.* Pet lamb.
sùgan, *s.m.* (i. e. corra-shugain) The reflection of the rays of light on the walls or roof of a house, from any luminous body in motion.
sùganach, -aiche, *a.* Abounding in straw-ropes 2 Like a straw-rope.
sugar,** *s.m.* Band for the neck.
sùgh, -a &-ùigh, *pl.* -an, *s.m.* Juice, sap, moisture. 2 Sense, meaning. 3 Wave, billow. 4 Substance. 5**Berry. 6‡‡ Juice of meat, broth. 7‡‖Motion of the waves. 8* Huge receding wave. 9* Dearest object, darling. A shùgh mo chridhe ! *my dearest ! my darling !* s. feòla, *soup ;* tha 'n s. fuar, *the moisture on the earth is cold ;* gnothach gun s., *a senseless or sapless affair ;* s. nan ubhal, *the sap of the apples ;* s. nan gràn-ubhall, *the juice of the pomegranates ;* s. am poit, *broth in a pot ;* druim nan s., *the backs of the waves ;* a ceann ris na sùghaibh, *her head against the billows.* [*pl.* sùghaichean in *Sgeul.nan caol, p. 101*—Na sùghaichean lùn-corrach, sinteach a' gleannadh gu Cinn Inbhir-Àir, *the billows and their troughs rolling towards the Heads of Ayr.*]
sùgh, *v.a. & n.* Drain, dry, dry up, drink up. 2 Become dry, dry up. 3 Suck in, imbibe, swallow as if by suction. 4 Absorb. 5 Evaporate. 6 Season, shrink, as wood. 7 Extract. 8(DMy) Drip.
Sh. e 'm fallus, *it absorbed the perspiration ;* sh. am fiodh, *the wood seasoned ;* sh. an t-ombar an dùrachan á m' shùil, *the amber extracted the mote from my eye ;* sh. an còs an t-uisge, *the sponge absorbed the water ;* s. ort e, *suck it in ;* sh. a' phòit, *the pot dried up ;* sh. a h-uile deur, *every drop evaporated.*
sùghach, -aiche, *a.* Attractive. 2‡‡Juicy. 3** Abounding in berries.
sùghachan, *s.m.* Syphon.
sùghadair,(MS) *s.m.* Attracter.
sùghadh, -aidh, *s. m.* Draining, act of draining, drying up or drinking up. 2 State of becoming dry. 3 Sucking, act of sucking or swallowing. 4**Absorption. 5 Seasoning, as wood. 6 Motion of the waves. 7 Leakage—*Dàin I. Ghobha.* 8*Extracting the juice. A' s—, *pr. pt.* of sùgh. S. nan tonn, *the flux and reflux of the waves ;* tha 'm fiodh air s., *the wood is seasoned ;* a' s. an smior as, *extracting the very marrow from it;* thug an s. leis e, *the receding waves carried it away.*
sùghag, see sùbhag.
sùghail, -e, *a.* see sùghmhor.
†sùghainte, -an, *s.f.* Whirlpool, gulf.
sùghair, see sùghmhor.
sùghaireachd,* *s.f.* see sùghmhorachd.
sùghalachd,(MS) *s.f.* Alimentariness.
sùghan, -ain, *s.m.* Juice of sowens, or liquid from which they are made by boiling. (sùbhan.)
sùghanach, see sùghmhor.
sùgh an daraich,§ *s.m.* Mistletoe, see uil'-ioc.
sùghar, see sùghmhor.
sùgh-bhrìgh, see sùgh-bruich.
sugh-bhrìgheach, *a.* Juicy.
sùgh-bhrìghear, see sùgh-bhrioghmhor.
sùgh bhrioghmhor, *a.* Juicy.
sùgh-bruich, *s.m.* Decoction, juice.
sùgh-cadail,‡‡ *s.m.* Opium.
sùgh-chraobh, see sùbh-chraobh.
sùgh-dharaich,** *s.m.* Mistletoe, see uil'-ioc.
sùgh-làr, see sùbh-làir.
sùghmhor, -oire, *a.* Juicy, sappy, moist. 2 Substantial, having much substance or solidity, solid, strong. 3 Sensible, intelligent. 4 Inventive. 5**Billowy. 6* Pithy. 7*Succulent.
sùghmhorachd, *s.f.ind.* Juiciness, succulency, sappiness. 2 Substantiality, solidity,strength. 3 Understanding, intelligence, acuteness of mind.
sùgh-pheuran, *s.m.* Perry.
sùghta, *past pt.* of sùgh. Absorbed, dried up, evaporated. 2 Saturated, filled, tightened. 3 Seasoned, as wood. 4 Boiled in. 5 Sucked. Fiodh s., *seasoned wood.* (sùghte.)
sùgh-ubhall, *s.m.* Cider.
sùgrach, -aiche, *a.* Mirthful, sportful.
———ail, -e, see sùgrach.
sùgradh, -aidh,-*s.m.* Mirth, diversion sport,play, sporting, joke. Cha'n 'eil thu 'na'l sh., *it is no joke to deal with you ;* cha'n e an s. a chur ris, *it is no joke to manage,* or *master him ;* dh'èirich iad suas gu s., *they rose up to play;* ri s., *in sport ;* nigheann donn an t-sugraidh, *the brown-haired sportive maiden ;* a' s. ri 'mhnaoi, *sporting with his wife ;* mu sh. *about mirth.*
sùgradh-baoth,(MS) *s.m.* Apishness.
sùibheag, -eig, -an, *s.f.* see sùbhag.
———ach, see sùbhagach.
suibhealas,** -ais, *s.m.* Sponging, sharking.
suibheallan,** -ain, *s.m.* Parasite.
suic, *gen.sing. & n.pl.* of soc.
sùicean, -ein, -an, *s.m.* Gag to prevent a calf from sucking.
suidh, *pr. pt.* a' suidhe, *v.a.* Sit down. 2 Incubate, sit on eggs.
suidh, ** *s.m.* Hero, champion. (saoidh.)
sùidh, see sùith.
sùidh, *v.* see sùgh.
suidhe, *pl.* -an & -achan,*s.m.* Beam or supporter of a house. 2 Seat. 3 Sitting. 4 Séjant, in *heraldry.* 5 Sederunt, session. 6‡‖Incubation. 7 Level shelf on a hill-side, where one would naturally rest. 8 see sùithe. 9* Act or state of sitting. A' s—, *pr. pt.* of suidh. Maide-

suidhe, *couple of a house; the spar to which is attached the chain or crook on which to hang pots over a fire in the middle of the floor*, also called maide-slabhraidh; dean s., *sit, be seated*; 'na sh., *he sitting*; 'na s., *she sitting*; s. bidh, *a meal.*

suidheachadh, -aidh, *s.m.* Settling, arbitration, act of settling, appointing, arranging, planning. 2 Planting, act of planting. 3 Letting, act of letting for rent. 4 Setting the pattern for tartan or other cloth to be woven, formed by placing threads on a small piece of wood, according to the design proposed and kept as a key to the number of threads of each colour and the positions of the various colours in the pattern. 5‡‡ Specimen, pattern. 6 Set or pattern, as of tartan. 7 Order, arrangement, disposition. 8* Laying foundation, making framework. 9* Planting, colonizing, establishing. 10* Situation, posture. 11 Betrothing, arranging terms of marriage. 12 *Plan, model. A' s—, *pr.pt.* of suidhich. Air a' cheart sh., *on the same plan or pattern, as cloth*; s. fearainn, *a letting of lands for rent*; s. inntinn, *gravity*.

suidheach ail, -e, *a.* see suidhchte.

suidheachan, -ain, -an, *s.m.* Seat, chair, stool, pew, bench to sit on, settle. 2**Rustic seat. 3 Cushion. 4 Stern-seat in a boat. 5 (DC) Stook of corn (6 or 8 sheaves)—*Uist.* 6* Turf-sofa.

suidheachas, *s.m.* see suidhichteachd.

sùidheag, see sùbhag.

———ach, see sùbhagach.

———an, *dim.* of sùidheag.

suidheagan, see suidheachan.

suidhealachd,** *s.f.* Gravity.

sùidhean, *s.m.* Seam joining divided planks in a boat (see p. 77.) (sùidh.)

suidheann,** -einn, *s.m.* Ship's cable.

sùidhe-bhalach, see sùith-bhalach.

suidhe-bidh, *s.m.* Meal, diet.

sùidhe-làir,* see sùbh-làir. 2* *s.m.* Framework, groundwork.

suidhich, *pr.pt.* a' suidheachadh, *v.a.* Settle, appoint, order, plan, arrange. 2 Place, plant, set. 3 Set, let for rent. 4* Betrothe, settle terms of marriage. 5 Win. 6**Pitch. 7** Repose. 8‡‡Lease. 9**Make an appointment, agree. Sh. e an taigh (*no* am baile) *he let the house* (or *the farm*); sh. e a nigheann air, *he betrothed his daughter to him*; s. àite far an tachair sinn, *appoint a place where we shall meet*; sh. iad an stéidh, *they laid the foundation*; sh. Fionn an t-seilg, *F. arranged the hunt*; agus sh. an Tighearna gàradh, *and the Lord planted a garden*; sh. e beoshlaint oirre, *he settled an annuity on her*; sh. e a bhùth, *he pitched his tent*; sh. iad faire, *they set a watch.*

suidhichdeachd, see suidhichteachd.

suidhichear, *fut.pass.* of suidhich.

suidhichte, *a. & past pt.* of suidhich. Planned, settled, arranged, appointed, determined, fixed. 2 Placed, planted, set. 3 Let, let for rent. 4 Sedate, grave, steady. 5 Pitched, as a tent. 6 Established. 7 Composed. 8* Laid, as a foundation. 9* Pointed out. 10**Stationary. 12(DC) Married or deforis familiated (applied to the daughters of a family)—*Argyll.* Tha 'n t-àite s., *the place is appointed or determined, the property is let*; tha mi suidhichte air sin a dheanamh, *I am determined to do that*; duine s., *a sedate person*; air an là s., *on the appointed day*; is còir do na mnathaibh 'bhi s., *wives ought to be grave.*

suidhichteachd, *s.f.ind.* Steadiness, equanimity. 2 Consideration.

sùidhte, see sùithte.

sui'eag, see sùbhag.

suig, (AF) *s.* Pig.

sùig, *v.a. & n.* see sùg.

suigean,‡‡ -ein, *s.m.* Place made of straw-ropes to contain grain in a barn. The grain placed in a heap on the floor is confined from spreading by straw-ropes set round the margin. 2 Crupper.

suigeanta, (MS) *a.* Alacrious.

suigeart, -eirt, -an, *s.m.* Gladness, cheerfulness, joy, frisking of an animal for joy. 2(MS) Pith. 3* Blustering kind of expression of joy. Òla-maid slàinte Thearlaich le s., *let us drink Charlie's health with gladness*; a' dol le s. do 'n choille, *going frisking to the wood.*

suigeartach, -aiche, *a.* Frisking for joy, gladcheerful, blythe.

suigeartachd,** *s.f.* Blythesomeness.

sùigh, see sùith.

sùigh, *v.a. & n.* see sùgh.

sùigheach,** *a.* Absorbent.

suighean, (for suidhean) *pl.* of suidhe.

sùighte, see sughta.

sùighteach, (MS) *a.* Attractive.


suigionnach, -aiche, *a.* see suigeartach.

suigleadh,** -idh, *s.m.* Snot.

sùil, *gen.sing.* sùl & sùla, *dat.* sùil, *voc.* a shùil *n.pl.* sùilean, *g.n.pl.* sùl, *dat.pl.* sùilean & sùilibh, *voc.pl.* a shùla, *s.f.* Eye, the eye. 2 Look, glance, cast of the eye in any direction, sight. 3 Hope, expectation. 4 Care, oversight, superintendence. 5 Orifice, opening. 6 Willow, see seileach. 7 Eye of a quern. 8**Regard, respect. 9**Loop-hole. 10** *rarely*, Tackle. 11 Eye through which the wool passes to spinning-wheel. 13 Thimble of a boat. 14**The letter S. 15(DC) Small cluster of herring in the water, less than a shoal—*Lochfyne.* 16 (AH) Hole in which the shaft of a tool like a pick-axe is fixed.

Bha mo cheud s., *my first glance or sight was*; thog e a sh., *he raised his eye*; gun s. r' a theachd, *not expecting his coming*; tha s. againn ris, *we expect him*; na bitheadh s. no dùil agad ris, *neither have expectation nor hope of him*; bitheadh s. agad orra, *watch or keep your eye on them*; an cuir tobar a mach as an aon sh. uisge milis is searbh? *will a fountain send forth from the same opening sweet and bitter water?* tha 'sh. ri teachd, *he expects to come*; dh' fhalbh na sùilean geala, *the blindness has gone*; nach ann agam bha na sùilean geala! *how stupid I was!* fliuch do sh., *wet your eye*, (or, fliuch do sh. mu'n lean e rithe, *wet your eye lest it sticks to it*) i.e. in case you have the evil eye, and the thing referred to becomes yours or dwindles away. The remark is usually made when relating something of an auspicious nature about a person in the hearing, who in turn would say "fliuch do shùil," meaning that the narrator was not to be envious of the prosperity of the other. The remark may be used in reference to one's property, as well as to his fame, &c. Cha'n i mo sh. is eagal duit, *there is nothing for you to fear from my eye* (another saying of the same nature as the last, only it comes from the party who has made the favourable remark about anyone, and adding, "Cha'n e mo sh. a's eagal duit;"); 's mò làn do sh. na làu do bhronn, *the full of your eye is more than the full of your belly*; s. mo thruaighe, *the eye that deserves pity*—the equivalent of a woe begone look; tha 'n s. ri lear, *their eye is towards the sea*; mòralach d' na sh., *majesty in his aspect*; tha s. chrom aige, is said of one who looks

from the outer corner of his eye in a furtive manner ; s. mu 'n t-sròn, *to his cheek*—used in this way, chaidh iunsaidh dha s. mu 'n t-s., *it was told him to his cheek*. Beul mu 'n fhiacail, has the same meaning, only the mouth and teeth are mentioned instead of the eye and nose; s. na bràthan, *the eye of the quern* ; s. rag, *a dim eye* ; s. gheur, *a sharp eye*.



652. Sùil.

PARTS OF AN EYE—
1 Malaidhean, *eyebrows*.
2 Rosgan na sùla, fabhraidhean, *eyelashes*.
4 Toiseach na sùla, *end next to nose*.
5 Deireadh na sùla, *end farthest from nose*.
6 An dubhagan, fradharc na sùla, dubh na na sùla, *pupil*.
7 Cearcall na sùla, *iris*.
8 Ball na sùla, *eyelid*.
9 Clach na sùla, rinn an ruisg, ubhal, *eyeball*.
10 Geal na sùla, gealagan na sùla, *the white*.

†suil, *conj.* Before that, ere. see seal & sol. (sul.)

sùil-an-tòin,(AF) *s.* Cuttle-fish.

†suilbh, -e, *s.f.* Cheer, hospitality, geniality.

suil-bhalair, see suil-mhalair.

suilbhear, -a, *a.* see suilbhir.

———-——achd, *s.f.* see suilbhireachd.

sùil-bheum, -a, -an & -annan, *s.m.* Hurtful influence of the evil eye.

sùil-bheumach, -aiche, *a.* Having an evil eye. 2 Blasting with the eye.

suilbhir, -e, *a.* Cheerful, merry, joyful, hearty, pleasant. 2 *originally* Eloquent. Laoich nan gorm-shùil s., *hero of the cheerful blue eyes*.

suilbhire, *comp.* of suilbhir.

suilbhireach, -eiche, *a.* see suilbhir.

suilbhireachd, *s.f.ind.* Cheerfulness, joyfulness, gaiety, hilarity. 2 Alacrity. 3††Civility. 4 Frankness. 5 Merriness.

suilbhirich,** *v.* Animate.

sùil-charbh,(AF) *s.f.* Silver haddock.

sùil-chrìch, *Arran* for sùil-chritheach.

sùil-chrith, see sùil-chritheach.

sùil-chritheach, -ich, *s.f.* Quagmire, deep bog.

sùil-chruthaich, -e, see sùil-chritheach.

sùileach, -eiche, *a.* Having good eyes, sharp, quick-sighted. 2* Knowing. 3**Ocular. 4 Like an eye. 5 Eyed, having many eyes. 6 Of, or belonging to, the eye.

sùileachan,(CR) *s.m.* Warning, lesson, eye-opener. Bheir siod s. dha, *that will be a warning or lesson to him—W. of Ross*.

sùileachd,(AC) *s.f.* Influence of the evil eye.

sùileag, -eig, -an, *s.f.dim.* of sùil. Little eye. 2 Small orifice. 3 Small bubble, bell on liquor. 4 Little circular wooden vessel. 5**Pore. 6 (MMcD) Small vessel made of clay containing one Scots pint, and used for keeping milk —*Lewis*. 7(DC) Girl after three months of age, when she opens her eyes and looks about her. 8§ Common sallow (plant)—*salix caprea & s. aquatica*. 9 Earmark on sheep, see under comharradh-cluais. 10*Spot in cloth. 11 Little loop.

———-ach, -aiche. *a.* Having little eyes. 2 Full of little eyes. 3 Full of small orifices. 4 Full of small bubbles. 5* Spotted. 6 Full of loop-holes.

sùilean, *n.pl.* of sùil.

sùilean,(DC) *s.m.* Boy child after three months of age when he opens his eyes and looks about him.

suileasg,** -eisg, *s.f.* Osier.

sùil-fhrasachd, *s.f.* Lachrymation.

suilleach,(CR) *a.* Clear, bright—*Suth'd*.

suilleag,** -eig, -an, *s.f.* Bell, bubble.

———-ach, *a.* Full of bells or bubbles.

sùil-léigh, -ean, *s.m.* Oculist.

suil-leigheas,** -eis, *s.m.* Eye-salve.

sùil-leunach,** *s.f.* Wall-eye.

sùil-lighiche,* see sùil-léigh.

sùil-lionnach, -aiche, *a.* Watery-eyed.

sùil-mhalair, *s.m.* Cockatrice.

sùil-mhala-righ, see sùil-mhalair.

sùil-mhargach,** *a.* Forestaller.

sùil-mhargaidh, -ean, *s.m.* Forestaller of the market.

suil mu'n, *adv.* Ere, before.

sùil-radharc,*, *s.* Fascination. 2 Foresight. 3 Sense of sight vision. 4 Fate.

———-——ach,** *a.* Fascinating. 2 Having the sense of sight.

sùilteach, -aiche, *a.* see sùileach.

suim, *v.a.* Sum, compute.

suim, -e, -eannan, *s.f.* Sum, amount. 2 Consideration, respect, regard, care, attention. 3 (AH) Number of cattle, sheep and horses assigned to a certain holding as that which the tenant is entitled to keep, see sum. Cha bhi s. aige dh' èiric, *he shall not regard a ransom* ; cha'n 'eil s. ann dhomh-sa, *it makes no difference to me* ; gabh s, *pay attention* ; mur diol sinn an s. cheart, *if we do not pay the right sum*; cha 'n 'eil s. sam bith aige do d' ghnothach, *he pays no attention whatever to your business*.

suim-bhliadhnail, *s.f.* Annuity.

suimeachadh,(AH) *s.m.* The periodical counting and adjusting of stock by tenants holding grazing in common.

suimealachd, *s.f.ind.* Respect, regard. 2 Importance. 3 Attentiveness, care, considerateness.

†suimear, -ir, -an, *s.m.* Shin, shank.

suimeil, -e, *a.* Attentive, regardful. 2 Momentous, important, considerable. 3 Considerate. 4 Respectful. Gu s., *regardfully*.

———-eachd, see suimealachd.

suinn, *gen.sing. & n.pl.* of sonn.

suineann,** *s.m.* Stammering.

suip, *gen.sing. & n.pl.* of sop.

suipean, see sopan.

suipear, -ach, -an. see suipeir.

suipeir, -e & -each. *pl.* -an, *s. f.* Supper. S. an Tighearna, *the Lord's Supper, Eucharist* ; an déigh na suipeireach, *after supper*. [*suipear.]

suipeireach, -eiche, *a.* Cenatory,

———-——, *gen. sing.* of suipeir.

suirbhe, see suiridhe.

suirbheach, -ich, *s.m.* see suiridheach.

suire, *s.f.* Maid, nymph, mermaid, syren, fairy, nereids. Also used in a *pl.* sense.—**

suireach,* -eiche, *a.* see suiridheach.

———-,* -eich, *s m.* see suiridheach.

suireadh, -idh, -idhean, *s.m.* see suire.

suireadh, see suiridhe.

suirghe,†† *s.f.* see suiridhe.

suirgheach, see suiridheach.

suirich, see suiridhe.

suiriche, *s.m.* Wooer. 2 Fool.

suirichean-suirich,§ *s, m.* Burdock (*lit.* foolish wooer)—*arctium lappa*. (ill. 653.)

suiridhe, see suiridheach.

suiridhe, *s.f.ind.* Courting, address, wooing, making love.

———-ach, -ich, -ichean, *s.m.* Lover, wooer. 2

Shuffler. [‡ says better suirtheach & suireach, but he retains suiridhe & suiridheach as the principal spellings.]



653. Suirichean-suirich.

suiridheach, -eiche, *a.* Courting, wooing, that courts or wooes. 2 Ready to court or woo.
———ail, -e, *a.* Gallant.
suirighe, see suiridhe.
suirim, -ean, *s.m.* see surram.
suirtheach, see suiridheach.
———adh, see suiridhe.
suirtheadh, see suiridhe.
suirthiche, -an, *s.m.* Suitor, lover.
suisdealadh,* -aidh, *s.m.* Drubbing. 2 Hard work, working by night and day.
sùist, -e, -ean, *s.f.* Flail. 2 Battle-flail, an implement of warfare much used in ancient times.
PARTS OF A FLAIL—
Buailtean, *swiple*, the part that threshes the corn.
Lorg, *staff, handle*. Lamhargan—*Arran*.
Sail shùiste, iall, iall shùiste, *the thong of sheepskin* which attaches the staff to the buailtean.
sùist, *v.a.* Thresh. 2 Beat, thump.
sùisteach, *a* Pertaining to a flail. 2 Like a flail.
sùisteachadh,** -aidh, *s. m.* Threshing with a flail.
sùisteachd, *s. f.* Threshing, employment of a thresher.
sùisteadh, -idh, *s.m* Threshing, act of threshing, 2 Thumping or beating, act of thumping or beating. A' s—, *pr.pt.* of sùist.
sùistear, -ir, -an, *s.m.* Thresher, one who threshes.
———achd, *s. f.* Process of threshing. 2 †† Business of threshing.
sùith, *s.m.* Soot. Neul an t-sùith, *the colour of soot.* [sùthaidh in *Gairloch.* ** gives *sùithe* as *nom.*]
sùith,** *v.a.* Soot, cover with soot. 2 Season or dry in smoke.
sùith-bhalach, *s. m.* Chimney-sweep. [sùithebhalach.]
sùith dubh, *s m* The black sooty drops that fall from the inside of a thatched roof after a rain-storm.
suithe,** s. Balk, beam. (suidhe.)
sùitheach, -eiche, *a.* Sooty, of, or belonging to, soot. 2 Full of soot.
sùitheachd, (MS) *s.f.* Sootiness.
sùithte, *past pt.* of sùith.
†sul, (MS) *conj.* Ere, before.
sùl, *g.n.pl.* of sùil. 2 see sùla. 3 see sult.
†sul, -uil, *s.m.* The sun.
sùla, *gen.sing.* of sùil.
sùla, (a sh— !) *voc.pl.* of sùil.
sulag, (MMcD) *s.f* see sùileag.
sùlaiche, (AF) see sùlair.
sùlair, -ean, *s.m.* Gannet, solan goose—*sula bassana*. 2(AF) Any voracious bird. 3 Voracious person. [sulair—AH.]



654. Sùlair.

sùlaireach, -eiche, *a.* Of, or belonging to gannets. 2 Like a gannet. 3††Sharp-eyed.
sùlas, see sòlas.
sulas,* -ais, *s.m.* Complaisance, over-joy showing itself by gestures and expression of countenance. Air son sulais rint-sa, *out of sheer complacency to you*; 's e a rinn an *s. how overjoyed he was!*
———ach,* -aiche, *a.* Over-joyed, complaisant—*Islay.*
sùl-bheachd, -an, *s.m.* Attention. 2 Watchful, diligent observation. 3 Eyesight. Air gach taobh tha s., *on every side there is watchfulness.*
———ail, -e, *a.* Attentive. 2 Observant.
sulchair, -e, *a.* Cheerful. 2 Affable. 3 Hospitable. 4 Jocular. 5* Overjoyed. Gu s., *heartily.* [‡sulchar.]
———e, see sulchaireachd.
———eachd, *s.f.ind.* Cheerfulness. 2 Affability, frankness, heartiness. 3 Hospitality. 4 Jocularity.
sùlmhor, -oire, *a.* Quick-sighted.
———achd, *s.f.* Quick-sightedness.
sul mu'n, (MM) *adv.* Ere, before.
sùl-radharc, -airc, *s.m.* Eye-sight. 2 Foresight. 3 Fate. 4 Fascination.
———ach,** *a.* Provident, foresighted, foreseeing. 2 Fascinating. 3 Sharp-sighted.
———achd, *s.f.* Providence. 2 Sharp-sightedness.
sùl-sgàilich, (MS) *v.a.* Blindfold.
sult, -uilt, *s.m.* Fat, plumpness, fatness. 2 Comeliness, beauty. 3 Mirth, joy, jest. 4(AF) Fat herring. 5††Blubber. De sh. na talmhainn, *of the fatness of the earth*; s. is ìgh, *fatness and plenty.*
sultach,** *a.* Fat. 2(MS) Flabby.
sultag, (AC) -aig, *s.f.* Fat little girl or female beast.
sultaireachd,* see sultmhorachd.
sultan, (AC) -ain, *s.m.* Fat little boy or male beast. Mios sultain, *the month of fatness* (*October.*)
sultar, see sultmhor.
sultmhor, -oire, *a.* Fat, plump, in good condition, corpulent, lusty. 7 Fertile. 3 Fair, comely. 4 Merry, joyful, jolly. 5 Jesting, pleasant, jocose.
———achd, *s.f.ind.* Fat. fatness, plumpness, corpulence. 2 Comeliness, beauty. 3 Mirth, joy, jest. [**sultmhoireachd.]
Sultuine. *s.m.* September. [Preceded by the art. *an.* DC says second half of October and first half of November.]
sum, -uim, *s.a.* Sum. 2 As much ground as will

suffice four sheep (*soums.*)
sumach, -aich, *s.m.* Plaid.
sumag, -aig, -an, *s.f.* Cloth below a pack-saddle, saddle-cloth. 2 Rug on the back below a burden. 3 Anything ragged. 4 Footcloth, galligaskins. 5 Panel. 6**Pad. 7**Pack-saddle.
——ach, -aiche, *a.* Ragged. 2 Patched 3 Like, of, or belonging to, a pack-saddle.
sumaich,* *v.n.* Give the due number, as of cattle for joint pasture.
sùmaid, -e, -ean, *s.f.* Billow, surge, large wave. 2**Ridge. 3 The external senses [‡sumaid.]
——each, -eiche, *a.* Wavy, billowy. 2 Boisterous. 3**Ridgy.
sumaidean, *s.pl. W. of Ross* for somnilteau.
sumain, *pr.pt.* a' sumanadh, *v.a.* Summon, cite, prosecute.
sumain,‡ *s.f.* see sumanadh.
sùmainn, -e,-ean, *s.f* Billow, surge, great wave. Cha sìùil na sùmainnean glasa, *the blue billows are not sails.* [**sumain.]
——each, -eiche, *a.* Billowy, stormy. 2** Flowing. 3**Causing great waves.
sumair, -ean, *s.m.* Gulf. 2 Whirlpool 3 Sucker. 4 Swallower. 5 Drinker. 6 Glutton. 7 Sucker of a pump. 8 Drone of a bagpipe. (p. 722.) †9 Generation.
sumaire, *s.m.* Coarse cudgel, lethal weapon, beetle—*Sàr-Obair.*
sumaire.(AF) *s.m.* Leech. 2 Serpent. 3 Reptile.
suman,** *s.m.* Cital. †2**Interpellation.
——adh, -aidh, *s.m.* Summons. 2 Act of summoning. A' s—, *pr.pt.* of sumain.
sumanaich, *v.a.* Billow.
sumbaid, -e, -ean, *s.f.* see sumaid.
sumgadh,** -aidh, *s.m.* Aporrhœa.
sùmhail, -e, *a.* Close-packed, unbulky. 2 Tidy. 3 Quiet, peaceable, tame. 4** Strait-laced. 5* Humble, obedient, obsequious, as a person. 6††Smoothed. Opposite of dùmhail. Gu s., *tightly.* [pron. sùil in *Arran.*]
sumhaileachd,** *s.f.* Tightness.
sùmhlach.** *a.* Crowding, pressing together, abridging.
sùmhlachadh, -aidh, *s.m.* Packing closer, act of packing closer. 2 Taming, act of taming. 3 State of becoming tame or peaceable. 4 Abstract, abridgment, diminishing. 5 Bending tightly. 6 Bending together. 7* Creeping in, sitting or lying closer and closer. 8* Lessening or abridgment of bulk. A' s—, *pr.pt.* of sùmhlaich.
sùmhlachadh, -aidh, *s m.* Syllabus.
sùmhlachair,** *s.m* Abridger.
sùmhlachd, *s.f.ind.* State of being closely packed. 2 Condensation. 3 Peaceableness, quietness. 4 Tameness. 5* Obsequiousness. 6 Abjectness. 7* Littleness of bulk. 8 Tightness.
sùmhlaich, *pr.pt.*a' sùmhlachadh, *v.a.* Pack closer together, diminish in bulk, abridge, lessen, make less bulky. 2 Get less bulky. 3 Tame, make tame. 4 Become quiet or peaceable. 5 Bend tightly, tighten. 5*Lie closer together.
——ear, *fut.pass.* of sùmhlaich.
——idh, *fut.act.a.* of sùmhlaich.
——te, *past pt.* of sùmhlaich.Packed close. 2 Tamed, made tame, &c.
sùmhlas, -ais, *s.m.* see sùmhlachd.
sunais, -e, -ean, *s.f.* Loveage—*ligusticum scoticum.* (ill. 655.)
sunn,** *s.m* Puff, blast. 2 Push. 3 Fortification. 4**Wall.
——ach,**-aich. *s.m.* Strong fort. 2 Milking-place. 3 Summit.
sunnag, -aig, -an, *s.f.* Easy chair made of twisted straw.



655. Sunvis.

sunnailt, -e, -ean, *s.f.* Likeness, comparison, resemblance, match. S. t' engais, *the likeness of thy face.*
sunnanadh.* -aidh, see sumanadh.
sunnanaich,* *v.a.* see sumain, *v.*
sunnara,(DC) *a.* Fixed, secure, as the foundation of a house.
sunnd, *s.m.ind.* Joy, cheerfulness, hilarity, good humour. 2 Good state of health. 3 Good appetite. 'Dé 'n s. a th' ort ? *how do you do ?*
——ach, -aiche, *a.* Merry, cheerful, lively,joyous, joyful, in good spirits. 2 Good-humoured. 3 Enjoying good health. 4 Having a good appetite. Gu s., *good-humouredly.*
——achail, *a.* see sunndach.
——achas, -ais, *s.m.* see sunnd.
——achd, *s.f.ind.* Alacrity, see sunnd.
sunndaich,(MS) *v.a.* Exhilarate.
sunndaichead, -aid, *s.m.* see sunnd.
sunndan,** *s.m.* Delight, short fit of gladness, sudden emotion of joy.
sunn-ghaoth,** -ghaoith,*s.f.* High wind. 2 Boast, gasconade.
——ar, *a.* Boastful, vain, blustering.
sunnt, see sunnd.
——ach, see sunndach.
sunrach.** *a.* Particular, special.
sùnrachadh, see sònrachadh.
sùnraich, see sònraich.
——te, see sònraichte.
suntaidh, *a.* Quick.
sùpail,* -e, *a.* see sùbailte.
sùpailte, see sùbailte.
sùpailteachd, see subailteachd.
sùpalachd,* *s.f.* see sùbailteachd.
sur,(AC) *s.m.* Flaw. Gun sal, gun sur, *without smear or flaw.*
sùr, *a.*Gaelic form of Scots pronunciation of *sour.*
surabhan,** -ain, *s.m.* Southernwood.
sùrag,§ -aig, -an, *s.f.* Wood-sorrel, see seamrag.
sùragach,** *a.* Abounding in or like, woodsorrel.
surcain, (MMcD) *s. m.* Piece of skin or wood with sharp peg placed in it point upwards for attaching to a calf's snout to prevent its sucking its mother.
sùrd, -ùird, *s.m.* Alacrity, eager and willing exertion. 2 Industry. 3 Speed, "cleverness." 4 Preparation or bestirring for business. 5† Cheerfulness. 6* Hilarity. 7*Success ful train or mode. Cuir s. ort, *bestir yourself for business.*
sùrdag, -aig, -an, *s f.* Leap, skip, jump, spring, bound, cutting, caper, bounce. 2*Stride. A' gearradh sh., *bounding, cutting capers* ; a' teachd le s., *coming with a bound.*
——ach, -aiche, *a.* Bounding, leaping, bounc-

ing, apt to bound, leap or bounce. 2 Striding. An eilid sh., *the bonnding roe.*

sùrdagaich, *v. n.* Leap, skip, spring, bound, bounce. 2 Stride.

———, *s.f.* Leap, skip, spring.

sùrdail, -e, *a.* Eager, prompt, active, diligent. 2 *Business-like. 3 Industrious, clever, pushing, shifty. 4* Full of spirits.

sùrdalachd, *s.f.ind.* Alacrity, diligence. 2 Fervour. 3 Industriousness. 4 Alertness. 5 Cheerfulness. 6††Activity.

surrag, -aig, -an, *s.f.* Vent of a kiln, the oblong space over which the wood, straw and grain are placed.

surram, -aim, (i.e. surram suain) Sound sleep. 2 Snoring, noise as of one sleeping.

sùrtag, see sùrdag.

suntaidh,** *a.* Quick.

susbailteach, see susbainteach.

susbaint, -e, -ean, *s.f.* Substance, pith, strength. 2 Efficacy. 3 Import.

———each, -eiche, *a.* Substantial. 2(MS)Cardinal. 3 Sane, sound in judgment.

susbuin, see susbaint.

susbuinneach,** *a.* †Alible.

sùsdal, -ail, *s.m.* Bustling, much ado about trifles. 2 Affectedness. 3 Shyness, coyness. 4 ††Fuss. [‡sùsdal.]

sùsdalach, -aiche, *a.* Bustling, noisy, making much ado about trifles. 2 Affectedly shy, coy. 3 Prudish.

———d,** *s.f.* Prudery, prudishness, coyness.

sùsdan,(CR) -ain, *pl.* sùsdana, *s.m.* Thousand—*Caithness.*

sùstan, see sùsdan.

suspainn, see susbaint.

sutair,** *s.m.* Tanner.

———eachd, *s.f.* Tannery.

sùth, -uith, -an, see sùgh.

suth.‡ *s.m.* Anything.

sùthag, *s.f.* see sùbhag. 2(DC) Bee-hive chair made of twisted straw or sea-bent.—*Uist.*

sùthaidh, *s.* see sùith.

suthainn, *a.* Eternal, continual, everlasting. 2 Infinite. 3 *rarely,* Prosperous. Gu s. is gu siorruidh, *eternally and for ever.*

———eachd, *s.f.* Eternity. A thùs na s., *from all eternity.*

sùthair, see sùghmhor.

sùthan,** -ain, *s.m.* Booby,dunce, 2 Small beer.

———ach,(DC) *s.m.* Quicksand—*Uist.*

suthann, see suthainn.

sùthar,(DMK) *a.* Civil, affable, polite, gentle—*Caithness.*

sùth-bhrìgh, -e, *s.f.* see sùgh bruich & sùgh-bhrìgh.

———each, see sùgh-bhrigheach.

———ear, see sùgn-bhrioghmhor.

———mhor, see sùgh-bhrioghmhor.

sùthmhor, see sùghmhor.

———achd, see sùghmhorachd.

†suthuinn, -e, *a.* Prosperous.

T t

t, teine, the 17th. letter of the Gaelic alphabet now in use.

T, not aspirated has two sounds. (1)Nearly like *t* in *town*,exactly like *t* in Italian *tocco*,or in French *toucher.* (2) Like *ch* in *cheek*, as, tighinn, *coming ;* sailte, *salted.* When aspirated, it sounds like *h* in *him*, as thainig e, *he came. Th* is silent in the middle of words, in the end of long syllables, in some tenses of certain irregular verbs, and in *thu, thusa ;* as maitheas, *goodness* (pron. *my-yes*) ; maoth, *gentle (meu) ;* an d' thainig thu ? *art thou come ? T*, is sometimes used before *fh* followed by a vowel in the Western Isles, as, an t-fhardach, *the household. T*, is used before vowels instead of do, *thy.*

t-, so-called euphonic,(once part of the article) is used (1) between the article and a masculine noun beginning with a vowel, in the nominative case singular, as, an t-each, *the horse.* (2) between the article and a masculine noun beginning with s followed by a vowel or *l, n,* or *r* in the genitive and dative cases singular, as, anns an t-solus, *in the light ;* glac cinn-fheadhna an t-slnaigh uile, *seize all the heads of the people.* (3) between the article and a feminine noun beginning with s followed by a vowel, or *l, n,* or *r,* in the nominative and dative cases singular, as, an t-slighe, *the road;* cha toir an t-saighead air teicheadh, *the arrow doth not cause him to flee ;* anns an t-sùil, *in the eye.*

t', (for ta) *v.* Is, am, are.

t', (for do before a vowel) *poss. pron.* Thy. Dr. Stewart does not approve of *t'* instead of *d'*, but it is correct according to pronunciation and usage.

†ta, *s.m.* Water.

†tao, *s.m.* Start.

tabaid, -ean, see sabaid.

———each, see sabaideach.

———eachd, see sabaideachd.

tabaidiche, see sabaidiche.

tàbailt,(CR) *a.* Strong, vigorous.

taban, see tuban.

tàbar, -air, -an, *s.m.* Tabor. 2 Timbrel.

———ach, *a.* Abounding in tabors or timbrels.

tabh, -aibh, *s.m.* The ocean, the sea. Fuaim an taibh, *the sound of the main.*

tàbh, -àibh, -an, *s.m.* Spoon-net, fishing-net. T. chudaigean, *a hand-net for cuddies ;* t.-breac aich, *a hand net for trout* (when catchin trout in burns.) (DC) *s.m. & f.* Frame net for fishing beside a rock for small saithe, or from a boat anchored in a tide-way. The fish are first attracted to the side by means of bruised shell-fish. The frame net fixed on a long pole is let down gently and brings up quite a quantity.

tàbh, *pr.pt.* a' tàbhach, *v.a.* Fish with hand-net on burns.

tabhach, -aich, *s.m.* Sudden eruption. 2 Forcing, pull, pressing.

tàbhach, (JM) *s.* Fishing with hand-net on burns. A' t—, *pr. pt.* of tàbh.

tabhach,** *a.* Marine.

tàbhach, *a.* Strong, lusty.

tabhachd, *s.f.ind.* Substantiality, solidity,firmness, substance, stoutness. 2 Good profit, good effect, benefit, efficacy, effectiveness, advantage. 3 Number. 4 Valour. 5**Comeliness. Cha'n 'eil t. ann leith ann dhomasa, *it is no profit* or *benefit to me ;* dè 'n t. a tu'

ann? *what quantity is there of it?* mu 'n t. sin, *about that quantity*, tais-beinibh ur t., *show your valour.*

tàbhachdach, -aiche, *a.* Efficient, effectual, effective, valid, profitable, beneficial, advantageous. 2* Solid, substantial. 3**Stout, comely. 4(MS) Great. Bnaillean tàbhachdach, *effectual blows*; ni t., *a profitable thing.*

tàbhachdach,(MS) *a.* Personable.

tàbhaidh,(AC) *a.* Strong. Iomachadh t., *a strong band.*

tabhail, *s f.* Method, manner.

tabhaill,(CR) *s.f.* Sense, judgment, understanding, wits. Char e dheth a th., *he lost his wits, acted stupidly*; tha e dheth a th., *he is in his dotage*; duine gun t., *a man without sense—W. of Ross.*

tabhailt,(DC) *s.m.* Table-cloth—*Uist.* (tubhailt)

tabhainn, *pr.pt.* a' tabhainnich, *v.n.* Bay, bark, as a dog.

tabhair, *v.irreg.* Give, bestow, grant, see thoir. 2 Take away. Thabhair and Thoir are interchangeable. See under thoir for conjugation and examples.

tabhaiream, *1st.sing.imp.* of tabhair. Let me give.

tàbhairn, *s.* Feast, entertainment, conviviality. —*Rob Donn.*

tàbhairn, -ean, *s.m.* Gaelic form of *tavern.* 2** Sea.

tabhairt, *s.f.* Giving, act of giving or bestowing. 2 Presentment, gift, grant, bestowal. 3 Taking, act of taking. A' t—, *pr.pt.* of tabhair. A' t. an 'geall, *mort-gaging, pledging.*

tabhairteach, -eiche, *a.* Giving, that gives, generous, ready to give, bounteous, charitable, liberal. 2 Dative, in *grammar.* Duine t., *a liberal man*; gu t., *liberally.*

tabhairteach, -ich, *s.m.* Giver, one who gives or bestows. 2 Liberal person.

————d, *s.f.* Readiness to give or bestow, liberality, munificence, generosity.

tabhairtear,** -ean, *s.m.* Giver, donor.

tabhairteas, see tabhartas.

tabhal, -ail, -an, *s.m.* Sling to cast stones. †2** Plank, board. 2**rarely*, Chief. Crann tabhail, *the shaft of a sling.*

tabhann, -ainn, *s.m.* Bark, yelp, as of a dog. 2 Barking, constant barking or baying of dogs.

————ach, -aiche, *a.* Barking. 2 Ready to bark. 3 Noisy, as barking dogs.

————aich, *pr.pt.* a' tabhannaich, *v. a.* Bark, yelp.

————aich, -e, *s.f.* Barking or baying of dogs, continuous barking. 2 (CR) Barking at some object—*West of Ross.* (*Comh'ar taich*, is barking at nothing.)

————aiche, *s.m.* Barker.

tàbhar, *s.m* see tàbar.

tabh-ard,(AC) *s.m.* Flying beetle.

tàbharnadh, -aidh, *s. m.* State of being haunted. 2 Apparition. Bha t. air an taigh, *the house was haunted.*

tabhartach, -aiche, see tabhairteach.

tabhartair,* -ean, *s.m.* Bestower, giver.

tabhartan,** -ain, *s.m.* Leader, general.

tabhartas, -ais, *s. m.* Gift, offering, tribute. 2 Dedication. 3 Remittance. 4** Boon. 5 Present. T.-thnaisgte, *a wave-offering*; t.-togta, *a heave offering*; t.-dighe, *a drink offering.*

tàbhastal, -ail, *s.m.* Tedious nonsense, *prov.*

tabh-bhéisd,(AF) *s.* Large seal.

tabhram,** *1st. sing. imp.* of tabhair. Let me give.

tabhs,(AF) *s.* Gannet.

tabhuan,** *a.* Persevering.

————,** *s.m.* Perseverance, 2(AF)Sea-calf or lamb, seal.

tabhuannachd, *s.f.* Perseverance.

tabhuich ‡* *v.n.* Profit. 2 Exact.

tabhuil,** *a.* In order.

tabhuin, see tabhann.

tabhull,** -uil, *s.m.* Horse-fly, breeze, brize-fly.

tabhull, -uill, -uillean, *s.m.* see tabhal.

tabhun, see tabhann.

————aich, see tabhannaich.

tac (CR) *s.m.* Prop, support, dependance, (taic) —*Suth'd.*

tac,* *s.f.* Space, time, season, Mu 'n t. seo an niridh, *about this time last year*; ceithir bliadhna na taic seo, *this time four years.*

tac ‡ -a & -aic, *pl.* -aicheau, *s.f.* Tack, lease of limited duration.

tac, see tachd.

taca, see taic. *Arran.* 2 (DMy) Tack of a boat. Gaoth nan seachd tacanan—said of the south-west wind, coming from Rona to the Butt of Lewis.

taca, *s.* see taice.

†taca, -n, *s.m.* Prop. 2 Surety. 3**Peg. 4 see tacaid.

tacachadh,(MS) *s.m.* Sustentation.

tacadh.** -aidh, *s.m.* Prosperity.

tacadh-froise,(DC) *s.m. (lit.* shower-choke) Darkness preceding a shower of rain—*Uist.*

tacaich, *v.a.* see taicich.

tacaid, -e, -ean, *s.f.* Tack, small nail. 2 Hob-nail. 3 Peg. 4 Pain, stitch. 5 Stab, wound, 6**Large-headed nail for ornament. 7**Stud, knob. Le tacaidibh airgid, *with silver studs*; bhuail t. mi, *a pain seized me.*

tacaideach, -eiche, *a.* Tacketed, nailed. 2 Causing pain. 3 Agonizing. 4 Wounding. Bròg-an t., *hob-nailed shoes or boots.*

tacaidich, *v.a.* Stick full of tacks. 2 Fasten with tacks.

tacail,** *a.* Strong, solid, able.

tacain, see tacan.

tacan, -ain, -an, *s.m. dim.* of tac. Short time, while. Eadar seo agus ceann tacain, *in a little time hence.*

tacar, -air, -an, *s.m.* Provision, plenty, heap, quantity. 2**Gleaning. 3**Fish. 4††Produce. Àite gun t., *a barren region*; fhuair mi t. éisg, *I got a heap of fish*; fhuair mi t. eun, *I got a quantity of birds.*

†tacar, -aire, *a.* Good, agreeable.

tàcarach, -aiche, *a.* Well-provisioned, fertile, plentiful. 2 Relating to provisions. 3(MS) Wealthy. (tacarach—AH.)

tacas, see tacsa. [AH.)

tàcar-mara, see muir-thàchdar. (tacar-mara—tach,** *s.m.* Value, estimation.

tachaill-eag,(CR) *s.f.* Black and white wagtail, piet wagtail—*Suth'd.*

tachair, *pr. pt.* a' tachairt, *v a. & n.* Happen, come to pass, meet with meet, light upon, find. Tachraidh sinn fhathast, *we shall meet yet*; tachraidh sin fhathast, *that will happen yet*; an do thachair sin fhathast, *did you light upon it?* th. e gu math dhuit, *it has happened well to you*; agus thachair gu 'n deach e seachad, *and it happened that he passed by*; an uair a thachaireas an dà iarunn cho cruaidh, is dual dhaibh dealachadh, *when the two irons are equally hard, rebound they must*—applied to two persons equally quarrelsome and disagreeable; tachraidh an droch shìde ri neach a muigh ged nach toireadh e leis o 'n taigh i, *you will meet the bad weather outside—you needn't carry it from home with you*—excellent advice to people who are inclined to worry themselves over troubles which are far off, and which, after all, may never come any nearer.

tàchair, *s.m.* Sea-weed—*algæ*.
tachairt, *s.f.* Happening, act of happening, coming to pass. 2 Meeting, act of meeting. 3 Opposition, act of opposing. A' t—, *pr. pt.* of tachair.
tachais, *pr.pt.* a' tachas, *v. a.* Scratch, scrape the surface of the skin, claw.
————te, *past pt.* of tachais.Scratched,clawed.
tachan, see taghan.
tàchar, see tàcar.
†tachar,** -air, *s.m.* Fight, skirmish, squabble.
tàchar, *s.m.* Dense volume of smoke—*Argyll.*
tachara,* see tàcharan.
tacharaidh, see tachraidh.
tàcharan, -ain, -an, *s.m.* Sprite, ghost. 2 Weak, helpless being. 3 Orphan. 4 Cowardly, feeble person. 5 Yelling of ghosts. 6(WC)Child left by the fairies.
————ach, -aiche, *a.* Full of ghosts or spirits. 2 Like a ghost. 3 Weak, helpless. 4 Like an orphan. 5 Cowardly. 6 Feeble.
tacharan-cubhaig, *s.m.* (*lit.* page of the cuckoo.) Meadow pipit, see snathadag.
tacharas, *Suth'd* for tachras.
tacharra,(MS) *s.* Changeling. 2 Pigmy.
tachartach,†‡ -aiche, *a.* Eventful, contingent, 2 Ambulatory.
tachartas,†† -ais, -an, *s.m.* Event, occurrence, incident.
tachas, -ais, *s.m.* Itching, itchiness. 2 The itch. 3 Leprosy. 4‡ Scratching. T. tioram, *scurvy.*
tachas, -ais, *s.m.* Clawing, act of clawing,scraping or scratching. A' t—, *pr.pt.* of tachais.
——ach, -aiche, *a.* Itchy, having the itch. 2 Clawing, scratching. 3 Itching, causing an itching sensation. 4 Having a longing desire. 5 Acrimonious. Cluasan t., *itching ears.*
tachas-tioram,‖ -ais, *s.m.* Scurvy.
tachd, *pr.pt.* a' tachdadh, *v.a.* Choke, strangle. 2 Choke, stop up, prevent.
——ach, -aiche, *a.* Choking, that chokes, strangles or obstructs, suffocating.
tachdadair, -ean, *s.m.* Choker.
tachdadh, -aidh, *s. m.* Choking, act of choking, strangling or obstructing, suffocating. 2 *rarely*, Promise, security. A' t—, *pr. pt.* of tachd.
tachdaidh, *fut.aff.a.* of tachd.
tachdan, see tacan.
tachdar, *s.m.* **Chase, prize. 2 Produce—*B. Doran.* Cha bu diùbhail gin de 'n tachdar, *'twere no loss in the provision (deer) to anyone —Duanaire, p. 13.* [tacar—MM.]
tachdar, *fut. pass.* of tachd.
tàchdar, see tacar.
tachdmhor,(MS) *a.* Alimental, serviceable.
tachdrach, see tàcarach.
tachdta, *past pt.* of tachd. Strangled, choked. 2 Obstructed, as in growing.
tachlag, *s.f.* Wagtail (bird.)
tachradh, *s.m.* Weak, helpless person—J.G.C., W. 124.
tachraidh, *fut.aff. a.* of tachair.
tachrais, *pr.pt.* a' tachras, *v.a.* Wind yarn.
————te, *past pt.* of tachrais. Wound up.
tachran, see tacharan.
tachras, -ais, *s.m.* Winding, act of winding yarn. A' t—, *pr.pt.* of tachrais.
————ach,* -aich, *s.m.* see tachrasan.
tachrasan, -ain, *s.m.* Windlass. 2 Horizontal yarn-reel.
tachuil,(MS) *v.a.* Pierce.
tàclach,(WC) Purse or any receptacle. 2 Good quantity of anything.
tacmhor, see tachdmhor.
tacsa, *s.m.ind.* Support, substance, solidity. 2 Buttress. 3(MS) Comfort. Dèan t. dhomh, *support me.*
tacsa,(MS) *a.* Backed.
tacsaich,(MS) *v.a.* Nourish.
ta 'd, (for tha iad) They are. **Ta 'd 'nan èire,** *they are a burden.*
†tad, *s.m.* Lowness of spirits. 2 Thief.
tadaidh, see tàlaidh.
tàdh, -a, -achan, *s.m.* Ledge, layer.
†tadhach, *a.* Unsavoury.
tadhach,** -aich, -a, *s. m.* Ledge. **Eadar na tadhacha,** *between the ledges.*
tadhail, *pr.pt.* a' tadhal, *v.n.* Call, visit, haunt. Dh' iarr a' mhuir a bhi 'g a tadhal, *the sea wished to be resorted to*—a poetical idea suggested by the daily return of the tide, which seems to invite acquaintance—NGP.
tadhal, -ail, -aichean, *s.m.* Calling, visiting. 2 ‡‡Sense of feeling, touching. 3‡‡ Resort. 4‡ Frequenting, visiting. 5†† Goal or hail at shinty or football. Bha sibhse a' bualadh gun teagamh, ach chuir sinne t. air, *you were striking no doubt, but we sent it between the posts, made a goal of it.*
†tadhal, -ail, -an, *s.m.* Flesh-hook.
tadhalach, -aiche, *a.* Frequenting, resorting to, visiting, calling for one. 2 Fond of visiting. 3 Abounding in resorts.
tadhasg, -aisg, *s.m.* News, information.
†tadhg, -aidhg, -an, *s.m.* Poet.
tadhgan,(AF) *s.m.* Fox, see taghan.
tadhlach,** -aich, *s.m.* Swelling or pain in the wrist.
tafach,** *a.* Craving.
——,** -aich, *s.m.* Exhortation.
tafaid,* -e, -ean, see taifeid.
†tafan, -ain, see tabhann.
tag,* *s.m.* see tagan.
tàg,** *s.m.* Blow on the cheek.
tag,** *v.a.* Deliver.
tagach, *a.* see tacaideach.
tagair, *pr.pt.* a' tagairt & a' tagradh, *v.a. & n.* Plead, prosecute, plead a cause, crave. 2 Claim as a right. 3 Reason, argue, debate, dispute. 4 Accuse. Tha e 'tagairt orm, *he pleads of me, claims of me* ; tagair mo chùis a Dhé ! *plead my cause O God !*
tagairceach,* -eiche, *a.* Litigious.
————, -eich, *s.m.* Pleader, counsel, advocate. 2 Creditor. 3 Appellant.
tagairteachd,(MS) *s.f.* Quarrel.
tagairt, -e, *s.f.* Pleading, act of pleading, craving. 2 Claiming as a right. 3 Reasoning, debating. 4 Plea, allegation. A' t—, *pr. pt.* of tagair.
tagan, -ain, *s.m.* Pocket, little bag, 2 Private or hidden purse, as of a wife. Tha t. math aice, *she has a good purse.*
taganach, -aiche, *a.* Baggy.
tagar,** -air, *s.m.* Order, course.
tagarach,** -aich, *s.m.* Pretender, claimer.
————,* Litigious, fond of pleading or debating.
————d,†† *s.f.* Pleading.
tagaradh, see tagradh.
tagarair,** *s.m.* Barrister. 2 Pleader, disputant, claimant.
tagarrach, see tagaireach.
tagartach, *a.* ††Claiming. 2(MS) Controversial.
tagartair,* *s.m.* Pleader, agent.
tagartas, -ais, -an, *s.m.*Pleading, claim, dispute. 2* Prosecution, law-plea.
tagh, *pr.pt.* a' taghadh, *v. a.* Choose, elect, select, pick. T. a' chuid a's fhearr, *choose the best.*
tagh,* *a.* see toigh.
tagha, see taghadh.
taghach, -aiche, *a.* Choosing, that chooses. 2 Elective. see toigheach.

taghadair, -ean, *s.m.* Chooser, one who chooses or selects. 2‡‡ One who has the care of another's cattle. 3 Elector, voter.
taghadaireachd, *s.f.* The office of an elector or chooser. 2 Electioneering. 3 The office of taking care of another's cattle. 4**Electorate.
taghadh, -aidh, *s.m.* Choosing, act of choosing, electing or selecting. 2 Choosing, election. 3 Anything, person or persons chosen. 4 The best of anything, choice, selection, election. T. a' mhèirlich, *a choice thief;* t. coitchionn, *a general election* ; t. air leth, *a by-election;* roghadh is t., *pick and choice* ; luchd-taghaidh, *electors; 2 the bodyguard of a Highland regiment* —a band of chosen men of the same clan, who fared at the same table with the chieftain, and each enjoyed his hospitality according to his deserts ; dà ni ro dhuilich ri 'n t., bean is claidheamh, *two things very difficult to choose, a wife and a sword.*
taghadraidh,** *s.f.* Electorate.
taghadroinn,** *s.* Electorate.
taghaich, (for rathaich) Gheibht' an taghaich gu lionmhor, do mhaitheau na rioghachd, *there would be found numerous callers of the nobles of the land—Donn. Bàn, p. 35.*
taghaidh, *fut.aff.a.* of tagh.
taghail, *v.* see tadhail.
taghaire, -an, *s.m.* Augur.
taghaireachd, *s.f.* Augury.
taghairm, -e, -ean, *s.f.* Echo. 2 Gathering summons. 3 Ancient mode of divination, said to be one of the most effectual means of raising the devil, and getting unlawful wishes gratified. The performance consisted in roasting cats alive, one after another, for some days, without tasting food; which if duly persisted in, summoned a legion of devils, in the guise of black cats, with their master at their head, all screeching in a way terrifying to any person of ordinary nerves.—NGP. " The divination by the t. was once a noted superstition among the Gael, and in the northern parts of the Lowlands of Scotland. When any important question concerning futurity arose, and of which a solution was, by all means, desirable, some shrewder person than his neighbours was pitched upon, to perform the part of a prophet. This person was wrapped in the warm smoking hide of a newly-slain ox or cow, commonly an ox, and laid at full length in the wildest recess of some lonely waterfall. The question was then put to him, and the oracle was left in solitude to consider it. Here he lay for some hours with his cloak of knowledge around him, and over his head, no doubt, to see the better into futurity ; deafened by the incessant roaring of the torrent ; every sense assailed ; his body steaming ; his fancy in a ferment ; and whatever notion had found its way into his mind from so many sources of prophecy, it was firmly believed to have been communicated by invisible beings who were supposed to haunt such solitudes."—**
taghairmeach, -aiche, *a.* Echoing, responsive, oracular.
taghal, see tadhal.
taghald, *Suth'd* for tadhal.
taghall, see tadhal.
taghan, -ain, -an, *s.m.* Marten, pole-cat, stinkard. 2(MS) Foumart. 3(AF) Badger. 4(WG) Quarrelsome person.
taghanach, -aiche, *a.* Abounding in martens. 2 Cross, cankered.
taghan-tartaidh,(AF) *s.* Foumart.
taghan-tutaidh, see taghan-tartaidh.
taghar, -air, *s.m.* Distant noise.
tagh-ghairm, see taghairm.
tagh-ghuth,** *s.* Vote, voice at an election.
taghta, *a. & past pt.* of tagh. Chosen, elected, elect, select, selected. 2 Excellent, choice. Daoine t., *the elect, chosen men* ; òr t., *choice gold.* [taghte.]
tagluinn, -e, *s.f.* Opposition. 2 Contest, squabble. 3**Animosity. Luchd t., *quarrelsome persons.*
tagluinneach, -eiche, *a.* Contestable. 2 Contumacious, quarrelsome, squabbling.
tagluinneachd, *s.f.ind.* Contumacy.
tagluinnich,** *v.* Chaffer.
tagluinniche,** *s.* Barrator.
tagrach, -aiche, *a.* Argumentative, using arguments. 2 Pleading, that pleads. 3 Fond of pleading. 4 Craving, soliciting. 5 Apt to crave. Importunate, assertive. 6 Claiming.
tagrachd,** *s.f.* see tagradh.
tagradair,** *s.m.* Alleger. 2 Pleader, disputant. advocate, claimant. 3* Agent. also tagair. each.
tagradaireachd,** *s.f.* Business of a pleader or advocate.
tagradh, -aidh, -aidhean, *s.m.* Pleading, act of pleading, plea, craving, act of craving or 2 Claiming as a right. 3 Reasoning, act of reasoning. 4 Advocating. 5 Apology. A' t—, *pr.pt.* of tagair.
tagraidh, *fut.aff.a.* of tagair.
tagrair, see tagradair.
taibean, -ein, *s.m.* Tabby.
taibh,* see taibhean & tabh. Fada mach 's an-taibh, *far out on the ocean—Iorram, MacD.*
taibhean,* -ein, *s.m.* Substance.
taibheanach,* -aiche, *a.* Substantial.
taibheart,** *s.f.* Disparagement.
tàibhearn, see tàbharn.
taibheid, see taifeid.
taibheirt,** *s.f.* see taibheart.
†taibhle, *s.pl.* Tables.
taibhleach,* *s.f.* Smart blow, box, box sideways.
taibhleas, -eis *s.m.* Backgammon table. 2 Game of backgammon.
taibhleas beag, *s.m.* Game of draughts.
taibhleis, *s.f.* see taibhleas.
†taibhliosg, -isg, see tàileasg.
taibhreadh, -idh, *s.m* Dream.
taibhreal,** *-eil, s.m.* Laurel, see laibhreas.
————ach, *a.* Abounding in, of, or belonging to, laurel.
taibhs, see taibhse.
taibhse, -an *s.f.* The shade of a departed person. 2 Vision, apparition, ghost, spirit. 3 Vision of the second-sight. 4(AF) Guillemot.
taibhseach, -eiche, *a.* Shadowy, ghost-like, spectral. 2 Superstitious, silly. †3 Proud. Is t. iad adharca nam bò thar lear, *showy or visionary are the horns of the cows beyond the sea.*
†taibhseachan,** *-ain, s. m.* Proud person. 2 Coquette.
†taibhseachd,** *s. f.* Pride. 2 Coquetry, 3 2††Eloquence.
taibhsean, *n.pl.* of taibhse.
taibhsdear, see taibhsear.
————achd, see taibhsearachd.
taibhsear, -eir, -an, *s.m.* Visionary, one who possesses the faculty of second-sight.
————achd, *s.f.ind.* Second-sight. 2*Bewildered conduct.

[The following is from Armstrong.]

At the sight of a vision of this kind, Dr. Martin observes, the eyelids of the gifted persons were erected, and the eyes continued staring till the vision disappeared. If an ob-

ject is seen in the morning, it will be accomplished in the afternoon ; if at noon, on that very day ; if in the evening, that very night ; and if after candles are lit, on that night for certain. If a shroud is seen about a person, it foretells approaching death; and the time of it is more or less distant, according to the height at which the shroud is observed on the body. If it be seen about the middle, death is not expected within a twelvemonth ; if as high as the head,it is not many hours distant. To see a spark of fire falling on one's arm, foretells that a dead child shall be seen in the arms of that person. To see a chair empty at at the time a person sits in it, is a sure sign of approaching death to that person. Seers did not observe supernatural appearances at the same time, though they might happen to be in the same apartment ; but when one of them who saw a vision, touched any number of his brethren, they all saw it as well as the first.

The following are three instances recorded by an English nobleman in the 17th. century, who, previous to his going to the Highlands, was one of the sturdiest unbelievers in the second-sight.

1. "In the year 1652 I was travelling in the Highlands, and a good number of servants with me, as is usual there. One of them going a little before me, entering into a house where I was to stay all night, and going hastily to the door, he suddenly stepped back with a screech, and did fall by a stone which hit his foot. I asked what was the matter, for he seemed to be very much frighted. He told me very seriously that I should not lodge in that house, because shortly a dead body in a coffin would be carried out of it, for many were carrying it when he was heard to cry. I neglecting his words, and staying there, he said to the other servants he was sorry for it, and that what he saw would surely come to pass. Though no sick person was then there, yet the landlord died of an apoplectic fit before I left the house."

2 "In Jannary, 1652, Lieut.-Col. Alexander Munro, and I, were in the house of one Wm. MacLeod, of Ferinlea, in the county of Ross. He, the landlord, and I, were sitting on three chairs near the fire ; and in the corner of the great chimney were two islanders, who were that *very night* come to the house, and were related to the landlord. While one of them was talking to Munro, I noticed the other looking oddly towards me. From his look, and his being an islander, I supposed him to be a seer, and asked him what he stared at. He answered me by desiriug me to rise from the chair, for it was an unlucky one. I asked him why. He answered me, because there was a dead man in the chair next to me. Well, said I, if he be in the chair next to me, I may keep my own. But what is the likeness of the man ? He said he was a tall man with a long grey coat, booted, and one of his legs hanging over the arm of the chair, and his head hanging dead on the other side, and his arm backward, as if it were broken. There were some English troops then quartered near that place, and there being at that time a great frost after a thaw, the country was covered all over with ice. Four or five of the English riding by this house some two hours after the vision, while we were sitting by the fire, we heard a great noise, which proved to be those troopers, with the help of other servants, carrying in one of their number, who had had a very bad fall, and had his arm broken ; and falling frequently into fits, they brought him into the hall, and set him on the very chair, and in the very posture that the seer prophesied. The man did not die, though he recovered with great difficulty."

3 "Among the accounts given me by Sir Norman MacLeod, there was one worthy of special notice—There was a gentleman in the Isle of Harris, who was always seen by the seers with an arrow in his thigh. Such in the isle who thought these prognostications infallible, did not doubt but he would be shot in the thigh before he died. Sir Norman told me that he heard it the subject of their discourse for many years. At last he died without any such accident. Sir Norman was at his burial at St. Clement's Church in Harris. At the same time the corpse of another gentleman was brought to be buried in the very same church. The friends on either side came to debate who should first enter the church, and in a trice from words they came to blows. One of the number, who was armed with a bow and arrows, let one fly among them. (Now every family in that isle have their burial place in the church in stone chests, and the bodies are carried in open biers to the burial-place.) Sir Norman having appeased the tumult, one of the arrows was found shot in the dead man's thigh. To this Sir Norman was a witness."—*Succinct accompt of my Lord Tarbolt's Relations, in a Letter to the Hon. Robert Boyle, Esquire, of the Predictions made by seers, whereof himself was Ear and Eye-witness.*

By pretension to second sight, no profit was ever sought or gained. It is an involuntary affection, in which neither hope nor fear are known to have any part. Those who profess to feel it do not boast of it as a privilege, nor are considered by others to be advantageously distinguished, They have no temptation to feign and their hearers have no motives to encourage an imposture.

Armstrong concludes his account with a lengthy description of the theories of Dr. Beattie of Aberdeen and the celebrated Dr, Samuel Johnson, but as they are only theories they have been omitted here.

taibhseil, see taibhseach.

†taibhsich, *v.n.* Reveal. 2 Appear, seem.

taibid, see teabaid.

——each, see teabaideach.

taib'-ionnsachadh, -aidh, *s.m.* Grammar.

taibreadh,(DC) *s.m.* Snatching.

taibse, *s.f.ind.* Propriety of speech. Leabhar-taibse, *a grammar.*

——ach, -eiche, *a.* Accurate in speech, grammatical.

taic, -e, *s.f.* Prop, support. 2 Strength,vigour. 3 Dependance, leaning. 4* Preparation. 6 *Fulcrum. 7* Contact, collision.

Cuir t. ri seo, *prop this ;* cuir t. ris a' gheamhlaig, *put a fulcrum to the lever ;* thàinig e an t. na cartach, *he came in contact with the cart ;* t. ri bliadhna, *near a year ;* cum t. rium, *support me; patronize me ;* an t., *leaning ;* shuidh iad ri t., *they sat leaning backwards ;* an t. an Dòmhnuich, *in preparation for the Sabbath;* na leig do th. ris a sin, *do not depend too much to that ;* an t- a' bhalla, *leaning on the wall ;* cha ruig mi leas mo th. a leigeil riut-sa, *I need not depend much on your patronage* or *support ;* laoich ri sleaghan an t., *heroes leaning on their spears ;* a bhith an taice Lochaidh nam bradan, *to be in the*

proximity of Lochy of the salmon—Filidh, p. 21; an taic a chéile, *in collusion with each other* [—* says *in collision with each other.*]

taic, *pr.pt.* a' taiceadh, *v.a.* Support, patronize. 2*Buttress, sustain, bolster.

taiceachd, *s.f.ind.* One's utmost exertions. 2** Reliance.

taiceadh, -idh, *s.m.* Supporting, act of supporting. 2 Recommending, patronizing. 3 Depending. 4 Dependence. A' t—, *pr.pt.* of taic.

taicealachd, *s.f.ind.* Strength, solidity, firmness. 2 Portliness. 3 Alimentariness.

taicear, *s.m.* Auxiliary.

taiceil, -e, *a.* Substantial, solid, firm, strong, stout. 2 Auxiliary. 3(MS) Athletic.

taicich,* *v.a.* Buttress. 2 Help. see taic.

taid, -e, *s.m.* see taididh.

'tàid, *cont.* for ataid (tà iad or tha iad.)

taidhe, *s.f.ind.* Attention, heed, watchfulness, care. [Thoir taidhe (thoir do aidhe), take thy heed—a phrase to which the word is practically restricted, and which accounts for the short vowel of the Scottish Gaelic and Irish, the sentence accent being on the verb—‡.]

taidheach, -eiche, *a.* see toigheach.

taidheam, -eim, *s.f.* Meaning, import. Cha d' thug mi t. as a chaiunt, *I did not comprehend his meaning.*

taidhean,** -ein, *s. m.* Troop. 2 Multitude, cavalcade. 3**Mill-pond.

taidhleach,*? -liche, *a.* Splendid, delightful, pleasant.

————d,** *s.f.ind.* Complacency. 2 Pleasantness. 3 Splendidness.

taididh, *s.m. & int.* Father. Children's form of "Daddy." *Welsh* word.

†tàir,** *s.m.* Sea, see tabh. An t. fo bhruaillean, *the sea (in agitation) in a storm.*

taifean, see tabhuan.

taifeid, -ean, *s.m.* Bow-string. 2 Taffety. T. 'san osaig a fuaim, *a bowstring sounding in the wind.*

————each, -eiche, *a.* Well-strung (of bows.)

†taifnichte, *past pt.* Driven away by force.

taig, -e, *s.f.* Attachment or devotion to a person or place. †2 Habit, custom.

taigeanach,(CR) *s.m.* Squat person—*W.of Ross.*

taigeis, -e, -ean, *s.f.* Haggis, kind of meat-pudding. 2 Big-bellied person. 3 The scrotum.


————each, -eiche, *a.* Haggis-like. 2 Big-bellied.

taigh, -e, -ean, *s.m.* House. 'S e 'ainm aoibhneach taigh na féile, *its joyful name is the house of hospitality ;* aig an taigh, *at home* ; o 'n taigh, *from home, abroad ;* mullach an taighe, *the top of the house ;* ceann taighe, *the head of a house or family ; head of the branch of a family ;* sìth ann ad chriadh-thaigh caol, *peace in thy cold mansion of clay ;* as an t., *out of the house ;* ann am thaigh, *in my house ;* ann ad th., *in thy house ;* 'na th. màile féin, *in his own hired house ;* an t. a' chomhagail, [an taigh comha =eadar-dhà-chomhairle—*Argyll*—AH.] *in a state of uncertainty ;* t. is aodach, *a tent.* [The *gen.sing.* in old Gaelic was *tige.*]

NAMES OF PARTS OF A "BLACK" HOUSE:—

1 Na Ceangail, [na Ceangail Ghàidhealach—(WC.) Lànan, *pl.* lànain & lànanan. Saidheachan—AH. Cas-choirbeil†.] *couples.* Fastened to the corner-poles with wooden pins. The couples are connected immediately below the ridge-pole by a piece of wood (an ad), and lower down by a cross-beam (an spàrr—No. 5.) Cas-cheangal, is one of the legs of a couple—*Lewis*—(DMy.)

2 Am bun-cheangal. [a' Chrùp, Bun baca.] The lower end of couple sunk in the wall



656. Roinnean taighe.

and reaching the groin. [Crùp,(AH) (*pl.* crùpan, Upright beam built into wall and intended to support the couples.]

3 Pieces of timber laid across, and binding the couples together, called "na cléithean" in Skye, and " na taobhain " in Lewis. In *Lewis,* "an taobhan àrd " is placed about half-way between the ridge and wall, and "an taobhan iosal" is about 14 inches below it and 18 in. from the top of the wall. —DMy. " Na clèithean " is the name applied in Lewis to the pieces of wood laid across the " taobhain " (No. 3) and running from wall to ridge to prevent the straw going through roof—DMy.

4 Na Cabair, *the side-rafters,* are placed over the cléithean (No. 3 in Skye), running from wall to ridge.

5 An spàrr, Small cross stick near the angle of couple to strengthen them. Spàrr-ghaoithe—(DC)

6 Am maide-droma, [Cabar-droma, Sgaith, ††Laom-chrann. Taobhan-mullaich—AH] *ridge-pole* or *roof-tree,* The beam along the ridge of the roof.

7 A' Chòrr,—so pronounced in *Skye & Argyll* at least, but dictionaries mark *còrr* as masculine. A thick stick like a couple, reaching from the middle of end wall (there are no gables of course) to top of nearest couple. Corr-thulchann are generally bent and meet at end of ridge-pole, where they are fastened to one another by a wooden pin called *crann-tarruing.*

8 An Roinn-oisinn [*or* -oisne,] Cabar-oisinn [*or* -oisne,](*pl.* na cabair-oisinn) [*or* -oisne] *corner-stick.* Strong sticks placed from each corner of wall to nearest couple.

9 Am Maide feannaig,[Maide starraig] stick running up through the thatch from the sparr at either end, and used as a peg round which to pass the Siomain fraoich, " ach," continued my informant, " tha daoine a nis a' fàs cho Gallda nach foghainn daibh ach an nètt-wire (*sic*) no na ròpan feòir as a' bhùthaidh !" (*people are becoming so anti-Gaelic now that nothing*

less than wire-netting or coir yarn ropes from the shop can satisfy them.) [Sparr-ealaig—*Uist*—DC]

10 An Similear crochaidh, made of thin wood or canvas to confine the smoke, generally, but not always, exists when the fire is at the end of the house.

11 An Luidhear, *the vent* to allow the smoke to escape through the thatch.

Acair, (*pl.* acraichean), Stones fixed in loops of heather-ropes, used as weights to keep the thatch in its place—*Lewis.*

Anainn, *top of wall inside.* [The corresponding position outside—AH.]

Baircean, see dictionary.

Balla tarsuinn, see talan.]

Bonn, *found.*

Bonnacha-bac, *position above eaves* where the weights are set,

Bràigh, *summit.*

Buabhall-an-eich, *horse-stall—Lewis.*

Buabhall-na-bà, *cow-stall—Lewis.*

Buuntair, *foundation.*

Cabar-droma, *ridge-beard.*

Cabar-fraighe,‡‡ *eave-beam.*

Calpa, *walls,* as distinct from roof—AH.

Casan-ceangail, *joists.*

Cas an teannachaidh, see dictionary.

Ceann-an-taighe, *upper end—Lewis.*

Ceann-shuas-an-taighe, see Ceann-an-taighe.

Cèarn, *kitchen* or " but " of a Highland house —DMK.

Clàidhean, *wooden door-latch,* "*sneck.*"[Claidh-eamhan,(MMcL.) Clòidhean,(DU.)]

Cléithean-buinn, strips of wood running upwards from top of wall, and resting on the taobhain iosal—*Lewis*—(DMy.)

Cléithean mullaich, strips of wood fixed to the ridge at top and resting on top rafters (or taobhain àrda—(DMy.)

Cotan-nan-uan, kind of *pen* or enclosure to *confine the lambs by themselves* in the house in winter—*Lewis.*

Crann-tairngnean, *pins* or wooden nails used in fastening the various sets of beams.

Cuaille, *rafter.* [house—DMK.

Cùil, *private room* or " ben " of a Highland

Cùlaisd, *store, store-room.* Tha c. math aige, was said when the c. was full of potatoes, meal, &c. to tide over winter and spring—*Lewis.* [In *Uist,* the inner room of the house and which had access only through the common room. It is the room assigned to the use of the girls of a family —DC.] " Ben"—WC.

Dragh, straw-rope laid round the thatch 3 ft. from the top of wall and round which the loops of heather are bound before the weights (acraichean) are put in.

Dromanaich, *ridge-ropes,* ropes for fastening on thatch. 2 (WC) Bifurcated twigs for holding *lathus* in place on thatch.

Dronn, *ridge.*

Druim an taighe, *ridge.*

Duibheid, *turf for top of house. divot.*

Eadar-dhà-bhith, *space* between the outer door and the kitchen-door.

Faradh, *loft made of sticks covered with divots.*

Foid-buinn, *door-step.*

Foid fàil, *sods of turf laid along the top of the wall.*

Fraigh, *wall.*

Frioghan, see dictionary.

Gath-droma, *ridge-pole—Lewis.*

Glularan, glutaranadh, *packing* between outer and inner walls—MMcL.

Lathus, (WC) pieces of wood laid lengthwise on thatch.

Maide-aide, (*lit.* hat-stick) cross-piece joining the two door-posts at the top. So called from its coming into contact with hats of people who were not accustomed to bow down on entering a house. The common saying when anyone struck his hat in this way was, "cromaidh an coileach circe 'cheann fo 'n àrd-dorus."—*Lewis.*—(DMy)

Maide-slabhruidh, *cross-stick* laid on two upper rafters (taobhain) from which to hang chain and hook over fire.—*Lewis.*

Màs an taighe, *lower end—Lewis.*

Màthair-shiomain, *heather-rope* laid say three feet above eaves (outside,) and round which the loops are bound before weights are put on. 2 Stretch of heather-rope extended horizontally below the row of weights. (AH)

Sgolb, *pin* or *wattle for fixing thatch.*

Sgonn, *balk.*

Sgrathan, *divots for covering roof.*

Siomain-fraoich, heather-ropes used for keeping thatch on house—(WC.)

Sparr-ealaig, see dictionary,

Sparr-gaoithe, see dictionary.

Spiris, *hen-roost.*

Stagh, *stay.* [houses.

Stall, *space* between door and fire in black

Talan, partition wall of stall, about 3 ft. or 4 ft. high.

Tràigh, *basement.*

Trannsa, *lobby.*

Tughadh, *thatch.* Frequently made of *bun dubh*—the black stem of a certain species of fern, which is very lasting. Bun dubh, stem of barley plucked by the roots—MMcL.

VARIOUS KINDS OF HOUSES :—

t.-aifrinn, mass-house.

t.-aire, *or* t.-air, lykewake, a watch-house, house where vigils are held over a corpse. [Pronounced t.-àir in *E. of Ross,* and t-äir in *W. of Ross* –WC.]

t.-àisdigheachd, play-house.

t.-aisig, ferry-house.

t. an àir, slaughter-house.

t.-aolaich, necessary.

t.-aolaidh (fhoghluidh), college.

t-arm, armoury, depôt.

t.-bainne, dairy, milk-house.

t.-bainnse, house of a wedding.

t.-bàta, boathouse.

t.-beag, privy, convenience.

t.-buaile, fold-hut.

t.-cadail, sleeping-house.

t.-càine, toll-house.

t.-cànach, toll-house, custom-house.

t.-caol, narrow house, grave.

t.-carbaid, coach-house.

t.-cèaird, factory.

t.-chalman, dove-cot, ducket.

t.-chaorach, sheep-cot.

t.-chearc, hen-house.

t.-chon, dog-kennel.

t.-cìse, custom-house.

t.-cluiche, theatre, amphitheatre.

t.-cluig, belfry.

t.-cuspainn, custom-house.

t.-còmhnuidh, dwelling-house.

t.-cùil, back-house.

t.-cùinnidh, mint.

t.-cùirt, court-house.

t.-cuthaich, madhouse, lunatic-asylum.

t.-déirce, almshouse.

t.-deiridh, ship's cabin, stern-room.

t.-diomhaireachd, jakes, privy.

t. dubh, thatched house whose walls are dry-

built without cement and double, the intervening space being filled with earth. The fire in such houses is generally situated in the middle of the floor.
t. dubh,(DMK) illicit distillery concealed among the hills—*W. coast of Ross.*
t.-eighe, ice-house.
t.-éiginn, privy.
t.-eiridinn, infirmary,hospital ; **poorhouse.
t.-fàil, turf-house—*Suth'd.*
t.-failcidh, bagnio. 2 Baths.
t.-faire, a watch-house.
t.-fairir, *Suth'd* for t.-air.
t.-fasdaidh, house where people are hired.
t.-feachd, barrack.
t.-fiodha, wood-house.
t.-foghluim, academy.
t.-fuinidh, bakehouse.
t.-fuirich, dwelling-house.
t.-geal,thatched house whose walls have their stones cemented together. In many parts such houses are now slated.
t.-ghèadh, goose-house.
t.-gléidhidh, museum.
t.-grùide, brewery.
t.-guail, coal-house.
t.-iaruinn, iron house.
t.-iongantais, museum.
t.-iomnsaiche, academy.
t.-itheannaich, ordinary.
t.-lagha, justice, court-house.
t.-leabhraichean, library.
t.-leanna, beerhouse, alehouse, inn.
t.-lionn, alehouse.
t.-litrichean, post-office.
t.-màile, hired house.
t.-malairt,exchange, bank.
t.-mach, see t.-muigh.
t.-marbhaidh, slaughter-house.
t.-marsantachd, shop, ware-room.
t.-mhanach, abbey, monastery, convent.
t.-mòid, court-house, court of justice.
t.-mór, mansion-house.
t.-muigh, out-house.
t.-mullaich, garret.
t.-mùnaidh, an academy.
t. na h-ùige, inn, dram-shop—*W. coast of Ross.*
t.-nam-fleadh, house of feasting.
t.-nam-bhochd, poorhouse, almshouse.
t.-nighe, wash-house.
t.-nigheachain, laundry.
t.-nigheadaireachd, wash-house.
t.-oibre, workhouse. [house.
t.-oighreachd, mansion-house, the laird's
t.-òil, inn, tavern.
t.-oilein, academy.
t.-oircheis, bede-house.
t.-òsda, inn, alehouse.
t.-pòitearachd, alehouse.
t.-réidh, bank ; rented house.'
t.-righ, royal palace.
t.-rioghail, palace.
t.-saillidh, house in which fish is cured.
t.-salainn, salt-store.
t.-samhraidh, villa, summer-house.
t.-seinnse, inn, (changehouse) see t.-òsda.
t.-sgoile, schoolhouse.
t.-sheillean, bee-hive.
t.-siùrsachd, bagnio.
t.-siùrsaich, bagnio.
t.-slachdaidh, slaughter-house.
teanntachd, *s.f.ind.* Strait, difficulty. 2 Adversity, trouble, distress. 3‡‡ Oppression, hardship. 4‡‡Frost. 5‡‡Constipation. 6 Scantiness. An àm t., *in time of trouble.*

teanntaich, see teannaich.

teanntaichte, see teannaichte.

teanntalachd, *s.f.ind.* Stickiness.

teanntan, -ain, -ain, *s.m.* Press, squeezer,wine-press. 2‡‡Bruising.

tearadh,** -aidh, *s.m.* Contention.

tearainn, see teirinn.

tearb,*pr.pt.* a' tearbadh,*v.a.* Separate,as cattle, part, divide. 2 Wean.

tearb,** *s m.* see tearbadh.

tearbach,** *a.* Divisible, separable. 2 Apt to divide or separate.

————d,** *s.f.* Divisibleness.

tearbadh, -aidh, *s.m.* Separating, act of separating, dividing or parting. 2 Division, separation. 3 Weaning. A' t—, *pr. pt.* of tearb. Ghabh mi t. o 'n treud sin, *I separated from that flock.*

tearbaidh, see tearb. Thearbaidh e na h-uain, *he separated the lambs.*

tearbaidhte,(MS) *a.* Loose, separate.

tearbain, see tearb.

tearbhadh, see tearbadh.

tearbta, *past pt.* of tearb. Separated. 2 Weaned.

†tearc,** *s.m.* Cow. see earc.

tearc, teirce, *a.* Rare, unusual, scarce, few. 2†† Bare. Bu th. a ràite, *few were his words ;* cha t. sinn mar laoich na Féinne, *we are not few like the heroes of the Fiann.*

tearcachd, *s.f.* Rareness, scarceness, fewness.

tearcad -aid, *s. m.* see teircead.

tearcadh,** -aidh, *s.m.* Fewness, scarceness.

tearc-eun, -eòin, *s.m.* Phœnix (*lit.* a rare bird.—*rara avis.*)

tearm, *s.m.* Noise made by trampling.

tèarmad, see tèarmann.

tearmadair, see tearnadair.

tearmaid,(MS) *v.a.* Bescreen.

tèarmainn, *v.a.* Protect, defend, bescreen.

tèarmainnte,†† *a.* Protectiug.

tèarmann,-ainn, *s.m.*Protection,refuge,defence, safety. 2 Sanctuary. 3 Patron. Mo th, thu, *thou art my refuge ;* thoir t., *defend, protect ;* a' chion t., *for want of protection.*

†tearmann, -ainn, *s.m.* Limit, boundary.

tèarmannach, -aiche, *a.* Protecting, defendable. 2 Belonging to a sanctuary.

tèarmannachd, see tèarmann.

tèarmannaich, *v.a.* Protect, defend.

tèarmannaichte, *past pt.* of tèarmannaich.

tèarmannair, -ean, *s.m.* Protector, defender. 2 Defendant. 3 Patron.

————eachd,** *s.f.* Protection.

tearmasg, see tiormasg.

tèarmuid, -ean, *s.f.* see tèarmann.

tèarmuinn, see tèarmunnaich.

tèarmunn, see tèarmann.

tèarn, *v.a.* see tèaruinn.

tèarnach,** *a.* Condescending. 2 Descending, apt to descend. 3 see tèaruinteach.

tearnachd,** see tearuinteachd.

tearnadair, *s.m.* Fender.

tearnadair-o-theine, *s.m.* Fire-escape.

tèarnadh, -aidh, *s. m.* Escaping, act of escaping or evading. 2 Rescuing, saving. 3 Descent, descending, coming or going down, sinking. 4 Declension in *gram.* 5 Deliverance, protection, safety. 6*Preserving. 7* After-birth. A' t—, *pr.pt.* of tèaruinn & teirinn. Cha b' urrainn dhuit t., *you could not escape ;* Dia 'gar t. ! *may God protect us !* is iongbnadh do th., *thy deliverance is wonderful ;* an curach a' dìreadh 's a' t., *the bark rising and sinking;* bu t. dhuinn toiseach an t-sluaigh,*our safety was at the head of the host—Filidh, p. 16.*

tèarnar, *fut.pass.* of tèaruinn. Shall be saved.

tèarnta, *past pt.* of tèarn.

teàrr, -a, *s.f.* Tar, pitch.

teàrr, *pr.pt.* a' teàrradh, *v. a.* Tar, run over, smear or mark with tar, as sheep.

tearrach,** -aich, *s.m.* Crupper.

tearrachd,*s.f.ind.*Keen sarcasm, bitter remark.

————aich,** *v.* Animadvert.

————ail, -e, *a.* Censorious, satirical, sarcastic.

————air,** *s.m.* Animadverter.

teàrradh, -aidh, *s.m.* Daubing, act of daubing or marking with tar. 2 Tar. 3 Tar-mark on wool or sheep. 3 Pitching. A' t—, *pr. pt.* of teàrr. [** gives tearradh, also gath-tearradh,

a whitlow or *felon.*]
tearraid, see earraid.
————each, see earraideach.
————eachd, see earraideachd (appx.)
tearrain, *v.n.* Return.
†tearran,** -ain, *s.m.* Anger, vexation.
teart,(WC) see teairt.
tèaruinn, *pr.pt.* a' tèarnadh,*v.a.* & *n.* Escape, evade. 2 Rescue, save. 3 Protect, defend. 4 Descend. 5**Preserve.
--————ean, see tèaruinn.
tèaruinte, *a.* & *past pt.* of tèaruinn. Safe, saved, rescued. 2 Preserved, protected, secure, guarded. 3* Cautious.
————ach, -eiche, *a.* Secure. 2 Confident of security. 3 Saving. 4 Protecting, preserving.
————achd, *s.f.ind.* Security, safety, salvation. 2* Precaution, caution. An t., *in security.*
tèaruntachd, see tèaruinteachd.
teas, *s.m.ind.* [*f.* in *Badenoch.*] Heat, warmth. 2 Superabundance, too much of the good things of life. T. an là, *the heat of the day ;* ruith air th., *running to and fro,* as cattle on a hot day ; bha teas an teine 'na luirgnean, *the heat of the fire was in his shanks*—said of one well off and who does not appreciate it. Mothers often use this phrase to their youngsters on a wet day or night when they don't value their home comforts, but go abroad to their own discomfort.
†teas, *s.m.* Sound. 2 Message.
teasach, -aich, -aichean, *s.f.* Fever, restlessness on account of heat, cattle running from excessive heat. 2 Moult. 3 Warm water in milk. 4 Early stage of fever—*Arran.* Àirde teasaich, *the height of a fever ;* an t. bhuidhe, *the yellow fever.*
————adh, -aidh, *s.m.* Heating, act of heating, 2 State of becoming hot. A' t—, *pr. pt.* of teasaich.
-———— -sgàrlaid,*s.f.* Scarlet fever.(With *art.*an.)
teasaich, *pr.pt.* a' teasachadh, *v.a.* & *n.* Heat, warm. 2 Become hot or warm. 3 Bake. [** says "this verb is not much in use."]
————te, *past pt.* of teasaich, Heated,warmed.
teasaigheachd,** *s.f.* Heat.
teasair,** *s.m.* Messenger.
teasairg, *pr.pt.* a' teasairginn, *v.a.* Save, rescue, deliver, defend, protect, relieve, interpose for the purpose of rescuing.
————each,** *a.* Saving, protecting, rescuing.
————inn, *s. f. ind.* Rescuing, act of rescuing, saving from danger, deliverance, rescue relief, preservation, salvation. A' t—, *pr. pt.* of teasairg. Chum ar t., *for our deliverance.*
teasairgte, *past pt.* of teasairg. Saved, rescued, delivered, safe.
teasbhach, -aiche, *a.* Sultry, warm.
————, -aich, *s.m.* Sultriness, warmth.
teas-bhat,** s.*m.* Hot bath.
--————ach, *a.* Abounding in, of, or belonging to, hot baths.
teas-bhuala, *s.f.* Hot baths.
teasd,‡ *pr.pt.* a' teasd, *v.n.* Die, fail, expire, depart. Th. e, *he died.*
†teasd,** *s.m.* Report. 2 Witness.
————ail,** *s.f.* Want, defect.
teasdaim, *v.* I help, assist.
teasdam,(AC) *v.* I preserve, secure, keep.
teas-fhailce,** *s.f.* Hot bath.
teas-fheallsanach,** *s.m.* Chemist.
————————————d,** *s.f.* Chemistry.
†teasg,‡ *v.a.* Cut, wound. 2 Prune, lop off. Is iomadh ceann a theasgadh leis, *many a head was cut off by him.*
†teasgach, -aiche, *a.* Piercing, cutting.
teasgadh,** -aidh, *s.m.* Cutting down.
†teasgair, *v.* Cut. 2 Mangle, tear.
teasgal, -ail, -an,*s.m.* Boisterous wind, storm. ¶ **Scorching blasting wind. 3 Wave.
teas-ghaoth, -ghaoithe, -an, *s.f.* Parching wind
teas-ghràdh, -ghràidh, *s.m.* Ardour. 2 Fervent love, ardent affection.
————---ach, -aiche, *a.* Ardent. 2 Cherishing a fervent love,loving ardently or affectionately.
teas-ghràdhaich,**v.a.Love ardently or tenderly
————————te, *past pt.* Ardently loved.
teas-ghuirean,** -ein, *s.m.* Pimple.
†teasgon,** *s.* Moon.
teas-is-fuachd, *s.f.* "Hot and cold shivers."
teas-loisgeach, *s.m.* Fervid or burning heat.
teas-mheidh,** *s.* Thermometer.
teasraig, *v.a.* see teasairg.
————inn, see teasairginn.
————te, see teasairgte.
teastail, see teasdail.
teastas,** -ais, *s.m.* Report.
teas-thoimhsear,(DM) *s.m.* Thermometer, thermoscope.
teas-thumait,** *s.f.* Hot bath.
teasuidheachd, *s.f.* Heat,warmth,moderate heat.
teath, see teth.
teathair, see teadhair.
teathar,** -air, *s.m.* Guiltless person.
teathra,(AF) Raven, royston crow.
†teib, see theab.
teibeid, *s.f.* Taunt, cut—*Badenoch.* see teabaid.
teibid, -ean, *s.m.* Physician.
teibideach, -eiche, *a.* Irresolute, halting,falling.
téibh,(MMcL) -ean, *s.m.* Root of bent-grass, used in making cisein, &c.
†teibidh', *pl.* of teibid.
†teibidh,‡‡ -e, *a.* Smart, cutting, pedantic.
teic,* *a.* Due, lawful, legal. Cha t. na th' ann, *all there are, are too much ;* cha t. dhuit, *that is more than is due* or *lawful ;* an t. a h-aon, *is not one more than enough ?* bheir mise dhuit gus an abair thu "cha teic," *I will give you till you say "it is more than enough" ;* cha teic fhad 's 'thug mi 'm ùine cho stormt', *the time I continued so dull was not trifling.* A common *Argyllshire* phrase in the face of an evil is, "cha teic olcas," *its ill is not trifling* —DC.
teic, *s.m.* Flier of spinning-wheel, see seic.
teich, *pr.pt.* a' teicheadh, *v. n.* Flee, scamper, run away. 2 Desert, as a soldier. 3**Retreat. 4**Keep off or aside. O ghuth a' bhuaireis theich na sluaigh,*at the noise of the tumult the people fled ;* th. e, *he fled ; deserted the army.*
teicheach,* *a.* Fleeing, fleeting,
teicheadh,** *s.f.* Running away, flight. 2 Retreating. 3**Desertion. 4 Overthrow.
teicheadh,-idh, *s.m.*Fleeing, act of fleeing,flight, scamperiug, running away, taking to one's heels. 2 Desertion. 3 Retreating, retreat. A' t—, *pr. pt.* of teich. Cuir air t., *put to flight.*
teichmheach, -eiche, *a.* Fleeting.
téid, *fut. int.& neg.* of *irr.v.* Rach *or* theirig. An téid thu maille rium ? *wilt you go with me ?* nach téid thu mach ? *will you not go out ?*
teidheadh,(AC) *v.* (téideadh) Would go. Nach t. a' bhliadhua liom (leam),*that the year would not go well with me.* [*Lewis & Ireland* for rachadh.—MM]
teidhm, -e. -ean, *s.f.* Death.
teidhinn, (CR) Would go —*Suth'd, Lewis & Ireland* for *subj.* of rach.
teididh, -e, *a.* Wild, fierce.
-————,* *s.f.* Wild fire.

†teidm, *s.* Pestilence.
†teidm leanamnachu,‖ *s.* Contagious or infectious disease.
teigeil,(MS) *a.* Oozy.
teighiollas,(AF) *s.m.* Salamander.
†teil.** *s.f.* Fertile ground.
teilbhein, see tairbhein.
teile, *s.f.* Lime or linden-tree.
teileach,** *s.m.* Lime or linden-tree. 2 Place where lime-trees grow.
———, -eiche, *a.* Abounding in limes or lindens.
teileag, -eig, -an, *s.f.* Little lime-tree. 2 Young lime-tree.
———ach,** *a.* Abounding in little limes.
teilg, -e, -ean, *s.f.* Fishing-line, cast. 2 (AC) String of a lyre, harp or other string-instrument.
teilg, see tilg.
teilgeach,-eiche,*a.*Furnished with a fishing-line.
teilich,** *v.a.* Refuse, deny, conceal.
teilig, see teilg.
teillin,(AC) *s.* Musical instrument, stringed instrument. Gaelic form of Welsh,telyn,(a harp.)
teilm, see teilbin.
teilis,** *s.f.* House.
teilleach, -aich, *s.m.* Blub-cheeked fellow, *prov.*
———'** -eiche, *a.* Blub-cheeked.
teilleag, *s.f.* see seillean.
teillim,(AC) *v.* I will harp.
teilean, *E. Perthsh. & Lewis* for seillean.
teilm,** *s.f.* Dart, arrow.
†teilm, *s.f.* Great terror.
teim, -ean, see teum.
†teimeal,** *s.* Dross.
teimh,** *s.* Death, curtain, cover.
teimhe,** *s.* see teim.
teimhealachd,**s.f.* Darkness, gloom,obscurity.
teimheil,** *a.* Dark, gloomy, obscure.
tein'-aighir, *s.m.* Bonfire.
tein'-aoibhneis, *s.m.* Bonfire.
tein'-athair, *s.m.* Lightning. †2**Thunderbolt. 3**Fire-ball. 4**Any luminous meteor.
†teind,‖ *s.* Sore.
teindear,* *s.m.* Fire-grate. [*teindire.]
teindreach,** -eich, *s.f.* Watch-chain.
teine, *pl.* teintean, *s.m.* [*f.* in *Colonsay.*] Fire, flame. 2 Conflagration. Chunnacas t. a' bhàis, *the flame of death was seen;* taobh an teine, *the fire-side;* cuir ri theine, *set on fire;* teine math, *a good fire.* [*dat.* teinidh.]
teine,§ *s. m.* Furze, see conasg. 2 Old Gaelic name of the letter T.
teineachan, -ain, -an, *s.m.*,*dim.* of teine. Small fire.
teineasach,** *a.* Fiery, hot. 2 Impetuous, hasty.
———d, *s.f.* Fieriness, impetuousness, hastiness.
teine-bhuth,** *s.* Fire-office.
teine-bràight,* see teine-dreallsach.
teine-braightseal,* see teine-dreallsach.
teine-chiarag,(AF) *s.f.* Cricket (insect.)
teine-chrios,** *s.m.* Iron for striking fire from a flint. [acfhuinn-theine—*Argyll.*]
teine-creasadh,(AF) *s.* Ferret.
teine-dé, *s.m.* Erysipelas. 2 Ring-worm. 3 St. Anthony's fire. 4* Herpes. 5 Tetter—JGC. W. 95. 6* see dearbadan-dé.
teine-dealan,(AF) *s.m.* Salamander.
teine-dhealan, see teine-ghealan.
teine-dreallsach,* *s. m.* Wild fire, phosphoric light from decayed wood or fish.
teine-éibhinn, see tein'-aoibhneis.
teine-éibhneis, see tein'-aoibhneis.
tein'-éigin, *s.m.* Fire by friction, forced fire or fire of necessity.

The tein'-éigin was considered an antidote against the plague and murrain and all infectious diseases among cattle. Dr. Martin says all the fires in the parish were extinguished and 81 married men, being deemed the proper number for effecting this purpose,took two planks of wood and nine of them were employed by turns, who by their repeated efforts, rubbed the planks against each other, till the heat thereof produced fire, and from this forced fire each family was supplied with a new fire. No sooner was the fire kindled than a pot filled with water was put thereon, which was afterwards sprinkled on people who had the plague,or on cattle that had the murrain, and this process was said to be followed invariably by success.—**

A term applied to fire produced by friction—in olden times a means employed to check evils arising from being bewitched. If a household suffered loss such as indicated being under evil influence, all fires in the district between two running streams were extinguished on a set day. Then a spinning-wheel was put in motion, and kept going furiously until the spindle became heated. Tinder or tow was applied to the hot spindle, fire was thus procured and distributed to all households affected by evil influences. Within the memory of persons still living, fire was thus procured to check witchcraft in a township in Uist where some sickness, supposed to be evil eye, carried off some cows and sheep. It is odd that neither cow nor sheep died after, possibly the epidemic had exhausted itself.—DC.

Last made in N. Uist about 1829, in Arran about 1820, in Helmsdale about 1818, and in Reay about 1830—AC.

teine-ghealan, *s.* Phosphoric light emitted from putrid fish or decayed wood in the dark.
teineil.** *a.* Fiery, hot. 2 Ardent, passionate. Ro th. an stri, *very fierce in battle.*
teine-rabhaidh. *s.m.* Beacon.
teine-sgeithach,†‡ -eiche, *a.* Ignivomous.
teine-shruthach,†‡ -aiche, *a.* Ignifluous.
teine-sionnachain, *s. m.* Ignis-fatuus. 2 Phosphorescence, luminous appearance on the sea, 3 Will-o'-the-wisp, Jack-o'-lantern. 4 The rainbow-like brightness seen in spindrift on a clear sunny day. 5†‡Whirlwind.
teine-sithe,†‡ *s.m.* Wild fire.
teine-thar, *s.m.* Cross-fire.
teine-thionnachain, see teine-sionnachain.
teinghidh, -ean, *s.m.* Meteor.
teinidh, -e, *a.* see teinntidh.
———, *dat.* of teine. 'Cur ri theinidh, *setting on fire—Arran, Mull, &c.*
teinidh-dé, see teine-dealan & dearbadan-dé.
teinis,** *s.f.* Gaelic form of *tennis.*
——— -chùirt,** *s.f.* Gaelic form of *tennis-court.*
teinn, -e, *a.* see tinn.
teinn, -e, *s.f.* Sickness. 2 Distress, misery, calamity, predicament, strait. 3 Perplexity, jeopardy. 4 Haste, hurry. 5** Trouble, difficulty, hardship. Nach e bha 'na th. ! *what a predicament he was in!* an aimsir carraid agus teinne, *in time of strife and distress;* t. mo chridhe, *my heart's grief;* ghlaodh iad 'nan t., *they cried in their trouble.*
teinnbhealach,** *a.* Perverse, obstinate, contumacious.
teinn-chràdh, *s.m.* Agony.
teinndeachd,* *s.f.* see teinnteachd.
teinne, *s.f.* Tension, rigidity, severity. 2 see tinne.
———, *comp.* of teann.

teinnead, -eid, *s.f.* Degree of lightness.
teinnsineach,(MS) *a.* Hot.
teinnteach, -ich, *s.m.* Lightning. 2 see teanntachd.
————, *a.* Hot, fiery, fierce. 2**Inflammatory, combustible. 2**Impetuousness of temper. Mar àmhuinn theinntich, *like a fiery furnace.*
————d, *s. f.* Fieriness, fierceness. 2**Inflammatoriness, combustibleness. 3(MS) Astringency.
teinntean, -ein, *s.m.* Hearth, fire-place. 2** Forge. 3**Furnace. 4††Peats laid out on the moss to dry. 5(CR) Fire-back, a stone placed as a back to the fire on the hearth in the middle of the floor—*W. of Ross.* Leac an teinntein, *the hearth-flag.* [†† gives teintein as *nom.*]
teinnteanach,** *a.* Having a fireplace, forge or furnace. 2 Of, or belonging to a fireplace, forge, furnace or hearth.
teinnteanach, -aiche, *a.* Of, or belonging to, a fireplace or hearth. 2 Having a fireplace or hearth.
teinntein, see teinntean.
teinntidh, *a.* Fiery, hot. 2 Inflammatory. 3 Combustible. 4 Keen. 5 Hot-tempered, impetuous. Mar chaoiribh t. o 'n chladach, *like fiery gleams from the beach.*
————eachd, see teinnteachd.
teinntineach,(MS) *a.* Hot.
teinntreach, -ich, *s.f. & coll.* Flashes of lightning. 2 Sparks of fire.
teinntreach,** *a.* Fiery, combustible. 2 Hot-tempered.
tein'-oidhche, see tein'-athair.
tein'-thara, *s. m.* Will-o'-the-wisp—*Dàin Iain Ghobha.*
teintidh,(AF) *s.* Dragon.
†teir, *fut.* of *v.* abair, see their.
teirbeadh, see tearbadh.
teirbeirt,** *s.f.* Bestowing, distributing. 2 Sending forth. 3 Scattering—*W. of Ross.* 4 Increase, growth. Air th. teine nan neul, *when clouds send forth their lightning.*
teirbheartaich,* *v.a.* Harass, weary. 2 Distribute.—*Islay.*
————te, *past pt.* Wearied, fatigued.
teirbhein, see tairbhean.
teirbheirt, *pr.pt.* a' teirbheart, *v.a.* Harass, stir on, cause to move. Cha bhi coin 'gan teirbheart ann, *there shall be no dogs to stir them on—Dàin I. Ghobha.*
teirbheirt,†‡ -e, -ean, *s.f.* Fatigue.
————each, *a.* Fatigued. 2 Causing fatigue.
teirbheirteachadh, -aidh, *s.m.* Fatiguing, act of fatiguing. A' t—, *pr.pt.* of teirbheartaich.
teirc, Cha teirc iad-san nach dearc air sin, *not few are they who will not gaze on that.*
teirc, *a.* see tearc.
teirce, *s.f.ind.* Fewness, rareness, scarceness. 2 Poverty.
teirce, *comp.* of tearc. Scarcer, scarcest.
teirceachd,* *s.f.* Fewness, rareness.
teirceas,** -eis, *s.m.* Fewness, scarceness.
†teirc-fheòlach, -aiche, *a.* Lean, meagre.
teircead, -eid, *s.m.* Degree of scarcity, rareness, fewness or poverty. A réir teircead nam bliadhna, *according to the fewness of the years ;* a' dol an t., *getting scarcer and scarcer.*
teireachduinn, *s.m.* Decaying, state of decaying or wasting. A' t—, *pr.pt.* of teirig.
teireadh,** -idh. *s.m.* Recommendation.
teiric,(AC) s. Hake, herring-hake, herring eke or eek, (triangular frame with spikes on which herrings are hung up to dry.
teiridneach, *a.* Medicinal, having the power to cure—*Sàr-Obair.* [eiridneach.]
teirig, *pr.pt.* a' teireachduinn, *v.a. & n.* Fail, be spent, be exhausted. 2 Wear out, spend, exhaust. 3 Go, repair to. Th. orm, *all mine is run out ;* 'nuair a theirigeas gual teirigidh obair, *when coals run out (smith-)work is at an end ;* th. iad, *they are done, consumed ;* t. ris, *fight him, try him ;* cha'n e am bòrd a th. dhuit, ach am beagan fearainn, *it was not the mould-board of the plough that would not work enough, but you had not enough land to plough ;* th. an sgeul, *the tale was finished*—an idiomatic way of finishing a tale ; t. a steach d' a h-ionnsuidh, *go in to her ;* t. mu'n cuairt, *go round about ;* theirigear air a ghlùinean aig bonn na crannaige, *he knelt at the foot of the pulpit;* na t. a mach 'san oidhche, *do not walk out at night ;* gus an t. an là, *till the day comes to an end.*
teirigidh, *fut.aff.a.* of teirig.
teirigsinn,(MS) *s.* End.
teirgte, *past pt.* of teirig.
teirinn, *pr.pt.*a' tèarnadh, *v.a.* Come or go down, descend. 2 Alight, dismount. 3(MS)Pitch.
teiris,** *v.a. & n.* Tame, quiet, as unruly cattle. 2 Stop. 3 Be at peace.
teiris ! *int.* see tairis ! [teiris ! in *Poolewe.*)
teirisd ! *ind.* see tairis !
teirisi ! ‡ see tairis !
teirm,* -ean, *s.f.* Thumb. 2**Term. 3 Condition. 4 Season, while. Air na teirmean sin, *on those terms ;* teirmean a' chùirt, *law-terms.*
teirmeasg, -isg, *s.m.* Mistake, mishap, misfortune. T. ort ! *a plague on thee !*
teirmeasg,** *v.* Disappoint.
————ach, -aiche, *a.* Unfortunate.
teirm-ghéill,** *s.* Capitulation.
teirm-striochd,** *s.* Capitulation.
teirt,** *s.f.* Sunrise.
téis, -e, -ean, *s.f.* Musical air, air to which any song or poem is sung. 2 Sound. 3 Diligence. Bu ghrinn thu 'thogail na téise, *you were good at raising a strain.*
teisbeirt,** (suppt.) see teirbeirt.
teisdeas, see teisteas.
teismeid, -e, -ean, *s.f.* see tiomnadh. Dèan do th., *make your will.*
teis-meadhon, -ein, *s.m.* Exact middle.
————ach, -aiche, *a.* Central, centrical, 2 Of, or belonging to, a centre.
teisreadh,(AC) *s.m.* Protecting. T. taighe, *house protecting*—an invocation.
teist, -e, -ean, *s.f.* Testimony, proof. 2 Character, reputation, esteem, respectability. Nach leig a th. air chall, *who will not suffer his fame to be bandied with.*
†teist,** *s.m.* Witness. 2 Drop.
——eachadh,(MS) s. *m.* Approbation, attestation, recommendation.
——eadh,** -idh, *s.m.* Defection. 2 Falling off.
——ealachd, *s.f.* State of holding a good reputation. 2 Fame, reputation, esteem. 3 Authority. 4* Respectability.
——eanas, -ais, -an, *s.m.* Certificate, witness, report, attestation, testimonial, evidence, reputation, testimony.
——eas, -eis, *s.m.* Testimony. T. Dhé, *the testimony of God.*
teisteil, -e, *a.* Respectable, esteemed. 2 Reputable, unblemished. 3 Chaste, pure, having a good character. Gu t., *chastely.*
teistich,(MS) *v.a.* Attest.
teith, see teth.
†teith, *v.n.* see teich.
teithneas,** -ais, *s.m.* Haste.
————ach, *a.* Hasty, in haste.
teò, *pr.pt.* a' teòdhadh & a' teòsainn, *v.a.* Warm,

make warm. 2 Simmer. 3 Air. 4 Glow with delight or affection. Cha do th. mi riamh rithe, *I never had any affection for her.*

teò-chridheach. -eiche, *a.* Warm-hearted, affectionate, compassionate.

———d, *s.f.* Affectionateness. 2 Kindness, clemency.

teòdh, *v.* see teò.

teòdhadh, -aidh, *s.m.* Warming, act of making warm. 2* Simmering. 3*Glowing with love, feeling affection for. 4 Chafing. A' t—, *pr. pt.* of teò.

teòdhaich, *v.a.* see teò.

teòdhaichte, *past pt. & a.* Warmed.

teòghadh, see teòdhadh.

teò-ghràdhach, -aiche, *a.* see teò-chridheach.

teòidh, *v.* see teò.

———te, *past pt.* of teò. Warmed. 2*Simmered.

teòigh,(MS) *v.a.* Bake.

teòiteach,** *a.* Warm-hearted.

teòiteachan,** *s.m.* Chafing-dish, warming-pan.

teoithe, *comp.* of teth, see teotha.

———ad, -id, *s.m.* Degree of heat, see teothad.

Teòiridh, s. Trinity.

†teol, *s.m.* Plenty. 2 Substance. 3 Thief.

teoltachd, *s.f.* Cowardice—*Sar-Obair.*

teòm,(AC) *s.* Dole. T. eigir, *a small dole*; t. éisg, *a dole of fish*; t. an t-sionnaich, *bribe of the fox*; cho toiunte ri t. an t-sionnaich, *as twisted as the fox's gift.*

teòm, *v.* see teum.

teòma, *a.* Skilful, expert, adept, active, dexterous. 2 Apt, ready, quick. 3 Correct, performing anything correctly. 4 Shrewd. 5**Clever. T. an cogadh, *expert in war.*

teòmach,** *a.* see teòma.

———d, *s.f.* Expertness, skilfulness, activity, dexterity or proficiency in anything. 2 Aptness, readiness. 3 Shrewdness. 4 Manhood. 5 Address. 6**Cleverness. An gaisge is an t., *in valour and in manhood.*

teòmadh, -aidh, -aidheau, see teumadh. 2(DC) *s.m.* Splice of a rope, stick, &c.

teòm-chridheach,** *a.* Tender-hearted, compassionate, affectionate.

———d,** *s.f.* Tender-heartedness, compassionateness. 2 Affectionateness.

teòr, -eòir, *s.m.* Mark, limit. 2 Sign, token. see tiur.

teòra,(MS) *a.* Coarse. 2 *s.m.* Bourn. 3(MMcL) Three. An Teòra Bheannaichte, *the Blessed Trinity*; t. pòg, *three kisses.*

teòradh,** *s.m.* Stint.

teoran,** *s.m.* Mark.

teorchan,** -ain, *s.m.* The space of three hours.

teoranta,** *a.* Definite.

teorr, see tiur.

teòsainn, *s.f.* & *pr.pt.* of teòdh, Same meanings as teòdhadh.

teoth, see teò.

teotha, *comp.* of teth. Hotter, hottest.

teòthachadh, see teòthadh.

teòthachan, -ain, -an, *s.m.* Warming-pan, chafing-dish.

teothad, -aid, *s.m.* Degree of heat.

teòthadh, -aidh, see teòdhadh.

teòthaich, see teò.

———te, *past,pt.* of teòthaich. Same meanings as teòidhte.

teothaid, *2nd. comp.* of teth.

teothair, *v.* see teadhraich.

———, *s.* see teadhair.

teoth-chridheach, see teò-chridheach.

†teth, *a.* Fine, smooth, soft.

teth, *a. 1st. comp.* teotha [& teoithe,**] *2nd.* teothaid, *3rd.* teothad. Hot, warm, sultry. 2 Keen. 3 Scalding. 4* Impetuous, agog. 5* Rancid, insipid, tasteless. 6** *rarely* Smooth, fine. Gu t-tìnn, t, *feverishly hot.*

teth-loisgeach,** *a.* Burning-hot, scalding-hot.

teuchd, *v.n.* Congeal, be congealed. 2 Be parched,. as with drought or thirst. 3††Wither, dry up.

†teuchd,** -an, *s.m.* Feat, exploit, heroism. 2 (CR) *s.f.* Brag, boast—*W. of Rors.* Duine a dheanadh t., *a man who could perform an exploit*; tha e a' deanamh t., *he is bragging*; tha e a' deanamh t. dheth, *he makes out what he has done to be a feat.* see euchd.

———, *v.* see teachd.

———ach,** *a.* Supremely valiant, heroic.

———adh, -aidh, *s.m.* Congealing, act of being congealed. 2 State of being parched. 3†† Parching, withering. A' t—, *pr.pt.* of teuchd.

teud, *v.a.* Supply with strings, as an instrument of music.

teud, -a & -éid, *pl.* -an *s.m.* [*f.* in *Badenoch.*] String, cord, rope. 2 String of a musical instrument. 3†Music in general. 4**Harp. 5 **Any stringed instrument. Feadh thorman gach teuda, *through the music of every string*; mairidh e 'm fonn nan teud, *he will live in the music of the harp*; clàrsach gun t., *a stringless harp*; inneal binn nan teudan deich, *a melodious ten-stringed instrument.* [††*s.f.*]

teudach, -aiche, *a.* Stringed. 2 Having many strings.

teudach, -aich, *s.f.* Strings of any musical instrument, especially of a harp. 2 Assortment of musical strings. 3 Quantity of strings.

teudag,† -aig, -an, *s. f. dim.* of teud. Little string, cord or rope. 2 Small withe.

———ach, -aiche, *a.* Strong.

teudaiche,** -an,† *s.m.* Harper.

teudan, -ain, *s. m. dim.* of teud. Little musical string. 2 *n.pl.* of teud.

teud-aoire, -an-aoire, *s.m.* see taod-aoire.

teud-bhràghad,** *s.* Collar.

teud-cheòl, -chiùil, *s.m.* Music of a stringed instrument. Bu bhinne na t. a guth, *her voice was sweeter than harp-music.*

teud-chleas,** *s.m.* Feat in rope-dancing.

———achd,** *s.f.* Rope-dancing.

———aiche,** -an, *s.m.* Rope-dancer.

feud-ghàradh,(WC) *s.m.* Wire-fence.

teud-shiubhlaidh, -e, -ean, *s.m.* & *f.* Rope-dancer.

teugair, see teagair.

teug-bhoil, -e, -ean, *s.f.* see teugmhail.

———each, -eiche, *a.* see teugmhaileach.

teugmhail, -mhala, -ean, *s.f.* Battle, contest. 2 Disease. 3 Danger. 4 Agony. 5**Severe affliction. 6* Agonies of death. Is minig a thàinig eagal gu teugmhail, *fear often begets danger*; tùs na teugmhàla [teug-bhoil**], *the front of battle.*

teugmhaileach, -eiche, *a.* Warlike, keen for battle. 2 Of, or belonging to, a battle. 3 Very dangerous. 4 Causing disease. 5 Diseased. 6 In torment or agony. 7 Agonizing, causing agony, afflictive. 8**Contentious.

teugmhais, -e, -ean, *s.f.* Hap, accident.

teugradh,* -aidh, see teagradh.

†teul,** *s.m.* Subterranean passage.

†teum, *a.* see teoma.

teum, *pr.pt.* a' teumadh, *v.a.* Bite, wound, sting. 2 Snatch suddenly at anything. 3 Tempt, beguile, draw aside—*Argyll.* 4 Cut, taunt. Th. nathair mi, *a serpent bit me*, [in *Argyll*, it would signify *a serpent beguiled*, or *enticed me*, and lot nathair mi, *a serpent bit me.*] 5(CR) Join, unite, splice. 6 (CR) Repair by bights or loops, as in wire-fencing. [Nos. 5 & 6—

W. of Ross-shire.] 7 (DU) Hook a fish, as when fishing with a hand-line, by a sharp pull on the line. Th. e iasg, *he hooked a fish ;* teumadh do bhò, *your cow is bitten* or *stung* –MacLagan's *Evil Eye, 17.*

teum, -a, -an, *s.m.* [*s.f.* in *Badenoch.*] Sudden snatch at anything. 2 Temptation, whim,caprice—*Argyll.* 3* Bite, morsel, mouthful. 4 5**Taunt, sarcasm. 6 Fit. T. arain, *a morsel of bread.*

teumach,†† -aiche, *a.* Snatching. 2 Biting,prone to bite. 3 (CR) Attentive, careful, diligent, anxious to do well—*W. of Ross.*

teumadh, -aidh, *s. m.* Biting, act of biting, wounding or stinging. 2 Snatching, act of snatching at anything. 3* Tempting, beguiling. 4 Bite. A' t—, *pr.pt.* of teum.

teumaidh, *fut.aff.a.* of teum.

teum éisg.(CR) *s.m.* One fish. Tha teum éisg aige, *he has one fish ;* bha dà theum éisg aige, *he had two fish—W. of Ross.* [Not used of greater numbers.]

teumnach,* -aiche, *a.* Whimsical, capricious. 2 Enticing, inviting, tempting. 3 Tart. Cha'n 'eil ann ach duine t., *he is but a whimsical man ;* cha'n 'eil e 'na ni t., *it is not an enticing affair.*

————d,* *s.f.* Capriciousness. 2 Tempting nature or quality.

teurmnasg,* -aisg, *s.m.* Bandage on the thumbs and great toes of a dead person,to prevent his gnost hurting foes.

teumta, *past pt.* of teum. Bitten, wounded, stung. 2 Snatched suddenly.

teurnadh, see tèarnadh.

teurnaidh, *fut.aff.a.* of teirlan.

teuthachd,*s.f.* Rancidness.

th, For words commencing with *th*, and not given below, see under *t.*

tha, *pres.ind.* of *irr. v.* bi. Am, art, is, are.

thabhair, see thoir.

thabhairt, (a) *inf.* of tabhair.

thaim, (for taim) *poetic form* of tha mi.

thàin, for thàinig –*Perths. & Skye.*

thàine, for thàinig –*Perths.*

thàineas, *past part.* of thig. Was come.

thàmi, for thàinig—*Arran, Kintyre. &c.*

thàinig, *past ind.* of thig. Came.

thair, see thar.

thairis, *adv.* Over, across, abroad. 2* Beyond, exceeding the bounds. 3 Remaining, as a surplus. 4 Athwart, to the farther side. 5 At an end. Chaidh e thairis, *he went abroad* (left the kingdom) ; a' dol th., *going to another country,* or *over the channel, strait or ferry ;* cupan a' cur th., *a cup running over;* chaidh e th. air sin, *he went beyond that;* or, *it is beyond that ;* th. air moran, *beyond many ;* thug e th., *he overfatigued himself ;* thoir th., *give over, be done with it ;* chuir iad th. i, *they capsized her* (the boat): cha mhisd iad (na sgeulachdan) mise a thoirt sgrìob th. orra, *they will be none the worse of my relating them ;* thug e th. e air seachd beanntan, *he took him over seven hills—W.H., 1.39. ;* cha do chuir a ghualaian nach do chuir tuar thairis, *none did his best but turned (the obstacle) clean over ;* gach ni a bhios th., *everything that remains;* chaidh mi th. orra, *I went beyond,* or *excelled them.*

thairte, *prep.pron.* (thar+i) Over or beyond her or it. An abhainn a' cur th., *the river overflowing.*

thall,** *a.* Adjacent.

thall, *adv.* On the other side, yonder, beyond. 2 Abroad. 3*Over against. Thall 's a bhos, *hither and thither, here and there, on all sides;* am bail' ud thall, *yonder town.*

thall, *prep.* Beyond.

thal.a, *v.def.* Come (thou) along. Th. leamsa, *come along with me.* [Used only in the *2nd.p. sing. & pl.* (thallaibh) *imp.*]

thalla l, (thall+ud) *adv.* Yon, yonder, see thall.

thallaibh, *v.def.* Come (ye) along.

thalla ! thalla !* *int.* Well ! well ! ay ! ay !

th' ann, (tha ann) That is,is in that place,exists. Cia meud a th' ann ? *how many are there ?* ciod a th' ann ? *what is it ? what is in that place ?* guth Dheirg is e 'th' ann, *it is the voice of Dargo.*

thanna, *Jura* for chunnaic.

thaobh, (a) *prep.* Concerning, touching. 2 By reason of, on account of, as for. 3 Aside. 4 Astray. A th. tuairmeis, *at a venture ;* dol a th., *going aside* or *astray, apostatizing.*

thar, *prep.* Over, across. 2* More than. 3 Beyond. Thus combined with the personal pronouns—tharum, over me ; tharad, over thee ; thairis air, over him ; thairis oirre,(**thairte,) over her ; tharaiun, over us ; tharaibh, over you; tharta, over them. Deich thar fhichead, *thirty* (*lit.*ten beyond a score ; chuir thu th. a chéil' iad, *you set them by the ears ;* th. na còrach, *beyond what is proper ;* reubadh an luingeas th. (for bhàrr) an acraichean, *the fleet was torn from its anchors ;* tha 'n teagasg th. cheann chum math an t-sluaigh, *the teaching taken altogether is for the people's good ;* tharcheann, *average.* In *Arran,* tha 'n t-àm againn falbh thar a chéile, means, it is time for us both (*or* all) to go.

thàr, *Suth'd prov.*form of tàir. Get, obtain,come. After *conj.* nach, fhar & fhàr.

thar a chéile, At variance. 2 In disorder, in confusion. 3 Stirred about, agitated. 4**Deranged, crazed. Ri 'n gabhail thar-a-chéile, *to be taken together ;* cuir thar-a-chéile, *disarrange, confuse, drive mad.*

thar-a-chòir, Superfluous, too much.

tharad *prep.pron.* (thar+thu) Over thee, across thee, beyond thee.

tharadh, see thàr.

tharaibh, *prep. pron.* (thar+sibh) Across you, over you.

tharainn, *prep.pron.* (thar+sinn) Across us,over us.

tharam, *prep. pron.* (thar+mi) Across me, over me, beyond me. Chaidh i th., *she capsized over me ;* seachd gealaich chaidh th., *I passed seven months* (*lit.* seven moons went over me.)

thàras, see thàr.

thàrladh, *past* of *def. v.* thàrlaidh. It happened, had happened, might happen, might have happened.

thàrlas, *fut.* of *def. v.*thàrlaidh. May happen, Shall happen, shall have happened, or met. [Used only in the *past & future.*]

thar leam, see ar leam.

thar leis, for ar leis, Thar leis gun do ghabh an gruagach boch, *he thought the wizard was delighted*—W.H.1.13.

tharta, *prep.pron.* (thar+iad) Across them, over them, beyond them. Chaidh am bàta th., *the boat capsized over them ;* cuir th. e, *put it over them.*

tharuibh, see tharaibh.

tharuinn, see tharainn.

theab, *d.f.v.* Miss. Th. mi tuiteam, *I missed falling.* The only parts used are—Theab mi, I had almost, (impersonally) theabadh, theabas ; INTERR. an do theab mi ? had I almost ? (impersonally) an do theabadh ? theabas ? ; NEGATIVE, cha do theab mi, I had not almost, (impersonally, cha do theabadh

theabas.) These forms are used in all the persons. Th. thu mo mharbhadh, *you had almost killed me;* chaidh "theab" le creig 's theab nach deachaidh, 's bhàthadh "shaoil leam" ged nach do shaoil cuid e, ach na'm biodh "b' fhearr leam" beò cha bhiodh ceann air coluinn, "*almost*" *fell over a rock, but it almost didn't,* "*I thought*" *was drowned though some thought not,but if* "*I had rather*" *were still alive no one else could then survive;* theab iad, *they had almost.*

theabadh, see theab.

theag, see theagamh.

theagamh, *adv.* Perhaps. mayhap. Th. gu'm bheil, *perhaps, perhaps it is so.*

théid, *fut.aff.a.* of rach. Will go. Th. mis' an urras gur e do bheatha, *I will warrant you that you are welcome*—W. H. 1.39.

theidheadh, *Suth'd.* form of *past subj.* of rach. An taigh gus an téidheadh tu, *the house to which you would go.* [*Lewis* also—MM.]

their, *fut.aff.a.* of abair. Will say. Th. cuid, *some will say* ; their thu, *thou wilt say.* Th. leam, see ar leam.

theireadh, *2nd. & 3rd. pers. sing. & pl.* of abair. Would say. A dh' aindeoin cò theireadh e ! *in spite of whoever would say it ;* a dh' aindeoin na th. e, *in spite of what he would say.*

theiream, (for their mi) I will say, see abair.

theireamaid, *1st. per.pl. past subj.* of abair. We would say.

theirear, *fut.subj. pass.* of abair. Ma th. e, *if it be said.*

theirig, another form of rach, which see. Go.

————, *asp. form* of teirig.

theirinn. *1st.per.sing.past.subj.* of abair.

theirteadh, *past subj.pass.* of abair. Would be said. (Rinn e obair a bhitheas 'na carragh-cuimhneachain air,) an uair nach bi iomradh air feadhainn a bu luaithe theirteadh na e, *when those more likely to do it are not to be heard of.*

thibh, *Arran* for chì.

thibhear, *Arran* for chithear.

thibhinn, *Arran* for chithinn.

thig, *irr. v.* Come. 2 (with *prep.* do) Become, suit, fit, befit. 3 (with *prep.* ris) Agree with, please, be acceptable to. 4 (with *preps.* o, *or* de) Recover, escape, get the better of. 5 (with *prep.* air) Speak of, reflect upon, speculate about. 6 (with *prep.* eadar) Disagree, quarrel.

Conjugated thus :—

ACTIVE VOICE.

IND. *past*, thàinig mi, &c., *I, &c. came.*

,, *fut.* thig mi, &c., *I, &c., shall come.*

INTERROG. & NEG. *past.* (an ? nach ? cha) d' thàinig mi, &c., *did I &c.,* (*not*) *come ? I, &c. did not come.*

,, *fut.* (an ? nach ? cha) tig mi,&c.*shall I, &c.* (*not*) *come ? I, &c. shall not come.*

SUBJ. *past,* (ged) thiginn, (*though*) *I would come.* (ged) thigeadh tu, e, i, sibh, iad, (*though*) *thou wouldst, he, she, you, they would come.* (ged) thigeamaid, (*though*) *we would come.*

,, *fut.* (ma) thig mi,&c,(*if*) *I, &c. shall come.*

IMP. *1st.pers.sing.* thigeam, *let me come.*

,, *2nd.* ,, ,, thig, *come thou.*

INFIN. a thighinn, *to come.*

PRES. PT. a' tighinn, *coming.*

PASSIVE VOICE— None.

Thig thusa leamsa, *you come with me ;* thig sinn leibh, *we will come with you ;* cha tig sinn leibh, *we will not come with you ;* cha d' thàinig iad, *they did not come ;* is math a thig an còta dhuit, *the coat becomes you well ;* ciamar tha e 'tighinn dhomh ? *how does it become me?* ciamar a thig sin riut-sa ? *how will that p'ease you ?* cha tig sin gu math ris, *that will not please him well ;* thig e uaith, *he will recover ;* thig iad ort gu farsuing, fial, *they shall speak of you far and wide, everywhere and liberally ;* bithidh iad a' tighinn oirnn, *they will speak of us, our conduct will be a matter of reflection ;* thig air, *talk about it ;* b' ann air gaol bha i 'tighinn, *it was love she was speaking of*—*R.14. 17 ;* cha'n 'eil stàth tighinn air sin, *there is no use in speaking of that;* thàinig againn air labhairt uime, *we chanced to speak about him ;* thàinig iad am briathran seanachais air a' chéile, *they spoke concerning old times to each other* (*lit.*they came into the words of old-time talk on each other); dé tha tighinn ris ? *what ails him ?* dé thigeadh r' a nàdur, *what would suit his nature ?*—*W. H. 1. 12.*;thàinig eadar iad, *they have quarrelled ;* thàinig orm falbh, *I was obliged to go ;* cha tig snàth do mhnà-sa ri snàth mo mhnà-sa, *your wife's spinning will not compare with my wife's ;* cha tig ear o 'n ghàbhadh thric, *one would not come safely out of frequent danger ;* thig orm, *I must ;* thig ort, *you must, &c. ;* thig orm falbh, *I must go.*

In *Arran*, thig means *go*, not *come.* Thalla a steach, (*pl.* thallaibh a steach) *come in ;* thig a steach, *go in ;* thig air falbh, *go away ;* thig a dh' Irt, *go to St. Kilda*—the equivalent of "go to Jericho."

thig. *fut.aff.a.* of thig. Shall or will come.

thigeadh, *past subj.* of thig (except 1st. pers. sing.& pl.) Th. e n'am faodadh e,*he would come if allowed ;* th dhuit a dheanamh, *you ought to do it*—it would become you to do it.

————, *3rd. sing. & pl. imp.* of thig. Let.... come.

thigeam, *1st. sing.imp.* of thig. Let me come.

thigeamaid,*1st.p.pl.past subj.* of thig. We would come.

thigim, *1st. p. sing. past subj.* of thig. I would come.

thimchioll, see timchioll.

thirim,** for tioram.

thirr ! } *int.* Cry to incite a dog when it is
thirr thad ! } driving away cattle.

thisd ! *int.* Hush !

thoir, *irr. v.* Give, grant, deliver, bestow on. 2 Take. 3 (with prep. *air*) Persuade, compel. 4 (with prep. *as*) Take away. 5 (with prep. *air* and noun intervening governed by the verb) Betake thyself to.

Active Voice—

IND. *past*, thug mi, &c., *I, &c. gave.*

,, *fut.* bheir mi, &c., *I,&c. shall give.*

INTERR. & NEG. *past.* (an ? nach ? cha) d' thug mi, &c., *did I &c.* (*not*) *give ? I did not give.*

,, *fut.* (an ? nach ? cha) tabhair *or* toir mi, &c., *shall I, &c.* (*not*) *give ? I, &c. shall not give.*

SUBJ. *past,* (ged) bheirinn, *though I would give ;* (ged) bheireadh tu, e, i, sibh, iad, (*though*) *thou wouldst, he, she, you, they, would give ;* (ged) bheireamaid, (*though*) *we would give.*

,, *fut.* (ma) bheir mi, &c., (*if*) *I,&c.shall give.*

IMPER. *1st.per.sing.* thugam, *let me give.*

,, *2nd.* ,, thoir *or* thabhair, *give thou.*

INFIN. a thabhairt, a thoirt, *to give.*

PRES.PART. a' tabhairt, a' toirt, *giving.*

Passive Voice—

IND. *past* thugadh mi, &c., *I, &c. was given.*

,, *fut.* bheirear mi, &c., *I &c.shall be given.*

INTER. & NEG. *past,* (an ? nach ? cha) d' thugadh mi, &c., *was I, &c.* (*not*) *given ? I,*

was (not) given.

,, *fut.* (an ? nach ? cha) toirear mi, &c. *shall I, &c (not) be given ? I, &c. shall not be given.*

SUBJ. *past*, (ged) bheirteadh mi, &c., (*though*) *I, &c. should be given.*

,, *fut.* (ma) bheirear mi, &c., (*if*) *I, &c. should be given.*

PAST PART. tugta, *given.*

☞ This verb has two other forms for the past subjunctive, which are used after interrogative and negative particles. They are, (an ? nach ?) toirinn, *would I (not) give;* cha toirinn, *I would not give;* and (na'n) tugainn, *(if) I would give.* These two forms are conjugated as bheirinn, in the various persons —(*sing.* 1st. -inn, 2nd. -eadh, 3rd. -eadh ; *pl.* 1st. -eamaid, 2nd. -eadh, 3rd. -eadh.)

The past subj. passive, bheirteadh, is impersonal, and requires a prepositional pronoun after it to distinguish it from the same tense of *beir*. Bheirteadh'mi, *I was born;* bheirteadh dhomh, *(it) was given to me.* The passive voice has parallel impersonal forms, as an toirteadh, *would (it) be given*, and an tugtadh, ma theirteadh, *if it would be said*, but, na'n abairteadh ; o 'n chiteadh, *since it would be seen ;* but, nach faicteadh, *would it not be seen ;* ged gheibhteadh, *though it should be got ;* but, mur faighteadh e, *if it should not be got.*

The word *thabhair* may be substituted for *thoir* in the following, or any similar sentences.

Thabhair (*or* thoir) air falbh, *take away, carry off;* thabhair (*or* thoir) leat e, *carry it with you;* tabhair a mach, *win ;* thugadh a mach a' cheud duais leis, *he won the first prize;* bheir iad a mach nithean àrda, *they will do* (*win*) *great things ;* thug mi { siorradh / sgiutadh / saighde } asam, *I made a dart* (or *bound*) ; thug e mo char agus mo leth-char asam, *he cheated me all round ;* th. seo d' a ionnsuidh, *take this to him ;* th. d' an ionnsuidh, *take to them ;* thugaibh am monadh oirbh, *betake yourselves to the mountain.*

th. a bhos, reach, fetch me here.
th. aichmheil, avenge.
th. air, compel, force, persuade (him.)
th. air ais, withdraw.
th. aire, attend, observe.
th. air falbh, take away.
th. a mach, take out ; descry, spy.
th. an aghaidh, advance.
th. an aire, take care, beware.
th. an dorus ort, go to the door.
th. an geall, bet, pawn, pledge, mortgage.
th. as, take away, flee, escape.
th. as a chéile, disjoin, tear asunder.
th. as e, swig it off, gulp it up ; take it out of it.
th. as thu-féin, flee, deliver thyself.
th. a staigh, bring in ; tame ; cultivate as new ground.
th. a staigh ort, get in with you, get into the house.
th. breith, judge, decide, give the sense.
th. bhuaidh, bring from, deprive (him) of it.
th. buidheachas, give thanks.
th. car as, cheat him.
th. ceum, step, make a step.
th. comas (do), enable, give, afford an opportunity.
th. comhairle (do), advise.
th. cuideachd, bring together.
th. dhomh, give me ; bring.
th. do chasan leat, take yourself off ; clear out !—*W. of Ross-shire.*
th. do leabaidh ort, go to bed.
th. dùbhlan, challenge.
th. duibh-leum, bound.
th. éighe, cry.
th. éisdeachd, listen.
th. fainear, attend, consider.
th. feum as, use it, apply it to use.
th. fianuis, witness.
th. fios (do), acquaint, inform ; warn ; invite.
th. fo ghéill, subdue.
th. freagradh (do), answer.
th. géill, yield, submit, obey, surrender, admit, concede. Na toir géill dha, pay no attention to anything he says.
th. gu buil, bring to a successful termination.
th. ionnsuidh (air), attempt, make an attempt (to do it) ; make an attack (on him.)
th. leat, carry, carry away, bring or take.
th. leum, jump.
th. luadh (air), (*or* dèan luadh), mention, make mention.
th. luigheachd (do), pardon.
th. mathanas (do), pardon, forgive.
th. mionnan, swear.
th. muidhe, churn, make butter—*W. of Ross.*
th. na buinn as, take to your heels.
th. na buinn asad, take to your heels.
th. na casan asad, take to your heels.
th. oidhirp, attempt, make an attack.
th. orm, prevail with me.
th. orra, compel them.
th. saighde asad, make a dart or dash at anything.
th. seachad, relinquish, deliver, give up.
th. sgal, scream, shriek.
th. sgoil (do), educate.
th. sgiutadh, dart, bolt.
th. sgread, scream, shriek.
th. siorradh, dart, bolt.
th. sìos, lower, take down.
th. smachd, chastise, rebuke.
th. suas (e), yield, cede, surrender, abdicate, give up, resign (it.)
th. tàmailt (do), offend, insult.
th. thairis (do), cease, give over ; give over from fatigue ; resign, abdicate, surrender.
th. thairis e, bring him over; overfatigue him. Thug e thairis, he knocked himself up.
th. thu-féin as ! begone !
th. tuairmeas, guess.
th. urram, pay respect, reverence.

thoir as ! *int.* Begone !

thonnai, *Knap lale* for chunnaic.

thu, *pers. pron. 2nd. pers. sing.* Thou. 2**Thee. *Emphatic*, thusa, *thysel ;* thu-féin, *thine own self.*

Tu, when nominative to a verb is always aspirated (thu), except with *is*, and in the future indicative, and the two tenses of the subjunctive active. The unaspirated form is never used with the passive forms of the verb. The accusative form is always *thu.* A tendency to use *tu* instead of *thu* after verbs ending in s must be carefully guarded against. 'S e chrùnas tu le coron gràidh, given in some editions of the Scriptures (some are correct) as the equivalent of *it is he who will crown thee*, in Ps. ciii, really means " it is he whom thou wilt crown." In the same manner *tu* is erroneously used in, an Tighearn a slànuich-*thu*, ma ta e ann a fhreagaireas *thu*, co a bhrathas *thu* ? &c. " Thusa " ach sibh-se dar bhios sibh anu 'ur taigh féin, "*thou*," *but* "*you*" *when you have a house of your own*—

example of the peculiar idiomatic use of *thu* and *sibh—Badenoch.*

thubhairt, *past ind.* of abair. Said.

thuca, see chuca.

thud ! thud ! *int.* Expression of disparagement or contempt.

thug, *past ind.* of tabhair. Gave. 2‡Brought. Th. e dhomh e, *he gave it to me;* thug e 'm monadh air, *he went to the hill—W.H. 1. 42* ; thug mac an righ an rathad air, *the prince took to the road—W.H.1.40* ; thug Iain a sheòmar féin air *John went to his own room ;* a mach th. am, molt, *off went the wether* ; thug e amhadh air a cheann, *he turned his head—W.H.1, 15 ;* cò thug coinneamh dha ? *who met him ?—W.H.1, 39 ;* thug mac an righ a chùl air an oganach, *the prince turned his back on the youth ;* ciod a thug ort a' chlach a chuir mar sin ? *what induced you to put the stone like that ?*

thugad, *prep.pron.* see chugad.

——— ! *int.* Out of the way ! Often said to those whom we wish to warn of immediate personal danger (*lit.* let to yourself, look to yourself.)

thugaibh, *2nd.pers.pl.imp.* of tabhair. Give ye. see chugaibh.

——— ! *int.* Leave (ye) that !

thugainn, see chugainn.

thugam, *1st. per. sing. imp.* of tabhair. Let me give.

thugar, used impersonally. Was brought.

thugam, see chugam.

thugas, for thugadh.

thugtar, *imp. pass.* of thoir.

thuige, see chuige. Thàinig i th., *she came to (as a ship) ; improved (as anything else.)*

thuigeadh, *3rd.p.sing. & pl. imp.* of tuig.

thuiginn, *1st. p. sing. past subj.* of tuig.

thuillead,** *a.* Accessory.

thuilleadh, see tuilleadh.

thuirlease, *past subj.* of tùirl. Traj th. m' anam an ceò, *when my spirit shall descend in mist.*

thuirle thàirle,(MS) *s.* Chaos, hurly burly.

thuirt, for thubhairt, see abair.

thuirteadh, *past ind. a.* of abair. Th. e, *it was said.*

thurteadh, *past subj.* of tuit.

thuiteas, *fut.subj.* of tuit.

thun, see chan.

thunn, *Suth'd* for chunnaic.

thunna, *Arran* for chunnaic.

thunnai, *Arran* for chunnaic.

thunnaic, *Suth'd* for chunnaic.

thun sin, see chun sin.

thus', thusa, *emphat. form* of thu.

thusan, *Suth'd* form of thusa.

thut ! *int.* Expression of impatience.

ti, *s.m.ind.* Any rational being. 2 He, him. 3 She, her. An Ti a's àirde, *the supreme Being;* oir mar seo deir an Ti àrd agus uasal, *for thus saith the high and lofty One.*

ti, *s.m.ind.* Design, intention, purpose. 2 Pursuit. Tha e air ti mis' a mharbhadh, *he is bent on my destruction ;* tha e air ti cur as domh, *he is determined to finish my days ;* bha a thì air mis' a sgrios, *his determination was to ruin me* : fear-ti, *a pursuer.*

tiachag,** *s.f.* Purse, small bag.

tiachair, -e, *a.* Perverse, ill-disposed. 2 Sickly, 3 Weary under a burden.

———, -ean, *s.m.* Ill-disposed person. 2 Insignificant person. 3‡‡Dwarf. [siachair(e)]

———eachd, *s.f.* Perversity. 2 Sickness, weariness. 3 Insignificant appearance.

tiachd, see teachd, *s.*

